was fond of society. Like the generality of bards he was also fond of a cheerful glass, and sang the praises of "Fear na Tòiseachd." His soul was free from malice and resentment; a satirical venomous poem he never wrote. His whole life was exemplary. He was an affectionate husband, a kind parent, a true friend, and a sincere Christian. He was an enthusiastic Highlander, and never forgot the land of his birth. He was liked and esteemed by all who knew him, and he died without an enemy. The poet was about five feet and nine inches in height, stout and well-built. He had dark hair and grey eyes, and a broad and massive forehead. His voice was soft and musical, and he was a good singer."

All that I wish to add to the above account of the poet is that he had a very powerful memory, and that his stores of information connected with the Highland Clans and Highland Poets, were very great. He was a seanachie as well as a poet.

John Maclean had four sons and two daughters; Christy, Charles, and Archibald born in Scotland, and John, Allan and Elizabeth born in this country.

The poet's wife, Isabella Black, died June 5th, 1877. She was ninety and one years of age. She retained the full possession of all her intellectual powers to the last. She was an active, healthy, and industrious woman. No woman could be better qualified to make a home for herself in the woods than she was. If she could not handle the lyre, she could handle the hoe, the sickle and the rake. She was kind and hospitable. Her house was ever open to the stranger. It would indeed be difficult to find a house which had freely lodged more travellers. She was devotedly attached to her husband. She was a good and pious woman. She is buried beside her husband.

A plain stone with the following inscription in Gaelic, marks the present resting-place of the mortal part of the bard and his faithful wife:—

**A M B A R D M A C - G I L L E A I N ,**

1787-1848.

'Fhir 's a' chladh s' 'tha 'dol mu'n cuairt  
 Stad is cìsd ri guth bho'n uaigh s':—  
 Cum a' Ghàidhlig suas ri d' bheò,  
 'S a cuid bàrdachd 's àirde glòir ;  
 Do gach nì tha math thoir gràdh  
 'S b i 'tigh'nn bed do Dhia gach là.

**B E A N A ' B H A I R D ,**

1786-1877.

" Earb as an Tighearna le d' uile ehridhe."

ion in  
mortal

du  
ch  
gh  
Th  
Co  
eil

F

# CLARSACH NA COILLE.

---

O R A N  
DO DH' ALASTAIR MAC GILLEAIN,  
TIGHEARNA CHOLA.

Thàirneadh am Bàrd leis a' chrann do 'n fheachd-dùthcha. Thraig athair pàigheadh air a shon, ach cha 'n aontaicheadh e ris a sin. Ann an ùine ghoirid dh' fhàs e sgìth de 'n t-saighdeireachd. Thug Tighearna Chola dha litir a dh' ionnsuidh Còirneal an fheachda, 's fhuair e a shaorsa le duine eile a chur 'n a àite.

FONN,—“*Mile marbhphaisg ort a shaoghail.*”

'S ann a cheud Di-luain de 'n ràidhe  
'Fhuair mi bhàrlinn 'bha dhomh searbh,  
'S mise 'dh'fhaodadh sin a ràitinn ;  
Dh'fhag i 'n càs mi nach robh soirbh ;  
Dh' iarr i ormsa dol do dh' Aros,  
'S dh' fheumainn pàigheadh air neo falbh,  
'S iad 'gam chur do dh' arm Righ Deòrsa  
'Ghiùlan “Seònaid” 's còta ~~de~~rg. *Dhòrig.*

*Thar a chaoil is correct, but than  
a chaoil is also correct and is  
what the poet wrote. Gleanns  
till Douglas till LARSAICH NAOILLE make  
tear govern the scatival.*

'N uair a fhuair mi fios an là sin  
Gu'n do thàirneadh mi fo 'n chrann,  
Chaidh mi 'shealltainn air a' Bhàili  
'Dh'fheuch am b'fheáird'mi dol'n a chainmt:  
Thuirt e rium, " Cha ghabh mi bàigh riut,  
Cha 'n fhaigh thu fàbhar o 'm làimh ;  
Cha 'n 'eil còir agam no càirdeas  
Dol 'n ad phàirt 's cha téid mi ann."

'S ann an sin bu mhath na càirdean,  
'N uair nach seasadh càch ar cùis :  
Rinn mi 'n smaointinn so, gu'm facdainn  
A dhol thar a' chaòl a null,  
'Dhol a shealltainn an' fhir ainmèil  
Nach euir ri luchd-leamhnuinn cùl.—  
'S chuir e litir ann am phòca  
'Dh' ionnsaidh 'Chòirneil os mo chionn.

'S ann da fhéin bu chòir a dheanamh,  
Cridhe fialaidh 'dh' fhàs gun ghruaim ;  
Ceannard fearainn a dh' fhàs smearail,  
Làn de dh' fheارالاچد le buaidh.  
'S e cùl-taice 'mhuianntir uil' e,  
'S Righ nan gràs ga chumail 'suas,  
Ar sgiath dhùidein gu 'dhol foidhe  
'N uair 'bhios oirnne fòirneart cruaidh.

Gu'm b'e m' éibhneas agus m' aighear  
An sàr-Leathanach gu chùl  
Fhaicinn dhachaidh slàn aig aitreibh  
Far 'n do chleachd e 'bhi le mùirn.

'Saobhar sòlais e d'a sheòrsa  
 Gu 'bheil còir aig fear le iùl  
 Air an oighreachd sin d'am buin e,  
 Pairt de Mhuile, Cola 's Rum.

C' àite 'n aithne dhomh ri 'ràitinn  
 Anns a' Ghàidhealtachd mu 'n cuairt  
 Aon cho ainmeil ris an ceart-uair  
 Airson ceartais 'thoirt do thuath ?  
 'Se nach sàraicheadh le màl iad  
 Ged 'bhiodh càch 'ga thogail suas :—  
 'S ionnan sin 's mar 'dh' éireas dhasan,  
 Gheibh e blàths an àite buan.

Tha e measail ann an Albainn ;  
 'S iomadh dearbhadh air a chliù ;  
 'Nuair a théid e bh'uainn do Lunnainn  
 Gheibh e urrain bho gach Diùc.  
 'S lionmhòr feum air an Dunéideann,  
 Cuid d'a euchd a bhi 's a chùirt ;  
 'S breitheamh ceart e nach dean eucoir,  
 'S tric a réiticheadh leis cùis.

Pearsa chumadail, dheas, dhìreach ;  
 Aghaidh shiobhalta gun sgraing ;  
 Beul na firinn 'labhras cinnteach,  
 Bheir e 'nios gach neach le 'chainnt.  
 'N àm 'bhi cruinn anns an taigh-sgrìobhaidh  
 Gheibh e cùs de na bhios ann ;  
 Toiseach bruidhne ri uchd binne,  
 'S leis gach nì 's an cuir e ceann.

Cha 'n 'eil buaidh a bh' air duin'-uasal  
 Nach 'eil fuaithe ris gu dlùth;  
 Sgiobair fairge e ri la gailbheach,  
 Gu 'm bu chalm' e aig an stiùir.  
 Thog e'n àdrach a tha sàr-mhath,  
 'M bàta 's àille 'chaidh fo shiùil;  
 Air a ceangal suas le airgiod  
 Nach gabh meirg, 'sa dh' fhanas ùr.

'S ro-mhath 'n giomanach air gunn' e,  
 Bheirear fuil leis air na féidh;  
 'S bidh an giadh gu luath gu talamh  
 Ged is ealamh e air sgéith.  
 Marcaich sunndach air each siùbhllach,  
 Leis an dùblaichte gach réis;  
 Sàr-chomandair ann an camp e  
 'Dh' iomain naimhdean air ratreut.

Tha e siobhalta r'a fhaicinn;  
 Tha e tlachdmhor, fearail, suairc;  
 Tha e cruadalach gun ghealtachd;  
 Tha e sgaирteil a thoirt buaidh.  
 Tha e iochdmhor ris na càirdean  
 Ma bhios iad an sàs no 'n cruas;  
 'S beag an t-ioghnad mar-a tha e,  
 'S e 'rinn fàs a freumh nam buadh.

Gur-a math 'thig air an càradh  
 An lann stàilinn ann an truaill;  
 Gur neo-leanabail e fo àrmachd,  
 'S curaidh calm' e mar bu dual.

'S maирг le greann air airson aimhreit'  
 'Thigeadh teann air an fhear ruadh;  
 Bhiodh, gun dàil ann, fhuil na deann-ruith,  
 Bheirte an ceann deth; b' e so 'dhuais.

Tha e ceannsgalach gun mhòrchuis,  
 Tha e còrr 's a h-uile gnàth;  
 'S farsuing eòlas 's an Roinn-Eòrpa,  
 'S bha e 'fòghlum anns gach céarn.  
 Fhad 's a dh' thalbh e b' fhear co-ainm e  
 Do na morairibh a b' àird'.  
 'S e an fhirinn 'tha mi 'g innse;  
 'S dh'fhaodte ruibh gu leòir dhi ràdh.

Na stuic riogail as na chinn e  
 Cha robh diobarach no fuar;  
 Gur h-i 'n fhion-fhuil a bha priseil  
 A tha sìoladh anns gach gruaidh.  
 Lean e'n dùthchas a bha dùth dha,  
 'S e mo dhùrachd dha bhi buan:  
 'S àradh dion' e do na ni ás,  
 C' neibh iad dìleas e gach uair.

'S aobhar-misnich dhuinn gu léir  
 An deadh-fhear treun a bhi ri 'r cùl;  
 Bheir e 'nios sinn anns gach éigin,  
 'S cha 'n fhaigh eucoir tigh'nn oirnn dlùth.  
 Tighearna Chola dha'n géill onair,  
 'S àrd a sgoileireachd le iùl;  
 Fuasgailidh fhacal binn gach ceartais,  
 'S geur a bheachdaicheas e cùis.

Fhuair e fhéin a ragha céile,  
 'Bhaintighearn' éibhin a b' fheàrr dealbh;  
 Gnùis na féile làn de cheutaibh,  
 Gruaidhean réidhe mar ròs dearg  
 Gu'm bu reul i mar ghath gréine  
 Bha gach treun-fhear air a lorg,  
 Coltas ban-righ'nn flathail àlainn;  
 'Siadh ait 's an robh oirr' ainm.

'Si a dhù aich a bha deurach  
 'N uair a leughadh sgeul a chràidh  
 Gu'n do dh' eug i, ceann na céille,  
 'Gheug ùr cheutach 's i fo bhlàth.  
 Thug e riarachadh d'a inntinn,  
 'Toirt do'n tir 'an déigh a bàis.  
 Dhearbh e'n gaol a bh' ac' araon,  
 'S cha dean e caochladh ás gu bràth.

'Nam biodh m' fhiosrachadh gu m' dhùrachd  
 Bhiodh a chliù a sios ni b' fheàrr;  
 Bu toilinntinn leam 'bhi 'g innse  
 Sgeula cinnteach air 'an dàn.  
 Gu'm bu mhiann leam, 's co nach iarradh,  
 E bhi liath mu'n tig am bàs,  
 'S Èòghan 'bhi na dhéigh gu buadhmhor  
 Mar cheann sluaigh a seasamh ait'.

Alexander, the 14th MacLean of Coll was a thorough Highlander. He was a man of a very independent spirit. He was naturally benevolent, and treated his tenants with great kindness. He studied law for some time. He was Lieutenant-Colonel of the Breadalbane Fencible Regiment.

His mother was a daughter of MacLeod of Talisker. He was married to a daughter of Cameron of Glendessary. She died February 10, 1802. She was 46 years of age. He died himself in the year 1835.

---

## ORAN DO THIGHEARNA CHOLA.

Air do 'n Bhàrd litir-urrais fhaotuinn bhuaithe,  
agus e a dol do Ghlaschu a dh' iarraidh stoc leath-  
raich.

FONN.—“*A chomuin rioghail rùnaich.*”

Gur neònach dhomh 'bhi diòmhanach  
Gun innatreachadh air dàin  
Mu chliù an uasail phrìseil ud  
Tha 'm Breac-Achadh na fiachalachd :  
Am fear 'thug dhòmhhsa 'n cuimhneachan  
Nach diochuimhnich mi dha;  
'S ann a ràinig mi dà uair e  
A dh' fhuasgladh air mo chàs.

'Se fein an t-uachdran urramach,  
Cha 'n urrainn duine 'ràdh  
Gu 'n diobair e na leanmhainich  
A thagras ris is earbs ' ac' ás.  
'Nuair dh' fhiosraich e le seanachas diom,  
'Sa thug mi dearbhadh dha  
Gu dé mo reusan dol na dhéigh,  
Bu ghrad a cheum nam phàirt.

Cha 'n neònach leam ged 'rinn e sud,  
 Nan cuimhnicheadh e gnàths  
 Nan uaislean bho na ghineadh e,  
 'Bha fearail, daimheil, cinneadail,  
 Bha calma 'n àm na h-iomairte  
 'S neo-ghioragach gun sgàth :  
 'S e 'n cruadal fein an àm na h-éigin  
 'Rinn dhaibh feum gu 'n geàrd,

Gur h-iomadh buaidh r'a h-innse  
 'Bh' air an t-sinnsearachd o 'n d' fhàs  
 Am fàillein maiseach finealta ;  
 Bu choille 'bha gun chrìonaich innt'  
 Na Leathanaich shean rioghail ;  
 'S iad nach strìochdadadh gun cheann-fàth':  
 Gun dad athaidh 'n aodann catha  
 Bhiodh ri sgàth na sàir.

Bu tric a dh' fheuch an gaisgeach ud,  
 Iain Garbh, a neart 's a chruas;  
 Bu sheobhag luath gu reubadh e,  
 Bu leoghann colgarr' creuchdach e,  
 An Grisiboll nan euchdan  
 Is e toirt le 'thréine buaidh :  
 Sheas e àite, ghleidh e 'n làrach,  
 'S ghabh Clann-Nèill an ruaig.

Gur h-iomadh curaidh neartmhòr  
 A bha 'm Breac-Achadh le buaidh;  
 Gur lionmhòr blàr 's na thaisbeanadh  
 Le Lachainn a' chruaidh-sgairtealachd,

An saighdear sin bu bheachdaile  
De mhacaibh Eachainn Ruaidh ;  
Bhiodh e dàna ri uchd nàmhaid  
'S làn de bhàigh ri 'thuath.

'Se Tighearna Chola 'n diùlannach  
Tha fiùghantach 'na ghnàths;  
Tha fearalachd a còmhnuidh ann,  
Tha onair ann is mòralachd,  
Tha gliocas agus eòlas ann  
'S tha 'm fòghlum aige 's feàrr.  
Gnùis na fèile, com nam beusan,  
Fear nach geur mu 'n mhàl.

Bu mheasail aig Braid-Albainn  
Am fear ainmeil 'tha mi luaidh.  
A dhaoine treuna, colgarra,  
A bhuidheann chliùiteach, dh' earb e ris,  
'Thoirt facail dhaibh gun chearbaise,  
Gu smachdail, calma, cruaidh :  
'Se 'bhiodh dìleas leis a mhile ud  
Na'm biodh strì mu 'n cuairt.

'S lionmhor gniomh 'us gaisge  
A tha 'n taice ris le cèill.  
Gur nàmhaid féidh is earba e  
Le 'ghunna caol neo-dhearmadach  
A siubhal ghleann is gharbhlaichean  
'S a choin a' falbh 'na dhéigh.  
Spòrs neo-ainneamh aig 's na beannraigheibh  
Na chuid fearainn fhéin.

Gur sgiobair ri là gaillinn e  
 Nach aineolach mu stiuir.  
 Mar steud-each lùghar, astarach  
 'S an réis, 's e dian luath, tartarach  
 Bhiodh iùbhrach éibhinn, acfhuinneach  
 A marcachd thar gach sùgh.  
 Dh' fhàgadh Hobart bhàn gach bàta,  
 'S i 'bhi làn na siùil.

'Nuair choinnich Mac-Mhic-Eòbhain e  
 'S an Oban aig a' bhàl,  
 'S a dh' fhalbh iad leis na bain-tighearnan  
 A dh' fheuchainn bàta 'Chaimbeulaich,  
 Gu 'n d' mhaslaich e ga h-anntoil i  
 A' reubadh thonn gu dàn.  
 Fhuair e suas oirr' air an fhuaradh  
 'S chuir e cuairt gu sàil.

*Slàn iomradh ré a làithean air,*  
*A chliù a ghnàth 'dol suas.*  
 Nam bithinn 'san taigh-thàirne  
 Mar-ri cuideachd shunndaich mhànranaich  
 Gu 'n òlainn a dheoch-slàinte  
*S gu 'm biodh i làn mu 'n cuairt.*  
 Am fiùbhaidh gasd aig' a bheil tlachd  
 'S gach ni 'tha ceart 's bu dual.

---

OR

FON

Thài

Thu

Gu'i

An

'N u

Fhu

Thug

Ged

Bha

'S ia

Cha

Bho

Bhic

Bho

Gu'

Ged

Rin

'S m

Bha

Thu

Aig

'S fa

'S ic

Nan

## ORAN DO THIGHEARNA CHOLA

'N UAIR A CHEANNAICH E EILEAN-NAM-MUC.

FONN.—“*S i deoch-slàinte 'n rìgh is feàrr leinn.*”

Thàinig naigheachd á Dunéideann,  
 Thug an sgeula dhomh toilinntinn,  
 Gu'n deach Alastair air chuairt,  
 An diugh a chuala mi le cinnt' e.  
 'N uair a chaith e'm measg nan uaislean  
 Fhuair e buaidh air na bha cruinn ann,  
 Thug e dhachaидh còir an àite  
 Ged a b' fhada cách a strì ris.

Bha gach tighearn' air son fhaotuinn  
 'S iad 'ga dhaoradh ann am prìs air.  
 Cha robh 'n gnothach dhaibh na shùgradh  
 Bho na ghlachd e 'chùis na inntinn:  
 Bhiodh e dimeasach ri 'bheò leis,  
 Bho na bha e 'n còir a shinnisir,  
 Gu'n leigeadh e bhuaithe an t-àite  
 Ged a dh' àrdaicheadh e mile air.

Rinn e gniomh a bha neo-clearbach,  
 'S math gu 'n d' fhalbh e air an t-saothair;  
 Bha mòran cruinn de luchd-airgid,  
 Thug e tairgse 'chuir mu sgaoil iad.  
 Aige féin tha 'n t-eilean bòidheach,  
 'S fad o'n bha e'n tòir air fhaotuinn;  
 'S iomadh aon aig an robh sùil ann  
 Nan leigte g'an ionnsaidh saor e.

**Tha chuid tuatha uile air sòlas**  
**Ris an dòigh 's a bheil e 'gluasad:**  
**'N oidhche 'thàinig fios g' an ionnsaidh**  
**Thaobh na h-ionndrainn a bha bhuatha**  
**Chìte deàrrsadadh ris na speuran**  
**Teinntean éibhneis air gach cruachan,**  
**'S iad ag òl air a dheoch-slàinte**  
**De'n dibh làidir 'bha gun truailleadh.**

**Bu bheag iognadh mar a bha iad**  
**'G òl deoch-slàinte an àrmuinn uasail;**  
**An cùl-taic' ri uair am failinn**  
**Nach faic èas orra gun fhuasgladh;**  
**Tha e iochdmhor làn de cheartas,**  
**Cha b' e chleachduinn a bhi cruaidh' orr'.**  
**Uachdaran cho math 's a tha 'n Albainn,**  
**'S aobhar farmaid, a chuid tuatha.**

**Gur-a h-ainmeil am measg sluaigh e,**  
**'S aobhar uaill d'a chinneadh mòr e,**  
**Clann Ghilleain a bha lionmhòr,**  
**Na fir rioghaileadh dha 'n robh mhòrchuis.**  
**Cha do dh' ionnsaich iad, le giorag,**  
**Ann an iomairt no 'n tùs còmhraig,**  
**Gu 'n tàirneadh iad ceum an t-slinnein;**  
**'S grad a thilleadh iad an tòrachd.**

**Bha iad misneachail le cruadal**  
**'Dh' fhaotuinn buaidh 's a h-uile còmhdhail,**  
**'S fad' a chluinnte fuaim an claidhean**  
**'Gearradh chnàmh is ful 'ga dòrtadh.**

'Se fe  
Fhuai  
'Se na  
'Thug

Fhuai  
Mar-a  
Bhuan  
Na th  
Leana  
'S ann  
Ris a  
Gun d

Ma bh  
Mar b  
'Se a'  
'Tha e  
Bidl e  
Gun a  
Ceum  
Biodh

'S lion  
Aig fe  
Nam  
'Dhe  
Finea  
'S iad  
Bhiod  
Roim

'S e fear aca 'bhuaill a bhuelle  
 Fhuair an t-urram latha Lòchaidh.—  
 'S e na thuit diubh 'n Inbherchéitein  
 Thug an dìth orra 's bu mhòr e.

Fhuair e 'nis a dh' ionnsaidh làimhe  
 Mar-a b' aill leis o Chlann-Dòmhnuill;  
 Bhuannaich e air ais le 'thapadh  
 Na thug Lachainn dhaibh le góraich.  
 Leanar tuilleadh ris an àite,  
 'S ann a cheanglas an Tighearn òg e  
 Ris a chrùn gu daingeann làdir,  
 Gun dad fàilinn o Righ Deòrsa.

Ma bhios Eòghan fearail, cliùiteach,  
 Mar bu dùthchas da o sheòrsa,  
 'S e a' leanachd an deadh-chleachduinn  
 'Tha e 'faicinn, mar bu chòir dha,  
 Bidh e 'meudachadh na h-oighreachd,  
 Gun a cur an cuingid dirleach.—  
 Ceum air adhart dha, mo dhùrachd,  
 Biodh gach cùis a dol ri bhed leis.

'S lionmhor caraid ann an Albainn  
 Aig fear ainmeil nan deadh-dhoighean,  
 Nam biodh uireasbhuidh no feum air  
 'Dheanadh éiridh leis gu chòmhnad.—  
 Fineachan tha làidir treubhach,  
 'S iad nach gélleadh anns a' chòmhrag;  
 Bhiodh iad dian mar theine lasrach  
 Roimh ghaoith bhrais a' losgadh còmhlaich.

Tha ceann-feadhn' an Loch-a-Buidhe  
 Thigeadh uidheamach na chòmhaghail,  
 Le chuid daoine féin mu 'n cuairt da  
 Air an tarruing suas an òrdugh.  
 Dh' eireadh á dùthaich shil Eachuinn  
 Na fir bheachdail, neartmhòr chròdha,  
 Daragan nach gabhadh lùbadh,  
 'S cha bu chùram daibh cion èolais.

Gu 'm bu luath leat Mac Mhic Eòbhain  
 Le 'fhir theòma, ghuineach, dhàna,  
 'Dheanadh euchdan anns a' chaonnaig  
 'Gearradh smuais' le faobhar stàilinn;  
 Mac-Leòid Dhun-Bheagain 's a dhaoine  
 Nach bu tais ri aodann làmhaich;  
 'S Mac Dhòmhnuill Duibh le Clann-Chamshroin,  
 Buidheann cholgarra 's an àraich.

Gu ma slan do 'n àrmunn ainmeil  
 A dh' ùraich seanachas an drast dhomh;  
 Gu ma buan am fear a cheannaich  
 Bho Mhac 'Ic Ailein an t-àite.—  
 'S mi gu'n cosgadh i le sòlas,  
 Ged-a chuirinn òr ga pàigheadh,  
 Deoch-slàinte 'n Alastair euchdaich,  
 Mo chùll-taic' 'n uair 'thréigeadh càch mi.

The name Maclean is of ecclesiastical origin. Gilleain means Gille Èòdin, or servant of John. The person from whom the Clan take their name is Gilleain na Tuaigne, a brave warrior who lived in Mull about the beginning of the thirteenth century. His

Son of Ardgour was Lachainn  
Bronnach's eldest son. He was a  
natural son, a fact that God  
not known. <sup>CLARSACH NA COILLE.</sup> wrote  
<sup>15</sup>  
this note.

son Gillise fought with his followers at the battle of Largs in 1263. Gillise's son, Gillie Calum was with Robert Bruce at the battle of Bannockburn in 1314. Gillie Calum was succeeded in Duart by his son Iain Dubh; Iain Dubh had two sons Lachainn Lubanach and Eachunn Reaganach, predecessor of the Macleans of Lochbuie. Lachainn Lubanach was married to Margaret daughter of John Lord of the Isles by Margaret daughter of Robert II., King of Scotland. Lachainn Lubanach's son Eachunn Ruadh nan Cath was married to a daughter of the Earl of Douglas, and had by her Lachainn Bronnach his successor. Eachunn Ruadh nan Cath was killed at the battle of Harlaw in 1411. Lachainn Bronnach was married twice, and had four sons. By his first wife, a daughter of the Earl of Mar he had Lachainn Og, his successor in Duart; and by his second wife, a daughter of Macleod of Harris he had Neil, predecessor of the Macleans of Lehire and Ross, Iain Garbh, the first Maclean of Coll, and Donald, progenitor of the Macleans of Ardgour. The possessions of the Macleans were Mull, Tiree, Coll, Ardgour, Kingerloch, and Morvern.

### BATA THIGHEARNA CHOLA.

FONN.—“*Nam faighinn gille r'a cheannach.*”

Cha dean mise an diugh fàilte  
Ris a' bhàta so 'tighinn,  
'S gun i 'giùlan mo ghràidh oirre,  
Fear àrd a' chùil bhuidhe.  
Sin an tighearna dùthcha  
'Chuireadh sunnd air mo chridhe;  
Gur-a flatail deas, suaire e,  
'Cha 'n e gruaim air a chithear.

Cha 'n e gruaim air a chithear,  
 'S e na shuidhe na iùbhraich;—  
 B' e sin sgiobair a' bhàta,  
 'S i air bhàrr nan tonn dùbh-ghlas.  
 'S e a b' urrainn a seòladh  
 'Dh 'ionnsaidh còrsa na dùthcha,  
 'S math a ghleidheadh i 'm fuaradh,  
 'S i 'ruith 'suas air na sùghan.

A ruith suas air na sùghan  
 Gu 'm bu shunndach a h-astar,  
 S i gun chearb ann an òrdagh  
 Le deadh-chòrcaich mar acfhuinn,  
 Stadh is cupaill mhath làidir,  
 Agus càball is acair ;  
 'S air a bàrd na fir ghleusda  
 'Dheanamh feum air ceann slaite.

Dheante feum air ceann slaite  
 Leis na lasgairean aotrom  
 A bhiodh aighearach cridheil  
 'N àm cur rithe 'cuid aodaich.  
 'N uair a thogadh i 'sgiathan  
 Bhiodh a cliathach ri saothair ;  
 'S cha bhi 'n sgiobair fo chùram  
 Ged a lùb a croinn chaola.

'S tric a lub e croinn chaola,  
 'S bheirte aodach bho slatan.  
 Bu leis urram an stiùiridh  
 'Ghleidheadh cursa mar chaitpein.

'Nuair a théid e da cheabain  
 Is a thàirneas e chait ann  
 Tha e eòlach 's gach àite  
 'S an tig bàta gu acair.

Cha 'n 'eil àit' an téid acair  
 Ann am fasgath nach léir dha.—  
 'S e a chleachdadadh a bhàta  
 Dh' aindheoin ànnraidh 's cruaidh-eiginn,  
 'Thoirt gu h-eòlach làn-shàbhailte  
 Thar bhàrr nan tonn beucail.—  
 'Nuair a thig a' mhuir ghàbhaidh  
 Bidh a làmh 's a' chrann-céile.

Bidh a lamh 's a' chrann-céile,  
 'S gur math 'fheum anns an àm sin,—  
 'S grinn a dh' fhalbhadh an iùbhrach  
 'S an ríof-chùil a bhi teann innt'.  
 Bho a guallainn gu 'sliasaid,  
 'Nuair a dh' iarras e 'n ceann i,  
 'S deas a thig i mu 'n cuairt dha  
 Anns na fuar-shruthaibh beanntach.

Anns na fuar-shruthaibh beanntach,  
 Ged bhiodh greann air gach linne,  
 Fhad 's a chumadh i 'dhaoine  
 Cha bhiodh smaoin aig' air tilleadh.  
 Ruith cuip air gach bòrd d' i,  
 'S e 'toirt òrdagh d'a ghilleann,  
 'S i a' gluasad gu meanmnach  
 'S a cur fairge fo slinnein.

A' cur fairge fo slinnein  
 'S i 'bhiodh mireagach, bòidhleach,  
 'N uair a gheibheadh i 'h-aoduch  
 Bhiodh i aotrom gun mhòrchuis.  
 Bhiodh a toiseach 's a guallann  
 A' sior-bhualadh nam bòc-thonn,  
 'S i 'gan sgoltadh bho chéile :—  
 'S tric a leum iad na còmhdailean.

'S tric a leum iad na còmhdailean,—  
 'S bidh i 'n connsachadh cruaidh riuth'.  
 'S i 'bhios àrdanach, eutrom  
 'N uair a dh' éireas i suas orr.  
 Gu 'm bu bhinn leis an crònan  
 Bhiodh mu bhòrdaibh a' fuaraidh  
 'S i a' gearradh nam beue-thonn,  
 'S iad ag éiridh le nuallan.

Bhiodh ag éiridh le nuallan  
 Tonnan buaireasach, iargalt'  
 'N uair 'bhiodh gruaim air na speuran  
 Agus sèideadh cruaidh, dian ann.—  
 Tha i cumadail làidir  
 'Dhol a shnàmh a' chuain fhiadhaich ;  
 Gur a h-ealamh a dh' fhàgas i  
 Gach bàt' 'théid ga feuchainn.

Cha 'n 'eil bàt' 'théid ga feuchainn  
 Air àch dean ise buidhinn,  
 'N uair a théid i le h-àlach  
 'Sa cuid àsuig fo uidhim.—

'Nuair a sgaoileadh i cleòc  
 'Sa bhiodh an sgòd ann an righeadh  
 'S i a dh' iarradh an seòladh,  
 'S gun i còmhlnard 'na suidhe.

Gun i còmhlnard 'na suidhe  
 'S a làn-ghuidbe de ghaoith aic'  
 Bhiodh i leum thar nan stuadhan  
 Mar each luath-chasach, aotrom.—  
 Aig ro-fheabhas a dlùthaidh  
 'S aobhar cliù do na saoir i,  
 'Rinn as ùr i cho ciatach  
 Is nach liathar le aois i.

Cha tig liathadh le aois oirre  
 Is cha chaochail i coltas : a 35'  
 Tha am fiadh int' ~~N~~ feàrr  
 A bha 's an àrd-choille dhosraich.  
 'S math a leagadh na fiùbhaidh  
 "Tha na h-ùrlar cho socrach ;  
 Cha 'n 'eil sgàr dhi gun sùdh air,  
 Chuireadh bùird thar a lotaibh.

Chuireadh bùird thar a lotaibh,  
 'S cha dean postadh i ao-dion  
 Anns na cuairteagan dùbh-ghlas  
 "Thig le bùirein mu 'h-aodann.  
 Ged a bhiodh i 'muigh ràithe  
 A gleachd ri àrd thuinn 's ri gaoithibh  
 Cha tig fàilinn an clàr dhi  
 'S cha tèid làmh 'na piob-thaosgaidh.

Cha téid làmh 'na piob-thaosgaidh  
 Bho 'n tha saorsainneachd ghasd' oirr':  
 Cha 'n 'eil calp innt' gun lann air,  
 'S e gu teann air a chalcadh;  
 Tha gach reang 'tha na cliathaich  
 Ris a bheul air a sgathadh ;  
 'S 'shnaidh an täl i gu sàr-mhath  
 Ann an tàthadh a saidhean.

'S ro-mhath 'thàthadh a saidhean :—  
 'S cha 'n 'eil athadh do chuan aic'.  
 Tha deadh-ghreim air an t-sail aic'  
 Eadar shàil agus ghuallann.—  
 Tha gach maide innt 'cho còmhnràd  
 Is cho bòidheach mu 'n cuairt d'a ~~bh~~.  
 'S ged-a bhiodhte 'gan tionndadh  
 Greis de dh' ùine am beairt-tuairneir.

### DO THIGHEARNA CHOLA.

Air do'n Blàird mòran de dh' òrain a chruinneachadh 'feadh na dùthcha chaidh e leotha do Dhunéideann, ann an dùil gu 'm faigheadh e cuideachadh gu 'n cur a mach, bho 'n Chomunn Ghàidhealach. Cha tug a cluideachd fheumail sin mòran misnich dha. 'N uair a dh' fhàg e 'n taigh bha dùil aige gu 'n tachradh Tighearna Chola air an Dunéideann ; 'n uair a ràinig e, 's ann a bha esan an Sasunn.

FONN.—“*Tha tasguidh bhuam an diomhaireachd.*”

An ceanna-bhaile na rioghachd so  
 Tha uaislean suairce siobhalta  
 ’Tha ’n tòir air cainnt an sìnnsearachd  
 A chumail suas, ’s nach diobair i.  
 Ged leigeadh treis air dichuimhn’ i  
 Gu bheil i ’nis air cinntinn  
 Anns gach tìr ’san robh a h-eòlas.  
 Gu bheil i nis &c.

Bha cuid de dhaoine ’g ìmnse dhomh  
 Na’n cuirinn cruinn an sgriobhainnean  
 Na h-òrain bhlasda phrìseil sin  
 A dh’ fhàg na bàird mar dhìleab dhuinn,  
 ’S a gheibhearr anns na crìochaibh so,  
 Gu ’n tugteadh duais is fiachan dhomh  
 Bho ’n Chomunn rioghail, chòir ud.

Ged sgriobh mi sios na h-ealaidhean  
 Bho ’n ràinig mi ’s mi aineolach  
 ’S nach robh fear-daimh no caraid ann  
 A ghabh mo phàirt, no ’shealladh orm,  
 Cha tug iad mòran geallaidh dhomh,  
 ’S ann ’thuirt iad, “rinneadh mearachd oirnu  
 ’G ar mealladh anns an t-seòl sin.”

Gur h-ann an sin a dh’ ionndraich mi  
 Am fear ruadh dha ’n dual ’bhi ceannsgalach  
 ’S a sheasadhbh ’n àm na teanntachd mi

Am measg nan uaislean Gallda sin  
 'Bha 'g imeachd air na cabhsairean  
 Ged 'bha mi tric a' sealltainn orr,'  
 Cha 'n fhaicinn ann an Còirneal,

'S e sud an laoch a chliùthraigheann  
 'S an dàin le ìnnitinn dhùrachdaich ;  
 An sàr dhuin' uasal ionnsachte.  
 Gur caoimhneil, bàigheil, cùirteil e  
 'Na thalla fialaidh fiughantach  
 'S gur pailt' gach nì fo 'stiùbhartaibh  
 'Chur rùm na cuirm an òrdagh.

'N uair bhiodh na h-uaislean cruinn aige  
 'Nan suidhe aig bòrd na dìnnearach  
 Bu shiùbhlach meòir nam piobairean  
 A' cluich air feedainn liomharra  
 Gu fonnmhòr' sunndach, ìnnitinneach,  
 'S gach deoch bu bhlaisteadh brìoghalachd  
 A' dol an gnìomh nan òr-cheard.

Bhiodh òl mu 'n bhòrd gu toirbheairteach  
 Gun aire, gun seòrsa 'teirgsinn ann,  
 Gach aon bhiodh sunndach, seanachasach,  
 Gun leòn, gun bhròn, gun dearmail orr'.  
 Gach nì bhiodh mar-a b' iomchaidh dhaibh  
 'S an teaghlach ghreadhnach, shuilbhearra  
 'S an caithte 'chuirm le sòlas.

A theaghlaich tha mar bhuineadh dhaibh,  
 Le 'n tlachd 's a bheus a chunnaic iad ;  
 Gur caoimhneil a toirt cuiridh iad,

Gur bàigheil a cur furain iad ;  
 Gur h-ainmeil aig luchd-turais iad,  
 Gur tric daoin' uaisle urramach  
 Air chuairt a fuireach còmh'l' ris.

Gach nì tha 'gnàth gun uireasbhuidh  
 'S an tùr 'an lionmhor uimmeagan :—  
 Dh' athmuadhaich e bho 'n uiridh e,  
 Gur bòidheach mar-a chumadh e,  
 Gu ceàrnach, stuadhach, turaideach :  
 Air àirde chuir e tuilleadh ris  
 'S gu'n d' fhàg e 'mhulach còmh'nard.

'N uair 'thilleas e do 'n rioghachd so  
 Gu aitribh a chur dòn oirre,  
 Gu àite-còmhnaidh inntinneach,  
 Théid mi a null is chì mi e,  
 Is gheibh mi caoimhneil dileas e ;  
 Cha bhi mo shaothair diomhanach  
 Théid i gu crìch le 'chòmhnaidh.

## DO THIGHEARNA CHOLA.

Air do Thighearna Chola 'bhi air chuairt anns an eilein Sgiathanach, agus ag coiseachd ann air feadh na h-oidhche, thuit e leis na creagan, agus bha e ann an cunnart bàis.

FONN.—“*Gur h-e mise 'th air mo clàdh.*”

Thàinig naigheachd do 'n tìr  
 Nach bu mhisid sinn 'g ar dìth,  
 Ged nach biodh i cho fior

Bha i muladach dhuinn :  
 'S ann a chualas le cinnt  
 Gu bheil Alastair tinn fo éislein  
 Gu bheil' &c.

'S mór mo chùram an dràst  
 Gur h-e teachdair' o'n bhàs  
 Thàinig ealamh 'na dhàil  
 'Us a leag e gu lär  
 Leis na stallachan àrd,  
 'Cur nan saighdean an sàs gu geur\_ann.  
 'Cur nan saighdean, &c.

Tha e cruidalach leam  
 A bhi 'smaointinn 's gach àm  
 Gu'n do bhuailead iad 'na cheann  
 'Us na ghuallainn 's na làimh  
 'S gu'n do thuit e 's a' ghleann,  
 'S e gun chlaisteachd, gun chainnt, gun léirsinn.  
 'S e gun chlaisteachd, &c.

Gur-a soilleir a' bheàrn  
 As ar cinneadh gu bràth  
 Mur-a h-éirich e slàn  
 Bho na h-acaidean cràidh.—  
 Co a ghabhas ar pàirt  
 Ged-a chaithear gach là oirnn eucoir'.  
 Ged-a chaithear, &c.

Ma 's e so a cheann-crìch'  
 Bidh sinn tùrsach ga chaoidh ;  
 Ar cùl-taic bidh 'g ar dìth.

Cha ro  
 'Dh' fh  
 Bho 'n  
 Bho 'n  
 Gur h-  
 A thug  
 'N uair  
 Leis a  
 Cha 'n  
 'Dh' fh  
 'Dh' fh

'Struag  
 'S a bhi  
 Ann an  
 Mar na  
 Dheana  
 'S bheir  
 'S bheir

Th-a mi  
 Thu 'bh  
 'Fhir a  
 Craobh  
 A rinn  
 Anns a'  
 Anns a'

\* The  
 They wre

Cha robh duin' ann r'a linn.  
 'Dh' fhaodadh tamaitl 'thoirt duinn  
 Bho 'n 'bha esan na dhion mar sgéith dhuinn.  
 Bho 'n 'bha esan, &c

Gur h-e 'n turas gun bhuaidh  
 A thug Alastair bhuainn,  
 'N uair a chaidh e air chuairt  
 Leis a bhàta, mu Thuath :—  
 Cha 'n e cunnart nan stuadh  
 'Dh' fhàg a chinneadh cho truagh mu dhéibhinn  
 'Dh' fhàg a chinneadh &c.

'Struagh nach robh mi 'ga chòir  
 'S a bhi sgileil gu leòir,  
 Ann an ionnsachadh mòr  
 Mar na Muilich nach beò : \*  
 Dheanainn leigheas d'a leòin.  
 'S bheirinn fuasgladh da dhòruinn chreuchdaich.  
 'S bheirinn fuasgladh, &c.

Tha mi smaointinn gun tèmh  
 Thu 'bhi d' shìneadh 's a' chàrm,  
 'Fhir a dh' fhuasgladh mo chàs.—  
 Craobh de 'n abhall a b'fheàrr  
 A rinn cinntiùn fo bhlàth  
 Anns a' choille a b' àirde geugan.  
 Anns a' choille, &c.

---

\* The Beatons of Mull were famous doctors.  
 They wrote on medicine in Gaelic and Latin.

Tha do thuath anns gach àit'  
 Fo throm mhulad an dràst ;  
 'S goirt an gearan gach là  
 'S cha bhi sunnd ac' air stà  
 Gus an téid thu ni's feàrr :—  
 'S beag an t-ioghnadh ged tha iad deurach.  
 'S beag an t-iognadh, &c.

Bu tu 'n t-uachdaran gasd,  
 'S mòr an uaisle bha 'd' bheachd :  
 Bha thu reusonta, ceart ;  
 Bha thu caoimhneil le tlachd ;  
 Ris gach aon 'bhiodh 'an aire ;  
 'S tu nach togadh na mairt an éirig.  
 'S tu nach togadh na, &c.

Tha mo dhuil anns an Tì  
 A tha riaghlaadh gach nì  
 Gu 'n tig ath-sgeul 'bhios binn  
 'Us gu 'm faic sinn a rìsd  
 Ann an spionnadh gun dìth,  
 Mar bu mhiann leinn 'n ad thìr féin thu.  
 Mar bu mhiann leinn, &c.

DO THIGHEARN' OG CHOLA,  
 Air do'n Bhard a chluinnntinn gu 'n do phòs e.  
 FONN.—“*Ged a dh' fhàg thu ri port mi.*”

An diugh chuala mi sgeula.  
 A rinn m' ìnnntinn a ghleusadh gu fonn,  
 Air an fhiùran òg chliùiteach  
 "Tha na oighre air an dùthaich ud thall.

Gur h-i naigheachd an éibhneis  
 "Thàinig uime á Dunéideann a nall  
 Gu'n do cheangladh e 'm pòsadh ann  
 Ri té ga bheil stòras neo-ghann.

Saoghal fada le buaidh dha  
 'S do na chéile sin 'fhuair e air làimh.  
 Gu'n robh 'n t-Ard Righ mar dhìon da  
 'S a cur chomhairlean crionnta na cheann.  
 Tha e 'n dràst ann an Lunnaid  
 Is ma théid e gun fhuireach do 'n Fhraing  
 Gu ma sàbhailte 'thuras  
 Ann an àirde 's an urram gun taing.

B'i mo chomhairle gràidh dha  
 Ma's-a duine e 'ni tàmh am measg Ghall  
 E bhi fuathach air dòighean  
 Cuid de dh' uachdarain òg 'tha 'dol ann.  
 Bidh iad amaideach gòrach,  
 A sior chluch an cuid òir 's a cur gheall,  
 'S furasd stòras a ghleidheadh  
 Seach a bhuannachd an deaghaidh a chall.

Fhir a dh' ùraich na facail so  
 Bi cuimhneach le beachd air mo rann,  
 'S air na daoine bha romhad  
 A rinn feum anns gach gnothach a bh' ann.  
 Chum iad aca 'n cuid fearainn,  
 'S rinn iad fhuasgladh an carraig nan lann.—  
 Biodh an sliochd ann gu buadhach  
 Fhad's bhios duilleach a gluasad air crann.

Sin na h-uaislean bha beachdail,  
 Bha iad cruadalach, sgaирteil, 's bu dual :  
 Bha iad iriosal bàigheil  
 'Chumail taic ri fear fàlinneach truagh,  
 'S bha iad smachdail ro-dhàna  
 'N uair a leumiadh an t-àrdan riuth' suas ;  
 Gu 'n do dh' aithnich Mac-Nèill sin,  
 'N uair a thuit e 'san àraich le 'shluagh.

Chuala mise iad ag innse  
 'N uair bha saoitheach an fhiona gun *chriù*,  
 Gu 'n do dh' chruinnich gach bàili  
 Gus a gleidheadh gu sàbhailt' do 'n diùc.  
X Thàinig Eachunn na leum orr'  
 'Se air tigh'nn á Dunéideann ás ùr  
 Thug e gròcadh gu cruaidh orr'  
 'S dh' fheum iad tilleadh gun bhuanachd, gun  
 chliù.

'N uair thig Eòghan bho thuras  
 Do an àite ga'm buin e a nall,  
 'Us a bhaintighearna mar ris  
 Mar is miann leis gach caraid á th 'ann,  
 Cluinnear losgadh nan canan  
 'S freagradh dlùth aig mactalla nam beann ;  
 'S bratach lurach a thaighe  
 Bidh a crathadh le aighear ri 'crann.

Ann am Breacachadh thall ud  
 Bidh na h-uaislean aig Alastair cruinn ;  
 Bidh gach ni ann an òrdagh  
 Bidh gach uidheam a's coir air an cionn.

*X See Anderson's Hebrides, Intro-  
duction, page VIII. Note :— "Another  
version may put astur &c :—*

Bidh a bhranndaidh na galain  
 Aig a ghillean ga tarruing 's ga roimh,  
 Cha bhi duine fo smalan,  
 'S chithear sùrd air luchd-ealaidh a' seinn.

Ann an talla na fialachd,  
 'S gu 'm bu chleachduinn d'i riamh a bhi ann,  
 Bidh gach ni tha r'a iarraidh,  
 Cha bhi sòradh air fiontan na Fraing'.  
 Gu 'm bi comunn na féille  
 Sunndach aighealach éibhinn neo-throm,  
 Chithear tuigs' agus géire,  
 'S iad a freagairt a chéil' air gach làimh.

Aig àm laidhe na gréine  
 Cluinnear fidhlean 'g an gleusad gu teann,  
 'S gu 'm b'i sunnd air an ògridh  
 'Chur nan car diubh le sòlas 'san damhs'.  
 Anns a' mhaduinn ag éiridh  
 Cluinnear piob nan dos réidh air an lom,  
 'S a puirt ealanta, shiùbhlach  
 A' cur aighear air dhùsgadh 's gach com.

Gu ma h-éibhinn do 'n òigear  
 Air an éireadh an t-òran le fonn,  
 Ann ann labhairt mu 'dhéibhinn  
 Bha gach facal gu réidh a dol leam.  
 Gur-a sona 'n té fhuair e,  
 Aice féin tha 'n duin' uasal gun mheang,  
 Tha a bhuidhán cho lionmhòr,  
 'Us nach urrainn mi 'n inns' ann am rann.

UNIVERSITY LIBRARY

## DO THIGHEARN' OG CHOLA,

'N uair a cheannaich e 'Bheinn Mhor ann am Muile.

FONN.—“ *Air tuiteam am chadal dhomh.*”

'N diugh chuala mi sgeul  
 Thug toilinntinn dhomh 's éibhneas  
 Bho chùirtear na féille *feil*  
 'Tha 'n Dunéideann an dràsta.  
 'S e 'n sgeul tha mi cluinntinn  
 Bho Thighearna Chuimhnis  
 Gu 'n d' inheudaich e oighreachid ;  
 Bho 'n roinn a bha làmh-ris  
 Gur h-eibhinn 'bhi 'faicinn  
 An fhiùrain ùir ghasda  
 A' gluasad 's gach cleachdad  
 A's taitnich, gu h-àghinhor.  
 Mo ghuidhe 's mo dhùrachd  
 E dh 'fhaotuinn d'a ionnsaidh  
 De dh' fhearrann an diùc  
 Na bha 'n tùs aig a chàirdean.

Bna uair ann 'us b' ainmeil  
 Na Leathanaich chalina  
 Le 'n eileanan gorma  
 Nan seilbh a' toirt mài daibh.  
 Bu laoich iad bha sgairteil  
 Mar 'dhearbhar bho eachdraidh :  
 Cha chualas riamh gealtachd

'Bhi 'n taic riuth' 'san àraich.  
 'S e 'thug orr 'n caochladh  
 An gòraiche sgaomach  
 'Us innleachd ~~na~~<sup>nam</sup> feadhnach  
 Bha daonnan an sàs annt'.  
 Mo thruaigh' chaidh iad thairis  
 Do dhùchannaibh aineoil ;  
 'S tha 'n còir aig Mac-Cailesh  
 Gun cheannach, gun phàigheadh.

'Nam faict' ar ceann-cinnidh  
 Am mòrachd 's an spionnad  
 Gu buadhach air tilleadh  
 Do dh' innis nan àrd-bheann,  
 Gu Dubhairt a' chaisteil  
 'S an robh na fir ghasda  
 'Bha uasal nan cleachdad  
 'Us sgairteil le 'n claidhean ;  
 A rùsgadh na brataich  
 Os ceann nam fear-feachda  
 Nach tionndadh le gealtachd  
 Am baiteal bho nàmhaid ;  
 Bu shùrdail a bhaile,  
 Gu 'm b' éibhinn a shealladh :—  
 Gu 'n ùraichteadh 'n t-sean-obair  
 Glan air an làraich.

Chìeadh mar dhealana/  
 Boillsgeadh ~~bho~~<sup>an</sup> 'n ghearasdan :  
 'S chluimte<sup>an</sup> mac-talla  
 Nam beannáibh a b'airde

A' freagairt nan canan  
 A' brùchdadhl an analach  
 'Null thar na mara  
 Gu fearann Chinn-gheàrlaich.  
 Bhiodh téintean nan ceudan  
 A' dearrsadhl bho shléibhtean ;  
 'S a shluagh bhiodh le éibhneas  
 Nan leum a' chur fàilt' air.  
 Gur h-iomadh duin'-uasal  
 'S gach àite mu 'n cuairt  
 Bhiodh a' guidhe dha buaidh  
 Agus suaimhneis 'us slàinte.

Do dh' Eòbhan mac Alastair  
 Buaidh air gach bealach,  
 An t-uachdaran fearail  
 A's ceanalte nàdar  
 'S e cridhe na féille  
 'Tha ìriseal, spéiseil  
 'Us cinneadal, ceutach ;  
 Cha tréig e a chàirdean.  
 Cùl-taice nam feumach,  
 'Gan dion amns gach éiginn.  
 Cha diobradh e'n éis iad  
 Le ceum 's am biodh fàilinn,  
 Gur soilleir a léirsinn  
 Gu ceartas a réiteach ;  
 Cha 'n fhaigheadh fear-eucorach  
 Eisdeachd na 'lathair.

Is Leathanach gasd' e  
 'Tha siobhalta tlachdmhor ;  
 De shiol nam fear smachdail  
 Bha 'n caisteal na tràghad,  
 A bhuanndach le 'n tapadh  
 An dùthaich fo 'm facal,  
 'S a ghleidh i gu sgairteil  
 Bho neart an luchd-àicheidh.  
 'Se féin an t-dg aoibheil  
 'Tha flathasach caoimhneil,  
 'S ro-smachdail mar shaighdear  
 Cha 'n fhaodteadh tigh'nn ceàrr air,  
 Lann thana, gheur, grinn air  
 De 'n stàilinn bu ruighne  
 'S neul fala gu 'roinn oirr'  
 N' am faoighneachdteadh làmhainn.

Sàr-mhac an fhir ainmeil  
 'Tha cruadalach calma,  
 Mar 'rinn e a dhearbhadh  
 'S na h-Earraghàidh'lich àghmhor ;  
 Gu 'n gheàrr e bho 'n taileabart  
 Fear dhiubhsan a dh 'fhalbh leis ;  
 'N uair dh' éirich a mheannna  
 Cha 'n fharraideadh e fàbhar;  
 A labhairt le feirg, thuirt  
 Am maidsear Montgomri,  
 Ma's duin' thu mar d' ainn  
 Dean mo choinneachadh-sa 'màireach.

Gu 'n sheas e mar dh' earbainn  
 Le 'chlaindheimh chinn-airgid  
 'S le cùram á eanchainn  
 Air falbh theich am màidsear.

Tha mòrachd nach misde e ann  
 Meanmnachd 'us misneach  
 'Us tuigse agus gliocas  
 'S tha meas air 's gach àite.  
 Thug siubhal 'us fìghlum  
 Dha fiosrachadh 's eòlas,  
 'S tha géir' ann gu h-òirdheirc  
 Mar lòchraí a deàrrsad.  
 'S fear ionnsachte deas e,  
 'Thoirt òrdaigh d'a fhleasgaich,  
 A's bòidhche 'ni seasamh  
 Fo 'n deiseachan sgàrlaid' ;  
 Thar fairge nan sirte iad  
 Gu h-àrmaichte, crioslaicht',  
 Gur h-earbsach tha mise  
 Nach clisgeadh bu ghnàths daibh.

'S iad féin na fir ghasda  
 Tha leòghanta sgairsteil ;  
 'S gu 'm b' fheàrr iad na 'n coltar  
 Na 'n cuirte do 'n Spàinn iad.  
 Bu chliùiteach an cosnad,  
 Le 'n ceannardan rompa ;—  
 Cha diùltadh iad nochdad  
 Air cnocainbh ri nàmhaid.

Do 'n t-saoghal bhiodh dearbhte  
 Gu 'n robh na fir chalma  
 De threubhan na h-Alba,  
 Dha 'n seanachas a' Ghàidhlig;  
 Gu 'n robh iad dheth 'n t-sluagh sin,  
 A's tric a thug buaidh  
 Air na Ròmanaich uaibhreach  
 Le 'n cruadal 's le 'n dànochd.

Sliochd rioghail nan Garbh-chrioch,  
 'S gach linn bha fior-ainmeil :  
 Fo 'm brataichean balla-bhreac  
 Bu doirbh anns na blàir iad.  
 Gur saigdearan cruadalach,  
 Acfhuinneach, fuasgailteach,  
 Deas-fhaclach, luath-làmhach,  
 Uasal gun sgàth iad.  
 Tha neart annta 's tréine  
 Tha spiorad nach géill annt' ;  
 Gur guineach am beuman  
 Bho 'n geur-lannan stàilinn,  
 Ge tric iad a gluasad  
 A null thar nan cuantan  
 Aon tàmailt cha d' fhuair iad,  
 Bidh buaidh leo 's an àraich.

'S beag iognadh an òg-bhean  
 A fhuair e r 'a plìosadh  
 'Bhi inntinneach sòlasach  
 'S bòichead an àrmuinn.

Tha ghruaidh mar an caorann  
 'S a chueas mar an fhaoilinn,  
 Sùil ghorm, chorragh, aobhach,  
 'S an aodann a's àille.

Sàr-cheannard na tuatha  
 Nach teannaich gu cruaidh iad  
 Nach toir an euid bhuatha,  
 'S a dh' fhuasgladh nan èas ou';  
 'S e 'm fasan bu dual dha,  
 'S e chunnaic 's a chual e,  
 Bho 'n fhearr a thog suas e  
 Bhi truacanta bàigheil.

Hugh, 15th Maclean of Coll, was born in the year 1782. He served for some time in the Guards. He was married twice, first to Jennet Dennistoun of Colgrain, and secondly to a Miss Robertson of Edinburgh. He was a kind-hearted man. He left a large family of sons and daughters. He got deeply into debt. He was the last Maclean of Coll.

The reference in the 7th verse is to the following incident :—John M'Donald, of Hogh in Tiree, was in the Laird of Coll's regiment. He neglected the performance of some duty at a bridge, and Major Montgomery ordered him to be whipped. Maclean of Coll went twice to the Major, and humbly pled with him to forgive MacDonald, but the Major was inexorable. When the flogging was to begin Maclean went, and with his sword cut the cords with which MacDonald was tied to the whipping-post. Montgomery challenged Maclean : the challenge was at once accepted. As Maclean was quite young there was some fear among the soldiers that

he mig  
Montg  
shot.

D

'N ua  
eucoir a  
do dh'

H

Gu 'i

D

Ach

Ch

Bidh

Gu

'S an

Na

Is ci

Ge

Gun

Dh

Am

Air

Ri

'S t

he might possibly be killed ; so they sent word to Montgomery that if he killed Maclean he would be shot. The duel was not fought.

---

DO RAONULL DÓMHNULLACH  
TIGHEARNA STAFFA,

'N uair a bha e'n lagh ris an Robastanach, airson eucoir a dheanamh air daoine bochda a bha e 'toirt do dh' America.

FONN.—“*Gur mise tha gu fastalach.*”

Gu 'n robh mi treis a fuireach  
Dh' fheuch an cluinninn dad bho chàch,  
Ach bho nach d' rinn iad ullamh e  
    Cha dean mi tuilleadh tàimh.  
Bidh mi a nis a tòiseachadh  
    Gu seòl a chur air dàn.—  
'S ann 'shaoileadh neach gu 'n d 'fhalbh  
    Na bha de sheanachas aig na bàird.

Is cinnteach mi nach d 'fhalbh e  
    Ged thug dearmad orra 'n dràst  
Gun Raonull òg a chuimhneachadh  
    Dha 'bheil an inntinn àrd ;  
Am fear a tha cho saothrachail  
    Airson nan daoin 'tha'n càs  
Ri toirt a mach a cheartais daibh,  
    'S tha sin na bheachd a ghnàth.

THE ROSE LIBRARY

'S e féin am fior dhuin' uasal  
 Air nach faodar gluasad ceàrr,  
 De Dhòmhnullaich a chruadail  
 'S tric a bhuanach anns na blàir;  
 Gur h-ann air Staffa 'staoillear e  
 Ma dh' fhaighneachdas sibh e,  
 'S tha 'n oighreachd sin am bann aig  
 Fhad 's a bhuaileas tonn ri tràigh.

'S fear-lagha fiosrach ionnsaicht' e  
 'Fhuair cliù 's bu dù sin da :  
 Tha glicas tuigse is riasantachd  
 'Na chridhe fialaidh blàth.  
 Gur glan a dhearbh e 'fhiachalachd  
 'N uair 'sheas e dileas, dàn,  
 Air taobh nan daoine 'chiosnaicheadh  
 'S iad air an luing an sàs,

Bha 'n Robastanach eucorach  
 'G an éigneachadh air bòrd ;  
 Chuir e gu mòr an teanntachd iad,  
 Gur gann a dh 'fhan iad beò.  
 B' i sin an naigheachd uamhasach,  
 Bha 'n tuagh aige 'na dhòrn,  
 'Se maoidheadh air a' cheann 'thoirt diubh  
 Mar tionndadh iad 'gan deòin.

B' e òrdagh do an stiùramaiche  
 An cùrsa 'chur mu 'n cuairt ;  
 'Us b' éiginn daibh a sgrìobhadh dha  
 Gu 'n thill iad ri an-uair.

Gu  
 'S  
 Cha  
 C  
 'N u  
 M  
 'S u  
 G  
 Gu  
 R  
 'S cl  
 G

Nam  
 A  
 Bhid  
 'U  
 Na'm  
 A  
 Cha  
 M  
 A dl  
 Th  
 Tha  
 'S  
 Na b  
 Ag  
 'S th  
 Ma

Gu dalma bhrist e 'chumhnantan,  
 'S an cuid ga spùinneadh bhuap'.—  
 Cha tric a chunnacas aintighearna  
 Cho gionach, aingidh, fuar.

'N uair chuala Raonull Dòmhnullach  
 Mu ole 's mu sheòl na béist',  
 'S mu fhulangas nan Gàidheal  
 Gu 'n do rinn a nàdar leum,  
 Gu dian na aghaidh thòisich e  
 Ri còmnsachadh gu geur,  
 'S cha sguir e dheth 's am fògrar e  
 Gu còrsa Bhot'ney Bay.

Nam biodh na h-uaislean eile  
 Ann an eireachdas d'a réir,  
 Bhiodh meas ac' air an iochdarain,  
 'Us dh' iobradh iad an spréidh.  
 Na'm biodh iad mar bu chòir dhaibh  
 Ann an tròcair, iochd, is eud,  
 Cha leigeadh iad an t-uallach so  
 Mu 'ghuaillibh-san leis féin.

A dh' aindheòin eucoir 's aingidheachd  
 Thig e ri àm an àird :  
 Tha beannachdan nam mìltean leis  
 'S e toirt do 'n fhìrinn gràidh  
 Na bochdan t'ha gu dùrachdach  
 Ag ùrnaigh leis gach là ;  
 'S tha ainnm am beul gach dilleachdain  
 Mar charaid dìleas, blàth.

## D U A N A G

**Do Mhaighstir Iain Mac-Gilleain**, ministear Chola-

**FONN.—“*S iad mo rùn na fir gheala.***

Thoir mo shoraidh le dùrachd

Thar an aiseig a null

Gu maighstir Iain tha'n tùr Airileòid.

Thoir mo shoirdh &c.

'Sin an t-òganach siòbhalt

"Tha gun mhòrchuis 'na inntiun :

'Tha e eireachdail, grinn air gael eòl.

'Tha e eireachdail, &c.

Tha e uasal 'na thighinn

Agus suairce 'na bhruidhinn,

'S tha e fiùghantach, eridheil gu leòir.

'S tha e fiùghantach, &c.

'S furasd' aithneachadh bho 'nàdar

Gur a h-ann de 'n fhuil àird e

"Thug do dh 'Alb' ionadh sàr bu mhòr glòir.

'Thug do dh 'Alb' &c.

Clann-Ghilleain a shinnsreadh,

Cinneadh àrdanach, rioghail,

Dha 'm biodh brataichean riomhach de 'n t-sròl.

Dha 'm biodh &c.

Sin an dream a bha cliùiteach,

'S nach bu tais gu toirt cùis diubh :

Gu 'n robh Dubhairt car ùin' ac' an eòir.

Gu 'n robh Dubhairt &c.

Tha e

Ris na

A bhic

A bhic

'S tha

Do Lo

Buidhe

Buidhe

'S gu 'n

'N uai

Sheas i

Sheas i

Tha e i

Tha e o

Cha 'n

Cha 'n

Cha 'n

Cha do

An àm

An àm

'S e sin

Bha mi

'S gur-a

'S gur-a

Sgeula

E bhi s

Gus an

Gus an

Tha e dùbailt' 'an càirdeas  
 Ris na fir tha mi 'g ràtitinn,  
 A bhiodh crualalach, dàna 's an tòir.  
 A bhiodh crualalach, &c.

'S tha e dìleas r 'a sheanachas  
 Do Loch-Iall 's do Chlann-Chamshroin  
 Buidheann Abrach tha calm' air gach dòigh.  
 Buidheann Abrach, &c.

'S gu 'n do rinn iad sinn fhiachainn  
 'N uair 'bha 'n rioghaehd s' ga riasladh ;  
 Sheas iad Eòghan trì bliadhna' agus còrr.  
 Sheas iad Eòghan, &c.

Tha e ionnsaichte, fiosrach,  
 Tha e caoimhneil, làn misnich ;  
 Cha 'n 'eil aon dad a's misd e ga chòir.  
 Cha 'n 'eil aon &c.

Cha 'n 'eil gainne no erine ann,  
 Cha do chleachd e 'bhi miodhair  
 An àm suidhe no diolaidh mu 'n bhòrd.  
 An àm suidhe, &c.

'S e sin eridhe na féille ;  
 Bha mi tacan an dé leis ;  
 'S gur-a math leam deadh-sgeul air r'a bhed.  
 'S gur-a math, &c.

Sgeula b' aite leam a chluinntinn  
 E bhi soerach 's an tìr so  
 Gus an rachadh a stìpinn ni's mò.  
 Gus an rachadh, &c.

'S gu 'm bu mhath leam an déigh sin  
 E bhi pòsda ri céile,  
 'N té bu mhiannach leis fhéin ge b'i dìgh.  
 'N té bu mhiannach, &c.

## DUANAG DO CHAILEIG BHIG.

Rinneadh an duanag so do Mhòir Nic-Gilleain,  
 nighean Dhòmhnuill chùbaир, bràthair a' Bhàird.

Cha robh innte ach caileag mu dheich bliadhna'dh' aois.  
 Bha i 'fuireach an àite seanar, athair a' Bhàird.

Gur h-e mise tha fo phràmh,  
 Tha mi muladach gach là,  
 'S Ailean, mac a' chlachair bhàin  
 An dràsd a tigh 'n ga d' phòsadh.

Gur h-i Mòr a' mhaighdean ghrinn ;  
 Cas a's deise 'theid troimh 'n ruidhl' ;  
 'S lionmhòr fear a th 'ort an tì  
 Bho 'n rinn mi fhìn dhuit brògan,  
 'N uair théid Ailean ann ad dhàil  
 Cha bhi easbhuidh ort, a ghràidh,  
 Gheibh sibh craoit anns a' Phort-Bhàn,  
 No àit ann an cùil-Bhòtai.

'N uair a rèiticheas tu, 'rùin  
 Théid do sheanair leat do'n bhùth,  
 'S cha bhi caomhn' aig air na crùin,  
 Bheir e gùn 'us còt' dhuit.

Mor.—  
 'S ann  
 'S mòr  
 'S

Ailean  
 'S mi  
 'S binne  
 'N

AN

Rinn  
 gille 'n  
 Ailean  
 de bhli  
 do 'n G  
 a thill  
 air a' Bl  
 aige an  
 ach ch  
 Thréig  
 e beaga

Och, o,  
 Och, o,  
 Gur tu  
 'S gur  
 dh

*Mor.*—A cheud uair 'chunnaic mi e  
 'S ann a bha sinn aig a bhàl ;  
 'S mòr a thug mi dha de ghràdh,  
 'S cha chluinneadh cùch ar còmhradh.

*Ailean.*—Thug mi 'Mhòdir an gaol tha buan,  
 'S mi nach caochail rithe 'n gruaim ;  
 'S binn r'a eisdeachd guth mo luaidh  
 'N uair bhios i 'lu'adh nan clòithean.

### AN GAIDHEAL AM MEASG NAN GALL.

Rinneadh an t-òran so do dh' Aonghas Mac-Néill, gille 'mhuianntir Bharra. Bha e 'na sgalag aig Ailean Mac-Gilleain athair' a' Bhàird ré dha no trì de bhliadhnaichean. Dh'fhàg e Ailean is chaidh e do 'n Ghalltachd a dh' ionnsaidh na buana. 'N uair a thill e air ais do Thireadh thòisich e air iarraidh air a' Bhàrd òran a sgrìobhadh dha air leannan a bh' aige ann an Cana. Chaith an t-òran a dheanamh, ach cha do phòs Aonghas Catriona NicLeòid. Thréig e i airson seann mhaighdinn leis an d' fhuair e beagan airgid.

### L u i n n e a g .

Och, o, a rùin gur-a tu th 'air m' aire,  
 Och, o, a ghaoil gur-a tu th 'aire m' aire  
 Gur tu mo rùn 's gur-a tu th 'air m' aire,  
 'S gur h-e do shùgradh tha tigh 'nn fainear  
 dhomh.

Cha togar fom i leam ach trom air m' aineoil,  
 Cha dean mi òran 's an dìigh bu mhath leam ;  
 Gur mi bha gòrach 'n uair 'thug mi 'n gealladh  
 Do 'n nionaig òig a tha 'chòmhnuidh 'n Cana.

Gur h-ann le àilgheas a dh' fhàg mi 'm fearann  
 'S an deachaidh m' àrach 'n uair 'bha mi 'm  
 leanabh,  
 'S mi 'n dùil gu 'n deanainn am bliadhna 'dh  
 'earras,  
 Na cheannaicheadh lòn dhomh gu iasgach Ear-  
 raich.

Gur mi 'bha stàtail m' an d'fhàg mi Ailean  
 A togail ghàradh 's a càradh bhealach,  
 Ach b' fheàrr 'bhi ann airneò 's meallt' mo  
 bharail.  
 Na 'bhi 's an àm s' ann an taing nan Gallaibh.

Chà ghabhainn tuarasdal bhuaithe 'm sgalag  
 Ach tigh 'nn do 'n Ghalltachd a shealltainn chail-  
 eag.  
 'N uair ni gach té dhiubh am Bearla m' fharraid  
 Their mis' an Gàidhlig gu 'n d' fhàg mi Barra.

Cha 'n 'eil e còrdadh rium seòl an arain,  
 'Bhi falbh Di-dòmhnaich 's a giùlan eallaich ;  
 'S nach faighinn fàrdach no àite 'm fanainn  
 Ach sabhal fas air neo stàbull ghearran.

'N uair  
 Bidh b  
 Cha tu  
 Tha mi

Thoir s  
 'Us inn  
 Gu bhei  
 'S gu 'n

Is tu, C  
 'S cha 'i  
 Ach thu  
 rac  
 De 'n fh

IAI

Chaidh  
 Iain Mac  
 ithe, agh  
 deanadas  
 far nach l

O seinnib  
 Air cliù a  
 'S na fàg  
 'S i féin a

'N uair 'ni sinn gluasad Di-luain do 'n bhaile,  
 Bidh bodaich Ghallt' ann an geall ar mealladh ;  
 Cha tuig mi 'n nàdar le 'n càinain Ghallaich ;  
 Tha mise dall 's gun an cainnt am theangaidh.

Thoir soraidh bhuamsa thar cuan gu m' leannan  
 'Us innsibh fhéim dh' i gu bheil mi fallain ;  
 Gu bheil mi 'n drast ann an *Ca' der parish*,  
 'S gu 'n deachaidh 'Ghàidhlig á àite seallaidh.

Is tu, Chattriona, 'tha tigh 'nn air m 'aire,  
 'S cha 'n e do stòras a rinn mo mhealladh ;  
 Ach thu 'bhi bòidheach gun bhòsd gun bhar-  
 rachd,  
 De 'n fhine mhòr, o Mhac-Leòid na h-Earadh.

### IAIN 'S A BHANA-MHAIGHSTIR.

Chaidh am Bàrd uair a cheannach leathraich bho Iain Mac-Faidein, fear-cartaidh-leathraich, an Tir-ithe, ach cha robh iad a còrdadh mu 'n phris le deanadas bean Iain. Bhiodh i sparradh a teanga far nach bu chòir d' i.

#### *Luinneag.*

O seinnibh gu h-eutrom, gu h-aigbearach, éibhinn,  
 Air cliù an fhir fhéilte a's ceutaiche gnàths ;  
 'S na fàgaibh a chéile gun innse mu déibhinn ;  
 'S i féin a bhean bheusach, 's gur feumail i dha.

Chaidh mise o 'n bhaile a shealltainn mo charaid,  
 'S gu leathar a cheannach o 'n fhear tha mi 'g  
 ràdh.

'N uair 'chaidh mi 'na sheanachas a dheanamh ris  
 bargain

À mach thug mi 'n t-airgiod 'us thraig mi e dha.

A bhean thuirt le greann oirr', ged gheibheadh  
 tu bonn air

Cha phàigh e an call 'th'agad ann mar-a tha.

Sin craicionn a' ghamhna 'fhuair bàs anns an t-  
 sàmhradh

'S a chaith thu le eubhuin\* mu 'n d' thionndadh  
 am blàths.

Nach biodh e dhuit neònach a sheachnad le  
 gòraich

'S do phiuthar gun bhrògan air reòtachd an làir,  
 Na toir e dha 'm bliadhna gun ochd-sgillin-diag  
 air;

Bheir esan as riaghailt, 's gu 'n dean e dha stà.

Ged 's tusa 'bhios daonnan a' cartadh 's ag aoladh  
 Gach craicinn is laoicinn 'bheir daoine do 'n àit,  
 Is mis' tha 'nam chléireach a sgrìobhadh 's a  
 leughadh

'S a chunnatadh ri chéile, 's gur feumail mi  
 'ghnàth

---

\* Eubhuin is a root found on Kennavarra Hill in Tiree, growing in long strings above ground, with a blue flower. It is used for tanning fishing nets and lines, when oak bark cannot be obtained.

'N uair fhuair e bho 'chéile, an t-ordagh 'bha feu-mail  
 Thuirt Iain, cha bhreugan a dh' éisd thu bho 'm ghràdh,  
 Ged 's ainmeil a buhannachd cha 'n 'eil i ach suarach,  
 Tha mòran 'dol buham di an tuarasdal chàich.

Cha 'n urrainn mi innse gach nì 'tha cur prìs air,  
 Bu tric 'bha mi sgìth mu 'n do mhìnich mi e.  
 Bu ghoirt bha mo dhriom deth ga cheangal le siomain  
 'S ga tharruing le dìchioll, a dìgibh dubh,  
 grannd.

Bu draghail an ni dhomh 'bhi 'siubhal tràigh Chrionraig  
 'Toirt shligean a nios aisid, le ìnean mo làmh  
 'S bu chosdail gu cinnteach an losgadh gu grìos-aich  
 'S an toirt gu aol brioghmhor, geal, mìn air an làr.

A mhòin' anns an fhearrann cha 'n fhaigh mi r'a ceannach,  
 Tha againn ri tarruing, 's tha 'm faradh fior-àrd,  
 'S a' chait, tha i prìseil ge pailt i 'san rioghachd.  
 'S tha cusbunn an rìgh oirre 'mhiodachadh màil.

Cha b' ann le bhi diomhain a dh' fhág mí cho  
mìn e :  
Ga spionadh 's ga sgriobadh bu sgìth bha mo  
làmh.  
Nis chì thu le firinn gur fiach na tha dhìth ort  
Gach bonn a chaidh innse le m' mhnaoi mar-a  
tha.

Bho 'n bha mi nam éiginn gu 'm b' fheudar  
dhomh géilleadh  
Do dh' Iain 's da chléireach, bean bhensach an  
àidh;  
Cha cheamaich mi 'n còrr bhuap, cha bhí mi  
cho gòrach,  
'S ann théid mi do'n Oban, 's e moran a's feàrr.

O Iain 's tu'n truaghan ; air thaoed tha thu  
'gluasad  
An déigh na té buaireanta 'fhuair thu air làimh:  
Do thriubhas mhath chlòtha thoir dh' i e mar  
chòmhdaich  
'S cuir umad a còta-s' mar 's òir dhuit gan dail.

---

Rinne  
ean ann  
agus a d  
Luinneod

I  
A  
A  
A  
'S  
'S  
B  
'S  
'N  
A  
C  
A  
'N  
Gu  
Ma  
Gu  
A  
Gu  
Is  
An

## AIRIDH A' CHAOLAIS.

Rinneadh an t-brain so do cheathrar bhuachaill-ean anns a' Chaolas, an Tirithe a bha 'togail airidh agus a deanamh dearmaid air an obair.

*Luinneag.*—Balach na h-aimhreite, ho ró,  
 Mac an fhir Ghallta, ho ro éile  
 'Thainig le anntlachd, hu ru bhi ó  
 'S 'chuireadh na glinn o riaghait  
 oirnn.

Le sunnd chuir an t-àrmunn  
 A thainig do'n bhaile  
 A suas àite sùgraith  
 Air chùlthaobh a' bharra,  
 'S cha'n fhaicear air cùram  
 'S a chùl ris an stulla:  
 Bidh poit agus bùl aig'  
 'S gur dlùth 'ni e 'gharadh.  
  
 'N uair 'shuidhich e 'm bonn  
 Aig taigh fonnmhòr na caithreim  
 Gu'n ghlaodh e a muas  
 Air a bhuachail' nig Ailean,  
 'N uair thàinig e làmh-ris  
 Gu blàth thuirt e, "Charaid,  
 Ma gheibh thu nu lànain  
 Gur pàirt iad mu 'n talla."  
  
 A nuas thàinig Bloinigen  
 Gu stoirmeil 'nan caramh,  
 Is thubhairt e, 's àlainn  
 An airidh 'bhios agaibh.

Gu dearbh bidh i bonn  
 Bidh i trom air 'ur sporain  
 Mu 'n cuir sibh air dòigh i  
 'S i stòiri fo 'n talamh.

Na dhéigh thàinig Iain,  
 'S bu chridheil am fear e,  
 'S thubhairt e, "'S ceutach  
 Tha 'n stéidh air a' gearradh :  
 Bheir mise dhuibh còmhnaidh,  
 B 'e 'n sòlas 'bhi mar-ribh ;  
 'S bidh againn an àiridh  
 A's feàrr tha 's an fhearrann."

'S na craoitean so shuas  
 Tha na buachaillean ro-mhath :  
 'S ann aca tha 'n àiridh  
 Tha 'n àite math seallaidh;  
 Tha chlachaireachd làidir  
 'S gur h-àlainn a tarruing,  
 Rinn Donnachadh an càrbhadh  
 'S Iain Camshron an spalladh.

'S ann aca tha 'n eàrnais,  
 Ni 's feàrr tha gle-ainneamh !  
 Tha còrn airson càis' aca  
 'Bhlàiteachadh baine ;  
 Tha gloine mar sgàthan  
 An càramh 's a' bhalla,  
 'S tha cairteal a ghàraidh  
 Gu h-àrd air na sparraibh.

## MOLAD

Bha Dòn  
 fhìdhleir,  
 air e air a' B  
 e air iarraid  
 gealltainn d  
 tir Chola an  
 beairteach n  
 B' ann a  
 Ceòraidh.  
 Chaochail e  
 machd Bhru

'S iad féin na fir éibhinn,  
 Gun éislean, gun ghalair;  
 Tha sgil aca air eubhach  
 Air leum 's air cur char dhiubh,  
 Gur tric a bhios uaislean  
 Air chuairt leis na gallain,  
 'S gur h-ionadh té bhòidheach  
 'Tha 'n tòir air gach fear dhiubh.

Na creidibh gach nì  
 A théid innse 's a' bhaile  
 Mu dhéibhinn nam buachailllean  
 Luath-chasach, meara,  
 A pheasair cha spion iad  
 A nios ás an talamh,  
 'S cha leig iad an fheudail  
 Aon cheum as an sealladh.

### MOLADH DHOMHNUILL MHIC-UAL-RAIG.

Bha Dòmhnull Mac-Ualraig na thàillear agus na fhìdhleir. Bha e cruaidh agus mòr ás féin. Thach-air e air a' Bhàrd latha 'san taigh-òsda, agus thòisich e air iarraidh air òran molaidh a dheanamh dha, a gealltainn duais dha air a shon. B' ann a mhuinnntir Chola an tàillear. Cha robh e aon chuid cho beairteach no cho bochd 's a tha 'n t-òran ag ràdh.

B' ann a mhuinnntir Thireadh Teàrlach Mac-Cèoraidh. Cha robh ann ach fidhleir bochd. Chaochail e bho cheann còig bliadhna, an siorramachd Bhruce, an Ontario.

FONN.—“*Mo rùn geal, og.*”

Thoir mo shoraidh le dùrachd  
 A null thar an t-sàile  
 ’S dean a h-aiseag le cùram  
 A dh’ ionnsaidh an taille<sup>i</sup>.  
 Gur h-e Dòmhnull Mac-Ualraig  
 Am fleasgach suaire ’tha mi ’g ràitinn  
 ’S mòr de cheanal ’s de dh’ uaisle  
 Am fear do għluasad ’s do nàdair. <sup>i</sup>  
 Mo rùn geal, og.

Gu ’n do dh’ aithnich mi-fhin sud  
 Mu ’n do thill mi Di-màirt bhuit ;  
 Le làn-dearbhadh ’s le firinn  
 Dh’ fhaodainn inns’ air fear d’ àbhuist  
 Nach bu sgrubaire erion thu  
 Ri dhol sgriob do ’n taigh-thàirne  
 Ach gu fiughantach cosgail,  
 ’S cha bu bhrosgal dhomh ’ghràitinn

Mur-a h-abair mi breugan  
 B’ e do bheus anns gach àite,  
 ’N uair a bhiodh tu ’s taigh-òsda  
 ’S tu ri òl nan deoch-slàinte  
 Nach bu ni leat an stòpan  
 Air a’ bhòrd a bhi’ d’ làthair  
 Ach na botail air sgòrnán,  
 ’S dheantadh mòran diubh ’thràghadh.

Air a mheud 's ga 'm biodh comhl' riut  
 De luchd-eòlais 's de chàirdean.  
 'S tu nach rachadh a dh 'fheòraich,  
 An àm còrdaidh, mu 'n phàigheadh :  
 Rachadh làmh ann ad phòca  
 'S chuirte an t-òr air a' chlàr leat,  
 Cha do dh' iarr thu riamh mùthadh,  
 'S ann a chunntadh tu slàn e.

'S beag an t-ioghnadh a' mhòr-chuis  
 A bhi 'd phòraibh a' gluasad ;  
 Tha thu 'shliochd nam fear cliùiteach  
 'Bheireadh cùis de 'n luchd-fuatha:  
 Bha iad cruadalach sgairteil  
 'N àm nan glas-lann a bhualadh,  
 'S cha bu tais iad le 'n dòrnaibh  
 'N uair a thòisicheadh tuasaid.

Tha thu 'shliochd nam fear mòra  
 Ri àm feòraich nach suarach ;  
 'Bheireadh creach as na cròithean,  
 'S chuireadh tòir air na buailtean;  
 Tha do shloinneadh r'a ioms' leinn  
 De dh' fhior chlanna Mhic-Ualraig :  
 Bho Ghleann Garaidh 's bho Lòchaidh  
 Thigeadh connspuinn a' chruadail.

C' àite 'bheil e r'a innse,  
 Fear do ghnìomh ann an Albainn ;  
 Tha thu teàm' air gach oilean,  
 'S mòr do chomasan eanchainn;

'S iomadh nì 'tha 'toirt meas ort  
 Nach bi mise toirt ainn air  
 Mu 'n saoil cuid de m' luchd-éisdeachd  
 Gur h-e breugan tha 'm sheanachas.

Tha thu d' dhamhsair air ùrlar  
 'Choisinn eliù am measg Ghàidheal,  
 'N uair a chaidh thu 'Dhunéideann,  
 Bha luchd-Beurla fo thàmailt.  
 Thàinig fios ort am bliadhna  
 Dhol ga d' fhiachainn do 'n bhàl ann;  
 Thug sin onair do 'n Diùchda  
 Is do 'n dùthaich a dh' fhàg thu.

Bu leat urram a rithist  
 Air an fhiodhull a ghleusadh.  
 'N uair a ghlacadh tu d' làimh i  
 Cha bhiodh càch ach mar bheus dhuit;  
 Cha do dh' amais aon riamh ort  
 A rinn d' fheuchainn 's a' cheum sin  
 Ach Mac-Cèòraidh a' ghrinneis,  
 'S e bu bhinne ceòl-éisdeachd.

Thuirt na h-uaislean 'bha làthair  
 Aig a bhàl ruibh ag éisdeachd,  
 'S mòr am meas iad do 'n àite  
 'N deach an àrach le chéile;  
 Cha 'n 'eil coimeas do Theàrlach  
 Fhad 's a bha sinn no théid sinn,  
 Thug e barrachd air Hòmer  
 Ged bu bhòsdail 's a' Ghréig e.



Ged fhuair Teàrlach an t-urrain  
 Thar gach duin' air ceòl eisdeachd  
 Cha bu choimeas e 'Dhòmhnull  
 Ann am fòghlum 'na dhéigh sin;  
 Tha gach grinneas ad inntinn,  
 Tha thu finealta gleusda :  
 Gur mi fhéin 'bha ort eòlach  
 Bho na b' òg sinn le chéile.

Bu tu tàillear nan uaislean ;  
 Gur tu dh' fhuaidheadh gu finealt',  
 Is gu fasanta spòrsail,  
 'S cha bu chlòithean bu nì leat;  
 Gur h-e deiseachan Gallta,  
 'S tu cur tholl leis an t-sioda  
 A bhios agad fo d' mheuran';  
 'S bidh iad deante gu rìomhach.


Gu 'n robh tighearn na h-àirde  
 Dhomh gu h-àraidh ag innse  
 Gur tu 'dheanadh dha 'n còta,  
 'S ro-mhath 'chòrdadh r'a inntinn,  
 Gun bhi cumhann no farsuim  
 Ach a phearsa ga lionadh ;  
 'S 'mur a ruigeadh e'n cruachan,  
 Rachadh cuairt ris gu h-iosal.

Bu tu sgiobair na mara  
 Ri là greánnach, 'g a fuairead !  
 'S tu nach leughadh an giorag  
 Is nach tilleadh gun fhuathas.






## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



5"



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

128  
32  
36  
2.2  
2.0  
1.8

100  
50  
0

Cha do 'sheasamh e'm bàta  
 'Bheireadh bàrr air a' chuan ort ;  
 Eadar Eirinn is Albainn  
 'S tric a dhearbh thu do chruadal.

'S tric a sheòl thu á Lunnain,  
 Bhiodh long ghunnach o'n rìgh leat :  
 'S lionnigh turas air bluannachd  
 'Thug thu bhuainn do na h-Innsean.  
 Bu tu 'm marsanta cliùiteach  
 Gheibh teadh cùnnradh 's gach nì bhuaite :  
 'S ann ad bhùthaibh le chéile  
 Bhiodh na cléirich a' sgrìobhadh.

Bu tu 'n giomanach gunna  
 'Bheireadh fuil air an ruadh-bhoc,  
 'S iomadh fiadh fo do bhuille  
 'Thuit air uilinn nam fuar-bheann.  
 Bu tu àmhaid a' choilich  
 'S moch a ghoireadh 's na bruachan ;  
 Is na cearcaige duinne  
 'Bheireadh gur as an luachair.

Bu tu dròbhair nam mart  
 A dheanadh ceartas is pàigheadh,  
 'N uair a thigeadh tu 'n dùthach  
 Eheirteadh cunnradh is dàil dhuit.  
 'S iomadh uan 'thug thu 'Dhùini,  
 'S iomadh crùn 'thug thu 'n àit' so :—  
 'S ann air monadh Dhun-Breatuinn  
 'Fhuair thu 'm bristeadh nach b' fheàird thu.

Gur  
 'S m  
 'S ia  
 Gu'  
 Bho  
 'Dhe  
 Tha  
 A bl

'S be  
 Fear  
 Falb  
 Beag  
 'Dol  
 Och  
 Gu' r  
 Ann

Tha  
 Gu' r  
 'N ua  
 Dòml  
 Ghei  
 De d  
 'S gu  
 Nach

Gur-a mis' tha fo mhulad,  
 'S mi nach urrainn sin àicheadh,  
 'S iad ag innse mar sgial dhomh  
 Gu 'n do liath thu, 's cha nàr dhuit,  
 Bho na striochd thu aig baile  
 'Dheanamh arain le d' shnàthaid :—  
 Tha nis crioch air gach gnothach  
 A bha roimhe so 'd làmhan.

'S beag a shaoil leam gu 'm faicinn  
 Fear cho beariteach 'sa bha thu  
 Falbh le pochd' air a shlinnein  
 Beagan mine is càis ann  
 'Dol a dh' ionnsaidh na buana,  
 Och mo thruaighe do chàradh.—  
 Gu 'm bu trom ort bhi laidhe  
 Ann an sabhall no 'n stàbull.

Tha mi cinnteach, a dhaoine  
 Gu 'm bi 'n t-saothair so pàighe  
 'N uair a chi mi na h-uaislean  
 Dòmhnull Mac-Ualraig is Tearlach,  
 Gheibh mi gloin' air muin gloine  
 De dhibh shoilleir nan Gàidheal.—  
 'S gu bheil fios aig na h-eòlaich  
 Nach h-e sgleò 'bha mi 'g ràitinn.

## CALL NA CAILIN.

Chaidh Niall Mac-Gilleain, "am maor Bàn;" Lachainn Dòmhnullach, mac Dhòmhnuill mhic Chaluim; agus Niall Dòmhnullach, mac Sheumais mhic Chaluim, triùir dhaoine a mhuinntir Thirithe, air ghnothach do dh' Ile. 'N uair a bha iad a tighinn dachaидh chaidh an call aig na Suacain an Tirithe. B'e A' Chailin ainm a' bhàta aca.

'S ann Di-Sathairne 'chualas  
Sgeul bu chruaidh a bhi fior,  
Gu 'n do chailleadh na daoine  
Dh 'fhàg an Caolas bhuainn fhìn,  
Dh 'fhalbh 's a' mhaduinn Di-dòmhnaich  
Fo àrd-sheòl ás an tìr,—  
Ged-a thill sibh gu còrsa  
Gu 'm bu bhrònach sud dhuinn.

Ged-a thill sibh g' ar n-ionnsaidh  
Ann an ùine ro-gheàrr,  
Ann an àite toil-inntinn  
Bha sinn llonte le cràdh.  
Chaidh 'ur call aig na Suacain  
Anns na stuadhan gun bhàigh ;  
'S cha b'e gainnead 'ur n-eòlais  
'Chuir fo sheòl sibh do'n àit'.

Gur h-e 'n oidhche 'bhi dorcha  
Is an stoirn a bhi àrd  
'Chuir 'a' Chailin 'g an ionnsaidh  
Ann an tùs a' mhuiр-tràigh',—

Gu 'm bu chruaidh leam 'ur glaodhaich  
 'N uair a sgaoil i 'na clair,  
 'S nach robh duine 'g 'ur n-eisdeachd  
 Dheanadh feum dhuibh 'n 'ur càs.

Och, a Sheumais 's a Dhòmhnuill,  
 'S goirt 'n dòruinn 'ur crìdh ;  
 Fhuair sibi greadan am bliadhna  
 'Rinn 'ur liathadh roimh 'n tìm.  
 Thugadh bhuaibh na fir chalma  
 Nach robh clearbach air gniomh,  
 Bu deadh-sgiobairean fairg' iad  
 'S tric a dhearbh iad gu 'm b' fhìor.

Tha do mhàthair trom, tùrsach,  
 'S i 'g ad ionndrainn, a Nèill,  
 'S beag an t-ioghnadh dhi fhéin sin,  
 Chaill i h-éibhneas gu bràth.  
 Com na ciataibh gun bhruaillean  
 Anns gach gluasad a b' fheàrr.  
 Cha robh coire ort r'a faotuinn  
 Ach do shaoghal 'bhi geàrr.

'S trom 'tha 'n sac s' oirre air drùghadh,  
 Tha i brùite gu leòir,  
 'S i ri smaointinn mar bha thu  
 Ann an sàs 's gun i d' chòir,  
 'S truagh leam d' athair 's do bhràithrean  
 A cur aisig air seòl  
 'Dhol g' ad iarraidh le sgriobhain,  
 'S tu 'n ad shìneadh 'san ròd. \*

---

\* Ròd, sea-weed.

Tha do chéile na h-ònrachd,  
 'S tric na dedir air a gruaидh,  
 Gu 'm b' e 'm mi-fhortan mòr dhi  
 Nach robh 'm pòsadh ud buan.  
 Thug i gaol dhuit an toiseach  
 'S cha do choisinn thu fuath,  
 Na am faigheadh i h-òrdagh  
 Bhiodh i còmhnl' riut 's a chuan.

Gu bheil Fionghal nighean Iain  
 Tric a snidheadh gu trom ;  
 Cha 'n i cheud chreach a leòn i,  
 Ged bu mhòr i 's an àm ;  
 Ach 'bhi cuimhneachadh Lachainn  
 'Bhi fo shlachdraich nan tonn,  
 'S i gun mhac aic' na d' àite,  
 'S bochd a làrach 's i lom.

Tha do pheathraighean deurach,  
 'S iad fo éislean gach là ;  
 Chaill iad ceannard na riaghailt,  
 Làmh a dheanadh dhaibh stàth.  
 Bho nach tàinig thu dhachaидh  
 Bidh an aitreabh gun àird ;  
 'S e do 'thàmh anns an fheamainn  
 Cùis an gearain 's an cràidh.

Bho na rinneadh do mhilleadh,  
 'S tu air iomain nan stuadh  
 'S bochd am moch-éiridh mhaduinn  
 Air a' chladach lom, fhuar,

'S iad 'g ad iarraidh gu d' chàradh  
 Ann an sàmhchair na h-uaigh'.—  
 'S aobhar bròin iad r' am faicinn,  
 'S an cùl-taic' aca bhuap'.

Leam is duilich r'a innse  
 Nach do thill thu, 'Nèill Bhàin,  
 Mar-a dh'iarramaid d' fhaicinn,  
 Bho Phort-Asgaig le d' bhàt'.  
 Chaill an tuath am fear-comhairle  
 Anns gach gnothach a b' fheàrr ;  
 Fhuair iad clisgeadh gun fhios dhaibh  
 'Thug am misneach gu làr.

'S math a ghleidh thu do phosda  
 Cha do choisinn thu diumb ;  
 Bha thu measail aig uaislean,  
 'S chuir an tuath annad ùidh,  
 Cha bhiodh d' fhacal 'g an diteadh  
 No cur 'sios air an cùl,  
 Aig gach duine bha gaol ort,  
 Bu tu 'm maor a b' fheàrr cliù.

Làmh bu ghrinn air an sgriobhadh,  
 Bhiodh e cinnteach bho d' mheòir.  
 Cha bhiodh mearachd ad chunntas,  
 'S tu nach mùchadh a' chòir.  
 Bha thu léirsinneach, fiosrach  
 Bha thu tuigseach, gun phròis.—  
 B' aobhar mulaid do 'n àite  
 Thu bhi bàite 's an ròd.

Bu tu cridhe na fèile  
 Nach tug spéis do bhi crion,  
 'Fhir a b' àluinne cumachd  
 Bho do mhullach gu d' bhuinn,  
 'N uair a chruinnich do chàirdean  
 'Dhol ga d' chàradh 's a' chill,  
 'S iad a dh' fhaodadh a ghràitinn  
 Gu 'm bu bheàrn thu 'g an dìth.

Taing do 'n Tì sin tha cumail  
 Stiùir na cruinne 'na dhòrn,  
 'S a thug leis ás an t-saoghal so  
 Na daoine ud le còir,  
 Gu 'n do thilg e gu cladach  
 An cuirp gheal' as an ròd,—  
 'Sguir an càirdean 'g an iasgach,  
 Fhuair iad riarachadh mòr.

Neil M'Lean and those with him were drowned in March, 1809. Mr. M'Lean had gone to Islay for Macintosh, the receiver of wreck, a ship with a cargo of linseed having been cast ashore in Tiree.

---

### BARDACHD ALASTAIR MHIC-ION-MHUINN.

Goirid an déigh bàis Mhic-Ionmhuiinne fhuair am Bàrd sealladh bho 'bhantraich de na h-òrain a dh' fhàg e sgrìobhte. Chòrd iad ris gu h-anabar-rach math airson doimhneachd an cainnte, agus airson an t-snas leis a bheil iad air an cur r'a chéile.

Co an  
ris nach  
duilich  
gu bheil  
iomraidi

I

Fhuair  
A dhuis  
Leugh  
Fh

Ged nac  
Tha mi  
Fhir bu

Ghabh  
Mar a ch  
Dh 'fhàg  
mhe

Tha do s  
Ann an  
Cha 'n fl

Thug a'  
Gach bua  
A chur e

Thug iad  
Nach toig  
'S nach d

Co an neach aig am biodh tuigse do bhàrdachd  
ris nach cordadh orain Mhic-Ionnuinne? Tha e  
duilich a leithid de bhàrdachd fhaighinn. 'S gann  
gu bheil Oisean e féin air thoiseach air ann an toirt  
iomraidh air blar. Chaochail e's a' bliadhna 1814.

FONN.—“*Gur a muladach sgith mi.*”

Fhuair mi sealladh Di-luain  
A dhuisg mo spiorad gu gluasad ;—  
Leugh mi dàin a' bhàird luachmhoir nach bed.

Fhuair mi sealladh &c.

Ged nach faca mi rianmh thu  
Tha mi 'g ionndrainn gu'n thriall thu,  
Fhir bu chomasaich' briathran 'us glòir.

Ghabh mi beachd air do sheanachas  
Mar a chinn e bho d' eanachainn ;  
Dh 'fhàg thu sgrìobht 'e gun dearmad bho d'  
mheòdir.

Tha do shaothair mar dh' earbainn  
Ann an òrdagh gun iomrall ;  
Cha 'n fhaigh bàird oirre clearbaich no sgòd.

Thug a' cheòlraidh le spéis dhuit  
Gach buaidh intinn 'bha feumail  
A chur ealaidh gu ceutach air dòigh.

Thug iad gibht dhuit an uaigneas  
Nach toir innleachd a nuas oirnn,  
'S nach dean fòghlum a bhuanachd ni's mò.

'S mòr an tlachd a bh' aig uaislean  
 Dhiot nan comunn air uairibh ;  
 'S lionmhòr cuireadh a fhuair thu gu 'm bòrd.

Bhiodh na h-òrain bu ghrinne  
 Sunndach, fonnmhòr, le binneas  
 'Tigh'nn gu pongail bho bhilibh do bheòil.

'S tric a thug thu dhaibh sgeula  
 Mu na blàir 'bha 's an Eiphit  
 'S cha bhiodh mearachd no breug ann no sgleòd.

Bu tu saighdear a' chruadail  
 Ri uchd tein' agus luaidhe ;  
 'S iomadh cath anns na bhuannaich thu leòn.

C' ait' an cualas ach ainmig  
 Riamh 's na cearnaibh so dh' Albainn  
 Aon thug bàrr ort 'chur seanachais air dòigh.

'S mòr an dìleab a dh' fhàg thu  
 Na do dhéigh aig na Gàidheil,—  
 Dh' eug thu-féin ach do dhàin mairidh bed.

Do Dh  
a mhar  
Tha '  
le athai

FON

Gur h-e  
Fhuair  
Mar-a  
Chuir i  
Thainig  
'N uair  
Is cha  
Bidh ar

'S beag  
'Bhi fo  
Tha mi  
Mar bh  
'Caoidh  
Dha 'n  
Ge boch  
'S truaig

Fhuair i  
Air bhi  
Cha 'n 'e  
De 'cuid

## C U M H A

Do Dhonnachadh Mac-Aonghais, á Tireadh, a chaidh  
a mharbhadh anns an Olaint.

Tha 'n t-òran so air a dheanadh mar gu 'm b' ann  
le athair a' ghille.

FONN.—“*Gur h-e mise 'th 'air mo leónadh.*”

Gur h-e mise 'th 'air mo leònadh  
Fhuair mi naigheachd 's bu bhrònach dhomh i,  
Mar-a dh' eirich do'n òigear,  
Chuir i saighdean le dòruinn 'am chrìdh'.  
Thainig doille air mo lèirsinn  
'N uair a chuala mi'n sgeula le cinnt,  
Is cha dean mi car éibhinn,  
Bidh am mulad 'gam theumadh leam fhìn.

'S beag an t-ioghnadh sin dhòmhsa  
'Bhi fo mhulad an còmhnaidh 's mi sgìth.  
Tha mi nis an am òrrachd  
Mar bha Oisein, 's am bròn air mo chlaoidh;  
'Caoidh an àilleagain bhòidhich  
Dha 'n robb tuigse 'us èolas le gniomh:—  
Ge bochd mise ga d' àireamh  
'S truaighe an té a rinn d' àrach air chìch.

Fhuair i reusan no dha  
Air bhi éisleineach, fàilinneach, tinn  
Cha 'n 'eil duine aice 'làthair  
De 'cuid cloinne 'thoirt gàirdeachais d' i;

'Se so 'in buille bu chràitich'  
 'S i a' smaoingtinn mar bha thu gun chì  
 'Call na fala 'san' àraich  
 'S tu cho fada bho d' chàirdean 's bho d' thìr.

Mu 'n do thòisich am baiteal  
 'S tu a' gluasad air astar bho 'n champ  
 'Dhol a dh' ionnsaidh a' chaisteil,  
 Cha robh smaointinnean gealtach ad cheann.  
 Bha thu 'gluasad neo-sgàthach,  
 Mar-a bhuiteadh do Ghàidheal guu mheang,  
 A cur naimhdean fo shàiltean  
 Gus na thuit thu 's a' bhlàr 's an robh 'n call.

'N uair a theann sibh ri séisdeadh  
 'Thoirt a' bhaile gu géill d'ar comann  
 Bha do spiorad ag éiridh,  
 Cha ni mhisneach a thréig no do lann.  
 'N uair a dhùrich thu 'm faradh  
 Thàinig peileir bho d' nàmhaid na dheann,  
 'Thug a dh' ionnsaidh an làir thu,  
 'S gu 'm bu teachdaire bàis dhuit a bh' ann.

'S bochd an leagadh a fhuair thu  
 Chuir e sinne ann an cruidh-chas nach gann ;  
 'S truagh nach tàinig thu bhuaithe  
 Gun do ruighinn le luaidhe cho teann.  
 'S ann is coltach ri uain sinn  
 Bhiodh gun aodhair aig fuarain nam beann,  
 No ri dilleachdain shuarach  
 Aig am muime 'gam 'bualadh 's iad fann.

Tha s  
 Gun t  
 Cha t  
 Bho n  
 Bho I  
 'S iom  
 'S iom  
 'S iom

Chaidh  
 Gus ar  
 Chuir  
 Gu 'm  
 Sin an  
 Air dh  
 'Dh 'fh  
 Gu 'n d

'S daor  
 'Chaidh  
 'S e do  
 'Rinn a  
 Feachd  
 Mar-a b  
 Ach tha  
 'S nach

Ged-a tl  
 Cha tig  
 Ach a' s  
 Air a' b

Tha sinn uireasbhach cràiteach  
 Gun tolinntinn gun slàinte, gun neart ;  
 Cha tig feobhas gu bràth oirnn  
 Bho na bhuannaich am bàs ar cùl-taic'.  
 Bho Dhi-dòmhnaich na càisge  
 'S iomadh aon a tha cràiteach an airc ;  
 'S iomadh bean gun fhearr-pòsda  
 'S iomadh màthair ri bròn mu 'cuid mac.

Chaidh sibh uile gu tapadh  
 Gus an nàmhaid a ghlacadh gun taing ;  
 Chuir sibh roinhibh, le 'r cruadal  
 Gu 'm biodh agaibh lan-bhuaidh air an Fhraing.  
 Sin an latha thug dìth oirbh,  
 Air dhuibh seasamh cho dileas fo 'n chrann,  
 'Dh 'fhaotuinn cnair do 'n rìoghachd ;  
 Gu 'n do rinneadh na mìltean a chall.

'S daor a phàigh sinn an onair  
 'Chaidh a bhuannachd 's a' choinneimh ud thall ;  
 'S e do bhàs 'bhi na comain  
 'Rinn ar fàgail mar chok inn gun cheann.  
 Feachd Righ Deòrsa fhuair urram  
 Mar-a b' abhaist an cumasg nan lann,  
 Ach tha sinne gun sòlas  
 'S nach tig thusa bho 'n Olaint a nall.

Ged-a théid mi do 'n leaba  
 Cha tig buaireadh a' chadail am chòir  
 Ach a' smaointinn gu h-uaigneach  
 Air a' bhuille bho 'n d' fhuair thu do leòn ;

Bha d' fhuil chraobhach a' silcadh  
 'S i ri taosgadh air mhire 'feadh feòir,  
 Bha do spiorad gad dhìobradh  
 'S gun do leigheas an innleachd nam beò.

'N uair a chuala sinn ionradh  
 Gu 'n robh sith air a' gairm 's an Roinn-Eòrp',  
 Bha mi cinnteach gu 'n tilleadh  
 Tu g' ar-n ionnsaidh gun mhilleadh, gun leòn.  
 Nar do dh' fhuirich thu 'lathair,  
 'S tigh'nn gam shealltain, ged tha mi gun treòir,  
 Dh' fhàsainn aigeannach, aotrom,  
 Chuirinn cùl ris an aois 's bhithinn òg.

M' aobhar gearain is m' ionndrainn  
 Nach do thill thu gu d' dhùthaich a nall ;  
 'S ann an làraich na dunaich'  
 Bha thu d' shìneadh air d' uilinn gun chainnt.  
 'S e cho tric 's tha mi t' iargainn  
 'Chuir le cabhaig gu liathadh mo cheann,  
 'Chuir mo shùilean an doilllead  
 'S a chuir m' astar am moillead gun fhonn.

So a' bhliadhna 'chuir às domh  
 Tha mi éisleineach airsneulach trom;  
 Dh' fhalbh mo shlàinte 's mo mhisneach,  
 Tha mo chridhe gu bristeadh am chom.  
 'S e 'bhi brònach a's dù dhomh  
 'S nach tig litir ga m' ionnsaidh o d' laimh.  
 Gur tric snighe le m' shùilean  
 'S tusa 'n leaba na h-ùrach gun srann.

*Chalum* C U M H A

Do Chàilean Caimbeul, Tighearna Bhar-a'-mholaich  
agus Fear Bhaile-Phetris' an Tireadh.

Chaidh an duin' uasal so air ghnothach do dh'  
Inbhir-Aora. Anns a' bhaile sin bluail galar a  
bhàis e, agus bha e marbh ann an tìne cheithir  
laithean.

FONN :—“*Chunnaic mise thu Ailein.*”

Thàinig naigheachd do'n dùthaich  
Nach bu shunndach r'a h-innse ;—  
Tha mi smaointinn an còmhnaidh  
Meud' a' bròin gun toilimntinn ;—  
Sgeula bàis an duin' uasail  
'Chaidh thar chuain bho cheann miosa;  
Leam is duilich e 'ghluasad  
Air a' chuairt dheth nach till e.

'S iomadh aon a tha tòrsach  
Bho na dhùineadh 's a' chill e,  
Ann an eiste chaoil, chuiinte,  
Air a dlùthadh gu dionach.  
Bho na chàradh 's an uaigh e  
Ann an suain far nach cluinn e,  
Gu bheil bearn ás na h-uaislean  
'Tha mu 'n cuairt dhuinn 's an tìr so.

'S ann fo 'n fhòid ann am falach  
Tha 'm fear ceanalta, cliùiteach,  
Cridhe farsuinn na fialachd,  
Làmh a riaraicheadh cùinncadh.

Bha e fiughantach, cosgail,  
 Gun bhi gortach no cunntach,  
 Bha e measail gun mhòr-chuis,  
 'S mòran eòlais 'na ghiùlan.

Cha dò ghlac e 'na inntinn  
 'Bhi 'cur cruinn le bhi sanntach  
 'S gabhail brath air luchd-éiginn ;  
 Cha b' fhear geur-chuiseach teann e.  
 Bha e iochdmhor ri truaghain  
 'Thoirt dhoibh fuasglaidh à teanntachd  
 Bha e aoibheil ro-thaitneach  
 'S e nach altrumadh gamhlas.

Anns a' chìurt dheante gnìomh leis,  
 'S iomadh ni 'bha cur tlachd air,  
 Bha e faighidneach, eòlach,  
 Glic, 'us teom', agus smachdail.  
 Cha b' fhear fàbhair no fuath e  
 Ach a' gluasad 's a' cheartas,  
 Na fhior-nàmhaid do 'n eucoir  
 'S e le céill a' cur casg oirr'. i /

'N Cill-a-Mhàrtuinn 'na laidhe  
 Tha fear an taigh' air a chòmhach,  
 Aig an taoghaileadh luchd-rathaid,  
 'S dheanta am beatha le sòlas ;  
 'S aobhar mulaid d'a chàirdean  
 Gu 'n do chàireadh fo 'n fhòid e,  
 'S do na tighearnan Gàidhealach  
 Dha 'm b' abhaist 'bhi còmh'l' ris.

Bha mi leis anns a' bhàta  
 An là dh' fhàg e an tìr so,  
 'S gu 'm bu phailt bha gach seòrs'  
 Aig' air bòrd anns a ghnìomhaich.  
 Cha bhiodh duine 'bhiodh làmh-ris  
 Ann am failinn no 'n iotadh,  
 'S e toirt seachad gu saibhir  
 As an làimh bu għlan sìneadh.

Gu 'm b' e sgiobair na mar' e,  
 'S a' għaoθ ghreannach a' séideadh.  
 Cha bhiodh mearachd mu 'n stiùireadh  
 'S eithir shiùbhlach gu gleusta  
 Thar nan tonnan a' gluasad.  
 Mar each luath 's e cur réise :  
 Bhiodh e furachail, cinnteach,  
 'S bhiodh gach nì mar a dh' fheumadh.

Bha e measail an Albainn  
 Agus ainmeil an Eirinn,  
 'S e cur casg air luchd-mi-rùn  
 Bha 's an tìr sin ag éiridh.  
 Gu 'm bu għasda 'n ceann-armailt  
 An t-òg meanmnach nach géilleadh,—  
 Dha 'n robh phearsa dheas, dhealbhach,  
 Bhoidheach, chruinne-bħallach, eutrom.

Thigeadh culaidh a' Ghàidheil  
 Air an àrmunn mar eideadh ;  
 Còta goirid de 'n sgàrlaid,  
 Osan geàrr agus féile.

*Is lann*

Lann thana gheur stàilinn  
 Air cùl àlainn a shléisde.—  
 B'e sin coltas an t-saighdeir,  
 'Chuireadh sgaoim fo gach reubal.

*Is*

Ann toiseach an t-sàmhraidh,  
 'S be sin àm na toilinntinn,  
 'Thàinig fios gu 'n do phòs e  
 Ri mnaoi òig, mhaisich, fhìnealt',  
 Nighean fir Chill-a-Mhàrtuinn,  
 Bu cheum àrd e r'a dhìreadh :  
 Thagh e i 's cha bu chall da  
 As an dream a bha fiachail.

CUMH

Aige féin bha bhean uasal,  
 'N uair a bhuannaich e Silis.  
 Tha i suairce na gluasad,  
 Tha i trucant' gun chrìne.  
 Gu 'm b'e 'mi-fhortan cruidh dhi  
 Cho ro-luath 's a chaidh crìoch air.  
 Bho na chailh e 'san anart  
 Thàinig smal air a h-inntinn.

Cha 'n 'eil éibhneas 'an còmhradh,  
 Cha 'n 'eil ceòl ann an teudan,  
 Cha 'n 'eil àilleachd am blàth dhi,  
 'S i gun mhàinran a céile.  
 Gu 'm b'e 'n càs bhi 'ga fhaicinn,  
 'S e gun chlaisteachd gun léirsinn,  
 Air an eislinn na shìneadh  
 Agus cl's aig an eug air.

Bha ' innis an Dhùini.  
 bathar. t-slìghe làithean.

'S ann Sgairinni

FONN :

'S e 'n Fàth Gur t Ga ch An t-ò Bh' ai Tha 'n Ann a

Bho na chaidh e 's an tulaich  
 Dh' fhàg am mulad i claoidhте,  
 'S nach robh aice de 'laithean  
 'Suas air ràidh' agus miosa.—  
 Nam biadh oighre na ionad  
 Bhiodh a chinneadh 's a dhìllsean  
 Taingeil, aighearach, éibhinn;  
 B'e sin sgeul na toilinntinn.

---

### CUMHA DO DH' IAIN CAIMBEUL, AN SGAIRINNIS.

Bha 'n duine òg so na cheannaiche ann an Sgairinnis an Tirithe. Chaidh e le dròbh gu margadh Dhùini. As a sin chaidh e do Ghlaschu a cheannach bathar. Dh' fhás e tinn ann an Grianaig 'se air an t-slighe dhachaidh. Bha e na chorp an ceann tri laithean.

'S ann 's a' bhliadhna 1817 a chaochail Iain òg Sgairinnis.

FONN :—“ *C'arson nach tùisichinn 'sa' champa* ”

'S e 'n sgeul 'thàinig á Grianaig oirnn  
 Fàth m' iargainn 'us mo bhròin;  
 Gur tric a tighinn fo shuim dhomh e  
 Ga chuimhneachadh gach lò.  
 An t-oigeasal uasal siobhalta  
 Bh' air chuairt 's an talamh iosal so  
 Tha 'n diùgh gu ùir a' crionadh  
 Ann an diomhaireachd fo 'n fhòid.

Di-dòmhnaich dh' fhàg e Glaschu  
 Is e 'g astracadh gun leòn ;  
 Bha e gun bhròn, gun airsnealachd,  
 'S e làdir, bras 's gach dòigh.  
 Di-luain ghrad bhual an acaid e,  
 Di-màirt bha 'm bàs an taice ris,  
 Di-ciaclain chaidh a phasgadh  
 'S e gun chlaisteachd air a' bhòrd.

Is ann gun fhios dà chàirdean  
 A bha deuchainn ghàbhaidh 'n òig,  
 Cha robh a h-aon diubh làmh-ris  
 Gus a chàradh mar bu chòir,  
 Bha 'n t-eug a streup gu làdir ris,  
 Bha saighead gheur an sàs aig' ann,  
 'S aig crìch bha thìm 's an fhàsach so  
 Ri ùine ghearr gu leòir.

Is muladach a mhàthair  
 Air a sàrachadh le bròn,  
 Is athair, cha 'n e 's feàrr tha dheth,  
 'S an cràdh an déigh a leòn,  
 A' smaointinn air an àilleagan  
 A dh' imich leis na bàtaichean  
 N uair 'ghluas e roimh Fhéill Màrtuinn  
 As a Ghàidhealtachd le 'dhròbh.

B'e so an geamhradh deurach  
 Thug sgrìob gheur orra bha lom,  
 A h-uile latha 'dh' éireas iad  
 Tha iad neo-éibhinn trom.

'Se  
 Gu  
 G'a  
 Is g  
 'S am  
 A th  
 An c  
 Gun  
 Tha  
 'S am  
 Tha  
 Gach

Gur  
 An de  
 'Bha  
 An ài  
 Bu ch  
 'S a' c  
 Bha b  
 Bu ch

Bidh  
 'S iad  
 Gu 'n  
 A bhi  
 Ged bl  
 Ri cao  
 Gu 'n  
 Bho na

'Se dh' fhàg gun lùths gun léirsinn iad,  
 Gu 'n robh am fear nach tréigeadh iad  
 G'a phasgadh anns na léintean  
 Is gun aon diubh féin air teann.

'S ann fo na bùird 'na shìneadh  
 A tha 'm fear bu shlobholt' cainnt,  
 An cridhe glan bha fìrinneach  
 Gun fhoill, gun ghiamh, gun mheang.  
 Tha 'phàrantan mar dhìlleachdain  
 'S am bròn an déigh an closnachadh  
 Tha 'n deòir a' ruith gu dian fhrasach,  
 Gach là nan cridh' tha toll.

*an*

Gur h-ann ~~air~~ tùs a' gheamhraig  
 An déigh shamhna teann air mìos'  
 'Bha dùil aca 'bhi failteachadh  
 An àilleagain do 'n tìr.  
 Bu chruaidh am fios a ràinig iad  
 'S a' chiste chaoil gu'n d' chàradh e ;  
 Bha bròn an ionad gàirdeachais;  
 Bu chràiteach a bha 'n crìdh.

Bidh cuimhn' ac' air a' bhliadhna so  
 'S iad iargainneach, gun fheum  
 Gu 'n d'fhuair iad mòran riasain  
 A bhi cianail ás a d'fèigh.  
 Ged bhiodh iad òg gu'n liathadh iad  
 Ri caoidh an fhìr a riaraich iad :  
 Gu 'n deach gach cùis bho riaghailt  
 Bho na thriall e gus an fhéill.

Tha 'bhùth an déigh a għlasadh  
 Far 'in br̥ chleachduinn leis a bhi,  
 'S a leabhrainchean an tasgaidh ann  
 Bho lāimh bu għasda 'sgriobh.  
 Bu ġħriun e-féin 'gan ceartachadħ  
 'S bu shiobhalta r'a fhaicinn e :  
 Bu bhidheach cuma pearsa  
 Do'n fhear dħeas bu sgairteil gṅomh.

Bu tħurail, eòlach, tapaidh e,  
 Bu bheachdail air gach nì ;  
 Bu chiallach, fialaidh, faicleach e  
 Le aoidh le 'tlachd 's le sìth  
 Nan deanadh daoine ceartas ris  
 Cha bhiodh e cruaidh nan airc orra  
 Bu mhath do thuath nam bailtean e,  
 Cha 'n fhaict' e 'gan cur sios.

Ach cha 'n 'eil stà bhi cuimhneachadħ  
 'S a' caoidh na thugadh bhuainn ;  
 Cha 'n 'eil neach ārd no iosal ann  
 Nach téid ri tħim do'n uaigh.  
 Dean deas, a Righ nan righrean sinn,  
 Gu dhol a stigh do'n t-siorruidheachd,  
 Air sgħaq na beatha p̄i riseil sin  
 Mar iobairt 'thugadh suas.

---

Do M  
 F  
 Thainig  
 'Mheuda  
 Chuir e  
 'S goirt  
 Bha a cé  
 Air a' cl  
 Ged nac  
 Tha i L  
 A sior-ch  
 Dh' fhalk  
 'S fear n  
 Air a pha  
 'S a làmħ  
 'S fir 'ga  
 Ann an  
 'S i gu te  
 Bha 'n d  
 'Dol 'na l  
 'Chum a  
 'Se an su  
 Gus an ga  
 B'e 'n cea  
 'Għabb a  
 Chaill i 'c  
 Am fear i  
 'S beag a  
 'S i gu br  
 Bho na ch

## C U M H A

Do Mhr. Eamunn Mac-Cuinn, ministear Bharra.

FONN :—“*Gaoir nam ban Muileach,*”

Thàinig sgeula bho Uibhist

‘Mheudaich bròn do h’ean chuibhir,

*cap.*

Chuir e ’sùilean gu snighe,

‘S goirt a ràinig e ’eridhe ;

Bha a céile gun bhruidhinn

Air a’ chàradh na uidhim ;

Ged nach b’ann airson tighinn ’na shláinte.

Tha i muladach deurach

A sior-chumha mu dhéibhinn :

Dh’ fhalbh a h-aighear ’s a h-éibhlneas,

‘S fear na misnich ’s na céille

Air a phasgadh ’s na léintean,

‘S a làmh fhuar aig an eug air,

‘S fir ’ga ghiùlan air spéicean gu ’bhàta.

Ann an ciste chaoil, chuimte,

‘S i gu teann air a dlùthadh

Bha ’n duin’ eireachdail, cliùiteach

‘Dol ’na bhàta gu ’dhùthaich

‘Chum a leigeal ’s an tunga,

‘Se an suain ás nach dùisg e

Gus an gairmear gu cunntas sliochd Adhaimh.

B’e ’n cead muladach cràanail

‘Ghabh a bhean dheth Di-ciadainr.

Chaill i ’companach ciatach,

Am fear fiughantach, fialaidh.

‘S beag an t-ioghnadh i ’liathadh

‘S i gu brònach ’ga iargainn

Bho na chuireadh ’s an lion-eudach bhàis e.

UNIVERSITY LIBRARY

Ann an leaba na h-ùrach  
 Fo na clàir air an dùnadh  
 Dh' fhàg i aobhar a h-ionndrainn,  
 'S i mar luing 'bhiodh gun chùrsa  
 Ruith air cladach gun *chriù oirr*,  
 Gun fhear-eòlais no stiùridh,  
 'Chaill a combaist, a siùil 's a croinn àrda ;

No mar chraoibh air a rùsgadh  
 Bhiodh gun duilleach gun ùbhlann,  
 Ach gu glan air a spùineadh  
 'Us an stoc mar bu dù dha  
 A sior-chrionadh 'sa sùghadh  
 Ann an toiseach na dùbhlachd,  
 'S cha chuir Earrach no Lunasdal blàth oirr'.

'S ann mu thràthaibh na Bealltann,  
 'N uair bha 'n saoghal a' sealltuinn  
 Maiseach, éibhinn neo-flallsail,  
 Fhuair i 'n deuchainn 'bha teamn oirr,  
 A dh' fhàg éisleanach fann i,  
 'Dh' fhàg mar choluinn gun cheann i ;  
 Chaill gach lus agus crann dhi an àilleachd.

Tha i brònach ro-uaigneach,  
 Gun toilinntinn ri uaislean,  
 'S i gun chéile ri 'guallainn.  
 'Stric na deòir air a gruaidhean  
 'Caoidh an fhir nach robh gruamach.—  
 'S goirt an t-saighead a bhual i  
 'N uair a thog iad air għluasad bho thràigh e.

'S ion  
 'Se 'ga  
 'Dhol  
 Be 'n  
 Maigh  
 Cha ro  
 Bho na

Bha e  
 Bha e  
 Bha e f  
 'S gu 'm  
 Nach re  
 Mar is  
 'S e cho  
 aic

Bha e m  
 Bha e cu  
 Gu 'm b  
 Dheanad  
 Ann an  
 Nan do  
 'Bhi ri sg

'S ann a  
 'Dhol a l  
 'Us a liu  
 Mar thea  
 'S iomadh  
 'Thugadh  
 'Se ag inn

'S iomadh sùil a bha galach  
 'Se 'ga ghiùlan aig fearaibh  
 'Dhol 's a' chrùisle am falach.—  
 Be 'n duin' uasal r'a fharraid  
 Maighstir Eamunn á Barra,  
 Cha robh 'leithid ach ainneamh  
 Bho na dh' eug Maighstir Ailean a bhràthair.

Bha e taitneach 'na sheanachas,  
 Bha e measail ro-ainmeil,  
 Bha e foghainteach calma.—  
 'S gu 'm bu sgiobair air fairg e  
 Nach robh gealtach no leanabail  
 Mar is tric rinn e 'dhearbhadh,  
 'S e cho math 's a bha 'n Albainn mar shnàmlaich'.

Bha e misneachail meanmnach,  
 Bha e cumadail 'dealbhach,  
 Gu 'm bu churaidh gun chearb e  
 Dheanadh ceannard air armait,  
 Ann an spionnad 's an anfhadh,  
 Nan do chleachd e'n tùs aimsir  
 'Bhi ri sgathadh 'us marbhadh 's na blàraibh.

'S ann a shocraich e inntinn  
 'Dhol a leughadh a' Bhìobuill  
 'Us a liubhairt na firinn  
 Mar theachdaire cinnteach.— *dheagh.*  
 'S iomadh comhairle dhileas  
 'Thugadh seachad ri thím leis  
 'Se ag innse mu 'n Ti sin 'thug gràdh dhuinn.

'S maith a dh' aithnich e'n saoghal  
 Fhad 's a bha e air faotuinn,  
 Bha e truacanta daonnach,  
 'Dheanamh feum 'bha e saoithreach,  
 Bha e iriosal aoidheil,  
 Aig gach duine bha gaol air  
 Gus na chuireadh 's a' chaol-leaba chlàr e.

Cha 'n 'eil stà dhuinn 'bhi tuireadh  
 'N fhir 'chaidh null air a thuras,  
 Thig am bàs air gach duine,  
 Cha dean fòghlum no urram  
 Neach a theàrnadh bho 'bhuelle,—  
 Guidheam Teàrlach a dh' fhuireach  
 'Thoirt tolinntinn 'na mulad d'a mhàthair ;

'Se bhi cruadalach, fearail,  
 Mar bu dual d'a o sheanair  
 'Choisinn buaidh air na Gallaibh,  
 A thug cùis dhiubh a dh' aindeoin,  
 'S a fhuair cliù do Mhac-Cailean  
 'N uair a thilg e chlach-eallaich :—  
 Chuir e suas air an fhearrann thar chàich i.

Faiceam àrd e an urram  
 Mar 'bha Còirneal na Sgurra  
 'Tha 'n diugh, aobhar mo mhulaid,  
 'Se na shìneadh air uilinn  
 Ann an seòmar nan uinneag,  
 'S ann a dh' fhalbh 'uainn gu buileach,  
 Sliochd Néill Bhàin a' bha curanta dàicheil.

The  
 Isabel  
 sister  
 Scour  
 the ho  
 of Ard

Do

F

'N d  
 No g  
 Laid  
 A ch  
 Shéid  
 'S th  
 Tha '  
 'N dé

'N ua  
 'S gun  
 'S ion  
 Agus  
 Bha e  
 Bha e  
 Bha e  
 Caoim

The Rev. Edmund MacQueen was married to Isabella, daughter of Charles Maclean of Scour; and sister of Gilleaspuig na Scurra. The Macleans of Scour were descended from Neil Bàn the founder of the house of Borreraig, the first branch of the family of Ardgour.

## C U M H A

Do Ghilleasbuig Mac-Gilleain, Fear na Sgurra.

FONN:—“*Ged tha 'Cheapach na fùsach.*”

'N diugh cha chluinnear ceòl-theudan  
No gàire eibhinn 's an Sgùr ;  
Laidh dubh-bhròn air na criochan  
A cheud mhìos de 'n bhliadh'n' ùir.  
Shéid an stoirm de na beannaibh  
'S thuit an darag gun lùb ;  
Tha 'n laoch ainmeil bu tlachdmhoire  
'N déigh a thasgaidh 's an ùir.

'N uair a leagadh 's a chill e,  
'S gun do dhion air ach bùird,  
'S iomadh aon 'bha 'ga acain  
Agus fras air an sùil.  
Bha e measail 's gach àite,  
Bha e àrd ann an cliù ;  
Bha e uasal 'na nàdar,  
Caoimhneil, bàigheil, gun tnù.

Tha na saighdearan calma .  
 'S tric 'bha 'g earbsa na iùl  
 A sior-smaoirtinn mu chaoimhneas  
 'S iad gun aoibhneas, gun sunnd.  
 Tha na bochdan am Muile  
 'S fiamh a' mhulaid 'nan gnùis ;  
 Tha na dìlleachdain duilich  
 'S Fear na Sgurra 's an ùir.

B'e sin curaidh cho ainmeil  
 'S a bha 'n Albainn r'a linn ;  
 'S òg a chaidh e thar fairge  
 'Dheanamh seirbhais do 'n Rìgh  
 Ged-a thill e gun mharbhadh  
 Dh' fhàgadh anmhunn e 's ciaoidh't  
 Le 'bhi daonnan an cunnart  
 'Bualadh bhuillean cho dian.

Ma thig cogadh as ùr oirnn  
 'S gu 'm bi 'n crùn ann an éis,  
 'S mòr an call e do 'n rioghachd  
 Gu 'n do strìochd e do 'n eug.  
 Bha e ceannsgalach, smachdail,  
 Bha e sgairteil gu feum ;  
 Laoch gun tioma, gun athadh,  
 Ursann-chatha nan euch'd.

C' àit' am fac' e air astar  
 Aon da 'm paisgeadh e 'lann ?  
 Co a sheasadh roimh 'n spionnad  
 'Bha na shlinneñ's na làimh ? *a*

F  
C  
T  
B  
  
C  
C  
A  
'S  
A  
Bh  
De  
De

An  
Bh  
Dh  
'N  
Bh  
'S e  
Ce  
An

Chi  
'Cu  
'S ia  
No  
Gus  
'Tig  
'Toi  
Leis

Far am biodh e 's an iomairt  
 Cha 'n e mire 'bhiodh ann ;  
 Thigeadh trom-bhuillean bàsmhor  
 Bho na ghàirdean nach b' fhann.

Cha do dh' ionnsaich e gealtachd,  
 Cha bu chleachdadhl d'a riamh  
 A bhi leughadh a ghioraig,  
 'S e nach tilleadh le fiamh.  
 A dol sios do na bhaiteal  
 Bhiodh a thaice deich ciad  
 De dh' fhir fhoghainteach, ionnsaicht  
 De luchd-dùthcha, 's b' e 'mhiann.

An àm gluasad bho 'n champa  
 Bhiodh iad sanntach gu gniomh ;  
 Dhùisgeadh spiorad na h-Alb' ann'  
 'N uair a sheirmeadh a' phìob  
 Bhiodh an Còirneal air thoiseach  
 'S e 'g am brosnachadh 'sios ;  
 Ceum air adhart a b' ait leis  
 Ann an slachdraich na stri.

Chite deàrsadh an teine  
 'Cur am peileirean cian,  
 'S iad mar chuileanan òga,  
 No mar leòghainn gun bhiadh  
 Gus an cluinneadh iad facal  
 'Tigh'nnu le spraic as a bhial  
 'Toirt dhaibh cead dol a shracadh  
 Leis na glas-lannan giar'.

Mar shruth doirbh leis na beannaibh  
 Do na gleannaibh a sios  
 Bhiodh an réis gu dlùth-chòmhrag,  
 Guineach, mòrail, gun fhiamh.  
 Chìte solus an stàilinn  
 'S iad a sàthadh gu dian ;  
 Bhiodh an nàimhdean air iomain,  
 Gun chead tilleadh, le'n gnìomh.

Cha 'n 'eil bed air a chinneadh,  
 Ged tha iomad fear treun,  
 Leithid Coirneal na Sgurra  
 Ann an cumachd 's am meud ;  
 Bha e àrd ann an spiorad  
 'S ann an spionnad d'a réir ;  
 Beachdail, misneachail, dàn,  
 'Us e 'toirt bàrr ann an céill.

Co ni 'n claidheamh a ghiùlan  
 Leis nach diùltadh e beum,  
 'Thoirt do dh' aon 'thigeadh dlùth air  
 Ann an èuisibh neo-réidh ?  
 Cha bhiodh cruadal air chall air  
 Ann an aimhreit no'n streup  
 Cha do thachair gin thall ris  
 Air 'n do sheall e na dhéigh.

Co a b' urrainn làn-eachdraidh  
 'Thoirt mu thapadh an tréin,  
 Ach na fir a bha còmhl' ris  
 Anns na còmhragan' geur ?

D  
 Na  
 Fe  
 Ai  
 Cha  
 a bran  
 had se  
 fincha  
 Rev A  
 Camp  
 eldest  
 of Mac  
 above  
 Gill  
 man.  
 courag  
 He wa  
 appoin  
 Highla  
 West I  
 the arr  
 married

Do Ch  
 Lat  
 'S m  
 Fhu  
 A c  
 Cliù  
 'Tha  
 B' a  
 'S f

Dh' innseadh iadsan bho 'n eòlas  
 Nach 'eil sgleò ann am sgeul  
 Fear a choltais cha 'n fhac' iad  
 Air an astar gu léir.

Charles Maclean, a son of Maclean of Boreraig, a branch of the Ardgour family, settled in Tiree, and had several sons. Archibald became minister of Kilfinchan in Mull. Donald settled in Kilmoluaig. The Rev Archibald Maclean was married to a daughter of Campbell of Scamadale and had a large family. His eldest son, Charles, was married to Catherine, daughter of Maclean of Muck, and had by her the subject of the above elegy.

Gilleaspuig na Scurra was a mild and benevolent man. He was an officer of the most undaunted courage. He was noted for his immense strength. He was for some time in the 71st regiment. He was appointed Lieutenant Colonel of the 79th or Cameron Highlanders in 1801. He served in America, the West Indies, Holland, and Egypt. He retired from the army in 1807. He died in 1817. He was never married.

---

### M A R B H - R A N N

Do Chòdirneal Iain Camshron an Fhàsaith Fheàrna.

Latha dhomhs' air a' Chorpaich,  
 'S mi ri astar mu 'n cuairt ann,  
 Fhuair mi sealladh de sgrìobhadh  
 A chuir 'm inntinn gu gluasad ;  
 Cliù a' Chòdirneleir phriseil  
 'Tha na shìneadh fo 'n fhuar-lic,  
 B' aobhar uaill e do 'n rioghachd,  
 'S fhad 'bhios cuimhn' air a chruadal.

PRINTED IN U.S.A. BY THE UNIVERSITY LIBRARY

'S iomadh cridhe bha brònach  
 An strath-Lòchaidh 's mu 'n cuairt da  
 'N uair a chàireadh 's a' chill e  
 Anns an tìr blho 'n do għluais e.  
 Ursann-chatha nam baiteal  
 'Fhuair a chleachdadh ri cruadal,  
 Fear na léirsinn 's an àraich  
 Bha fo 'n chlār ann an uaigneas.

Anns na blàir cha do chleachd e  
 A bhi gealtach no luaineach,  
 'S e air ceann nam fear cròdha,  
 Feachd a' Ghòrdanaich uasail.  
 Chìte fonn air ag éiridh  
 'S fuaim nan geur-lann mu 'n cuairt da  
 Fead nam peileirean millteach  
 Bhiodh mar bhinn-cheòl d'a chluasan.

Bha e àrdanach, beachdail,  
 Rioghail, reachdmhor, ro-nheanmnach.  
 'N aghaidh *Ney us fhir bhrasa*  
 Rinn e 'ghaisge a dhearbhadh.  
 Cha do dh' aom 's cha do lùb e,  
 Ged-a bhrùchd air an t-anabarr,  
 Sheas e daingean, mar charraig  
 Roimh thuinn ghreannach na fairge.

Spiorad àrd an fhìor-Ghàidheil  
 Bha 's an àrmunn dheas fhearaile.  
 Thàinig sin air mar dhileib  
 Le còir chinntich gun cheannach.

Mar dhian-theine 'feadh asbhuan  
 Bhiodh e bras anns a' charraig,  
 'S tric a thugadh àrd-chliù dha  
 Leis an Diùchda mhòr, allail.

B'e an laoch e r'a fhaicinn  
 'Dol a ghleachd ris an nàmhaid  
 Air each aigeannach, fiadhaich  
 Roimh dheich ciad de na Gàidheil.—  
 Luchd nam féileachan cuache  
 Bho na fuar-bheannaibh àrda ;  
 Luchd nam brataichean buadh-mhor  
 'S am biodh cluaran an fhàsaich.

'S iad a ghluaiseadh gu h-òrdail  
 'Sios do chòmh-dhail nan sàr laoch ;  
 Bhiodh iad calma mar leòghainn,  
 'S iad làn fhòghluimt' ri làmhach.  
 Anns a' bhìlar bhiodh iad euchdach  
 Leis na geur-lannan sàthach ;      //  
 Bhiodh an nàimh-dean a' tuiteam,  
 Cha bhiodh furtachd o'n bhàs daibh

Ann am Brussels chaideh innseadh  
 Gu 'n robh 'n t-Iompaire mòrail  
 'Tigh'nn air aghaidh le miltean  
 'Chur fo chìs na Roinn-Eòrpa :  
 Leum an gaisgeach 'na éideadh  
 'Chur a threun-laoich an òrdagh,  
 'S anam uile na lasair  
 Gu bhi mach anns a' chòmh-dhail.

'N uair a sgaoil e a shìoda  
 Gu 'dhol sìos mar-a b' àbhaist,  
 'S pìob nam feadannan siùbhlach  
 A' cur sunnd air a' phàirtidh,  
 Chuir e roimhe 'na inntinn  
 Gu 'm biodh sìth ac' an là sin ;  
 'S ged nach fac' e aig crìch i,  
 'S ann na ghnìomh nach robh failinn.

Bha na Frangaich na'n éigin,  
 'S iad a' géilleadh 's gach àite,  
 Bha na Gàidheil le iolach  
 'Dol 'g an iomain o'n àraich,  
 'N uair a thuit e o' dhìollaid,  
 'S a lann liobharra làmh-ris :  
 Bhrùchd a bheatha tròimh 'chreuchdan,  
 Chaidh a reubadh gu gàbhaidh.

Leughaibh eachdraidh nam Breat'nach,  
 Mar a ghleachd iad gun fhàilinn  
 Ann an Eiphit nan carragh,  
 'S thall am fearann nan Spàinneach,  
 'S gus na choisinn iad stòchaint,  
 'N uair a chiosnaich iad *Paris*,  
 'S chi 'ur sùil gur h-i 'n fhìrinn  
 Bha mi 'g innse nam dhàn dhuibh.

---

Mh  
 'N d  
 Siol  
 Fu  
 'S n  
 Chu  
 Cha  
 'S la  
 D'a  
 Ge b  
 Dhù  
 'S bh  
 'S fh  
 'N ua  
 'Suas  
 Cha  
 'S as  
 Faod  
 Gur  
 'N t-  
 Cliùit  
 Na'n  
 Bhiod  
 Fo bh  
 Gàidh  
 'Nis b  
 Reach  
 Mar b  
 'S ma

## DEOCH-SLAINTE

Mhic 'Ic Alastair, Tighearna Ghlinne-Gairidh.

'N deoch s' air slàint' Alastair ghlinnich,  
 Sìol nan connspeunn a bha fuileach,  
 Fuasgailteach, cruadalach, smiorail  
 'S nach gabhadh roimh nàmhaid iomain ;  
 Chuireadh ruaig le buaidh 's a leanadh,  
 Cha b' e dhùthchas ceum an t-slinnein  
 'S lann thana na làimh an tarruing  
 D'a luchd-mi-rùin 'b aobhar gioraig  
 Ge b'e spionadh calg fo mhala,  
 Dhùisgeadh fhearg le meanmn na spiorad  
 'S bhiodh a cheann na dheann ri talamh  
 'S fhuil ga call mar allt a' sileadh.  
 'N uair a chàireas an laoch loinneil  
 'Suas am fraoch 's an t-aodach cuimir,  
 Cha 'n 'eil aogas dha no coimeas ;  
 'S as gach taobh tha 'dhaoine 'tional.  
 Faodaidh mi ghràitinn 's cha bharail,  
 Gur h-e rìgh nan Gàidheal uil'  
 'N t-uasal siobhalt' bho Ghleann-Gairidh,  
 Clùiteach, rioghail, llonte 'dh' urram.  
 Na'n dùisgeadh e'n strì no 'n carraig  
 Bhiodhmaid dileas dha gu h-uile,  
 Fo bhrataichean balla-bhreac soilleir ~~+++~~ *delete*  
 Gàidheal Alba bu shearbh buillean.  
 'Nis bho 'n tha ar ceannard smachdail  
 Reachdmhor, làidir,  
 Mar bu dualchas da bho shinnseadh  
 'S mar a b' abhaist,

Cha 'n 'eil coimeas do Ghleann-Gairidh  
 'S da chuid Ghàidheal,  
 Bho na chaochail Fionn Mac Cumhail,  
 'S a laoich àghmhor.

## O R A N M O L A I D H

Do dh' Alastair Mac-Dhomhnuill, Tighearna  
 Ghlinne-Gairidh.

'S tìm dhomh dùsgadh á suain  
 Agus sealltann mu 'n cuairt.  
 Tha mo dhi-chuimhne buan  
 Air na dhioladh dhomh 'n duais.—  
 'S e laoch cliùiteach nam buadh,  
 Gleanna-Gairidh bho Thuath,  
 Tha 'n diùgh 'g ùrachadh suas càilleachd dhomh.  
 N'am biadh m' inntinn air ghleus  
 Agus m' èdas d'a réir,  
 Ann am briathran deas réidh  
 Bhiodh gu siùblach mo bheul  
 A' seinn cliù an fhir fhéile  
 Dha 'n dùthchas mar bheus  
 A bhi ceannsgalach, treun, tàbhachdach.  
 'S iomadh ni 'tha 'cur tlachd  
 Air an uachdaran ghasd',  
 'S a bheil crualal le smachd  
 'Thoirt gu ùmhachd d'a reachd,  
 Tha e uasal 'na bheachd ;  
 Cha 'n 'eil críneachd air faisg :  
 'S gur-a rioghail am mac Gàidheil e.

An t-ò  
 Cha bu  
 Ge b'e  
 Bhiodh  
 Chuir  
 'S ioma  
 Air an

Gur-a s  
 'S e na  
 Bhiodh  
 Ealamh  
 'S uile  
 Mar ch  
 'S e 'bh

Leis bu  
 Ann an  
 'N uair  
 Bhiodh  
 Bhiodh  
 'S bhiodh  
 'Freagai

'N uair  
 Mu 'thu  
 B'e a sh  
 Long, u  
 Brada/  
 'S an là  
 Leis an

An t-òg uasal gun chearb,  
 Cha bu shùgradh a chalg,  
 Ge b'e 'dhùisgeadh dha fearg  
 Bhiodh a dhànanachd dha searbh ; .  
 Chuirte'e'n cunntas nam marbh,—  
 'S iomadh àit ' s a bheil ainm  
 Air an laoch ghuineach chalm' àrdanach.

Gur-a sunndach a ghleus  
 'S e na dhiollaid le 'shréin,  
 Bhiodh each seang nan dlùth-cheum  
 Ealamh, fuaimear, 'na leum,  
 'S uile neart ann am feum  
 Mar chu luath a' ruith féidh :  
 'S e 'bhi 'buadhach 's an réis 's àbhaist da.

Leis bu mhiann a bhi sealg  
 Ann am frith nan damh dearg,  
 'N uair a chìt' iad air falbh  
 Bhiodh a luaidhe nan calg,  
 Bhiodh a mhial-choin 'nan lorg,  
 'S bhiodh na stùchd-bheannan gorm  
 'Freagairt dlùth dha mar thoirm tairneanaich.

'N uair a chruinnicheadh a dhaoine  
 Mu 'thuimchioll air raon,  
 B'e a shuaicheantas daor  
 Long, us leòghann, us fraoc!,  
 Brada/tarrgheal us craobh,      n /  
 'S an làmh-dhearg nach robh faoin  
 Leis an éireadh na laoich nàmhaideach.

Gur h-e 'n dùthchas bu dual  
 Do cheann-feadhna nam buadh  
 Gun 'bhi gamhl拉斯ach fuar  
 Ach àrd, mòralach, cruaidh,  
 'S a dhol sanntach 's an ruaig :—  
 'S maирg a dhùisgeadh dha gruaim  
 'S dusan mile de shluagh Gàidhealach leis.

B'iad sin gaisgich nan lann  
 Nach biodh gealtach no fann  
 'N uair a chluinneadh iad srann  
 Aig a bhrataich ri crann.  
 Mar ghaoith stoirmel nam beann  
 Bhiodh an gluasad bho 'n champ,  
 'S iad nach tilleadh 'us call làraich air.

Sliochd nan garbh-chrìoch nach géill  
 Tha 'toirt dearbhaидh 's gach streup  
 A bhi 'shiol nam fear treun  
 A bha cliuiteach 's an Fhéinn,  
 Tha iad meanmnach gu feum  
 Mar fheachd leoghann a leum  
 Am measg chaorach air réidh fàsachail.

Ann am blàr Waterloo  
 Chaidh am feuchainn gu'n cùl.  
 'Dol an làthair air thùs  
 Cha robh gealtachd nan gnùis, *s'gàthair*  
 'S sheas iad dileas an grunnd  
 Ann am bràithreachas dlùth ;  
 Na fir-chogaидh nach lùb sàrachadh,

Cha ro  
 'S na h  
 Air an  
 Thugad  
 Chuir i  
 'S ghléi  
 Thug si

Anns a  
 Leis an  
 Bhiodh  
 Mar sho  
 C'ait' an  
 Fear ch  
 'S e air

Boineid  
 Breacan  
 Os cean  
 Nach té  
 Osan ge  
 Air a ch  
 'S sporad

In hi  
 Waterloo  
 particular  
 regiments  
 These are

Cha robh fàilinn r'a chunntas  
 'S na h-àrmuinn nach diùlt  
 Air an cruadal 's an tòrn  
 Thugadh sgeul leis an Diùchd,\*  
 Chuir iad Frangaich an cùil  
 'S ghléidh iad slochaint do 'n chrùn :—  
 Thug sin urram 'us cliù 's cairdeas dhaibh.

Anns a' bhlàr dheante gniomh  
 Leis an treun-laoch gun fhiamh.  
 Bhiodh e colgarra dian  
 Mar shean-tigeir o 'n t-sliabh.—  
 C'ait' am faicear measg chiad  
 Fear cho dìreach, deas, briagh'  
 'S e air éideadh mar thriath Gàidhealach.

Boineid dhùghorm air flialt ;  
 Breacan guaille 's e paisgt'  
 Os ceann féileadh nam pleat  
 Nach téid sios air a bhac :  
 Osan geàrr nam ball-breac  
 Air a chalpannan gasd' ;  
 'S sporan fial as 'm bu phailt pàirteachadh.

---

In his letter giving an account of the battle of Waterloo the Duke of Wellington says :—" I must particularly mention the 28th, 42nd, 76th and 92nd regiments, and the battalion of Hanoverians." These are the only corps he notices by name.

Biodag gheur air a chrios  
 'Dheanadh reubadh 'us sgrios.  
 Claidheamh caol 'n a làimh dheis  
 'Se lan-flòghluimte leis.—  
 Cha bu smaointinn ro-ghlic  
 Dol a chonnsachadh ris  
 Air an lom agus teas àrdain air.

*Copy*

Bidh Clann-Dòmhnuill gu léir,  
 Gineal ~~chuinn~~ nam mor-euchd  
 Mar an triath 'toirt dha géill  
 'S iad am fasgath fo sgéith.—  
 Ann an connsachadh geur,  
 Le luchd-seanachais gu réidh  
 Rinn e 'mach gur e-féin 's àirde dhiubh.

'S ann gu greadhnach 'na chuirt  
 Chluinnteadh fuaim an luchd-ciùil  
 'Cur nan uaislean gu sunnd  
 'S deoch gun truailleadh 's 'na chuirn  
 'Dol mu 'n cuairt aig a bhùird ;  
 Chìteadh fonn air gach gnùis,—  
 Sud an taigh 's am bi mhùirn àbhachdach.

Chít' aig Aonghas air ghleus  
 Mach aig dorus na féile  
 Piob mhòr nan dos réidh,  
 'S 'n uair a thàirneadh e ceum  
 Bhiodh a feadain d'a réir,  
 A guth sgalanta geur  
 'Thogadh inntinn gach treun Gàidhealach.

*treun Gàidhealach*

Bho  
Nan  
Air  
C'ait  
Neach  
Uile-b  
Bidh

Lion  
'S aisig  
Slainte  
Dha 'b  
'S Glea  
Ann cò  
Mac M

'S 'n ua  
Oir is  
Ann an  
Gu 'n r  
Bhios n  
'S e na  
'N Inbh

The M  
Mor Ma  
over the  
Western  
that Son  
Chathach  
reigned a

Bho na dh' fhalbh na fir ghleusda,  
 Nan dàin a thug sgeul,  
 Air na suinn 'bha 's an Fhéinn,  
 C'ait an d' imich e feur  
 Neach a chuireadh an céill  
 Uile-bhuadhan an tréin?—  
 Bidh mi sgur bho na ghéill páirt diubh leam.

Lion gun sòradh a' chuach.  
 'S aisiaig còmhnaid mu 'n cuairt  
 Slàinte Chòirneil a's uaisl'  
 Dha 'bheil Cnòideart an dual  
 'S Gleann-a-Gairidh an t-sluaigh  
 Ann còraichean cruaidh,—  
 Mac Mhic Alastair, buan shlàinte dha.

'S 'n uair a chaoch'leas e féin,—  
 Oir is dù dhuinn gu léir  
 Ann an cursa dol eug,—  
 Gu 'n robh cighre 'na dhéigh  
 Bhios mar cheann air an treud  
 'S e na dhion daibh ri 'm feum,  
 'N Inbher-Ghàiridh gun cheum fàilinneach

The Macdonalds are descended from Somhairle Mor Mac Gille-Bride, a brave warrior who ruled over the greater part of Argyle-shire, and the Western Coast of Inverness-shire. The statement that Somhairle was descended from Conn Ceud-Chathach, a king of Ireland who is said to have reigned about the year 125 is an unfounded fable.

He was slain in battle at Renfrew in the year 1164. His eldest son, Dougall was the progenitor of the Macdougalls of Lorn. His fourth son, Ronald, had a son named Donald, who became a very distinguished person, and from whom the surname of Macdonald was adopted. Donald's grandson, Angus òg, fought under Bruce at the battle of Bannockburn in 1314. Angus òg's successor, John, had four sons :—Ranald, ancestor of the Clan-Ranald; Donald, ancestor of the Macdonalds of Sleat; John Mor, ancestor of the Macdonalds of Islay and of the Earls of Antrim; and Alexander, ancestor of the Macdonnells of Keppoch. Angus òg had an illegitimate son, named John Fraoch, from whom the Macdonalds of Glencoe are descended. Ranald, ancestor of the Clan-Ranald, was succeeded by his eldest son, Allan. His second son whose name was Donald had two sons, and from Alexander, the youngest, the Macdonnells of Glengarry are descended.

### A M M E A L L A D H .

Fhuair mi rann no dhà de'n duanaig so ann an Tireadh 'sa' bhliadhna 1869. Fhuair mi 'chuid eile bho Dhonnachadh Camshron an Caledonia, an Nobha Scotia.

**FONN** :—“ *Hùgaibh air nigh 'n donn nam meall-shùl.*

*L u i n n e a g .*

O, gur mise 'th 'air mo mhealladh,  
 'S fad' o'n dh' fhàg mi gràdh gach caraid,  
 O, gur mise 'th 'air mo mhealladh.

Latha grianach, ciatach, àghmhòr,  
 Chaidh mi mach a ghabhail sràide  
 'Dh 'faotuinn seallaiddh air an àite,—  
 Tìr nan craobhan àrd, 's nan gleannan.  
 Cha b' fhada 'chaidh mi air m' eòlas  
 'N uair a thachair duine còir rium,  
 A thuirt rium, a fheasgaich òig  
 Dean suidhe còmhl' rium us leig d'anail.  
 Thuirt e rium us fiambh a ghàir' air  
 C' uin a thàinig thu do 'n àite ?  
 Am buin thu 'chuideachd a' Mhàidseir  
 A thàinig Di-màirt do 'n chala ?  
 Thug e leis gu culthaobb fàil \* mi  
 'Shealltuinn coille nach robh geàrrta :  
 'S mise 'm fear nach dean a h-àiteach,  
 Cha tugadh an Fhéinn aisd' aran.  
 A cheud Di-dòmhnaich a b' fhaisge  
 Cnàidh mi do 'n t-searmou g'am faicinn :—  
 Bha na modcaisean gu paitt ann ;  
 Brògan cairte bha glé ainneamh.  
 Na mo chrìdh' thuirt mi gu cianail  
 'S bochd gu 'n d' fhàg mi tìr na ciatachd  
 'Thigh'nn a thàmh do 'n àird an Iar so,  
 Ged bu mhiadhail mi air fearann.  
 'S ann shaoil leamsa leis a' ghòraich'  
 'N uair a dh' fhalbh mi leis a' Chòirneal,  
 A bhi ann am spuir 's am bhòtuinn  
 'Trusadh òir air bhàrr gach meangain.

---

\* Fàl, a hedge.

Fhuair mi mach nach 'eil na cluaintean  
 Tha fad' ás cho gorm 's a chualas.—  
 'Saoil sibh féin nach cùis ro-chruaidh  
 'Bhi call nan cluas le fuachd an Earraich !

## A' CHOILLE GHRUAMACH.

## ORAN DO DH' AMERICA.

Cha robh am Bàrd ach air ùr thighinn do'n dùth-aich 'n uair a rinn e'n t-òran so. [T]ha soilleir nach robh e ro-thoilichte 'na inntinn Tha e na òran cho firinneach 's a rinneadh riamh. Bha a' cheud fheabhairinn a thàinig do'n dùthraig so glé bhochd na'n crannchur, gidheadh bu mhath dhaibh féin agus gu sònraichte dha'n sliochd gu'n tàinig iad. 'S math 'tha sluagh na tire so dheth seach muinntir] na Gàidhealtachd.

FONN :—“ *Coire Cheathaich.*”

Gu bheil mi 'm ònrachd 's a' choille ghruamaich,  
 Mo smaointinn luaineach, cha tog mi fonn :  
 Fhuair mi 'n t-àite so'n aghaidh nàdair  
 Gu'n thréig gach tálanta 'bha nam cheann :  
 Cha dean mi òran a chur air dòigh ann,  
 'N uair 'ni mi tòiseachadh bidh mi trom :  
 Chaill mi 'Ghàidhlig seach mar-a b' àbhaist dhomh  
 'N uair a bha mi 's an dùthraig thall  
 Cha'n fhaigh mi m' inntinn leam ann an òrdagh,  
 Ged bha mi eòlach air deanamh rann ;  
 'S e 'mheudaich bròn dhomh 's a lughdaich sòlas  
 Gun duine còmhl' rium a ni rium cainnt.

Gach  
 Gu  
 An  
 Ged

Cha  
 'S an  
 Am  
 Gu 'n  
 Mu 'n  
 'S a  
 Le ne  
 Is tre

'Si so  
 Gun f  
 Gur h  
 A rin  
 Ma ni  
 Cha de  
 'S gach  
 Bho 'n

Bidh g  
 Bidh c  
 Bidh i  
 Gu son  
 Gach n  
 sa  
 Feuch  
 Ma thi  
 Cha'n

Gach latha 's oidhche 's gach car a ni mi  
 Gu 'm bi mi cuimhneachadh anns gach àm  
 An tìr a dh' fhàg mi tha 'n taic an t-sàile,  
 Ged tha mi 'n dràst ann am braighe ghleann.

Cha 'n ioghnadh dhomhsa ged 'tha mi brònach,  
 'S ann tha mo chòmhnuidh air cùl nam beann,  
 Am meadhon fàsaich air Abhainn Bhàrnaidh  
 Gu 'n dad a's feàrr na buntàta lom.  
 Mu 'n dean mi àiteach 's mu 'n tog mi bàrr ann  
 'S a' choille ghàbhaidh 'chur ás a bonn  
 Le neart mo ghàirdein, gu 'm bi mi sàraichte  
 Is treis air fàilinn mu 'm fàs a' chlann.

'Si so an dùthraigheach 's a bheil an cruadal  
 Gun fhios do 'n t-sluagh a tha tigh 'nn a nall,  
 Gur h-olc a fhuaras oirnn luchd a bhuaireadh  
 A rinn le 'n tuairisgeul ar toirt ann.  
 Ma ni iad buannachd cha mhair i buan dhaibh,  
 Cha dean i suas iad 's cha 'n ioghnadh leam,  
 'S gach mallachd truaghain a bhios 'g an ruagadh  
 Bho 'n chaidh am fuadach a chur fo 'n ceann.

Bidh gealladh làidir 'ga thoirt an tràth sin,  
 Bidh cliù an àite 'g a chur am meud ;  
 Bidh iad a gràitinn gu bheil 'ur càirdean  
 Gu sona saibhir gun dad a dh' eis :  
 Gach naigheachd mhéallta 'g a toirt gu 'r n-ionnsaidh-se  
 Feuch an sanntaich sibh dol nan déigh ;  
 Ma thig sibh sàbhailt 'n uair 'chi sibh iadsan  
 Cha 'n fheàrr na stàtachan na sibh féin.

'N uair théid na dròbhairean 'sin 'gur n-iarraidh,  
 'S ann leis na briagan a ni iad feum,  
 Gun fhacal firinn a bhi 'g a innse  
 'S an cridhe 'dileadh na their am beul :  
 Ri cur am fiachaibh gu bheil 's an tìr so  
 Gach ni a's prìseile tha fo'n ghréin :  
 'N uair thig sibh innse gur beag a chi sibh  
 Ach coille dhìreach 'toirt dhibh an speur.

'N uair thig an geomhradh is àm na dùblachd  
 Bidh sneachda 'dlùthadh ri cùl nan geug,  
 'S gu domhain dùmhail dol thar na glùine,  
 'S ge maith an triùbhsair cha dean i feum,  
 Gun stocain dhùbhailt' 's a' mhocais chlùdaich  
 'Bhios air a dùnadh gu dlùth le éill ;  
 B'e 'm fasan ùr dhuinn a cosg le fionntach  
 Mar chaidh a rùsgadh de 'n bhrùid an dé.

Mur bi mi eòlach airson ino chòmhdaich  
 Gu 'm faigh mi reòta mo shròn 's mo bheul ;  
 Le gaoth a tuath a bhios neamhail fuaraidh  
 Gu 'm bi mo chluasan an cunnart geur.  
 Tha 'n reothadh fuath'sach, cha seas an tuagh ris,  
 Gu 'm mill e chruidh ged a bha i geur ;  
 Mur toir mi blàths d'i gu 'm brist an stàilinn,  
 'S gun dol do 'n cheàrdaich cha gheàrr i beum.

'N uair thig an sàmhradh 's a miosa céitein |  
 Bidh teas na gréine 'g am fhàgail fann ;  
 Gu 'n cuir i spéirid 's a h-uile creutair  
 A bhios fo éislean air feadh nan toll :

Ph = f chubh le mittan in Gaelic  
with f, as *Filib*, *Flaro* &c -

Na mathain bhéisteil gu 'n dean iad éiridh  
'Dhol feadh an treud 's gur-a mòr an call ;  
'S a' chuileag inneach gu socach, puinsionta'  
'Gam lot gu lìonmhor le roinn a lainn.

Gu 'n dean i m' aodann gu h-olc a chaobadh,  
Cha 'n fhaic mi 'n saoghal 's ann 'bhios mi dall ;  
Gu 'n at mo shùilean le neart a cunngaidh,  
Ro-ghuineach druidteach tha sùgh a teang',  
Cha 'n fhaigh mi àireamh dhuibh ann an dànochd  
Gach beathach gràineil a thogas ceann, *Flaro*.  
'S cho liugha plàigh aran 's a bh' air rìgh *Pharaoh*  
Airson nan tràillean 'n uair 'bhàth e'n camp'.

Gur h-iomadh caochladh 'tigh 'nn air an t-saoghal  
'S ro-bheag a shaoil mi 'n uair bha mi thall ;  
Bu bheachd dhomh 'n uair sin mu 'n d'rinn mi  
gluasad

Gu 'm fasainn uasal 'n uair 'thiginn ann.  
An car a fhuair mi cha b' ann gu m' bhuanachd,  
Tigh 'nn thar a' chuain air a' chuairt bha meallt'  
Gu tir nan craobh anns nach 'eil an t-saorsainn  
Gun mhart gun chaora 's mi dh' aodach gann.

Gur h-iomadh ceum anns am bi mi 'n déis làimh  
Mu 'n dean mi saibhir mo theachd-an-tir ;  
Bidh m' obair éigneach mu 'n toir mi feum aisd'  
'S mu 'n dean mi réiteach airson a' chroinn :  
Cur sgonn nan teintean air muin a chéile  
Gu 'n d' lasaich féithean a bha nam dhruim,  
'S a h-uile ball diom cho dubh a sealltainn,  
Bidh mi 'gam shamhlachadh ris an t-suip

Ge mòr an seanachas a bh' aca 'n Albainn  
 Tha 'chuis a dearbhadh nach robh e fior :  
 Na dollair ghorma cha 'n fhaic mi falbh iad  
 Ged bha iad ainmeil a bhi 's an tir.  
 Ma nìtear bargain cha 'n fhaighear airgiod,  
 Ged 's éigin ainmleachadh anns a' phris,  
 Ma gheibhean cùnnradh air feadh nam bùithean  
 Gu 'm páighear null e le flùr no im.

Cha 'n fhaic mi margadh no latha féille  
 No iomainn feudalach ann an dròbh,  
 No nì 'ni feum dhuinn a measg a chéile,  
 Tha 'n sluagh nan éigin 's a h-uile dòigh,  
 Cha chulaidh fhamraig iad leis an ainbhfhiach  
 A reic na shealbhaicheas iad an còir ;  
 Bidh fear nam fiachan is cromadh cinn air  
 'Ga chur do 'n phriosan mur diol e'n stòr.

Mu 'n tig na cùisean á taigh na cùrtach  
 Gu 'n téid an dùblachadh aig a' mhòd,  
 Tha 'n lagh a giùlan o làimh na *jury*  
 Gu 'n téid a spùinneadh 's nach fiù e'n còrr,  
 Bidh earraid siùbhlach air feadh na dùthcha  
 'G an ruith le cunntasaibh air an tòir ;  
 Gur mòr mo chùram gu 'n tig e 'm ionnsaidh,  
 Cha ghabh e diúltadh 's bidh diùbhail oirnn.

Cha 'n fhaigh mi innse dhuibh anns an dàn so  
 Cha dean mo nàdar a chur air dòigh  
 Gach fios a b' àill leam 'thoirt do na càirdean  
 'S an tir a dh' fhàg mi 'rinn m' àrach òg.

People à sin fìng this song say 'o a  
chville chruinn, but the poet who  
was a good Gaelic Scholar lies in  
his bed. CLARSACH NA COILLE 103

### Gà Chville chruinn,

Gach aon a leughas e tuigibh reusan  
'S na tugaibh éisdeachd do luchd a' bhòsd,  
Na faidhean bréige a bhios 'gur teumadh,  
Gun aca 'spéis dhibh ach déigh 'ur n-òir.

Ged bhithinn dichiollach ann an sgrìobhadh  
Gu'n gabhainn miosa ris agus còrr  
Mu'n cuirinn crìoch air na bheil air m' inntinn  
'S mu'n tugainn dhuibh e le cainnt mo bheòil.

Tha mulad diomhair an déigh mo lionadh  
Bho'n's eigin strìochdadhdh an so ri m' bheò,  
Air bheag thoilinntinn 's a' choille chruinn so m.  
Gun duine faighneachd an seinn mi ceòl.

Cha b'e sin m' àbhaist an tùs mo làithean  
'S ann bhithinn ràbhartach aig gach bòrd,  
Gu cridheil sunndach an comunn cùirteil  
A ruith ar n-ùine gun chùram oirnn,  
'N uair thug mi cùl ruibh bha mi 'gur n-ionnn-  
drainn

Gu'n shil mo shùilean gu dlùth le déoir,  
Air moch Diar-daoin a dol seach an caolas  
'S an long fo h-aodach 's a' ghaoth o'n chòrs'.

---

### SEANN ALBAINN AGUS ALBAINN UR.

Còmhradh eadar am Bàrd agus an Còirneal  
Friseal.

FONN.—“Miosa deireannach an Fhoghair.”

A M B A R D .

'S mòr mo mhulad 's cha lugh' m' eislean,  
Cha'n'eil eibhneas a tigh'nn dlùth dhomh;  
Bho'n a thàinig mi do'n tir so  
Gu bheil m' inntinn air a mùchadh;

*in the Crofters wood*

Chaill mi mo shugradh 's mo sheanachas  
 Bho 'n a dh' fhalbh mi as mo dhùthraig :—  
 Toiseach a cheud mhios' de'n Fhoghar  
 Sheòl sinn air adhart 'n ar cùrsa.

Gur-a diombach mi de 'n Chòirneal  
 'Rinn mo threòrachadh do 'n dùthraig s'  
 Le mòran brosgail is bòilich  
 'S e 'cur sgleò dheth gu luath-shiùbhlach,  
 'G innse dhuinn gu 'n robh ar càirdean  
 Innt' na b' fheàrr na bh' air a chunntas,  
 'S nach biodh uireasbhuidh gu bràth oirnn  
 Nan tigeamaid sàbhaitt aon uair.

Gu 'n do dh' aithnich mi o'n uair sin  
 Gu 'm bu chruadalach a chùis dhomh  
 Teannadh ri réiteach na coille  
 'S gun mi goireasach g'a ionnsaidh.  
 'M fear nach dean obair le tuaigh  
 Is nach urrainn an uaisle 'ghiùlan  
 B' fheàrr dha fuireach ann an Albainn;  
 'S gun an fhairge gharbh a stiùireadh.

#### A.N COIRNEAL.

Ged tha uireasbhuidh an dràst ort  
 Gheibh thu ceann an àird ri tìni air,  
 'N uair a bhios an crodh 's na caoraich  
 Air na raointeán dhuit a cinntinn ;  
 Bidh tu pait am biadh 's an aodach,  
 'S théid leagadh nan craobh air dìochuimhn' ;  
 Bidh tu sona, saibhir, socrach,  
 Cha 'bhi bhochduinn 'cur ort ml-ghean.

## AM BARD.

Chuala mi an tùs, mo làithean  
 Sean-fhacal tha làn de fhìrinn :—  
 'Chaora bhios 'dol bàs le gorta  
 'Réir gach coltais ni i crìonadh  
 Mu 'n tig am feur ùr 's an t-sàmhradh ;  
 Cuiridh an geomhradh gu crìch i :—  
 'S ann mar sin a dh' éireas dhomhsa,—  
 Na bi 'cur do sgleò dhomh 'm fiachaibh.

*dh - fhirinn*

## AN COIRNEAL.

Cha sgleò a th' agam ga sheanachas  
 Ach cùis a dhearbas mi fior dhuit ;  
 Na fir a chi thu 's an àite  
 B' aithne dhaibh do chàs 'n uair shìn iad.  
 'N uair a réitich iad a'm fearann  
 Thug iad aire dha le crìonnachd ;  
 Rinn iad beairteas air a thàileamh  
 Ged-a thàinig iad 's e dhith orr'.

## AM BARD.

Cha 'n 'eil ach beagan diubh beairteach  
 Ged tha pailteas diubh fo fhiachan ;  
 Tha bhochduinn an déigh an leònadh,  
 'S tric iad fo chòmhlaidh a' phriosain.  
 Bidh am siorram air an tòrachd,  
 'S 'n uair a ni e'm pòca 'sgriobadh,  
 Bheir e leis an cuid mar dhrobhair,  
 'S cha 'n fheòraich e ciod is pris dhaibh.

UNIVERSITY LIBRARY

## AN COIRNEAL.

Tha cuid dhiu mar tha thu 'gràitinn,  
 Cha'n fhaod mi àicheadh nach fior e ;  
 Daoine 'bha tuilleadh a's spòrsail  
 'S a bha mòr-chuiseach nan inntinn,  
 'Thuit gun fhios dhaibh ann an ainbhfhiach,  
 'S cha'n 'eil e cho soirbh dhaibh dìrcadh  
 Bho na dh' atharraich an saoghal  
 'S thàinig caochladh air na prìsean.

## AM BARD.

'S mòr a dh' atharraich an saoghal,  
 'S mise 'dh 'fhaodadh sinn a ràitinn ;  
 Thug e car dhomh nach do shaoil mi :  
 Chuir e 'n aois mi na bu tràithe  
 Tigh'nn do 'n choille fad o dhaoinibh  
 'Leagadh nan craobh as an làraich,  
 Ged a fhuair mi fearann saor  
 Is goirt a shaoithreachadh gu àiteach.

## AN COIRNEAL.

Cha chunnt mi gur obair chruaidh e  
 'S nach bi uachdaran gu bràth ort  
 A mhaoidheas do chur air fògradh  
 Mur-a dean thu 'n còrr 'thoirt dhasan :  
 Cha bhi 'n comas neach do dhaoradh,  
 Cha'n fhaic thu 'm maor leis a' bhàirlinn,—  
 Gu de 'nis a bhiodh tu 'g ionndrainn  
 Bho 'n thàinig thu 'n dùthaich àghmhoir.

'S io  
 Nach  
 'N a  
 Far a  
 Ghei  
 Bha  
 B'fhe  
 'S na

Ged b  
 'S e-bl  
 An lu  
 Cha'n  
 'S slea  
 Dh'fhe  
 Nan tu  
 Rachad

'S ioma  
 Tha gle  
 'S iad i  
 Le 'n cu  
 'N uair  
 Gheibh i  
 'S nam f  
 Chunnta

## AM BARD.

'S iomadh rud a tha mi 'g ionndrainn  
 Nach dean 's an àm so bonn stàth' dhomh  
 'N am bithinn ann an tìr mo dhùthchais,  
 Far an robh mi 'n tus mo làithean,  
 Gheibhinn meas am·measg nan uaislean,  
 Bha mu 'n cuairt dhomh 'n Earraghàidheal.—  
 B'fheàrr gu'n d' fhuirich mi ri m' bheò innt,  
 'S nach tainig mi chòmhnaidh 'n bhràighe s'.

## AN COIRNEAL.

Ged bu mhath 'bhi 'measg nan uaislean,  
 'S e-bhi fada bhuath' is feàrr dhuit ;  
 An luchd muinntir 'tha nan seirbhis,  
 Cha'n àird 'an ainm no na tràillean.  
 'S sleamhainn an leachd aig an dorsaibh  
 Dh'fheumadh tu 'coiseachd gu fàilidh ;  
 Nan tuiteadh tu uair gun fhios dhuit,  
 Rachadh bristeadh air a' chàirdeas.

## AM BARD.

'S iomad fear stòrasach, stochdail,  
 Tha gle-shocrach a toirt mài daibh ;  
 'S iad inntinneach fad' an t-samhraidh  
 Le 'n cuid anns na gleanntan fàsaich.  
 'N uair a théid iad 'dh ionnsaidh 'mhargaidh,  
 Gheibh iad airgiod 's cha bhi dàil ann ;  
 'S nam faiceadh tus' iad air tilleadh  
 Chunntadh iad gini ri d'fhàirdein.

## AN COIRNEAL.

Ged tha toileachadh 's na glinn sin,  
 Tha cuspunn an rìgh r'a phàigheadh :  
 Cha 'n fhaod iad iasg thoirt a linne  
 No fiadh o'n fhireach a's airde.  
 Ma mharbbas iad eun 's an doire  
 Théid an coireachadh mar mheirlich,  
 Is tairnear a staigh gu binn iad,  
 Théid an dìteadh 's cuirear càin orr'.

## AM BARD.

'S furasda dhaibh sir a phàigheadh,  
 Seach mar 'tha mi 's an tìr so ;  
 Cia liuth' latha bho Ó Neill-Màrtuinn  
 'Fhuair mi sàrachadh is mi-mhodh !  
 Gur tric a' chuing air mo mhuiineal  
 'Tarruinn a' chonnaidh le dìchioll,  
 'S a sneachda dhomh mu na cruachain,  
 'S cuid de dh'uairean bidh mi 'n iosal.

## AN COIRNEAL.

Tog do mhisneach 's na biodh bròn ort,  
 Ged tha sin an còmhnaidh sgìth leat,  
 Bidh tu fhathast, ma 's a beò thu,  
 Cho dòigheil 's is math le d' inntinn.  
 Gu de dh' iarradh tu ach fhaotuinn,  
 Fearann saor is còir bho 'n rìgh air,  
 'Bhios an déigh do bhàis mar oighreachd  
 Aig do chloinn ma bhios iad crìonnta.

'N ua  
 Bidh  
 'S tri  
 'Cur n  
 Gur c  
 Ri fea  
 Bidh  
 'Tha a

Ged-a  
 'S a bh  
 Cha 'n  
 A tigh  
 Tha e g  
 Tír an  
 'S ioma  
 Bha na

Cia man  
 'S gun n  
 Bho na  
 Bidh a'  
 Ag éirid  
 Gu 'm b  
 'S gaoth  
 Mar-a b

## AM BARD.

'N uair a chunntas mi mo shaothair,  
 Bidh e ni 's daoire na fhiach domh,  
 'S tric nam fhallas mi 'ga réiteach,  
 'Cur mhaidean r'a chéil' nan teintean,  
 Gur coltaiche mi 's an uair sin  
 Ri fear á toll-guail a dìreadh ;  
 Bidh mi cho dubh ris na tràillean  
 'Tha aig stàtachan nan Innsean.

## AN COIRNEAL.

Ged-a shiùbhladh tu 'n Roinn-Eòrpa  
 'S a bhi fedraich anns gach rìoghachd  
 Cha 'n fhaiceadh tu fear gun stòras  
 A tigh'nn beò innt' le 'bhi diomhain,  
 Tha e gòrach dhuit bhi càineadh  
 Tir an àigh so is ga dìteadh ;  
 'S iomadh aon dha'n d'rinn i fuasgladh  
 Bha na thruaghan a tigh'nn innte.

## AM BARD.

Cia mar 'dh' fhaodas mi a moladh  
 'S gun mi toilicht' ann am inntinn,  
 Bho na thig toiseach na dùlachd  
 Bidh a' chùis na h-aobhar claoih dhomh.  
 Ag éiridh 's na mad'nean reòta  
 Gu 'm bi crith air m' fheòil 's air m'fhiacan.  
 'S gaoth a tuath le fuachd gam leònadh  
 Mar-a bi mo chòmhdaich cinnteach.

## AN COIRNEAL.

Airson toileachadh do nàdair  
 Cha 'n 'eil stàth dhuit a bhi 'strìth ris;  
 Sin an ceum nach téid thu dh' àicheadh,  
 Bho na dh'fhàilinnich ar sinnsreadh.  
 Ged-a bha pailteas aig Adhamh,  
 Bha craobh 's a' ghàradh a dhìth air ;  
 Dh'fhàg am meas fo iochd a' bhàis e,  
 'N uair a ghabh e páirt o'n mhnaoi dheth.

## AM BARD.

'S e ni mi tuilleadh mar roghainn  
 Gun chur ad aghaidh na 's díne,  
 Tha an duine ag iarraidh àilgeis  
 Eadar e 'bhi àrd is iosal :  
 Cluinnidh mi gearann o'n Diùca  
 Cho math riusan 'tha toirt cìs' dha,  
 'S o'n bhaigeir 'tha cosg na lùirich  
 'S lho 'n fhear a tha crùn an rìgh air.  
 Cha lean mi na's fhaide 'n seanachas  
 Mu 'n cinn iad searbh dheth le chluinntinn  
 Mu 'm faigh iad coire do m' Ghàidhlig,  
 Cha bhi mi 'graitinn no 'g innse.  
 Olc air mhath 's mar bhios mo chàradh  
 'S an àite so, 's éigin striochdad.  
 Soraidh bhuam gu tìr nan Gàidheal  
 Nach leig mi gu bràth air diochuimhn.

The above poem was composed after the poet had come to be somewhat satisfied with this country. It does not contain a word of exaggeration. The first settlers in Nova Scotia endured much hardship.

Sir  
some  
Fraser  
engag  
It wa

Do  
Ghlini

FON

Ged is  
An A  
Chuir  
M' inn  
'S ioma  
Feadh  
Gu 'n r

Dh' fha  
An sàr  
'Bha ma  
N'am bi  
'S goirt  
Thàinig  
Bho 'n l

Simon Fraser, sometimes called Major Fraser and sometimes Colonel Fraser was a son of Captain John Fraser of the 82nd regiment. He was for sometime engaged in bringing out passengers to this country. It was with him the poet came.

---

## O R A N

Do dh' Alastair Mac-Dhòmhnuill, Tighearna  
Ghlinne-Garaidh, an déigh a bhàis.

FONN.—“*Oidhche dhomh 's an taigh-dhibhe.*”

Ged is fada air chuairt mi,  
An America Thuathaich  
Chuir an naigheachd a fhuair mi  
M' inntinn uile gu gluasad.—  
'S iomadh aon tha fo ghruaman  
Feadh gach dùthcha 's an eualas  
Gu 'n robh 'n t-Alastair uasal gun deò.

Dh' fhalbh an Gàidheal bu ghloinne,  
An sàr-Dhòmhnullach loinneil,  
'Bha mar leòghann an coille  
N'am biodh fòirneart dha goirid.—  
'S goirt tha gàir do chuid cloinne.  
Thàinig cràdh orr, tha soilleir  
Bho 'n là 'smàladh an coinneal le bròn.

Tha do chéile fo mhulad,  
 'S trom a creuchdadh o'n bhuiile  
 'Chuir thu 'd' shineadh air d' uilinn :  
 Tha i éisleineach duilich  
 'S tric gu deurach i 'tuireadh  
 Bho'n là chàirich i 'n ulaidh  
 An Cill-Ionain 's an tullaich fo 'n fhòid,

Tha do dhaoine gu tùrsach  
 Bho'n là 'dh' fhalaich an ùir thu :  
 Chaill iad taice ri 'n cùlthaobh,  
 Laoch gun athadh gun chùram ;  
 Cha bu ghealtair e 'lùbadh ;  
 Ceannard feachda nach diùltadh  
 Eiridh smachdail air thùs a chuid slòigh.

B'e do shuaicheantas taitneach  
 Mathain fhiadhaich a chasgraiddh,  
 Saighead chinnteach nan achlais,  
 Iolair inneach an astair,  
 Fitheach fior-dhubh na h-ealtainn  
 Air creig dhionaich do chaisteil ;  
 An àm gluasaid fo bhrataich le d' sheòid

Leat a dh' éireadh na fearaibh  
 A bhiodh treun anns a' charraid  
 Bho dha thaobh uisge Gharaidh  
 'Us bho Chnòideart a' bharraich ;  
 Bha do chòir air na fearainn ;  
 B'e do staoileadh an Gleannach :  
 'S aig seachd-deug gu 'n robh ceannas de'n t-seòrs'.

Bu t  
 Gur-  
 A bl  
 Bho  
 'S an  
 Cha l  
 'S an

Tha C  
 Air a  
 Chaid  
 Chaill  
 Thuit  
 Bu m  
 Gu 'm

Gàidh  
 Buille  
 Bhiodh  
 Air do  
 Fear d  
 Tigh'n  
 Mur le

Ma tha  
 Thall n  
 Aobhan  
 'S cha  
 Ach a  
 'Chaidh  
 Ann an

Bu tu 'n Garranach priseil :—  
 Gur-a h-iomadh fuil rioghail  
 A bha d' chuislean a sioladh.  
 Bho Iarl' Rois agus Ile  
 'S ann a fhriamhaich do shinnseabhb :  
 Cha b' i choille 'n robh 'n crionach  
 'S an d'rinn Alastair cinntinn an tòs.

Tha Clann-Dòmhnuill nam buillean  
 Air an lionadh le mulad ;  
 Chaidh an leònadh o'n uiridh,  
 Chaill iad ledghunn nan curaiddh ;  
 Thuit am fiubhaidh deas, cuimir,  
 Bu mhòr fòghlum 'us urram :  
 Gu 'm b' e bheus a bhi duineil 's bu chòir.

Gàidheil Alba fhuair uile  
 Buille 'tha cràiteach r'a fhulang :  
 Bhiodh tu daimhen 'g an cuireadh  
 Air do shràidean le furan :  
 Fear do nàdair cha 'n urrainn  
 Tigh'nn 'na d' àite dhaibh tuilleadh  
 Mur lean Aonghas na chunnaic e 'd' sheòl.

Ma tha bàird no luchd-facail  
 Thall nam measg mar a chleachd iad  
 Aobhar dùsgaiddh tha aca,  
 'S cha 'n ann sunndach le aiteas  
 Ach a chaoidh an t-sàr ghaisgich  
 'Chaidh a dhùnadh an tasgaiddh  
 Ann an caol-chiste ghlaiste nam bòrd.

Tha mi cinnteach 's cha bharail  
 Ma tha beò ann an Ailean \*  
 Gur h-e 'm bròn a th' air aire ;  
 Chaidh an ceòl as a charaibh,  
 Dh' fhalbh a shòlas ri mhaireann ;  
 Cha 'n 'eil sunnd air gu ealaidh  
 Bho na chaochail Gleann-Garaidh nan sròl.  
 Thuit gu lär an crann mullaich,  
 Craobh a b' àluinne duilleach ;  
 Fear neo-sgàthach 's a chunnart  
 'Sheasadh dàn anns gach cumasg ;  
 Bha thu làdir mar churaidh  
 'Chur na stàilinn gu 'fulang :  
 Bu tu 'n t-àrmunn d'am buineadh 'bhi mòr.  
 'S aobhar acain do cheudan  
 Gu 'n do bhuannaich an t-eug  
 An t-uasal Garanach euchdach  
 Dha 'n robh misneach nach tréigeadh,  
 'S a bha measail d'a réir sin.—  
 Cha b'e fasan luchd-Beurla  
 'Chuir thu 'n cleachdad bho 'n dh'éirich thu òg.  
 Fhuair thu 'mach a Dun-éideann  
 Do na Gàidheil 'bha 'n déigh air  
 Cluich na plob' air an réidlilean  
 'Bhi nan dùthchannan féin ac'  
 'S iad a feuchainn a chéile ;  
 'S ge b'e 'bhuidhneadh 's an deuchainn  
 Bheirte 'dhuais dha gun éis le làn-chòir.

---

\* Ailean Dall. Rinn Ailean marbhrrann do Mhac  
'Ic Alastair. Chaochail e mu bhliadhna gu leth 'na  
dhéigh.

Cha  
 An  
 Bha  
 Do  
 Bha  
 Air  
 'S tu  
 B' fh  
 Osan  
 Còt'  
 Sin a  
 Ghab  
 Bu tu  
 'S cla  
 Paidk  
 'S gu  
 Bioda  
 Ann  
 Spora  
 Bu tu  
 'S tri  
 Bu tu  
 Sunnd  
 Air ea  
 Siùbhl  
 Co a c  
 'S tu f  
 Bha th

Cha do dh' fhàg thu fear d' fhasain  
 Ann an Albainn no 'n Sasunn,  
 Bha thu d' Ghàidheal fior-reachdmhor;  
 Do chainnt. dhùthchasach chleachd thu  
 Bha i agad gun mheasgadh ;  
 Air ceann dhaoine cha 'n fhaicht' thu,  
 'S tu a giùlan na casaig' no 'n cleòc.

B' fheàrr leat féileadh de 'n bhreacan  
 Osan geàrr agus gartan,  
 Còt' air fhiaradh de 'n tartan :  
 Sin an còmhach a chleachd thu  
 Ghabh thu mòran de thlachd ann.—  
 Bu tu aogasg a' ghaisgich  
 'S claidheamh caol a' chinn-aisнич a'd' dhòrn.

Paidhear dhagachan gleusta ort  
 'S gu 'm bu ghasd thu gu feum leo ;  
 Biodag ghuineach gu reubadh  
 Anns an làimh a bha treubhach ;  
 Sporan iallach gun eur' \* ort ;  
 Bu tu eridhe na feile  
 'S tric a riaraich na feumaich le d' òr.

Bu tu marcaich' na réise,  
 Sunndach, aigeannach, eutrom  
 Air each cruitheach a leumadh  
 Siùblach, astarach, gleusta :  
 Co a chasadadh ort eucoir,  
 'S tu fo d' aim ann ad éideadh  
 Bha thu d' shaighdear nach gélleadh 's tu beò.

---

\* Eura, refusal.

Bu tu 'n giomanach gunna ;  
 Cas a dhìreadh a mhunaidh ;  
 Cha bu sgith leat do thuras  
 Ann am frìth nan damh donna ;  
 Làmh bu chinntiche buille thu  
 'N uair a chìte iad air mullach,  
 'S bhiodh do mhial-choin nam muineal ri spòrs.

Ann ad bhaile mòr éibhinn  
 Chìte mach air an réidhlean  
 Feadainn ghrinne gan gleusadh ;  
 'S leat bu mhiann 'bhi 'gan eisdeachd  
 'S iad a freagairt a chéile :  
 'S an àm cromadh na gréine  
 Chluinnte caithream nan teudan ri ceòl.

Bhiodh na bàird is na filean  
 Ann ad sheòmraichean grinne  
 'Gabhairil òranan binne  
 'S tu ro-eòlach 'gan sìreadh.--  
 'S ionadh uasal dheth d' chinneadh  
 Bhiodh an làthair 'n am iomairt :  
 Bha mi còmhl' ruibh aig tional bha mòr.

'N uair a chruinnicheadh na fearaibh  
 Ann an tùr Inbher-Gharaidh  
 Gu 'm biodh surd ann ad thalla ;  
 Cha bhiodh cùis ann ri 'gearan :  
 'S i do chùirt nach biodh falamh,  
 Ruma, 's branndaidh mhath, fhallain.  
 Agus fion bhiodh gun ghainne ri 'n òl.

Bu tu féin an ceann-uidhe  
 A bha fial i dh' n àm suidhe :  
 Làmh a riarrachadh dibhe  
 Ann an seòmar na h-uidhim :—  
 'N diugh is cianail am bruidhinn,  
 'N creagan grianach an fhithich ;  
 Tha, bho 'n thriall thu, gach cridhe fo bhròn.

Thàinig smal air an teaghlaich  
 A bha aighearach, greadhnach ;  
 Thàinig aithgheàrr orr, caochladh,  
 Thuit ceann-taighe nach aomadh.—  
 Nam bu chlaidheamh le daoine  
 'Rinn do shnaidheadh bho 'n t-saoghal  
 Dhùisgeadh bras an ad aobhar gu leòir.

Dh' éireadh Dòmhnullach Shléite  
 Gus an togadh e t' éirig ;  
 Mac-'Ic-Ailein nan geur-lann,  
 Iarla Anntruum á Eirinn,  
 Triath nam Foirbeiseach gleusta  
 Bho 'n thug iadsan dhuit céile,  
 Agus iomadach treun fhear a chòr.

Bhiodh Strath-Ghlais le 'chuid daoine  
 'Tigh'nn ad thagar 's cha b' iognadh :  
 Na fir aigeannach aotrom  
 'Dheanadh fuil anns a' chaonnaig  
 'N uair a thàirneadh iad faobhar  
 'S mire-chatha nan aodann :  
 Bhiodh an nàimhdean 's na raointean gun deò.

'Nis o'n dh' fhalbh an ceann-fine,  
 'S aobhar sòlais do 'n chinneadh  
 Gu bheil oighre na ionad  
 "Tha na òganach innidh :  
 'S air tigh'nn dhasan gu spionadh  
 Cluinnear làmhach 's an fhireach,  
 'S b' ann do dh' àbhaist a' Ghlinnich nach beò.

Gu 'm bi sùrd orr' 'na bhaile  
 'S e tigh'nn dh' ionnsaidh 'chuid fearainn ;  
 Bidh 's a bhuirich na canain  
 'S freagradh dlùth aig mac-talla ;  
 Teinntean éibhneis mar dhealain  
 Bidh 'cur sunnd de na beannaibh :  
 Gheibh e' dhùthchannan thairis fo 'sgòd.

Ged-a tha mi 's an tìr so  
 Gu 'm bu mhaith leam a chluinntinn  
 Thu 'bhi macanta, cuimhneach  
 Air na cleachduinnean caoimhneil  
 'Bh 'aig an fhear bho na chinn thu,  
 'S tu mar thaice dha d' mhuinntir :  
 'S luchd nam breacan na diobair a' còir,

Colonel Alexander Ranaldson Macdonnel of Glen-garry was a genuine specimen of a Highland chief. He claimed to be the chief of the whole Macdonald clan. He was married to Rebecca, a daughter of Sir William Forbes of Pitsligo. He was killed, January 1828, in jumping from a steamer which had gone ashore. He always treated the poet with great kindness.

Colonel Macdonnel left the estate very much in debt, and his son, Angus was obliged to sell it. It was purchased by the Marquis of Huntly, who in 1840 sold it for £91,000.

General Sir James Macdonnell, G.C.B., was a brother to Glengarry. He distinguished himself highly at Waterloo. He died in May, 1857.

### O R A N

Do dh' Alastair Mac-Gilleain, Tighearna Chola,  
'n uair a thàinig fios do dh' America a dh' ionnsaidh  
a' Bhàird gu 'n tug e 'chuid fearainn a suas do dh'  
Eòghan a mhac.

**FONN.**—“*Cha 'n e cumha fear Ile a tha mi a sior-acain.*

An nochd 's luaineach mo chadal  
'S mi nam leabaidh a tionndadh ;  
'S beag an t-ioghnadh sin dhòmhsha,  
'S goirt 'tha 'm bròn orm air drùghadh  
Fhuair mi litir á Albainn  
'S naigheachd shearbh innt' 'gam ionnsaidh,  
Rinn am mulad mo lionadh,  
'S trom air m' inntinn a ghiulan,  
Tighearna Chola thug suas fhearann,  
An triath ceanalta, cliùiteach,  
Leag an aois a trom-làmh air,  
'S thréig a shlàinte 'sa lugh e.  
Ged a tha mi thar fairge,  
'S treis o'n dh' fhàlbh mi á m' dhùthaich,  
Bidh mi glacadh mo chlàrsaich  
'Sa seinn dain mu 'n t-sàr-dhiùmhìlach.

Na am lithinn gun d' fhàgail,  
 Bu cheann-fàth dhomh 'bhi d' ionndrainn,  
 'S mi gu 'm faodadh 'bhi dàn ort,  
 'S cha b' e d' abhaist mo dhiùltadh.  
 Fhir a sheasadh le càirdeas  
 Anns gach càs air mo chùlthaobh.  
 Leam is duilich r'a éisdeachd  
 Gu 'n do thréig thu do dhùthraig.

Gu 'm bu bhochd do chuid daoine  
 'Nàm an glaothaich gu d' fhaicinn,  
 'N uair a bha thu ri falbh bh'uap,  
 Ged-a dh' earb thu ri d' mhac iad,  
 Ghabh sibh beannachd le chéile,  
 Cha sgeul éibhneach a bh' aca ;  
 Cha bu shubhach an fhéisde  
 Bha mu réidhleanaibh t' aitreibh.

'S math do mhac a bhi 'làthair,  
 Roimh 'luchd-daimh mar chùl-taice  
 Ann an iònadh an àrmuinn  
 Nach do ghnàthaich ach ceartas.  
 Gur-a h-ainbhfhiach r'a bhed air  
 'Dhol fo d' chleòc-sa na ghlacaibh,  
 B' fheàrr gu 'n seasadh e d' àite  
 Ann an nàdar 's an cleachdad.

B' e do chleachdad 's do ghluasad,  
 A bhi cruadalach, smachdail,  
 A bhi misneachail dàna  
 Gun 'bhi sgàthach no gealtach.

Bha thu iriosal, uasal,  
 Bha gach buaidh agus tlachd ort ;  
 Far an tionndadh tu d' aghaidh,  
 Bu tu roghainn a' ghaisgich.

Bu tu ceannard na tuatha,  
 Nach bhiodh cruaidh gu eur as daibh ;  
 'S tu nach diobradh gu bràth iad  
 Ged bhiodh failinn no airc orr'.  
 An àm togail a' mhàil diubh  
 Ghabhte 'phàirt a bhiodh aca ;  
 'S a chuid eile bhiodh dàil ac'  
 Gus am fàsadh iad beairteach.

'N uair a chruinnicheadh do dhaoine  
 An àm sgaoileadh do bhrataich  
 'S piob gu fonnmhòr 'g a gleusadh  
 Aig a céile fo achlais,  
 Bhiodh tu eòlach gu 'n stiùireadh,  
 'S tu gun chùram roimh lasair ;  
 Mar ghaoith ghuinich air fairge  
 Bhiodh tu 'garg anns a' bhaiteal.

Bha do shuaicheantas cliùiteach  
 'G innse biùthais do sheòrsa :—  
 Craobh, long, bradan is mial-chu  
 'S an t-ian fiadhaich bu bhòidhche.  
 An làmh-dhearg 's an tuagh Abrach  
 Air an tarruing le seòltachd ;  
 Agus " Ceannsaich no bàsaich "  
 Sgriobht' gu dàn' ann an òrdagh.

Lean thu dùthchas do shinnse,  
 'S gu 'm bu rìoghail an seòrs' iad :  
 Cha b' i choille 'n robh 'n crìonach  
 As na fhriamhaicheadh òg thu,  
 Ach na daragan àrda  
 'Bhiodh air nàmhaid nam bòcain ;  
 Clann-Ghilleain nan geur lann  
 'Bhuaileadh beum anns a' chòmhdhail.

Bu tu 'n t-Alastair cliuiteach  
 Riamh nach lùbadh le gòraich  
 Is nach leigeadh le clearbaich  
 Aon ni 'shealbhaich thu 'n còir bhuait.  
 Bha thu sìobhalta, caoimhneil,  
 'S tu gun fhoill, gun fhiamh fòtuis  
 Bha thu smachdail mar shaighdear,  
 'S tu nach fulaingeadh fear bòsdail.

'N uair a bha thu 's a' champa  
 'S tu 's an àm sin ad chòirneal  
 Thug an Seanailear Gallda  
 A bha sealtruinn do chòmhlainn  
 Mòran urraig do d' dhaoiné  
 Ann an aogasg 's am fòghlum ;  
 'S math a b' airidh iad fhaotuinn  
 'S tu 'bhi daonnan 'g an seòladh.

'N uair a chruinnich iad còmhlath  
 Is a thoisich an iomairt  
 'S ann a theann e ri tàmailt  
 'Thoirt do Ghàidheil 's gach fine ;

Dh' éirich fearg ann ad aodann  
 Cha do dh' aom thu le giorag ;  
 Chuir thu comharradh clao'n air  
 'S bha fhuil chraobhach a' sileadh.

Co bho 'n gabhadh tu tâmailt ?  
 Bha thu àrd ann an spiorad ;  
 'N uair a ghlacadh tu 'n stàilinn  
 Bhiodh do nàmhaid air iomain ;  
 'S tu gu 'n cluicheadh gu sàr-mhath  
 Leis a' ghàirdean 'n robh spionnadadh ;  
 Laoch thu sheasadh do làrach  
 Is nach tâirneadh gu d' shlinnean.

'S iomadh gaisgeach a dh' eireadh,  
 Nam biodh feum orr, ga d' chòmhnhadh ;  
 Bhiodh do chinneadh mòr fèin leat  
 Builleach, beumannach, stròiceadh,  
 Neartmhòr cruadalach, gleusda,  
 Beachdail, treun anns an tòrrachd ;—  
 Chìte mar dhealan an t-sléibhe  
 'N lannan geur anns a' chòmhrag.

Bhiodh Mac-Coinnich á Tuath leat,  
 Sin an dualchas bu chòir dha ;  
 'S gu 'm bu dileas ri d' ghualainn  
 Thigeadh uaislean nan Leòdach.  
 Bu leat cairdeas chloinn-Chamshroin,  
 Na fir mheanmnach o Lòchaidh,  
 Is a' Mhorair á Sléibhte  
 Leis an éibhte Clann-Dòmhnuill.

'N uair a bhiodh tu 'n Dun-éideann  
 Cha bu bheus leat 'bhi d' ònrachd :  
 Gu 'm biodh tathaich nan uaislean  
 Tric mu 'n cuairt air do bhòrdaibh.  
 Gheibhte ceòl 'us òl fion'  
 Ad theaghlaich phriseil gun sòradh ;  
 'S tu a chaitheadh 's a dhìoladh  
 Fhir a b' fhialaidh le d' stòras.

Bu tu 'n t-uachdaran fearainn  
 Dha 'n robh ceannas is fòghlum  
 Bha thu d' dhuine cho ainmeil  
 'S a bha 'n Albainn fad m' eòlais  
 De dh' fnear urrad ri d' oighreachd,  
 'S gu 'n robh roinn ni bu leòir ann ;  
 Rinn thu tuilleadh a bhuaannachd  
 Chuir thu suas na bu mhò i.

'N àm bhi tarruing a dh' ionnsaidh  
 Ionad dùthchais do chòmhnaidh  
 Bhiodh do bhàta na h-uidhim  
 Troimh na sruthaibh a'd' chòmhddhail  
 'S 'n uair a chìt' i air sàile  
 A tigh'nn an àird ri ceann Shòaidh  
 Chluinnte losgadh nan canan  
 Ann ad bhaile le sòlas.

'N uair a ghlaicteadh an stiùir leat  
 Chìteadh d' iùbhrach ghrinn bhòidheach  
 Mar an eala gheal cheutach,  
 'Dol gu réidh thar nam bochd-thonn,

Bu t  
 Le d  
 'S b  
 'Dh  
 Dho  
 'Chu  
 Mu a  
 Air g  
 A ni  
 Is ch  
 Gus a  
 'N d

Do dh  
 Unt  
 know  
 existen  
 of the  
 poem b  
 Eobha  
 verse  
 I wrot  
 about  
 was lo  
 niece,  
 Mr M'  
 To hin  
 it from

Bu tu marcaich nan steud-each  
 Le d' spuir gheur air do bhòtuinn,  
 'S bu tu 'n giomanach sealbhach  
 'Dhol a shealg nan damh cròeach.

Dhomhsa ghabhadh e aimsir  
 'Chur mo sheanachais an òrdagh  
 Mu an labhrainn gu h-iomlan  
 Air gach fear-ghleus bu nòs duit.—  
 A nis sguiream gan iomradh,  
 Is cha 'n ainmich mi 'n còrr diubh  
 Gus an seinn mi do mharbh-rann  
 'N déigh dhuit falbh ma 's-a beò mi.

### M A R B H R A N N

Do dh' ALASTAIR MAC-GILLEAIN, Tighearna Chola.

Until the night of January 1st, 1880, I did not know that there was one line of this poem in existence. On that night, Archibald M'Lean, one of the Poet's sons told me that his father sent the poem by him, over forty years ago, to Hugh M'Lean, Eobhan Og, in Cape Breton. He also gave me a verse of it which he remembered, the sixth verse. I wrote to Mr Stephen M'Lean, Eobhan Og's son, about the poem. He replied that the manuscript was lost but that his aunt, Mary M'Lean, and his niece, Catherine M'Lean, knew the poem by heart. Mr M'Lean took the poem down and sent it to me. To him, and especially to the ladies who preserved it from oblivion, I am greatly obliged.

Thàinig sgeul thar nan cuantan,  
 Mheudaich mulad is gruaim domh le bron,  
 Chuir e m' inntinn gu gluasad ;  
 'S iomadh aon dha 'n do dh' fhuasgail e deòir ;  
 Gu 'n robh 'n t-Alastair prìseil  
 Air a chàradh gu h-iosal fo 'n fhòid,  
 Ann an leaba na h-ùrach ;  
 Ann an suain ás nach dùisg e le ceòl.

'N t-ochd ceud deug so 'rinn imeachd.  
 'S an còig deug thar a fiehead na déigh ;  
 Ann an toiseach an t-samhraidh,  
 Chaill do dhùthchannan ceannard 'bha treun ;  
 Dha 'n robh misneach is cruadal,  
 Agus eòlas is suairceas da 'n réir.  
 Bha thu iochdmhor ri truaghain ,  
 Gun 'bhi tais ann an cruaidh-chas no 'n streup.

'N uair a chunnacas do bhàta  
 'Tigh'nn gu rudha na h-àirde fo sheòl,  
 'S iomadh aon a bha cràiteach  
 Thu 'bhi d' shineadh fo chlàraibh air bòrd.  
 Cha bu shunndach an fhàilte  
 'Bh' aig do mhuinntir a' fàsgadh nan dòrn :  
 'S iomadh cuimhneachan cairdeil  
 'Bh' aca 'n oidhch' ud mu 'n àrmunn nach beo.

Chaill iad ceannard na tuatha ;  
 'S tu nach teannaicheadh cruaidh iad mu 'n mhàl.  
 Cha do dh' fhògair thu bhuit iad ;  
 Cha do chuir thu air cuan iad thar sàil.

B' e tolinntinn an uasail  
 A chuid daoine 'thigh'nn suas air a sgàth  
 Ann an cothrom, gun ghluasad ;  
 'S nam biodh éis orr' s ann 'dh' fhuasgladh tu 'n  
 càs.

'N uair a dh' iarrte gu feachd iad,  
 Bhiodh do chòmhlan am Breac-Achadh tràth.  
 Bhiodh do phiob a' toirt caismeachd ;  
 'S fir a cruinneachadh niu chaisteal na tràgh'.  
 'N uair a rùisgte do bhratach,  
 Dha 'm bu dùchasach tapachd 's na blàir,  
 Gu 'm biodh geur-lann 'chinn aisnich  
 Air do chruachan gu casgairt do ànmh.

B' e do shuaicheantas cliùiteach,  
 'S e air thoiseach os ceann do chuid sluaigh,  
 An làmh dhearg mar bu dùthchas,  
 'S an tuagh Abrach 'thoirt cùis dhe d' luchd-fuath' ;  
 Craobh, long, bradan is mial-chu  
 'Chuireadh stad air an fhiadh aig a luaths ;  
 'S an t-ian iteagach fiadhaich,  
 Nach robh leithid 's an ianlaith 'dol suas.

Dhuit bu dual a bhi beachdail,  
 'S gu 'n do chinn thu bho ghaisgich nach b' fhann :  
 Clann-Ghillean nan caisteal,  
 Nach biodh ional fo mhasladh do chainnt ;  
 Fir a dh' fheuchadh an stàilinn.  
 Faobhar fulangach, làidir, gun mheang,  
 An déigh fhadhairt, bho 'n cheàrdaich ;—  
 'S cha bu lapach do làmhsa na cheann.

e *Melius - Melissus*  
 D' shliochd mhìlidh na féile,  
 'Dheanamh gniomh anns na teugbhailean garg';  
 Is Ghatheluis, an treun-fhear,  
 'Bu mhòr urram 's an Eiphit is sealbh ;  
 Bha na curaidhmean gleusda,  
 Mar-a b' eòl do luchd-sgeula gun chearb,—  
 'S gur h-e 'ghniomharan euchdach  
 'Choisinn Muile do 'n cheud fhear de 'n ainm.

Gu 'm bu rioghail do shloinneadh ;  
 Bha iad dìleas an-fhoilleil do 'n chrùn.  
 Cha do mhùth iad an eleòca ;  
 'S cha d' rinn giorag no còmhrag 'thoirt diu.  
 Sheas iad là Sliabh-an-t-Siorra,  
 Ged chaidh iomadh sàr-chinneadh air chùl,  
 A toirt àir le 'n cruidh-bhuillean  
 Air na laoich a bha 'n cuideachd an Diùc.

'S iomadh call daibh a dh' éirich,  
 Eadar cogadh is eucoir, ri 'n àm ;  
 Air tràigh Ghruinneirt an Ile  
 Thuit Sir Lachann, am mìlidh gun mheang ;  
 Ann am blàr Inbher-chéiteinn  
 Thuit Sir Eachunn le 'cheudan mu chramm ;  
 'S fhuair Mac-Cailean am fearann  
 Bho Rìgh Uilleam, gun cheannach, am bann.

'S math gu 'n d' chum na fir smearail  
 A bh' air Cola 'n euid fearainn le buaidh,  
 Bho na choisinn Iain Garbh e  
 Cha d' rinn aon bha fo arm a thoirt bhuath'.

Thàinig Niallaich thar sàile  
 'Ghabhail seilbh air gu dàna nan uaill ;  
 Ach chuir lannan nan sàr-laoch  
 Gu ceann-crìch' iad 's an àraich gun truas.

Gur-a mòr an luchd-leanuinn  
 A bh' aig Alastair ainmeil so dh' eug ;  
 Tighearna Chola agus Chuimhnis ;  
 'S e do bhàs 'chuir am chuimhne mo sgeul.  
 Bha thu smachdail mar shaighdear ;  
 Bha thu macanta, caoimhneil am beus.  
 Cridhe soilleir gun fhoill thu,  
 Da 'n robh ceartas a' boillsgeadh mar ghréin.

'S iomadh buaidh bha riut sinte  
 Nach téid agams' air innse 'n am rann.  
 Bha thu fòghluimte, fior-ghlie ;  
 Bha thu daimheil, gun chrìne dhuit teann.  
 Cha robh beairteas 'g ad lionadh,  
 No 'cur eallaich air d' inntinn le sannt.  
 Bha thu cleachdadhl na firinn,  
 Is bha d' fhacal cho cinnteach ri d' pheann,

Na 'm b 'e claidheamh le eu-ceart  
 'Chuir fo chumhachd an éig thu 's a' chill,  
 Bhiodh do chinneadh mòr fhéin  
 A dòrtadh fala ann ad éirig gu dian  
 Bhiodh Loch-Buidhe nan treun-fhear,  
 'S e air thoiseach nan ceud a dol sios ;  
 'S Mac Mhic Eòbhainn bho 'n Airde,  
 'S e gun athadh do nàmhaid 's an strì.

Dh' éireadh cinneadh de mhàthar,  
 'S cha bhiodh cruadal mar chàs air na seòid.  
 Mu Dhun-Bheagain, mar b' àbhaist,  
 Bhiodh 'g an tional crois-tàra Mhic-Leòid.  
 Bratach shìth' nan trì sealladh  
 'N uair a chit' i air bealach roimh 'shlìogh,  
 B' aobhar giorag do d' nàmhaid ;  
 Gu 'm biodh cuid diu 's an àraich gun ded.

Bhiodh Loch-tall 'dol 'na éideadh  
 Le clann Chamshron bu treun anns an tòir,  
 Is cha b' ioghnadh dha féin sud,  
 'S gu 'm bu dileas e 'n té 'bha riut pòsd'.  
 Leis na buillean 'bhiodh creuchdach  
 Le neart churaidh bhiodh reubadh air fedil.  
 Ge b'e bheireadh daibh riasan  
 Bhiodh an alachd \* air sliabh aig na h-eóin.

Bhiodh Mac-Coinnich air ghluasad  
 Ann ad aobhar, 's bu dual d'a 'bhi ann ;  
 Is gu 'n robh sibh 'shliochd bhràithrean  
 A bha ainmeil ri 'n là anns a' champ.  
 'N uair a sgaoileadh e 'shioda  
 Ri cròic chabraig fear frithe nam beann,  
 Os ceann lasgairean Shi-Phort,  
 Biodh a nàimhdean nan sìneadh gun cheann.

Cia mar sguireas mi 'dh' innse  
 Cliu 'n fhùr eireachdail fhior a chaidh bhuainn'.  
 Bha thu ceanalta, siobhalt',  
 Fhir a b' aille 's a b' fhinealta snuadh ;

---

\* Alachd, a mangled carcass.

'S bha thu àrdanach, rìoghail,  
 Gus gach tàmailt a dhioladh le duais.—  
 'S tu nach tréigeadh na'm chàs mi,  
 Gheibhinn caoimhneas is bàigh bhuit gach uair.

Nis o'n dh' fhalbh an triath calma,  
 A bha cliùiteach an Albainn ri là ;  
 Guidheam buaidh leis an treun-fhear  
 'Tha mar dhion do luchd-feuma na àit :  
 Tha mo dhòchas 's an Fhreasdal  
 Nach tig failinn am feasda 'na dhàil.—  
 Eobhann òg, am fear fiachail  
 A tha cinneadail, dileas, làn bàigh.

Fhuair thu baintighearna chliùiteach  
 Bho Chlann-Donnachaiddh á Strùthan, fo d' sgéith;  
 D' am bheil creidimh le cùram,  
 Agus eòlas is giùlan d'a réir  
 Bhiodh i sgaioileadh a' Bhiobuil  
 Air na bochdan a chitheadh i na fheum,  
 Mar a dh' fhaodas mi innse ;  
 Gu bheil cuid diù 's na crìochan so fhéin.

'Nis bho 'n tha thu 'd cheann-uidhe,  
 Is gu'n d'fhuair thu 'bhi d' shuidh' air an stiùir,  
 Cum ad chuimhne gach latha  
 Beus an fhir 'tha na laidhe 's an ùir.—  
 'S 'n uair a ghlacas an t-eug thu,  
 Biodh do mhac ann ad dhéigh mar cheann iùil,  
 Na fhear foghainteach, smachdail,  
 Le toilinntinn an caisteal Druim-Fionn.

Mur bhiodh gainnead mo stòrais,  
 Phillinn fhathast air m' eòlas a null,  
 Gus an ruiginn an t-àite  
 Far 'n do shuidhich thu làrach as ùr.  
 Cha bhiodh eagal gu bràth dhomh,  
 Fhad 's a bhitheadh tu làidir ri m' chùl.  
 B' fheàrr gu 'n robh mi gun d' fhàgail ;  
 Gheibhinn fasgath fo sgaile do chùirt'.

John MacLean was the last of the family bards. This poem may therefore be looked upon as the last of its kind ; the last lamentation over a chieftain by his bard. There is thus a peculiar feeling of sadness connected with it. The poet was deeply attached to the old laird. He felt it his duty to sing his "marbhraun." He was thoroughly in earnest. He speaks of the deceased as he knew him. He ascribes no quality to him except what he believed him to possess. He lauds his ancestors and exhorts his successor as he considered his bard should do. That Alexander Maclean of Coll deserved the poet's praise we have no reason to doubt. He really possessed many qualities of the greatest excellence.

The poet had good reasons for regretting that he left the old country. It is a blessing however for his descendants that he left it. Better have a farm which one can call his own and be independent, than be under the best landlord.

According to the legendary history of Ireland, as recorded in Dr Keating's interesting work, the Gael are descended from Gathelus, or Gaidheal Glas, son of Niul, son of Fenius Farsa, son of Baath, son of Magog, son of Japhet, son of Noah ! Niul, who was a man of great learning and wisdom, was married to Scota, a daughter of Pharaoh. It was by her he

had Gathelus. Gathelus was intimately acquainted with Moses. He was just in his eightieth year when the children of Israel left Egypt. The descendants of Gathelus, after various wanderings, arrived in Spain, and in course of time obtained the mastery of the greater part of that country. Milidh, the most eminent of their kings in Spain distinguished himself as a warrior in Scythia, and in Egypt in a war against the Ethiopians. He was married first, to Seng, a daughter of the king of Scythia, and next to Scota, a daughter of Pharaoh, king of Egypt. He had eight sons by his two wives. Milidh's sons sailed to Ireland with a fleet of thirty vessels, in the year 500 before Christ. They conquered the Tuatha De Dannan, notwithstanding their knowledge of the black art, and became masters of the whole country. They divided Ireland into two parts Eber became king of the southern part, and Eremon, King of the northern part.

According to authentic history, the Celts are descended from Gomer. They came from Western Asia to Western Europe long before the time of Christ. In the course of their migrations they became divided into two great branches ; the Gael and the Cymry. The Gael pressed on as far as Scotland and Ireland. The Welsh represent the Cymry. Authentic history knows nothing of Niul or Scota, or Gaidheal Glas, or Milidh, or Eber, or Heremon, or even of Conn Ceud-Chathach, or Aoughas Turmhaidh Teamhrach. The Macleans cannot trace themselves back futher than Gillean na Tuaighe ; nor the Macdonalds further than Somhairle Mor Mac Gillebride Mhic Adomnain. But we are all, whites, blacks, and Indians, descended from Noah and Adam, men who owned the whole world.

## AM BAL GAIDHEALACH.

Beagan bhliadhnaichean an déigh do 'n Bhàrd tighinn do dh' America bha bàl aig na Gàidheil a'n taigh Dhaibhidh Mhurraidh am Merigomish. Cha'n fhaodadh duine 'bhi aig a bhàl ach feadhainn a labhradh Gàidhlig. Thugadh cuireadh do 'n Bhàrd. Phàidh e a luchd cuiridh leis an òran so a sheinn aig a' bhàl.

Fhuair mi an t-òran so bho Ghilleaspuig Mac-Gilleain 's an Eilean Mhòr. 'Sann toiseach an Earraich 'sa' bhliadhna 1826 a bha 'm bàl ann.

*L u i n n e a g .*

Bithibh aotrom 's togabh fonn,  
Cridheil, sunndach gun bhi trom,  
'G òl deoch-slàinte na bheil thall  
Ann an tìr nam beann 's nan gleannaibh.

Fhuair mi sgeul a tha leam binn  
'Dh' ùraich gleus air teud mo chinn,  
'S bidh mi nis a dol 'g a sheinn  
Ged tha mi 's a' choill am falach.

Bithibh aotrom &c.

Gur h-e 'n sgeul a' fhuair mi 'n dràst  
'S a dhùisg m' inntinn 'suas gu dàn  
'Bhi gam iarraidh 'dh' ionnsaigh 'bhàil  
'Th' aig na Gàidheil tùs an Earraich.

'N uair a théid an comunn cruinn  
Bidh iad siobhalta le loinn,  
Cliùiteach, ciallach, fialaidh grinn,  
'S bheir iad caoimhneas do dh 'fhear aineoil.

'N uair a shuidheas iad mu 'n bhòrd  
 Bheir iad tacan air an òl,  
 'S fiodhall théud bho 'n gleus - ceòl  
 'Cur nan òganach nan deannaibh.

Cha bhi sgrùbaireachd mu 'n chlàr  
 Ann an cuideachda mo ghraidh,  
 Aig a bheil an imntinn àrd  
 'S nach gabh tàmailt bho na Gallaibh.

'N uair a théid an fhiodh'l na tàmh  
 Bheir iad treis air cainnt nam bàrd,  
 'Dhùisgeas fonn neo-throm 'nan càil  
 Anns a' Ghàidhlig a's glan gearradh.

'Chànan ghasda, bhlasda, bhinn !  
 'Si bha 'n cleachdad aig na suinn  
 'Dhearbh an gaisge 'm feachd an rìgh :  
 'S iomadh tìr 's an tug iad deannal.

Luchd nam breacan bha 's gach àm  
 Fuasgailteach an strì nan lann :  
 'N uair a ghluaiseadh iad bho 'n chàmp  
 Chuirte 'n ruaig 's bu teann an leanachd.

'S ann ac' féin 'tha 'n t-eideadh grinn !  
 Breacan guaille, féile cuim,  
 Osan geàrr mu 'n chalpa chruinn  
 'S boineid ghorm os ceann na mala.

Stàilinn għlas, mar ealtuinn giar,  
 Chleachdadh anns na baiteil riamh  
 Leis na gaisgich nach tais fiamh  
 'S nach biodh riamaalach a tarruing.

Bha iad firinneach gun fhoill  
 'Nàm dol sios 'us piob 'ga seinn :  
 Rùisgte brataichean ri croinn  
 Aig na saighdeiribh nach mealladh.  
 'S bho na chinn sibh féin o'n dream  
 'Dh' àraicheadh fo sgéith nam beann,  
 'Bhuannaich anns an Eiphit geall  
 'S a chuir Frangaich as an t-sealladh ;  
 Ged tha sibh an tìr nan craobh  
 Cuimhnichibh air beus nan laoch !  
 Ledghainn bhorb bu ghairge fraoch ;  
 'S iad nach aomadh as a' charraig.  
 Ged tha sibh an Albainn Uir \*  
 Caithibh an oidhche le sunnd :  
 'S an deoch-slainte 'thig air tùs  
 Olaidh sinn gu grunnd, gach fear i.  
 Olaibh air na Gàidheil threun  
 'Rachadh acfhuinneach air ghleus,  
 'S a tha fuasgailteach gu feum ;  
 Sealgairean air féidh 's na beannaibh.  
 Soraidh bhuam do 'n t-sluagh a null  
 'Tha 's an tìr 's an robh mi 'n tùs.—  
 'S tric a dh' fheuch iad bàt' fo shiùil  
 'S iad 'g a stiùireadh 'dh' ionnsaidh cala.  
 Bho nach ruig sinn orra 'n dràst,  
 Lion a' chuach a suas fo stràic,  
 'S cuir mu 'n cuairt i nuas gun dàil  
 Ann an onair àrd nam fearaibh.

There are no better soldiers in the world than the Highlanders. At the battle of Bannockburn where they formed the reserve under the immediate command of Bruce himself, they greatly distinguished themselves. In the wars of Montrose, under Dundee at Killecrankie, and in the Rebellion of 1745 they proved their valour. Europe was ringing with the praises of the 42nd after the battle of Fontenoy. In America, Egypt, Spain, Holland, the Crimea, India, Ashantee and Afghanistan, the Highlanders have been the foremost in the fight and have won renown for their country.

## AN ADHARC.

Mu 'n bhliadhna 1827 thug Uilleam Foirbeis, aig àite lionadh nan saoithichean am Pietou, do 'n bhàrd adhare mhòr bhriadha, 's i lan de bhranndaidh. Cha do chum am bàrd i ro fhada. Thug e i d'a charaid dileas Maighstir Cailean Grannda, Sagairt Arisaig. Cha 'n eil fios gu de 'dh' eirich d' i.

Sgriobhadh an t-òran so o bheul aithris Mhàiri Fhoirbeis ann am Magh-an-Leas-leathain, 's a' bhliadhna 1873. Tha cuid mhath dheth air chall.

## AN ADHARC.

Gur-a muladach tha mi  
Ann am fàsach nam beann,  
Anns an tìr so air m' òineoil ;  
Cha 'n 'eil caraid orm teann  
Gur-a neònach leam Uilleam  
'Chur an turais fo m' cheann ;  
Thug e dhuit mi mar leannan,  
'S tha mi falamh 's an àm.

## AM BARD.

Na bi gearan cho tràthail  
 Mu 'm bi càch oirnn a' cainnt ;  
 Gur-a h-iomadach fàilinn  
 'Thig air làimh a bhios gann.  
 Gabh mo leisgeul ged 'tha thu  
 Greis an dràst gun an dram ;  
 Gheibh sinn fathast gach goireas,  
 Théid a' choill' as a bonn,

## AN ADHARC.

B' fhearr leam fhaicinn na chluinntinn,  
 'S gur h-e 'mheudaich mo bhròn  
 'Thu 'bhi 'g innse cho daor 's tha  
 Stuth mo ghaoil, aig Mac-Leòid,  
 'N uair bha mise aig mo chiad fhear  
 Bha e fialaidh 's gach dèigh,  
 Cha do chaomhainn e riamh orm  
 'Mheud 's gan iarrainn r'a òl.

## AM BARD.

Bheirinn comhairl' nach misd'e  
 Air an fhleasgach dheas òg,  
 Gun e 'phòsadhbh ri banntraich  
 'S e an geall air a h-òr ;  
 Gheibh i cleachdadhbh bho ciad fhear  
 'Bhios i 'g iarraidh r'a bed,  
 Ged-a bhiodh i na caillich  
 'S aogasg sean air a sròin.

## AN ADHARC.

Cha 'n 'eil mise nam chaillich,  
 Uist, a bhalaich gun tùr !—  
 Cha 'n ann falamh a bha mi  
 'N latha 'dh' fhàg mi mo rùn ;  
 Gheibh thu tuilleadh bho Uilleam,  
 Fear an fhurain 's na mùirn,,  
 'S thoir dha gealladh teamn làidir.  
 Nach teid m' fhàgail an cùil.

## AM BARD.

Ciamar 'bheirinn thu 'm folais  
 Ann an comunn an dràst ?  
 'S duilich dhomhsa 'bhi d' chomain,  
 'S nach h-eil boine air do chlàr.  
 Théid mi dhachaidh gun fhios leat,  
 Cha bhi mise fo d' stràic ;  
 Na bi maoidheadh do thochraidh,  
 Airson botail no dhà.

## AN ADHARC.

'S math an tochradh a fhuair thu  
 Ceangailt' suas air do thaobh  
 Bho 'n duin' onarach ghasda,  
 'S rinn thu 'sgapadh gu faoin.  
 Dhomhsa dh' éirich a' bhochduinn,  
 Thug thu leat mi o m' ghaol ;  
 Gur h-e fhàgail a liath mi  
 Am bliadhna 's cha 'n aois.

## AN BARD.

Cha 'n iad boirinnich bheusach  
 'Bhios an déidh air an ðl ;  
 Ma thug thusa do spéis dha,  
 Gu 'm bi éis air do lòn.  
 Ciamar 'chumas sinn teaghlaich  
 'S tusa 'glaodhach nan stòp ?  
 'Sguir de 'n ðl agus chi thu  
 Nach bi dìth cirnn ri 'r beò.

## AN ADHARC.

Tha a' bhranndaidh leam taitneach.  
 'S i a's blaisde na m' fion ;  
 Tha i fallain do m' bhroilleach,  
 'S ni i sona mo chrídh :  
 Ach ged bhithinn air phadhadh  
 Deoch cha ghabhainn leam fhìn ;  
 'S riamh cha d' iarr mi tombac' ort,  
 'S cha do chleachd mi an ti.

## AN BARD.

'S maith tha fios aig gach neach  
 Nach 'eil do chleachdadadh aig céill ;  
 'S tha e dhomhsa na mhasladh  
 'Bhi gad fhaicinn nam dhéigh.—  
 'S iomadh fear 'chaidh a mhealladh  
 'Fhuair a leannan aig féill,  
 'S e 'ga taghadh air àilleachd  
 'S gun a nàdar 'ga réir.

## AN ADHARC.

B'e mo mhiann 'bhi aig Uilleam,  
 Sin an duine tha grinn ;  
 Bha mi fada na theaghach  
 'S bha rud daonnan fo m' làimh.  
 'N uair a thigeadh luchd-eòlais  
 Bheirte á seòmar mi 'nall ;  
 'S iomadh conaltradh ciatach  
 Anns an d' iarradh mo chainnt.

## AM BARD.

'S éigin dhomhsa 'bhi sàmhach  
 Ged is nàr e r'a luaidh ;  
 Tha an sean fhacal 'gràitinn  
 Nach bi dànochd gun duais.  
 Mar faigh fear an deadh-nàdair  
 Air mnaoi àrdanaich buaidh  
 Ni i burraidh 'us tràill dheth,  
 'Us cuis-ghàire do 'n t-sluagh.

## AN ADHARC.

Bha mi féin agus Uilleam  
 Riamh, mar b'huineadh dhuinn, réidh ;  
 'S mi nach faiceadh air gruaman,  
 'S i an uaisle dha 's beus.—  
 Tha e 'chinneadh nan sàr-laoch  
 Anns na blàir a bhiodh treun ;  
 Air na Foirbeisich uallach,  
 'S tric a chualas deadh-sgeul.

## AM BARD.

Bho na chaidh thu gu eachdraidh  
 'S gu cinn-fheachd' nach robh clì  
 Bha mo chinneadhs' cho beachdail  
 Ri dream 'chleachd a bhi stri,  
 Ged-a chaill iad le 'n gòraiche  
 An còir air an tìr  
 Ann an aobhar righ Seumas :  
 'S bochd a dh' éirich sud duinn.

## BROSNACHADH ROGNACHAIDH.

*L u i n n e a g .*

*Deoch-slàinte luchd nam breacanan,*  
*'S a 'eur mu 'n cuairt a b' aite leinn ;*  
*'S gu 'n ðlamaid gu sgairsteil i*  
*Air lasgairean a' cbruadail*  
*Tha naizgheachd ùr an dràst againn,*  
*A' chùirt a th' aig a' Phàrlamaid ;*  
*Gach taobh tha cruinneachadh chàirdean*  
*Dh' fheuch eo 's fheàrr aca 'n i buannachd.*  
*Deoch-slàinte luchd nam breacanan.*

*'N a Ghàidheil bitibh ceannsgalach*  
*'Us cuimhnichibh 'ur ceannardan*  
*A's tric thug buaidh 's 'na campaichean*  
*Ag iomairt lann le cruadal.*  
*Gur mòr an t-aobhar nàire dhuibh*  
*Ma ghéilleas sibh do'n Lasonach*  
*Do Dheorsa no do dh' Archibald,*  
*'S an tair a thug na h-uaislean.*

'S ann thubhairt iad gu mi-chiatach  
 Gur pronnasg a bha dhìth orra,  
 'S gu 'n glanadh iad an sgrìobach  
 De na Gàidheil mhiodhair shuarach.

Ma dhearbh sibh riamh 'ur duinealas,  
 'S e so an t-àm dhuibh cruinneachadh  
 'Us fheuchainn dhaibh gur h-urrainn sibh  
 An t-urram a thoirt bhuatha.

Cha chualas riamh aon tàmailt  
 Aig an t-sinnsearachd bho 'n tainig sibh ;  
 An àm dol sios 's na blàraibh  
 Bu neo-sgàthach gu cur ruraig iad.

'N uair rùisgeadh iad um brataichean  
 'S a sheinnnte 'phioibh gu tartarach ;  
 Bhiodh cliù air luchd nam breacan  
 Anns gach baiteal, mar-a chualas.

B'e sud an còmhidaich cleachdte dhaibh,  
 An t-osan grinn 's na gartanan,  
 An còta geàrr 's am breacan  
 Air a phasgadh thar an guala.

Le'n claidhean dhion na sàr-fhearaibh,  
 Gach beinn 'us gleann a dh' àitich iad  
 Bho fheachd na Ròimhe àilleasaich  
 Gu calma; dàna, buadhach.

Aig Allt-a'-Bhonnaich b' fheumail iad,  
 Bu gluineach, fuileach, treubhach iad,  
 'Cur as gu bras le 'n geur-lannan  
 Da 'n naimhdean féineil uaibhreach.

'S an là bha Fontenòi ann  
 Gu 'n d' rinn iad gniomh mar leòghannan ;  
 Chuir sin an gorm ri 'n còtaichean  
 'S tha còir ac' air o'n uair sin.

Bu lasgarra 's an Eiphit iad ;  
 Bu sgairtail, neartmhòr, creuchdach iad :  
 Thuig Bonipart an tréinead  
 A tha 'n luchd nam féileadh cuache.

'S aig Waterloo gu 'm b' ainmeil iad ;  
 Rinn iad an gaisge 'dhearbhadh ann :  
 'S gu bheil e sgriobhte an airgiod  
 Air an ceanna-bheirt mar-a għluais iad.

Cha robh na Gàidheil failinneach ;  
 B'e 'm beus 'bhi seasmhach tàbhachdach ;  
 'Bhi beachdail, reachdmhor, àrdanach  
 'Bhi dàn a dol 's an tuasaid.

Bu teom air gniomh na fairge iad ;  
 Cha mhiosa 'shiubhal garbhlaich iad ;  
 Bu mhiann leotha 'bhi sealgaireachd  
 Air earbachan 's na bruachan.

Ged 's iomadh tir a dh' astaraich iad,  
 Cha chualas riamh fo mhasladh iad ;  
 Gach beus a b' fheàrr bha 'n taice riubb' ;  
 Bha 'n cleachdadadh daonmar uasal.

A shliochd nan laoch a b' ainmeile,  
 Na leigibh dhibh le dearmadachd  
 Na daoin' tha 'n diugh ag earbs' asaibh  
 Gu'n dearbh sibh mar bu dual duibh !

A mhuiunnitir ud 'bha 'gràitinn riubh  
 Nach b' fhiach sibh féin no Ghàidhealtachd  
 Biadh cuimhn' agaibh an dràst orra,  
 'Us àrdaicheabh an cluaran.

Ma ni sibh gnìomh gu h-eireachdail  
 'S gu 'n toir sibh cùis mu dheireadh dhiubh  
 Gu 'n dean mi òran eile dhuibh  
 'S cha cheil mi air an t-sluagh e.

B'bh dìleas ann am bràithreachas,  
 'S gach cridh' gun lùb, gun fhàilinn ann ;—  
 Ho ró airson nan Gàidheal,  
 'S an deoch-slàinte cuir mu 'n cuairt i !

In the year 1830, "the Big Election" was held in Pictou. At that time Halifax, Colchester, and Pictou constituted but one county. The Conservative Candidates were Hartshorne, Blackadar, Barry, and Starr; the Liberal Candidates were Archibald, Blanchard, Lawson, and George Smith. The election, in Pictou alone, lasted about a week. Both parties kept open houses, and liquor flowed freely. In a riot which took place a man named Irving was killed. The Liberals won the election.

The poet was a Conservative. He went up from Merigomish to Pictou in a schooner. He took no special interest in the election, until he was told that one of the Liberal candidates had made some insulting reference to the Highlanders. He then went to work and composed this song. He spent the greater part of the night at it. He sang it next day. Thousands were present. It had a most exciting effect. It is a real "brosnachadh-catha."

The poet, some years after the Big Election, became a Liberal in politics.

RAFFAIL DHOMHNUILL IAIN  
BHAIN.

*L u i n n e a g .*

Tha mi so 'sa' choille chruim  
 Teannaidh mi ri togail fuinn,  
 Tha na gilean òga cruinn  
 'S b' fheàrr leam ~~fèin~~ gu 'n robh mi ann.

*fuinn*  
 Gur-a h-inntinneach an dràst  
 'Chuideachd a tha 'n taigh Iain Bhàin  
 'Cluich nan disnean air a' chlàr,  
 Ged-a tha mi gun dol ann.

Tha mi so 'sa' choille chruim.

Saoil thu, 'bhean, an téid mi sìos,  
 Dh' fheuch an coisinn mi 's an strì ;  
 Suarach leth-dollar 'g am dhìth  
 Seach uaireadair grinn am làimh.

Labhair a' bhean rium le gruaim,  
 Saoil nach tusa 'n duine truagh,  
 Dùil agad gu 'n toir thu buaidh ;  
 Ciod am buaireadh tha 'n ad cheann.

Thuirt am Frisealach rium fhìn  
 Gu 'n robh esan air a ti,  
 'S chuir e cabhag air a mhnaoi  
 'S gu 'm biodh ruidhl' aca roimh 'n àm.

Thuirt Iain Camshron rium Di-luain  
 Gu 'm b' fheàrr leis aig i na luach  
 Ged a chosdadhl i 'bhò chruaidh  
 Thug e bho Iain Ruadh 's a' Ghleann.

Tha Gleann-a-Comhann ag ràdh  
 Nach leig esan i le càch  
 Ged a chosdadadh i 'n t-each bànn,  
 'S gur-a làdir e 'sa' chrann.

Tha fear eil' ann 'th 'air a tòir  
 'S ni e a ceannach le chuid òir,  
 Tha e 'm bliadhna' air dol gu spòrs,—  
 Seumas Dòmhnullach ud thall.

Bha, ars' Eòbhann mòr, ann uair,  
 'N uair bha mi 's an dùthaich shuas,  
 Is bha té agam le uaill,  
 Chuir mi bluam i, dh'fhàs i mall.

Uaireadairean 's ni gun stà,  
 Bidh iad tric a dol gu ceàrd  
 'S iad le fuachd no stùr nan tàmh,  
 Tha iad fàilinneach 's gach ball.

Thuirt Murachadh, 's e 'g éiridh suas,  
 Ged-a thilginn 's a dà uair  
 Cha bhi 'n t-uaireadair so bluam,  
 'S ann bha 'n uaisl' air dol 'na cheann.

Bha Uilleam am misnich mhòir  
 'N uair a thilg e air a' bhòrd,  
 Shaoil leis gu 'n robh i na dhòrn,  
 Cha robh 'n sud ach dòchas meallt'.

Bha Alastair donn 'na leum  
 Coltach ri duin' as a chéill  
 'S dùil aige gu 'n d' rinn e feum  
 Gus na leughadh dha na bh' ann.

An sin labhair Uilleam Shè,  
 Cuir a nall i, chaill thu 'n réis,  
 Na biodh sùil agad na déigh  
 Bho na tha do Bheurla gann.

Thuirt Alastair òg gu fòil,  
 Cha leig mise i leat le m' dheidin ;  
 'S ann dhomh 's freagarraiche an spòrs,  
 Bho 'n fhuair mi air dòigh an dam.

Ma théid na bodaich gu feirg  
 'S eagal leam gu 'm bi iad searbh  
 Bho na rinn am misneach falbh  
 'S gu bheil am fear dearg cho meallt'.

B'e sin trod nam ban mu 'n sgarbh  
 Chaidh air iteig leis an stoirm ;  
 'S ann bu choltach iad ri arm  
 'Dheanadh marbhadh le 'n cuid lann.

'S e tha toilicht' an gille òg  
 A thug dhachaidh i na phòc' ;  
 Dh' fhàg e na bodaich fo bhròn,  
 'S cha dean ceòl an cur a dhanns'.

About the year 1831 Donald MacDonald, Beaver Meadow, Dòmhnull Iain Bhàin, had a raffle on a watch in his father's house. Every person who attended had to pay half a dollar. The young people in the neighbourhood were present. Those mentioned in the song are the old and middle-aged men who lived near. Some of them were not at the raffle. The poet himself was not there. All the men referred to are now dead.

## DITEADH MHIC-AN-TOISICH.

Anns a' bhliadhna 1841 chuir an t-Easpuig Friseal nach maireann Comunn Stuamachd air chois 'an *Antigonish*. Thàinig a chuid mhòr de na bha's na sgìreachdan a bha fo a chùram fo ghealladh sgur de 'n òl fad thrì bliadhna. Tha duine no dha an làthair nach d' òl boinne bho 'n uair sin. 'S ann air latha na bliadhna ùire a chuir daoine an ainm ris a ghealladh ann am baile *Antigonish*.

Tha an t-òran so air a dheanadh ann an ainm Dhòmhnuill Mhic-Gille-bhràth ris an abairteadh gu coitchionn "Dòmhnull Mhamaidh." 'Se mar sin oran Dhòmhnuill Mhamaidh an t-ainm fo 'bheil e 'dol.

*L u i n n e a g .*

Tha mi sgìth bho 'n tim so 'n dé ;

Cha 'n'eil m' inntinn leam air ghleus ;

'S beag an t-ioghnadh sin dhomh féin

'S gu 'n d' fhuair mi sgeul 'tha muladach.

Cha tig dhomhsa bhi nam thàmh

'S Mac-an-Tòisich, fear mo ghràidh,

Aig a' nàimhdean ann an èas ;

Am fleasgach àluinn urramach.

Ged-a fhuair iad e fo chìs

Cha robh leithid anns an tìr ;

Bu chompanach e do 'n rìgh

Do dh' uaislean grinn 's do chumantau.



Gur-a diombach mi de 'n chléir

'Chuir an tòrachd ás a dhéigh ;




Gu 'm bu dileas e dhaibh féin

Ged thug iad beum na dunach dha.





## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

18  
2.0  
2.2  
2.5  
2.8  
3.2  
3.6  
4.0  
4.5

10

A chiad latha de 'n bhliadh'n' ùir  
 'S ann a shuidhich iad a chùirt  
 'S iad ag iarraidh fear mo rùin  
 A chur an cùil 's a chumail ann.

Chaidh mi-féin a staigh nam dheann ;  
 Bha mo bhoineid ann am làimh ;  
 Bha mi sìobholt ann aìn chajnnnt  
 'S cha tugainn taing do dhuin' aca.

Thuirt a nàmhdean 's fearg nan gnùis  
 Gu 'n robh e gun mheas, gun chliù ;  
 Gu 'n goideadh e an cuid 's a chùil  
 Ged bhiodh an sùil air furachail.

Thuirt mi féin, gur cruaidh an càs  
 Mac-an-Tòisich chur gu bàs  
 'S gun chòir' aca 'dh 'fhear mo ghràidh  
 Ach e 'bhi fàilteach, furanach.

Dh' iarr mi orra 'chur mu sgaoil,  
 'Leigeadh ás duinn air an raon ;—  
 Cha ghlachdte e a ris le maoir ;  
 Cha bhiodh e faoin a chuireadh ris.

Gu 'n robh fianaisean gu leòir  
 Gus a shaoradh aig a mhòd,  
 Fear na misnich, Uilleam òg,  
 Bha dedònach dol an urras air.

Tòmas air a chnoc ud shuas  
 Thàinig oirnn le 'lagh a nuas  
 Dh' fheuch an dionadh e'm fear ruadh  
 'S e' ruith cho luath 's a b' urrainn da.

Thàinig Pàdruig ás a dhéigh  
 Ged bha bacaille 'na cheum ;  
 Gu 'n robh bat' aige fo 'sgéith  
 'S mur biodh iad réidh bhiodh fuil aige.

Dh' éirich Somhairle 's a chùirt  
 'S labhair e le sgairt mu 'n chùis ;  
 Thuirt e chogainn ris a chrùn  
 Mu 'n cuirinn diomb a churaidh rium.

Chreid am breitheamh a luchd-fuath'  
 'S thuirt e, 's 'fhuil a leam gu 'ghruaidh,  
 'S fad o'n thoill e 'chroich mar dhuais,  
 Is gheibh e bhuan-s' na bluineas dha.

'N uair a fhuaradh e fo shreing,  
 Bha na ceudan 'dol nan deann  
 'S iad a bòideachadh gu teamn  
 A bhi nan nàimhdean tuilleadh dha.

'S iomadh aon 'bha 'chridhe fann  
 'Sa bh' air chrith gu dlùth 's gach ball,  
 'Cur a laimhe ris a pheann  
 'S e dol 's a' bhann 'bha cunnartach.

'S fad o'n chuala mi 'bhi 'g ràdh  
 Gu 'n téid neart thar ceart an àird ;  
 'S ann mar sin tha 'chùis an dràst ;  
 Bha bhinn ud ceàrr, 's bu ghuineach i.

Bha lagh Chill-ma-cheallaig cam,  
 'N uair a chroch e'n t-each ri crann ;  
 Ach ni 's caime tha 'n lagh teamn  
 'Chuir slabhraidih mu 'n fhear churanta.

Dheanainn iasgach leis an tàbh  
 Air a' charaig mar-ri càch,  
 'S ged nach biodh mo lòpan làn  
 Bhiodh cuid an tràth' no tuilleadh ann.

Gur-a tric a thug mi sgrìob  
 Gu rudha Arasaig ud shios,  
 'S an taigh Ealasaig gu 'm bith'm  
 'N uair 'bhiodh na linn an cur agam.

'Mhic-an-Tòisich bha thu riamh  
 Fearail, fiùghantach, 'us fial ;  
 Cha bhiodh tlachd ach far an iarrte  
 Thu, 'dh' aindeoin briag a chuireadh ort.

Raoghal cùbair tha fo leòn  
 Bho na chuala e ~~me'n~~ mhòd ; *Mu na*  
 'S tric 'na mheòir a chuir thu ceòl  
 A dh' fhògradh bròn gu buileach bhuainn.

Màla 'phioba chrup e 'suas,  
 'Ga fhliuchadh le uisge fuar,  
 Bho 'n theirig iocshlainte nam buadh  
 A bheireadh fuasgladh muineil da.

'Sin an iocshlaint' 's an robh 'm feum  
 'Dh' fhògradh aiceidean bho chléibh :  
 'S b' ainmeil i air leigheas chreuchd ;  
 Gu 'm b' fheàrr na léigh nam Muileach i.

Thuirt Mac-Mhuirich rium Di-màirt  
 Gu 'n d' fheuch e cuislean do làmh,  
 'S gu 'n éireadh tu fhathast slàn ;  
 Do chur gu bàs nach b' urrainn daibh.

B' fheàrr gu 'm biodh an sgeul sin fiòr ;  
 'S iomadh aon dha 'm biodh e binn ;  
 Ged bhiodh 'bhrann daidh gini 'phinnt  
 Gu 'n cosdainn trì le sulas riut.

Ged-a bhithinn 's an taigh bhàn  
 Gun dùil ri tigh' ás gu bràth,  
 Nam faicinn thu air an t-sràid  
 Gu 'n leumainn àrd troimh' uinneagan.

Cha bhiodh banais 's cha bhiodh bàl,  
 Cha bhiodh Nollaig 's cha bhiodh càisg  
 Nach biodh tus' air ceann a' chlàir  
 'S do chàirdean a' cur furain ort.

'S ann ad chomunn nach biodh sgraing  
 'N uair a theannadh daoin' ri cainnt ;  
 Cha bhiodh òr ad phòca gann  
 'S gu 'n tugte *dram* do 'n' h-uile fear.

Greis air iomairt 's greis air òl,  
 Greis air aighear 's greis air ceòl,  
 Greis eile air bualadh nan dòrn  
 'S gun chòmhdaich air am mullaichean.

Chuireadh tu 'n daorach nan ceann,  
 Thuiteadh iad a bhos 'us thall ;  
 'N uair ghlacadh iad thu air làimh  
 Cha cheannsaicheadh Cochullain iad.

Dh' fhàgadh tu 'm fear glic gun chiall ;  
 Dheanadh tu 'n splocaire fial ;  
 Dh' fhuasgladh tu sporan nan iall  
 'S cha bhiodh an gnìomh sin furasda.

X. He ~~never~~ wrote spiorad, and at  
first spioradh, but the printer  
thought spiorad would be better.

Co a chunntadh e 'na chall  
'Bhi sgapadh airgid 'n ad' gheall,  
Ged-a bhiodh e'n ath-là fann  
'S a làmh mu cheann 'se 'turaman.

'S misd' na mnathan thu 'g an dìth,  
B' fheàird' iad ac thu 'g òl na ti  
Dh' fhiosraicheadh tu dhaibh le cinnt  
A' bhrigh a bhiodh 's na duilleagan.

'S mòr am beud thu 'bhi air chall ;  
Bu tu ceann-cinnidh gach dream :  
Chiosnaicheadh tu feachd na Fraing,  
Gun deann a chur á gunn' orra.

X Dheanadh tu cogadh 'us sìth ;  
'S e do spiorad, nach robh clì ; *spioradh*  
Cha 'n fhacas tu air do dhriom,  
Ge tric an strì nam buillean thu.

T 'S lionmhòr mais' ort, fir mo ghràidh,  
Nach h-urrainn domh 'luaidh am dhàn :  
Ma théid ~~d'~~ fhògradh null thar sàil'  
Bidh sinn ri 'r là dheth uireasach.

Ach ma thig thu slàn 'n ar ceann  
Le d' shuaicheantas àrd ri crann,  
Gur curaideach a bhios do chlann  
A dannsadh Ruidhle-Thulaichean.

Bidh sinn éibhinn thu bhi beò ;  
Cha bhi duine sean no òg  
Nach tionndaidh fo d' bhrrataich shròil,  
'S gu mòd cha toirear tuilleadh thu.

*J' phògradh or d' phògradh. J' phògradh*  
*'s concert. so, those begin a vowel*  
*sound is hardened to to, contracted*

Sud ort féin, a charaid ghràidh ;  
 'S mi nach tréigeadh thu gu bràth ;  
 Cha téid m' ainm s' air paipeir bàن  
 Am measg na gràisg nach buineadh dhuit.

The friends of Ferintosh, referred to in this and the following song were all well-known, and were by no means strong advocates of total abstinence. "Dòmhnull Mhamaidh" was a Mac-Gillivray. "Uilleam òg," William Gillies, kept a tavern in Antigonish. He was a native of Moidart. "Tòmas," John Thomas Hill was a lawyer. "Pàdruig," Paddy Byrne, an Irishman was a noted tavern-keeper. "Somhairle," Samuel Symonds, was for a time jail-keeper in Antigonish. "Eala-said" kept a tavern in Arisaig. "Raoghal Cùbair" was a piper. "Mac-Mhuirich," Dr Curry was a gentleman of very good talents. He studied medicine in Edinburgh.

The judge referred to in the 13th verse was of course Bishop Fraser, a genuine Highlander, and a gentleman for whom all entertained the highest respect.

### AISEIRIGH MHIC-AN TOISICH

Cha b' fhada chum a chuid mhòr de na sguir de 'n òl aig àm "Diteadh Mhic-an-Toisich" ri 'n gealladh. Thòisich iad air òl mar-a b' abhaist daibh. B'e sin aobhar an òrain so. Tha e air a dheanamh mar gu'm b' ann le "Raoghal Cùbair, pìobaire Mhic-an.Tòisich."

*L u i n n e a g .*

“ Ho ro, ho ro gur h-éibhin leam  
 A chluinntinn gu ‘n do dh’ éirich thu ;  
 ’S ann leam is ait an sgeula sin  
 Bho ‘n chaidh an t-eug cho teann ort.”

’S a’ mha luinn an àm éiridh dhomh  
 Gu ‘n d’ fhuair mi naigheachd éibhinneach ;  
 ’S gur lionmhор fear a leughas i  
 Nach tugadh beum d’ ar ceannard ;  
 Gu ‘n tàinig Mac-an-Tòisich oirnn  
 Gu dhùthchas, mar bu deònach leinn ;  
 Ged thug iad ionnsaidh ghòrach ort  
 Gu bheil thu beò gun taing dhaibh.  
 Gu ‘n cuir mi ’phìob an òrdugh dhuit,  
 ’S gu ‘n seinn mi binn an t-òran so ;  
 Gu ‘n tàinig lùths am mheòirean  
 Bho na thòisich mi ri cainnt ort.  
 ’N uair’ tharruing mi ‘g am ionnsaidh i  
 Cha robh a cliabh ach tùchanach :  
 Cha b’ ioghnadh dh’ i, bu tùrsach i  
 Ri ionndrainn na bh’ air chall oirnn.  
 Bha ‘n gaothaire ‘s droch fhàileadh dheth ;  
 ’S an siunnsair thàinig sgàineadh ann ;  
 Cha robh na duis ach càrsanach,  
 ’S a màla ‘s e air crampadh.  
 Na ribheidean air tiormachadh.  
 Gach gleus a bh’ innt’ is meirg orra.—  
 ’N uair fhuair i’n iocshlàint iomraideach,  
 Gu ‘m freagradh gairm nam beann d’i.

Gu 'n cuir mi suas gu riomhach i  
 Le ribeinean de 'n t-sìod' oirre.  
 'Si féin mo chéile siobhalta  
 Cho finealta ri baintighearn'.

Thoir fios gu Dòmhnull Mhamaidh bhuan  
 Mo chòmhlichadh an Arisaig :  
 Gu 'n téid mi 'sios am màireach ann  
 'S gu 'n tàmh sin ann gu Bealtuinn.

Bidh càirdean Mhic-an-Tòisich ann  
 Nan comunn sunndach, sòlasach,  
 Gu toirt a mach a chòraichean  
 Ma thòiseachas an aimhreit.

Bidh Dòmhnull, mar is taitneach leis,  
 A' cumail suas do bhrataich dhaibh ;  
 Bidh ruaig air sluagh 'bheir masladh dhuit  
 Mu 'm paisgear ris a chrann i.

Bho 'n tha gach dream air tilleadh riut  
 'S ann chruinnicheas sinn na fineachan ;  
 Bidh Uilleam Og na shinealair  
 'S na gillean fo 'chomannda.

Bidh Somhairle na chléireach ann,  
 'S do 'n chòirneil bheirear réiseamaid :—  
 Gur maирg a thairgeadh eucoir dhuit  
 'S gach treun-fhear a bhios teann ort.

Gu 'n tig am Maidseir Alastair  
 Le 'gheàrd o'n Tobar Shalainn' ann ;  
 'S gu 'n ordaich e na searragan  
 'Bhi 'n tarrning air a' chabhsair.

Bidh Tomas agus Padruig ann,  
 Cho dileas dhuit 's a b' àbhaist dhaibh,  
 'S a dh' aindeoin cléir no cràbhaichean  
 Cha 'n àicheidh iad na gheall iad.

Bidh Uisdean is Niall Camsbron ann ;  
 Bu chuirteil leat 's an anamoch iad  
 Aig ceann do bhùird a seanachas riut  
 Gun dearmad air a' bhranndaidh.

Le fonn thig Raoghal tuairnear oirnn  
 'S gu 'm faigh e post' o'n uachdaran :  
 'S ann chuir a' bheairt, droch thuainealaich  
 Na 'chluasan le 'cuid sranntaich

Air eagal 's gu 'm bi cunnart ann  
 Le tinneas 's buillean fuileachdach,  
 Gu 'n tig an léigh Mac-Mhuirich ann,  
 'S gur h-urramach le 'lann e.

Tha Aonghas Gobha làmh ruinn,  
 'Us gur fòghainteach 'na cheàrdaich e  
 Tha mòran għlasan làmh aig'  
 Gu d' luchd càinidh chur air slabhraidi.

Thig Lachuinn saor a chlisgeadh oirnn,  
 'S gu bheil mi 'n dùil nach misd 'sinn e  
 Gu càradh chorpa 's na cisteachan  
 Ma thàrlas bristeadh cheann ann.

'Us ma bhios mairbh r'an tiodhlacadh  
 Gur feàird' sinn Iain Mac-Isaac ann ;  
 Gu 'm fuaign e dhaibh an lion eudach  
 Gu grinn 's an fhasan Għallda.

'N uair chruinnicheas na h-àrmuinn sin  
 Mu'n cuairt do 'n bhòrd mar b' àbhaist dhaibh,  
 Gur cinnteach gu 'm bi 'm Bàrd againn,  
 'S gu 'n dean e 'n Gàidhlig rann duinn.

Gu 'n loisgear teintean éibhneis dhuit  
 'Feadh bheann 'us ghleann 'us réidhleanan,  
 Gu 'n lasar coinnleán céire dhuit,  
 Bidh deàrrsadadh bho gach lanntair.

Bidh fion an gnìomh nan òr-cheàrdan  
 Gu fial ga dhìol gu 'n sòradb air,  
 Gun iotadh air son seòrs' orra  
 Bha d' stòraichean gun ghanntar.

Ach spiocairean cha 'n fharraid sinn,  
 Cha 'n fhaod iad tigh'nn an sealladh dhuinn :  
 Gur tric a thug thu 'n car asda  
 'N uair 'mhealladh tu le dram iad.

'N uair dhùisgeadh tu gu mòrchuis iad  
 Gu 'n rùraicheadh tu 'm pòcanan :  
 Na 'n cunntadh iad de 'n stòras dhuit  
 Bhiodh bròn orr' fad a'gheamhraidh,

Bhiodh airsneal agus éislean orr,'  
 Fo sprochd cho bochd 's a dh' eirich dhaibh :  
 Ach 's tusa 'm fear a léigh'seadh iad  
 'S a bheireadh réit á aimhreit.

Gach aon a bh' ann am miothlachd riut  
 Ga d' fhuadach ás na crìochan so  
 Gu 'm feum iad a bhi sìobhalta  
 Mu 'n ciosnaichear fo shreiling iad.

Ma thionndas iad am baiteal ruinn  
 Gu 'n smùidear leis na slachdain iad,  
 Le buillean dhòrn 's le bataichean  
 De għlas-darach 's de challtuinn.

'S ma thachras le neart pheileirean  
 Gu 'm fàgar cuid dhinn deireasach  
 Gu 'n sònraichear taigh-eiridinn  
 'S gur h-eireachdail do chlann ann.

Bidh bruidhinn àrd gu dian aca,  
 Bidh sgròbadh leis na h-ìmean ac',  
 'S tu féin le d' bheusan slobhalta  
 G an cur gu sìth 'g an an-toil.

Nan leapaichean gu 'n suaineadh tu  
 Nan cadal air an cluasaig iad ;  
 Bhiodh breisleach agus bruadar orra  
 'S iad fo għruaim a' dranndan.

'N uair dhùisgeas iad am màireach  
 Gu 'm bi goirteas cinn 'g an sàrachadh,  
 'Ag innse gu bheil tamaitl orr'  
 Mar dh' fhàg thu iad nan anntlachd.

'N uair thig thu Ìlùth chur fàilt' orra  
 Bheir d' aghaidh mhùirneach slàinte dhaibh ;  
 'S ann phògas iad le càirdeas thu  
 Bidh crathadh làmh gu teann ann.

Bha mòran dhaoine 'gràitinn rium  
 Gu 'n robh do ghealladh failinneach,  
 'S gu 'n rùisgeadh tu na páisdean  
 Aig na pàrantan 'bha 'n geall ort.

Cha robh thu riamh cho eucorach  
 'S gu 'n rùisgeadh tu gun éideadh iad ;  
 Gu 'm falbhainn as mo léine leat  
 Gun eisdeachd ri d' luchd-gamhlais.

Gur lionmhor buaidh ri àireamh ort,  
 Nach innseadh fear le 'thàlantan ;  
 Bha 'n t-sinnsearachd bho 'n tàinig thu  
 'S an àire air na h-àrd-bheanntan.

'N uair fhuair thu aisde sàbhailte  
 Chaidh Noah 'thogail gàraidh dhuit;  
 'S gu h-uasal thug thu phàidheadh dha ;  
 Bha càrt agaibh 's an àm sin.

Ged chaidh a chléir gu 'n dùbhlann oirnn  
 'Ga d' fhuadach ás na dùchannan  
 Bu tric iad féin a sùgradh riut  
 'S tu 'g ionnsachadh dhaibh dannsa.

'N uair 'dh'éireadh iad air ùrlar leat  
 Bu lapach mu na glùinean iad ;  
 Gu 'n càineadh iad 's a chùbaidh thu  
 'S gu 'n rachta 'n chùil 'g ad shealltainn.

Bu tric an cùirt nan righrean thu  
 Ga d' iarraidh 'dh 'ionnsaidh dinneireach ;  
 Bu chompanach do dh' Iompaire thu  
 Gu brìodalach a' cainnt ris.

Gu bheil do nàdar iriosal  
 'Us bàigheil, càirdeil, mireagach :  
 Gur h-àlainn an ceann-cinuidh thu  
 'N uair 'thionalas do champa.

Bu ghaisgeach mòr rìgh Alastair,  
 Bhiodh buaidh 's a' bhlàr a dh' aindeoin aig',  
 Ach cheannsaich thus' gu h-ealamh e,  
 Gur fearail dh' iomairt lainn thu.

Deoch-siàinte Mhic-an-Tòisich  
 Cuir mu 'n cuairt oirnn ; co nach h-òladh i ?  
 Bho 'n thill thu ruinn b'e 'n sòlas e  
 Seach d' fhògradh bhuainn le ainneart.

Bu bhlasda le d' chuid uaislean i.  
 Gu 'm b' fhallain teth no fuar dhaibh i :—  
 'N uair t' òiseachadh na tuasaidean  
 Cha bhiodh fear suarach ann diu.

Air chùmhnan' thu thigh'nn sàbhailte  
 Gu 'n òlainn féin 's gu 'm páidhinn i ;  
 Ach teisteanas 'bheir tàmailt ort  
 Gu bràth cha chuir mi peann ris.

"An Còirneal," Munro, was a Scotsman. He at one time owned nearly all the lands on which the village of Antigonish now stands. He was Colonel of the Militia. His uncle, the Rev. James Munro, who was born at Orbiston, near Elgin, was the first minister of Antigonish. He was settled there in the summer of 1807. He visited Antigonish and preached there in 1797. He died in 1819.

"Am Maidseir Alasdair," Alexander Cameron, was a native of Lochaber, and was a good-hearted sort of man. "Uisdean" Hugh MacLennan, was a merchant in Antigonish. "Niall Camashron," a native of Lochaber, kept a tavern in Antigonish. "Raonull Tuairnear," Ranald MacLean, lived at Addington Forks. It was in his house the poet died. "Aonghus Gobha," Angus Smith, is still

living. “Lachunn Saor,” Lachlan MacLean was a native of Coll. He died, July 3rd, 1855. “Iain Mac Isaic,” a native of Moidart is still living.

### O R A N D O ' N " C H U A I R T E A R . "

DEOCH slàinte 'CHUAIRTEIR a ghluais á Albainn,  
Bho thir nam mòr-bheann 's a sheòl an fhairge  
Do 'n dùthaich choilltich s' 'thoirt dhuinn a  
sheanchais;

'S am fear nach òl i, biodh mòran feirg ris.

'N uair thig an CUAIRTEAR ud uair 's a' mhìosa.  
Gu 'm bi na h-òganaich le toilinnntiinn

A' tional eòlais bho chòmhradh siobhalt,

'S bidh naidheachd ùr aig' air cliù an sinnsribh.

Gur lionmhor maighdean tha ann an déigh air,

'S a bhios le caoimhneas a' faighneachd sgeul  
dheth,

Le solus choinnlean a bhios ga léughadh,

'S bidh eachdraidh ghaoil aige do gach té dhiubh.

Cha 'n ioghnadh òigridh thoirt mòran spéis dha

'N uair 'tha na seann daoin 'tha 'call an léirsinn,

'S an cinn air liathadh cho dian an déigh air,

'S nach dean ied fhaicinn mar cleachd iad spéue-  
lair.

'S e 'n CUAIRTEAR GAIDH'LACH an t-àrinunn  
dealbhach

Le 'phearsa bhòidhich an còmhdaich balla-bhreac  
Mar chleachd a shinnsearbh gu direadh gharbh-  
lach,

'S e fearail, gleusda gu feum le armaibh.

'N uair thig e 'n tìr so mu thìnna sambhna,  
 Bidh féileadh cuaiche mu chruachainn theannta,  
 'S a bhreacan guaille gu h-uallach, greannar,  
 'S cha lagaich fuachd e no gruaim a' gheamhraidh.

Bidh boineid ghorm agus gearra-chot ùr air,  
 Bidh osain dhealbhach mu 'chalpaibh dùmhail,  
 Bidh gartan stiallach thar fiar-bhreid cùil air,  
 'S a bhrògan éille, 's b'e 'n t-éideadh dùthchais.

Bidh lann gheur stàillinn 'n crios 'bhraiste airgid  
 air

'S biodag dhuallach de chruaiòh na Gearmaiit,  
 Is dag air gheusadh nach leum le clearbaich,  
 Le sporan iallach de bhian an t-sheana-bhruic.

'S e sin an t-éideadh tha eutrom uallach  
 Gu siubhal bheann agus ghleann is chruachan,  
 'S gu seasamh làraich an làthair cruadail ;  
 Bu tric an nàmhaid an càs air ruaig leis.

'N uair chi mi 'n CUAIRTEAR tha uasal, rìoghail,  
 Bidh mi ga shàmhachadh ri Iain Muilleir ;  
 Tha fichead greamhradh bho 'n tha e 's tìr so  
 'S cha d' chuir e riamh air a shliasaid cuibhreach.

Tha còrr is ciad bho 'n tha ciall is cuimhn' aig' ;  
 Is tric a shealg e 'n damh dearg 's na frìthean,  
 Air shios Beinn Armuin a b' àrd r' a direadh,  
 'S an déigh an t-seors' ud b'e 'n còmhlan fiachaill.

'S a' CHUAIRTEIR àluinn tha 'tàmh 's na gleanntan,  
 Ga bheil a' Ghàidhlig, 's a's feàrr a labhras i,  
 'S nach gabh tàmait ge be ni sealltainn riut,  
 'S mòr de chàirdean tha 'n dràst an geall ort.

Gu 'n ghabh iad tlachd dhiot le beachd nach tréig iad,  
 Bho 'n 's Gàidheal gasd' thu tha sgaireil gleusda ;  
 'S tu oighr' an TEACHDAIRE 'chleachd bhi beusach,  
 'S cha d' fhàgadh masl' air a' fahac 'na dhéigh leis.  
 'S a' CHUAIRTEIR ghràdhaich cha d' thugann fuath dhuit ;  
 Gu'n robh do chàirdeas ri sàr-dhaoin' uasal,  
 Ged-a rinn pàirt dhiubh do chàradh suarach,  
 A chaill an Gàidhlig 's na b' fheàrr cha d'fhuair iad.  
 'S i Ghàidhlig bhrioghmhor 'bh' aig suinn na Féinne,  
 'S bu daoine calma nan aimsir féin iad,  
 'S rinn Oisean dànaichd dhaibh air a réir sin ;  
 'S gur h-i bh' aig Pàdruig a bheannaich Eirinn.  
 Gur mòr na fiachan fo bheil na Gàidheil  
 Do 'u fhear a dh' innrich air leabhar nàdair,  
 'S a dhearbh le firinn gur h-i bh' aig Adhamh,  
 'S e bainne 'ciche a lòn gach cànan !  
 Bu lus 'bha prìseil i chinn 's a' ghàradh,  
 Bha 'n stochd gun chrìonadh am brìgh 's an àilleachd,  
 'S cha robh ann siantan a mhill a blàithean ;  
 Bu ghlan gun truailleadh a fuaim an là sin.  
 A CHUAIRTEIR éibhinn na tréig gu bràth i,  
 'S na leig air dìochuimhn' ri linn an àil s' i :  
 Bidh sinn ga seinn anns na coilltibh fàsaich,  
 Mar sheinn na h-Eabhraich an cainnt 'am Bàb'lön.

'S a CHUAIRTEIR shiobhalt ma ni thu m' iarrtas,  
 'S gu 'n cuir thu 'n t-òran so 'n clò nan iarunn,  
 A' d' chaoimhneas giùlain do 'n chùrsa 'n iar e,  
 Do'n eilean iosal, 'an tìr o'n thriall mi.

Am baile gaolach a' Chaolais àillidh  
 'S an robh mi 'còmhnaidh 'n am òige, fàg e,  
 Aig cnoc Mhic-Dhùgh'll far an dlù mo chàirdean ;  
 'S thoir fios gu'n ionnsaidh gu bheil mi m' shlàinte.

'N uair bhios mi còmhla ri comunn càirdeil,  
 'N ar suidhe còmhlnard mu bhòrd taigh-thàirne,  
 Gu 'n gabh mi 'n t-òran, gu 'n òl, 's gu 'm páidh  
 mi  
 Deoch-slàinte    CHUAIRTEIR    le buaidh do'n  
 Ghàidhlig.

"Oran do 'n Chuairtear" was written about the year 1842. The "Iain Muilleir" referred to was a native of Sutherlandshire. His name was John Sutherland; and he was commonly known as "Bodach an Fhéilidh." He was driven to this country when an old man by the Sutherland clearings. He wore the kilt in winter and summer; probably he never had a pair of trousers on. He was like his countryman, Rob Donn, a noted deer-hunter. He lived to the patriarchal age of one hundred and seven years.

The person referred to in the 16th verse, as proving that the Gaelic was the language of Eden, is Lachlan MacLean, author of the "History of the Celtic Language."

Irish you can't get the Rev. Colin  
Grant's genealogy. See A Letter to Rev.  
Alexander Campbell by Colin Chisholm  
of ~~BARNSAY~~<sup>NA COILLE</sup> Cor Mag<sup>187</sup>. Mr  
Chisholm, page 4, says that he  
was born at Glenmoriston, now  
Do mhaighstir Cailean Grannda, sagairt Arisaig.

FONN.—“Ged a dh' fhàg thu ri port mi.”

Gu bheil m' inntinn air dùsgadh  
'S i ga m' bhrosnachadh sunndach gu dàn  
N'am biodh fiosrachadh réidh dhomh  
No gu 'n àiricheadh géire ann am chàil.—  
Tha mi 'n comain an uasail,  
Ni nach urrainn mi 'luaidh air an dràst,  
Air na bhuanndach mi eòlas  
'N uair a bha mi 'na chòmhradh Di-màirt,

'S e e-féin am fear fiachail ;  
'Chaoi dh cha leig mi air diochuimhn' mar bha ;  
'S bidh mi 'còmhradh mu bheusan  
Ri m' luchd eòlais le éibhneas 's gach àit'.  
Ma 's-a maireann an neart mi  
Théid mi sunndach ga fhaicinn gun dàil,  
An duine-uasal a's grinne  
'S am fear suairce a's ceanalta gnàs.

Fear do choltais 's do nàdair-sa  
Cha 'n eòl dhomh 's an àite mu 'n cuairt :—  
Gnùis a's aoibheile sealladh,  
Sùil a's blàithe fo mhala gun ghruaim ;  
Pearsa chumadail, dhìreach  
Aigne fior-ghlan, gun chrìne, gun clruas ;  
Bòidheach uile air a bhallaibh,  
Agus fòghlum cur barrachd air 'suas.

*that his parents were Duncan  
Grant and Helena Chisholm. He  
was a thorough gentleman.*

Cha 'n 'eil mòrchuis 'na ghiùlan  
 'S gur-a lionmhòr ri chunntas air buaidh ;  
 Sàr-phears'-eaglais na sgìreachd  
 Agus comhairliche dìleas da 'shluagh  
 Maighstir Cailean an Granndach  
 Tha de 'n chinneadh bha ceannsgalach cruaidh ;  
 Cha b' e fotus na fala  
 A rinn sioladh cho fallan 'na ghruaidh.

Gur h-iad sruthaman riomhach  
 As na tobraichean fior-uisge 'b 'fheàrr  
 'Rinn do chuislean a lionadh :  
 Cha chraobh mheanbh thu bho chrionaich a dh'  
 fhàs.  
 Fhuair mi teisteanas cinnteach  
 Bho d' luchd-eòlais 's an tìr anns gach àit  
 Thu 'bhi teom' air gach fear-ghleus,  
 'S cuim nach deanainn-sa 'sheanachas diubh pàirt !

Bu tu sglobair na mara  
 Air chuan duthar, glas, greannach, nan stuadh ;  
 Ann ad bhàta 's glan sealadh  
 'N àm dhi gluasad o'n chala gu cuan,  
 'S i na siubhal gu h-eutrom,  
 'Gearradh thonnan gun éislean le fuaim,  
 'S gillean gleust' air a darach  
 Leis am b' éibhinn gaoth sgalanta, chruaidh.

'N uair a rachadh do mhaighdean  
 Fo shiùil gheala ri croinn air an t-snàmh  
 Bu leat urram an stiùiridh,  
 'S tu gun ghealtachd, gun ghiùlan ro-àrd.

'S tu gu 'm feuchadh a fiùbhaidh,  
 'S i 'ruith cinnteach na cùrsa gu tràigh  
 Mar luath-iolair nan sléibhteann  
 Leum air uan gus a reubadh d'a h-àl.

Bu tu 'n giomanach gunna  
 'Shiubhal frithe le d' chuileanan seang ;  
 An damh donn bhiodh an cunnart  
 Ged bu luaineach air mullach an eang.  
 Bhiodh do luaidhe na chulaidh,  
 'S cha bu bhuannachd dha 'thuras do'n ghleann ;  
 'S tric fo chuumse do bhuille  
 Thilgeadh fiadh air àrd-uilinn nam beann.

Bu tu 'm marcaiche ceutach,—  
 Tha mi 'n dùil nach do dh' fheuch thu na b'  
     fheàrr,  
 Air each diolaideach, srianach,  
 Cruitheat, ceumanta, briagh a chinn àird,  
 'S e ruith dìreach gun fhiaradhl,  
 Air dhuit beannachd ri chliathaich le d' shàil,  
 Siùblach, aigeannach, fiadhaich,  
 Srannach, farumach, dian air an lär. \*

Gur tu 'n Gàidheal glan, ciatach  
 Bho 'bheil èolas r'a iarraigdh 's gach àm ;  
 Cridhe farsuinn na fialachd,  
 Làmh a' phailteis nach riaraicheadh gann.

---

\* The last two lines, when properly read, sound very much like a horse going at full speed. Virgil's well-known line of the same character is as follows :—“ Quadrupedante putrem soniter quatit ungula campum,”—Æneid, Book viii, line 596.

'S beag an t-ioghnadh an uaisle  
 'Bhi ri dìreadh mu d' ghuaillean 's mu d' cheann,  
 'S gu 'n do bhuaineadh do shinnsearbh  
 Bho chaisteal 's bho thìr Thighearna Ghrannd.

Mach bho theaghlach Mhic Phàdruig  
 'S ann a liousgair do chàirdean gun fheall,  
 De na meòir ud a b' aird'  
 De 'n chràobh a fhreumhaich fo bhlàth anns a  
     ghleann.  
 Tha i fhathast 's an àit' sin  
 Ann am prìseileachd stàtail gun chall  
 Ri sior-bhuannachd gu lathail,  
 'S gur-a daingeann na làraich a bonn.

Ann an cinneadh do mhàthar  
 Cha bhiodh taise 'n uair 'thàirnteadh gu stri,  
 Bhiodh na Siosalaich dhàna  
 Guineach calma do 'n bhlàr a dol sios,  
 'N uair a dhùisgear an àrdan  
 'S iad nach giùlain le tàmailt no spìd,  
 Chluinnteadh farum an làmhaich  
 'Cur an nàimhdean 's an àraich gu dìth.

'S beag an t-ioghnadh thu bhi beachdail  
 'S gu 'm bu lìonmhòr fear-feachda nach fann  
 A bha dlùth dhuit an cùldeas  
 Ann an dùthchannaibh àrda nam beann.  
 Bha thu 'n dainh ris na treun-laoich  
 Thig bho Bhrathuinn nan steud is nan lann,  
 'S ris na Leathanaich rioghail  
 Sheasadh onair na rioghachd gun chall,

Tha do chàirdeas air fhilleadh  
 Ri luchd leanimhuinn Mhic-Shimi bho 'n Aird ;  
 Nach bu shuarach r'an sireadh  
 An àm cruadail an iomairt na spàirn .  
 Na fir ghleusda gun troma,  
 'S iad nach géilleadh le giorag 's a' bhlàr :  
 Bhiodh na Friseilich ainmeil  
 Calma, ceannsgalach, earbsach 's gach càs.

Tha Gleann-Garaidh dhuit dileas,  
 Leòghann fulangach rioghail gun sgàth,  
 Le 'chuid daoine nach ñlobradh  
 'N uair a sgaoileadh e 'shloda 's a' bhlàr.  
 Bhiodh am fitheach 's am fireun,  
 'S bradan tarragheal an fhìor-uisge 'n àird,  
 'S an dà mhàthan le 'n saighdean ;—  
 Sin a shuaicheantas roinnte bho chàch.

Tha Clann Chamshroin bho Lòchaidh,  
 Bhuidheann Abraich bu mhòralach triall,  
 Dlùth gu leòir dhuit an càirdeas  
 'S gu 'in bu mheasail na h-àrmuinn sin riabh ;  
 Cha bu shùgradh an còmhstria,  
 'S iad a chumadh a' chòmhail gun fhiambh ;  
 Bhiodh an nàimhdean air fògar  
 'S iad 'g an iomain le òrdan Loch-Iall.

Thoir mo dhùrrachd gu Cailean,  
 Am fear fiughantach, fearail, le gràdh ;  
 Gu ma fada na sgìre e  
 Ann an sonas, 's an sìth, is an slàint'.

Na thaigh greadhnach gun ainnis  
 'S tric a thaoghaileadh luchd-aineoil gu tàmh,  
 'S aig an uasal bu ghlaine  
 Cha bhiodh caomhn' air aon ghoireas fo làimh.

An àm suidhe mu d' bhòrdlaibh  
 Gu 'm bu chliuiteach do sheòl ris na dàimh ;  
 Bhiodh a' bhranndaidh gun ghainne,  
 'S le fion blasda bhiodh gloineachan làn :  
 Bhiodh leann làidir nan searrag  
 Anns na cuachan 'cur thairis fo bhàrr ;  
 'S bhiodh gach duine làn sòlais  
 Sunndach, bruidhneach ag òl nan deoch-slàint.'

Rinn mi 'm beagan so 'ràitinn  
 Mu 'n duin'-uasal tha 'n Arisaig thall ;  
 'S tha mi 'n dùil gur-a firinn  
 Tha 's gach ni chuir mi sios ann am chainnt.  
 Dh' fhaotainn tuilleadh dhuibh innse  
 Ach bidh mi tarruing gu crìch le mo rann ;  
 Olam 'nis a dheoch-slàinte  
 Bho na fhuair mi an dàn so gu ceann.

The Rev. Mr Grant was a man of many excellent qualities. The poet was deeply attached to him. His father was a Presbyterian and his mother a Roman Catholic. He was educated in Lismore. His brother Peter was an officer in the army. Peter belonged to the same church as his father. His sister was married to Alexander Chisholm an uncle of the present Chisholm of Strath-Glas. Duncan Chisholm, merchant, Antigonish was their son.

## M A R B H - R A N N

Do Mhaighstir Cailean Grannda, Sagairt Arisaig,  
a chaochail 's a' bhliadhna 1839.

FONN.—“*Mile marbh phaisg ort a shaoghal.*”

Moch Di-luain an àm dhomh éiridh  
Fhuair mi sgeul nach b' éibhinn leam,  
Sgeul tha fior ri 'bhi ga éisdeachd  
Mheudaich éislean dhomh nach gann.  
Air a phasgadh anns na léintean  
'S a shùil bhlàth gun léirsinn dall  
Tha 'n duin'-uasal thug mi spèis da,  
'S trom mo cheum 's nach 'eil e ann.

'N uair a bha e beò 'na shlàinte  
Bu deas dàicheil cumadh bhall  
Do 'n duin'-uasal 'tha mi 'gràitinn,  
'S tric a dh' fhàiltich mi air làimh :—  
Pearsa ghrinn gun fhoill, gun fhàilinn  
Bho d' mhullach gu d' shàil gun mheang ;  
Gnùis a b' àille 's fiannh a' ghàire oirr',  
'S cridhe blàth bu chàirdeil cainnt.

'S iomadh aon a tha 'gad ionndrainn  
Bho na dhùineadh thu fo 'n chlàr,  
Ann an cadal far nach dùisg thu  
'N leabaidh chaoil 's a' chruisle làir.  
Ged nach robh mi 'n càirdeas dlùth dhuit,  
'S mòr an diùbhail leam do bhàs ;  
Bha thu dileas air mo chùlthoobh  
'Sheasamh cùis dhomh 's mi bhi 'n cas.

'S aobhar bròin dhomh a bhi 'g innse  
 Gu bheil thu 's a' chill ud thall  
 Air do thasgadh glaiste, dionach  
 'S gur a h-iosal leam do cheann.  
 Bidh tu 'm chuimhne 'là 's a dh' oidhche,  
 'S tric a tigh'nn fo m' shuim do chall ;  
 Chuir e mulad mòr air m' inntinn,  
 'S tu bhi dhìth oirnn brìgh mo rann.

C' àit' an faic mi fear do choltais  
 Ged-a chruinnichinn pailteas sluaigh',  
 Bho mhullach do chinn gu d' shàiltean  
 Cha robh fàilinn dhuit mu 'n cuairt,  
 Bha thu càirdeil, fialaidh, páirteach,  
 Ciallach nàrach làn de stuaim' ;  
 'S tu nach euradh càs an fheumaich,  
 Gu 'm bu ghlan do bheus r'a luaidh.

Bha do bheus 's do chliù gun mhearrachd,  
 Bha thu ceanalt' air gach dòigh ;  
 Bha thu spracail, bha thu smachdail,  
 Bha thu tlachdmhor, bha thu còir.  
 Bha thu slobhalta gun mhiothlachd,  
 'S tu gun mhiorùn do neach beò ;  
 Spiorad Gàidheil bha co-fhàs riut  
 Bho na dh' àraicheadh thu òg.

Là tu 'm fear spioradail meanmnach,  
 Cha robh thu clearbach no fann,  
 Bu tu 'm fear cruadalach, calma,  
 'S èolas àrd neo-leanabaidh ad cheann.

Fhreagradh tu air thùs na h-armailt,  
 'S ann ad làimh a b' earbsach lann ;  
 Bhiodh tu gaiseil mar bu dual dhuit  
 A' thoirt buaidh a mach gun taing.

Mu gach fear-ghleus bha thu teoma  
 Cha robh fòghlum ort a dhìth :  
 Bu tu stiùramaiche 'bhàta,  
 Cha bhiodh failinn ann ad ghnìomh,  
 'S i a leum gu siùblach aotrom  
 Thar nan tonnan craosach dian;  
 'S bu duin'-usal thu ri d' fhaicinn  
 'Nàm dhuit aerachadh aig tìr.

Bu tu giomanach a' għunna  
 'S tric a rinn fuil anns a' bheinn ;  
 'N uair a dhìreadh tu ri mullach  
 Gu 'm biodh cunnart air na féidh;  
 Bhiodh do luaidhe dlùth nan culaidh,  
 Bhiodh iad uireasbhach ad dhéigh ;  
 Bhiodh do mhial-choin sheang nam muineal  
 Ged bu churaideach an ceum.

Bu tu 'm marcaich' air each sréine ;  
 Co 'bhuidl'h-neadh ort réis no geall  
 'N uair a rachadh tu 'n ad dhiolaid  
 Le d' spuir ghéir ri 'chliathaich teann ?  
 Bhiodh e lùthmhòr, eutrom, siùblach,  
 'Gearradh shùrdagan le srann ;  
 'S gu 'm bu phàirt dhe d' chulaidh-shùgrайдh  
 Bhi 'ga chur gu dlùth na dheann.

Bu tu ceann-uidhe na fialachd,  
 'S tric a riaraich aig de bhòrd  
 Searragan làn de stuth làidir,  
 'S 'n uair a thràight' iad gheibht' an còrr.  
 Bha do bheus gun bheum a chosnad  
 Cuirmeil, cosgail mar bu chòir ;  
 Com na glaine, inntinn shoilleir ;  
 Bha thu d' chliù dha d' shloinneadh mòr.

Gach fuil a b' uaile bha 'd chuislean,  
 Gun cheum tuislidh 'bhi ga d' chòir  
 Bho na Gàidheil, 's c' àit' an cuirte iad  
 Nach biodh ùr-sgeul air na seòid ;  
 'S ann fo làmhaich an euid musgaid  
 'Chite chuspaireachd air feòil,  
 'S fuil an nàmh le bàs gun fhurtachd  
 'Falbh na tuitean air feadh feòir.

Chaidh do shinnsearachd a bhuan  
 Bho 'n chinneadh uasal a bha thall  
 An Srath-Spé nan gaisgeach buadhdmhor  
 'Rachadh fuasgailteach do 'n champ.  
 'N uair a sheinnte plob roimh 'n t-sluagh sin  
 Fo shuaicheantas Tighearna Ghrannd'  
 Bhiodh Creag-eileachaiddh ga bualadh  
 Fo mheòir bhinn bu luath air crann.

Chinn thu á teaghlaich Mhic-Phàdruiig  
 Aig a bheil an tàmh 's a' Ghleann  
 Am bun Mhicireastan mar b' àbhaist,  
 Ann an dùthaich àird nam beann.

Gu 'n robh rioghalachd nan àrmunn sìg  
 A tàrmachadh gu teann  
 Ann ad inntinn a thaobh nàdair  
 'S maирg a bheireadh tair do 'n dream.

Fuil nan Siosalach bho d' mhàthair  
 Bha a deàrrsadhbh ann ad ghruaidh ;—  
 Na fir dhàna luthor, làidir  
 Nach biodh sgàthach ri uchd sluaigh.  
 'Nuair a għluaiseadh iad fo 'n aim  
 Bho chaisteal Eirichealais nan stuadh  
 Le 'n torc fiadhaich agus colg air  
 Chuirt' le searbh bhuillean an ruaig.

Gu 'm bu lionsgarach do chàirdean  
 Nam b' urrainn mi 'n àireamh sios :—  
 Mac-Coinnich mòrail o Bhrathainn,  
 Ursann-chatha dhol 's an strì  
 Le laoich threun gun fhiamh, gun athadh  
 Dheanadh sgathadh gun bhi sgìth ;  
 Cròic an fhéidh bhiodh àrd an crathadh  
 Tùs an latha 'gan cur cruinn.

Mac-Shimi bho Chaisteal Duini  
 A fhuair ionnsachadh ri blàir,—  
 B' fhaoin aig fhiùrain losgadh fùdair,  
 Cha bu shùgradh dol nan dàil ;  
 'S ann an déigh an lann 's an lùth-chleas  
 'Chite 'n cuntas air an lär  
 De na nàimhdean air an sgiùrsadh  
 Reubl̄te, ciùrrte, gun bhi slàn.

Mac-Dhòmhnuill-duibh bho Shrath-Lòchaidh,—

Triath a chòmhdaicheadh le 'shàir

A bhi calma garbh 's a' chòmhrag

'S fuil ga dòrtadh ris an lär.

Mac-Mhic Alastair 's Clànn-Dòmhnuill

Aig am biodh an ro-sheòl àrd,

'S a bhiodh guineach mar na ledghainn

'Chur luchd-cònnsachaidh fo'n sàil.

Mac-Mhic-Eòbhain bho Aird-Ghobhar,—

Ceannard foghainteach gu leòir ;

Bhiodh na Leathanaich mu'n cuairt dha

Rachadh cruadalach 's an tòir.

Bha iad dileas do na righrean

Ged a dhiobrabh iad bho 'n còir :

Lean iad Stiùbhartaich a' chrùin

Gun a bhi giùlan an da chleòc.

Caimbeulaich o 'n Bharra-challtuinn,  
Sliochd Dhiarmaid nan lann 's nan sròl,  
Cinneadh ainmeil 's tric a dhearbh iad  
Le 'n Diùc Earraghàidhealach 'bhi mòr.—

Mac-na-Ceàrda, morair Ghallaibh

Fiùbhaidh allail air gach dòigh.—

'S beag an t-ioghnadh thu bhi fearail

'S gach fuil cheannasach 'bha d' phòr.

Ged tha mòran dhe d' luchd-eòlais

Fo mhulad mu d' chòmhnaidh bhuan,

'S i do phiuthar a's ro-bhrònaich',

'S tric na deòir a ruith le 'gruaidh,

'Caoidh nam bràithrean 'rinn a fàgail  
 Nach robh 'n àicheadh 's an taobh tuath,  
 Cailean àluinn agus Pàdruig,  
 B' iad na h-àilleagain gun ghruaim

Chuala mise daoine 'gràitinn  
 Bha le Pàdruig anns a' champ,  
 'N uair a bha e thar an t-sàile  
 Gu 'm bu treun a làmh 's a lann.  
 Bu cheann-feadhna sgairteil teom e  
 'Thàirneadh faobhar gun bhi mall ;  
 'Nàm dhol sios am blàr nam miltean  
 Dhearbh e 'gnìomh 's na h-Innsean thall.

'S ann Di-màirt mu'n chàisg a fhuair i  
 'Bhuille chruaidh a rinn a leòn ;  
 Dh' fhàlbh air sgéith a h-éibhneas bhuaipe,  
 'S thuit mu 'n cuairt d' i neòil a' bhròin.  
 Maighstir Cailean bha gun anail  
 'S a shùil cheanalta fo sgleò.—  
 B' ionndrainn thu á tir 's á cinneadh  
 Nam dhaibh tional 's gun thu bed.

'S beag an t-ioghnadh mar-a tha i,  
 Chaيدh an sàs innt' saighdean cruaidh  
 An là chunnaic i 'bhi 'd chàradh  
 'N deise bhàin, gun chàil 's tu fuar ;  
 Gun smid chainnte ad chulaidh-aifrionn  
 Ged-a rinn iad a cur suas :—  
 'S gur-a tric a leubh thu 'n fhìrinn,  
 'S ann o d' bheul bu bhinn a fuaim.

Bidh mi 'nis a tigh'nn gu dùnadh,  
 'S aobhar cùraim dhuinn an t-eug !  
 Bha e sealg ort greis mu'n d' fhalbh thu,  
 'S cràiteach garbh a thug e'm beum ;  
 Brist do shlàinte, ghéill thu dhasan,  
 'S gur-a beàrn thu ás a' chléir,  
 Chuir e thu gu cadal bhliadhnan,  
 'S bidh sinn uile triall ad dhéigh.

---

## TUIREADH AIRSON LEINIBH-GILLE.

Rinneadh an tuireadh so do leanabh-gille le Iain Siosal, a chaidh a bhàthadh 's e 'tighinn dhachaidh ás an sgoil. Tha e air a dheanadh mar gu 'm b' ann le 'athair. 'S ann air iarrtas athar a rinneadh e.

**FONN.** — “ 'S trom 's gur h-éisleanach m' aigneadh.”

An nochd 's luaineach mo smaointinn,  
 'S mi fo bhruaidhlean 's cha 'n iognadh,  
 Fhuair mi buille 'chuir gaoir ann am fheòil.

An nochd 's luaineach, &c.

Fhuair mi sgeula Di-hacine  
 Rinn mo lot anns gach taobh dhiom ;  
 Cha 'n 'eil m' aiceid gun aobhar gu ledìr ;—

Sgeula bàis mo cheud leinibh  
 Tha mi cràiteach 'gad ghearan,  
 Bha thu bàite 's e 'n aineòlas oirnn.

Thàinig iosal mo mhisneach,  
 Bha mo shuilean dluth-shilteach,  
 'S mi 'gad chàradh an ciste nam bòrd.

'S e chuir gaoir ann am bhallaibh  
 Nach toir léigh ás mo charaibh  
 Gu'n do dh' fhàg mi thu 'm falach fo 'n bhòrd ;

Ann an leaba na h-ùrach  
 Fo na clàir air an dùnadh ;  
 'N déigh an sparradh 's an dlùthadh le òrd.

Tha mo chridhe air a mhùchadh ;  
 'S trom an t-eallach a dhrùidh air ;  
 'S tric a sileadh gu siùbhlach mo dheadir.

Ann am chadal 's am dhùsgadh  
 Thig thu m' aire, 's mi t'-ionndrainn  
 Bho na dhalladh do shùilean fo sgleò.

Fhuair do mhàthair a diachainn,  
 Mar gu'n saithe i le iarunn ;  
 Thug an t-earrach so 'ciad laogh bho 'n chròd.

Chail i 'h-àilleagan ciatach  
 'S gun e' dh' aois ach ochd bliadhna ;  
 Thuit a' gheug mu'n do chrion i 's na meòdir.

Na 'm bu ghibht a bhiodh buan thu  
 Gu 'm bu taic thu ri m' ghuallainn ;  
 'S gearr am faileas a fhuair sin de 'n òg,

Na 'm bu bhàs air a' chluasaig,  
 Gun bhi 'd 'shlainte 'thug bhuainn thu,  
 Cha bhiodh m' inntinn fo smuairean cho mòr.

Chaidh do bhualadh 's an anamoch  
 Mar am peileir bho 'n t-sealgair ;  
 'S goirt a dh' fhairich mi cuimse do leòdin.

'Dol a null air a' chraoibh ud,  
 Thilg am bàs ort a shaighdean,  
 'S thuit thu 'n iochdar na h-aibhne gun deò.

Sud a' chraobh 'rinn mo dhiùbhail ;  
 Ged nach téid mi ga h-ionnsaidh  
 Gheibh mi sealladh as ùr dhi gach lò.

Le bhi smaoingtinn mu d' dhéibhinn  
 'N uair a bha thu 'n ad éigin  
 Anns na sruithean leat féin 's gun mi d' chòir.

Bha thu d' shìneadh an oïdhch' ud  
 Fo na bruachan 's an draoighnich,  
 Dh' fhàg sin againne cuimhneachan bròin.

'S daor a phàidh sinn am bliadhna  
 Sgoil nach feàird sinn a chiad ghreis,  
 Lion do bhàs sinn le iargain ro-mhòr.

Ach a Righ tha 'g ar riaghlaadh  
 'S a thug gealach 'us grian dhuinn,  
 Thoir dhuinn gliocas gu d' iarraidh r' ar bed ;

Gu bhi 'g eisdeachd ri d' fhacal  
 'S gu bhi dileas fo d' bhrataich,  
 Ged tha innleachd ar peacannan mòr ;

Gu bhi creidsinn gun fhàilinn  
 Nach tig sgiorradh no bàs oirnn,  
 Ach le d' thoil-s', ann am fàsach a' bhròin s'.

Dean sinn taingeal 's an uair so  
 Fo 'n t-slait smachdaich a bhual sinn ;  
 Faodaidh buille ni 's cruaidhe teachd oirnn.

'Thoir dhuinn neart gu bhi 'g earbsa  
 Anns gach càs riut gun dearmad,  
 'S ann leat féin bha mo leanaban le còir.

Thug thu seachad e 'n iasad,  
 'S thug thu leat mar an ciadn' e ;  
 Dean a mhaiteadh, 's e m' iarrtas, ar bròn.

## MARBH-RANN

Do l'hean-uasail òig chliùitich a bha pòsda aig  
 Dotair Iain Noble ann an Hogomah an Cape-Breat-  
 unn.

Rinn am Bàrd am marbh-rann so air dian-iarrtas  
 an Dotair, agus mar gu 'm b' ann leis féin.

FONN.—“ *Gur h-e mise 'th' air mo leònadh  
 'S mi ri amharc nan seòl air chuan sgìth.* ”

An nochd 's luaineach mo chadal  
 'S mi ri gluasad am leabaidh gun tàmh  
 Leis a' bhruailean s' th' air m' aigneadh,  
 O, cha dualach dhomh fada bhi slàn.  
 Chuir mi céile mo leapa  
 Ann an ciste chaoil, ghlaiste nan clàr ;  
 'S trom a' chìs thug an t-eug dhiom  
 Bidh mi cumha mu d' dhéibhinn gu bràth.

Bi so bliadhna mo chlisgidh,  
 'N ochd ceud deug 's an da fhichead 's a tri,  
 'N dara miosa de 'n t-sàmhraadh  
 'S a cheud là dheth thug teann orm sgrìob :

'N uair a chàirich mi, 'ghaoil, thu,  
 Ann an léine de 'n chaol-anart ghrinn,  
 'S tu gun chlàisteachd gun léirsinn  
 'S goirt an t-saighead bha reubadh mo chrìdh'.

'S beag an t-ioghnadh sin dhòmhsa  
 'Bhi fo mhulad 's am bròn air mo chlaoidh ;  
 Tha mi nis ann am ònrachd  
 'S bean mo thaighe an còmhnaidh 'gam dhìth.  
 Chaill mi céile glan m' òige,  
 'S c' àite 'm faic mi cho bòidheach 's an tìr ;  
 Bha do nàdar 's do bheusan  
 A co-fhreagradh dha chéil' anns gach nì.

'S i do ghnùis a bha àluinn  
 'S gu 'm b' e teisteanas chàich ort gu 'm b' fhìor ;  
 Bha do phearsa gun fhailinn  
 Bho do mhullach gu sàiltean do bhuinn :  
 Bha do ghruaidh mar na ròsan,  
 Slios mar eala nan lòn air na tuinn ;  
 'S e bhi d' chumha mo chòmhradh,  
 Is cha téid thu ri m' bheò ás mo chuimhn'.

'S e 'bhi brònach is gnàths dhomh  
 Bho na rinn mi do chàradh 's an ùir,  
 Bheir gach aon rud a dh' fhàg thu  
 Ann am shealladh gach là thu ás ùr,  
 Bheir e laigse air mo nàdar  
 Agus sileadh gu làr air mo shùil :  
 Chaidh mo mhisneach gu failinn  
 Bho na chuir mi thu 'n càradh 's na bùird.

An àm laidhe agus éiridh,  
 'S tu mo leabhar 'g a leughadh 's mi sgìth ;  
 Chuir a' bhliadhna 'so 'n eis mi,  
 'S cha 'n e beairteas no spréidh 'tha 'gam dhìth.  
 'S e ar sgaradh o chéile  
 Dh 'fhàg mi airsnealach, eisleineach, tinn ;  
 Dh 'fhalbh mo lathaichean éibhinn,  
 Cha 'n 'eil leigheas aig léigh dhomh ri tìm.

'S goirt an leagadh a fhuair mi  
 Bho na rinn mi 'bhean-uasal a chall  
 Leis an teachdaire ghruamach  
 Aig gach dorus tha bualadh na àm :  
 Thilg e saighdean a lot thu,  
 'S cha robb feum ann am dhotaireachd ann ;  
 Is bho 'n dh' fhàg mi 's a' chnoc thu  
 Gur-a dilleachdainn bhochda do chlann.

Leam is duilich do phàisdean,  
 Gur-a lag iad 's gun mhàthair ri 'n cùl ;  
 'S sinn mar luing air a fuadach  
 Ann an ànnradh a' chuain thar a curs' ;  
 Tha i 'n cunnart gach stuaidhe,  
 Bhrist na ceanglaichean, dh' fhuasgail an stiùir ;  
 Tha chaitriùil air a srachadh  
 Dh' fhalbh a' chombairt, na slatan, 's na siùil.

*an combairt*

Thàinig dìth air an àrdraich  
 'N uair a dh' éirich muir-bàite fo chròic ;  
 Thuit craobh ubhal mo ghàraidh  
 'S gu 'n do fhroiseadh am blàth feedh an fheòir ;

*The poet wrote an combairt, so  
 did I; but the printer gave a'  
 chombairt. ~~the~~ Right or wrong  
 I always say an combairt*

Chaidh mo choinneal a' smàladh  
 Bu ghlan solus a' deàrrsadhbh mu 'n bhòrd ;  
 Bhrist an gloine 'bha 'm sgàthan  
 Dh 'fhalbh an daoimean am fhàinne glan òir."

Tha mo chridh' air a mhùchadh  
 'S mi gun mhànan, gun sùgradh, gun cheòl ;  
 'S trom an t-eallach a dhrùidh air  
 Ged is éigin domh 'ghiùlan le bròn.  
 Bha mi roimhe so sunnndach  
 'N uair a fhuair mi le cùmhnan ort còir ;  
 Rinn a' chuibhle orm tionndadh  
 Bho na dhalladh do shùilean fo sgleò.

'S i do shùil bu ghlan sealladh,  
 Cha robh gruaim air do mhala no sgraing,  
 Bha thu fiughantach fialaidh,  
 'S tu bu shiobhalta briathran 'us cainnt.  
 'S i do làmh nach biodh diomhain  
 'S bu ghlan obair bho d' mhiaran gun mheang :  
 'S ann an nochd tha mi cianail,  
 'S e 'bhi d' ionndrainn a liath mi gun taing.

Theirig sàmhradh mo làithean,  
 Tha mi uireasach, cràiteach gu leòir ;  
 Thàinig geomhradh 'na aite,  
 Dhòirt na tuiltean gu lär bho na neòil ;  
 'S mi mar dhuine ann am fiabhras,  
 No fear-seachrain air liabh ann an ceò ;  
 Chuir mi iuchair mo riaghailt  
 Ann an tasgaidh 's a' bhliadhna 'bha còrr

Bha thu gleusda, làn gliocais  
 Bha thu cùramach, tuigseach gun phròis ;  
 Fhad 's a bha thu air faotuinn  
 'S tu gu 'n cumadh an teaghlaich air dòigh ;  
 Ach a nis, bho na chaochail thu  
 Théid sgapadh 's gach aon de na meòir :  
 'S mise an truaghan ri 'm shaoghal  
 'S nach 'eil leigheas ri 'fhaotuinn do m' leòn.

Ged-a théid mi 's an leabaidh  
 Cha tig buaireadh a' chadail 'am cheann ;  
 'S ann tha m' inntinn cho luaineach  
 Ris na duilleagan uaine air a' chrann ;  
 Bidh tu 'm bhruadar an comhl' rium,  
 'S bidh mi dùsgadh gu deòir 's gun thu ann ;  
 'S iad mo smaointinnean uaigneach  
 Thu bhi d' shìneadh fo 'n fhuar-lie ud thall.

Tha do mhàthair fo eislean,  
 'S beag an t-ioghnadh a ceum a bhi mall  
 'S i mar chraoibh dheth 'n do ghearradh  
 A meòir àrda, ghrinn, fhallain gun mheang.  
 'S tric a nead air a spùinneadh  
 Bho na thàinig i 'n dùthaich so nall ;  
 Chneadh a's ùire 's i 's géire,  
 'S goirt an lot tha fo 'sgéith aig an àm s'.

Thàinig creach a bha geur oirr'  
 Mar gu 'n tuiteadh beum-sléibhe le gleann ;  
 Fear-a-taighe 's a mac  
 Bha còmhla sinte fo shlachdraich nan tonn.

'S bu duine uasal deas tlachdmhor  
 'Dheanadh ceannard air feachd ann an camp,  
 'Sàr-Mhac-Cnuimhean a bh' aice,  
 Bha e suairce na chleachdad 's gach àm.

B' e sin sgiobair a' bhàta  
 'N uair a thogte siùil àrda ri crann,  
 'S e gu 'm feuchadh a h-asaig,  
 'S i ri astar air sàile 'na deaun.  
 Fhad 's a bha e an làthair  
 Gu 'n robh misneach gun dànachd na cheann ;—  
 Inntinn shoilleir na léirsinn  
 Agus cridhe na féile neo-ghann.

Ach 's e aobhar mo ghearin s'  
 Bean mo ghaoil a bhi 'm falach 's a' chill :—  
 'G éisdeachd gàirich do leinibh  
 'N uair a bha thu 's an anart gun chlìth,  
 'S fuaim an ùird ris an tarraing  
 Aig na saoir ga do sparradh fo dhion ;  
 Thàinig gaoir ann am bhallaibh,  
 'S dh'éirich cràdh a bhios maireann am chrìdh'.

B'e so sàmhradh a' chruadail  
 Dh 'fhàg mo leaba 's mo chluasagan lom ;  
 Tha mo chòmhnaidh cho uaigneach  
 'S ged-a bhithinn an uamha nan toll ;  
 Gun 'bhi d' fhaicinn ri m' ghuallainn  
 'S e 'chuir 'n aiceid tha buan ann am chom ;  
 Tha mo chridhe fo smuairean  
 'S e mar chudthrom na luaidhe 's gach àm.

Gu de 'n stà dhomh 'bhi 'g iomradh  
 Air do bheus bho na dh' fhalbh thu 's nach till !  
 'S ann tha 'n sean-fhacal dearbhte,—  
 Dh' fhiosraich pairt e 'bhi searbh anns gach  
 linn,—  
 Gu 'm bi sùil ri beul fairge  
 'S nach bi sùil ri beul reidh-lice 'chaoidh ;  
 Dh' fhàg sin mise mar bhalbhan,  
 'S bidh mi tarruing le m' sheanachas gu crìch.

Bidh mi 'nis a co-dhùnadadh,  
 Cha 'n 'eil feum dhomh 'bhi d' ionndrainn, a  
 ghràidh ;  
 Ged-a leanainn as ùr thu  
 Gheibhinn cuimhneachain thùrsach mu d' bhàs.  
 Tha ar beatha neochinnteach,  
 Air a coimeas 's an fhìrinn ri sgàil ;  
 'S coigrich sinn anns an tìr so,  
 'S théid sinn uile gu slorruidheachd gun dàil.

In the summer of 1873 I visited Mrs Noble's grave, in Whycocomagh, Cape Breton. The following is the inscription on her tombstone :—“ Sacred to the memory of the lamented, Julian Mac Niven, wife of John Noble, surgeon. She was born in Tyree, Argyleshire, Scotland, and died 1st June, 1843, in the 38th year of her age.”

---

## R A N N .

The following lines were a postscript to the last letter which the poet wrote his brother Donald. I got them in Tyree in 1869.

A nis tha toiseach tòiseachaidh,  
 Tha maduinn reòta gheamhraidh ann.  
 Tha beagan sneachd' air lèr againn  
 'S cha tig am blàths gu bealltainn oirnn.  
 Bid' moguisean is meatagan  
 Mar chleachdadadh an déigh shamhn' againn,  
 'S gach neach is neul an fhuachd orra,  
 'S air chrith cho luath 's gu 'n dannsadh iad.

---

## R A N N A N .

The poet went occasionally to see Dugald MacEachern who was keeping school at the Gulf. MacEachern's mother and the poet's father were second cousins. MacEachern possessed some poetic talent. On the last occasion on which the poet was seeing MacEachern, MacEachern who saw him coming, stood at the door refusing to let him in until he should give his "duan." The poet instantly said:—

'S mise 'fhuair an rathad cam  
 A 'tigh 'nn a shealltainn Dhùgh'll bhric,  
 B' fheàrr dhomh gu mòr na tigh'nn ann  
 'Bhi le m' chlann aig taobh mo lic.  
 Cha tig mi tuilleadh a nall  
 Ga d' shealltainn, ainneamh, no tric ;  
 Ma gheibh mi dhachaidh an dràst,  
 Tha mi 'n dùil gu 'm fàs mi glic.

When the poet was going away, Dugald, whose arm at the time, in consequence of a hurt, happened to be in a sling, said to him :—

Tha thu 'nis a' falbh a' Bhàird  
 'S cuimhnich gu 'n tainig thu gun fhiös,  
 Ma thig thu 'n rathad so gu bràth,  
 Biodh d' fhàilte le modh is meas.  
 Thuirt thu rium le barrachd tàir  
 Gu 'n robh m' aodann làn de 'n bhric :  
 Tha e mathte agad an dràst  
 Bho na tha mo làmh-sa brist.

---

### LOST SONGS.

---

1. Marbhrann do dh' IAIN MACGILLEAIN mac Dhòmhnuill mhic Dhonnachaïdh air Allt a' Bhaili.

2. Rann a rinneadh an taigh an t-sagairt Ghraunda air do 'n t-sagairt botail agus glaineachan, 's ainm air gach glaine fo leth, a chur air beulthaobh a' Bhàird.

3. Oran mu reic nithean a bhuiineadh do 'n t-Sagairt Ghraunda.

'S an t-each donn bha ga d' ghiùlan  
 Feadh na dùthch' iomadh mìle,  
 'N uair a chunnaic mi 'bhruid-ud  
 Thug e ùr ann am chuimhn' thu,  
 Ge b'e aon a ni cheannach  
 Bidh an sean-fhacal fior dha :  
 Theid an t-srathair a chàradh  
 Ann an àite na diolaid.

4. Oran do Dheòrsa Mac-Leòid air dha cunngaidh-leighis do 'n lòinidh a thoirt a dh' ionnsaidh a' Bhàird à Halifacs.

Mo bheannachd thoir gu Deòrsa,  
 Gur h-e Mac-Leòid an ceannache.  
 Cha d' rinn e ormsa diochuimhn'  
 'N uair 'chaidh e 'm bliadhna 'Halifacs.  
 'S e iar-ogh' Eòdin mhic Thormaid,  
 'S bu mhorghalach 's na Hearadh e.  
 Bu mhath air iomairt lainn e,  
 Bha cuimhn' aig Hider Ali air.

5. A poem on the launching of Mac-Leod's ship  
 in New Glasgow.

### ORAN NAM PORTAIREAN.

Deoch-slàinte nan gillean,  
 Gu 'n òlainn gu milis ;  
 'S mo chàileachd air mhire  
 'G a' sireadh 's an àm  
 Cha ghaol airson pòite  
 A chuireadh gu òl mi ;  
 Ach cliù nam fear òga  
 Nach sòradh an dram.

Na Dòmhnullaich ghasda ;  
 'S iad féin na fir thapaidh  
 Gu feum air ceann slaithe,  
 'S a cheartachadh bhall.  
 Fhuair mise 'n 'ur bàta,  
 Gu calachan sàbhailt ;  
 'S cha ghabhadh sibh páidheadh  
 'N uair 'thàinig mi 'nail.

aidh-  
h a'

BHO CHOMH-CHRUINNEACHADH  
AN DOTAIR MHIC-GILLEAIN.

---

O R A N

DO SHIR LACHUNN MAC-GILLEAIN, LE  
EACHUNN BACACH.

Hector M'Lean, commonly called Eachunn Bacach was born about the beginning of the 17th century. He was poet to Sir Lachlan Maclean of Duart. It is said that he had eight brothers who were killed in the battle of Inverkeithing, July 20, 1651. He himself received a wound in that battle, from the effects of which he was ever afterwards lame. He was a poet of great ability. Three of his poems are published in the 4th edition of SAR OBAIR NAM BARD "Thriall ar bunadh gu Pharras," "*A Lachuinn oig gu 'n innsinn ort*," and "*Gur h-oil leam an sgeul sin.*" The last of these is given as an anonymous poem. It is in the appendix, at page 386. Another of his poems is published in Turner's Collection, "*Biodh an uidheam so triall.*" page 111. I have eight of his poems in my possession.

Sir Lachlan Maclean was the son of Eachunn òg who was the son of Lachann Mór who fell at Traigh Ghruinneirt, in 1598. He succeeded his brother Eachunn Mòr in 1624. He was made Baronet of Morvern by Charles I. in 1631. He joined Montrose, with his followers the day before the battle of Inverlochy. He was with that able General in almost all his battles. He died April 16, 1649.

o

'S ann Diciadaoin a shàir,  
 Ghabh mi cead dhiot air tràigh ;  
 Righ, gu 'm faiceam thu slàn neo-airnealach.

A Shir Lachainn nam bàrc,  
 'Chuireadh luingeas air sàil',  
 Leis an togar an cabhlach acfhuinneach.

tu oighre Eachuinn òig  
 an éireadh na slòigh ;  
 'N uair a leumadh do shròn cha b' aircleach \*  
 thu.

Clann-Ghillean cha tlàth  
 'Dhol an cogadh nan arm ;  
 'S tric a bhuanneich sibh blàr, 's e b' fhasan  
 dhuibh.

'S fada 'chlùinnteadh 'ur foirm  
 Agus farum 'ur gleòis  
 Togail chreach o na chrò 's a għlasanach.

'N uair a spreigeadh sibh pìob  
 'S fuaim 'ur creich ga cur sios  
 Gu 'm biodh crith air an tìr 's an tachradh sibh.

'N uair a nochdadhl sibh sròl  
 Ris na caol-chrannaibh stòir,  
 'S maирg a thachradh ga dheòin roimh 'r las-  
 raichean.

---

\* Aircleach, a cripple, or useless, slovenly person.

An duirn laochraiddh gun leòn  
 Bhiodh caol-chuilbheirean gorm  
 Agus sradag nan òrd 'toirt lasain dhaibh.

Fhad 's a bhitheas tu beò  
 Cum an stiùir ann ad dhòrn,  
 Is na mealladh fear-sgòid no beairte thu.

Chluinnt' ad thalla fuaim theud  
 An àm luidhe do 'n ghréin,  
 'S mnathan grinne 'cur gréis air fasanan.

'S mi bhiodh cinnteach ad fheum  
 Ann am beanntaibh na seilg  
 'S do choin earbsach air éill roimh 'n chamhan-aich.

Nàmhaid eilid nan gleann  
 Agus bradain nan allt ;  
 Sgiobair fairg' thu 's muir àrd 's an langanaich.

Slàn gu 'n till thu a rithisd,  
 Air reothart an lionaidh,  
 Gu Dubhairt bu rioghail aigeannach.

Ochain, ochain, mo chràdh,  
 'Chloinn-'Illeain nam bàrc,  
 'S e mo chreach mar 'tha 'n tràghadh seachad  
 oirbh.

## COILLE-CHRAGAIDH.

## LE IAIN MAC AILEIN AM MUILE.

John M'Lean, commonly called Iain Mac Ailein, was a native of Mull. He was born about the year 1670. In Dr M'Lean's manuscript he is called "Iain Mac Gilleain, ann am Muile, mac Ailein, mhic Iain, mhic Ailein." He was highly esteemed, and lived in very comfortable circumstances. He was evidently a man of some education. He was intimately acquainted with the affairs of his day. He was a celebrated bard. His elegy on Sir John Maclean is a poem of great beauty. His poems abound in lamentations over the downfall of the Macleans ; we never however find him utter imprecations against the Campbells. Three of his poems are published in SAR-OBAIR NAM BARD, "Iomchair mo bheannachd," which is incorrectly ascribed to John M'Donald, at page 70, "Dh' fhalbh air thuras fir Alb' uile," at page 388, and "Thuirt Mairearad nigh'n Dòmhnuill," at page 393. Two of his poems are published in Turner's collection ; one at page 108, and another at page 114. Another of his songs, "Oran do Mhac-Lucais" appears in Ronald M'Donald's collection, page 265. I have twenty-eight of his poems.

Sir Lachlan Maclean, the brave follower of Montrose, had two sons, Sir Hector Roy who was killed at the battle of Inverkeithing, July 20, 1651, in the 27th year of his age, and Sir Allan who died in 1674, in his 28th year. Sir Allan was succeeded by his only child Sir John, who was born in the year 1670. Sir John fought under Viscount Dundee at the battle of Killiecrankie, July 27, 1689. He commanded the right wing of Dundee's army and though a mere youth acted with great bravery. He fought at the unfortunate battle of Sheriffmuir in 1715.

He died at Gordon Castle, March 12, 1716. He was a kind, honourable and brave man, but destitute of prudence and foresight. His attachment to the Stuarts brought ruin upon himself and his house.

'N àm 'dhol 'sios, 'n àm dhol 'sios,  
 'N àm 'dhol 'sios bu deònach,  
 Luchd-nam-breacan, luchd-nam-breacan  
 A leathad le mòintich ;  
 A falbh gu dian, a falbh gu dian,  
 Gun stad ri pris an òrdaigh ;  
 An deadh ghunna, 'n claidheamh ullamh,  
 Gun dad tuilleadh *motion*.

Mhaighstir Cailein ta mi deimhinn  
 Gu 'n d' fhuair thu barrachd fòghluim :  
 'S fior gun bheum do neach fo 'n ghréin  
 A dh' fhàg do bheul an t-òran.  
 Cha b' fheàrr do bheus na tràill no béisd  
 Mar b' oil leat Seumas fhògar  
 'S a thricead 'dh' òrdaich e gun dearmad  
 Airgiod agus òr dhuit.

'S iomadh neach dha 'n robh e ceart  
 Nach d' rinn a' bheairt bu chòir dhaibh :  
 Ri àm fheuma Sasunn thréig e,\*  
 Albainn 's Eirinn còmhla.  
 Armailt rioghail, làidir, lionmhor  
 Dha 'n robh na cìsean mòra  
 Cho luath 's a chunnaic iad Rìgh Uilleam  
 Cha d' rinn iad tuilleadh còmhraig.

---

\* Sasunn thréig e, *for* Thréig Sasunu e.

Cha b' e' ghealltachd 'thug dhaibh snasadhb,  
 'S cha b' e neart Phrionns' *Orange*,  
 Ach dearmad direach thigh'nn nan inntinn  
 O'n do chinn iad deònach  
 An Righ dùthcha fhéin a dhiuchreadh  
Airson Prionns' na h-Olaind.—  
 Ach facal soitheamh 'thuirt neach roimhe,  
 Gu 'm bi gach nodha ro-gheal.

Ma théid an *Act* s' an leud no 'm farsuinn,  
 Cha 'n fheàrr gach neach na òglach :  
 Còir aig lag cha diong i dad  
 Mur faigh e neart ga chòmhnad.  
 Am mac 'bhi 'gabhail brath air athair  
 Leis a' chlaidheamh chòmhraig,  
 Chualas riamh gu 'm b' ann de 'n ghniomh sin  
 Nach robh Dia ag òrd'chadh.

Ge b' e aca nighean no mac  
 Leugh gu 'm bu cheart an seòl dhaibh  
 Crùn an athar fhéin 's a chathair  
 A ghabhail le fòirneart,  
 Is sgainneal bhreug a chur an géill  
 A chaoidh nach feudte 'chòmhdaich  
 Tha Ti ga 'n léir ; ma 's i so 'n eucoir  
 Soirbh dha fhéin a töireachd.

Gu 'm bharail fhéin ge beag mo reusan  
 Gheibh mi ceud ga chòmhdaich  
 Ge b' e ti dhe 'n dean Dia rìgh  
 Gur còir 'bhi striochd-te dhosan ;

'S ged 'théid e ceum de làn-toil fhéin  
 'S gun e 'cur éiginн òirnne  
 'N saoil sibh fhéin an lagh no reusan  
 Dol a leum 'na sgròban!

Sgeula bhuamsa mu Raon-Ruairidh\*  
 An robh na sluaigh a còmhrag ;  
 Chuid bu luaithe ghabh an ruaig dhiubh,  
 'S bu daoin' uaisle còir iad :  
 Nan cumte suas riuth' teine is luaidhe  
 Ris an d' fhuair iad fòghlum,  
 'S tearc a chruinnich riamh an urrad  
 'Gheibheadh urram beò dhiubh.

Ach luchd a' chunnairt' chleachd na buillean  
 'S nach d' fhuair tuilleadh fòghluim,  
 Cha d' leubh air achd mar dhion do 'm pearsa  
 Gu 'm be stad bu chòir dhaibh,  
 Gach ti nach tuit bhi shios nan uchd  
 An còmhrag uile bu nòs dhaibh.—  
 Mu'n d' thill na gillean 's ionadh pinne  
 'Thug sgeanan biorach Thòmais.

Air each gle-mhòr, cruidheach, ceumach,  
 Fuaimneach, steudmhor, mòdhar,  
 Cha bu lapach an aois macaibh  
 Ceannard feachd na Dreòllainn.  
 Le bhuidhinn threunfhear nach tais éiridh  
 Ga 'n robh cridh' treun mar leòghann :—  
 'S iad a dh' eubh an ciad ratreut  
 An déigh luchd-Beurla 's cleòca.

---

\* The battle of Killiecrankie is commonly called in Gaelic, " Blàr Raon-Ruairidh."

Bha ri 'n sgéith-san buidheann éiginn  
 'Dh 'fhalbh á Eirinn còmhla  
 Ri mionaid eile phàigh an éirig  
 Fhéin le gleusdachd còmhraig :  
 Bu bhinn an sgeul 'bhi seal 'g an éisdeachd  
 Is iad ri eubhach crònain,  
 'S a liughad fear air bheagan ceannaich  
 A fhuair malairt còta.

Cha bu ghealtachd 'bhi 'g an seachnad,  
 Cha robh 'm faicinn bòidheach,  
 An léinteán paisgte fo 'n da achlais  
 'S an casan gun bhrògan ;  
 Boineid dhathte 'dion an clraiginn  
 'S an gruag na pasgan foithe,  
 Bu chosmuile 'n gleus ri trotan bhéistean  
 Na ri luchd-céille còire.

## O R A N G A O I L .

Rinneadh an t-òran so do BHARBARA nighean an EASBUIG FULLARTON le ANNDRA MAC-AN-EASBUIG, mu 'n bliadhna 1698.

Captain Andrew M'Lean of Knock in Morvern was the eldest son of Hector M'Lean, Bishop of Argyle. He was married to Florence, daughter of Maclean of Ard-na-Cross.

Thug mise gaol nach fàilinneach  
 Do ribhinn na cuaiach 'fainneagaich ;  
 Gur bòidheach, dualach àrbhuidh e,  
 Mar aiteal deàrrsaidh theud.

A ghruaidh a chruthaich nàdar dhuit  
 'S tuis ràtha 's ragha dealbha sin,  
 'S gach aona bhuaidh mar-a b' fheàrr a' bh' air  
 Diana-sa 'chaidh eug.

Gu maiseach, mìn-gheal, tàbhachdach  
 'S tu anns gach gné neo-àileasach,  
 Tha d' aigneadh sèimh neo-àrdanach,  
 Gun fhàilinn 'tha fo 'n ghréin.

Is sùgach an àm mànrain thu,  
 Is cùirteil thu mar b' àbhaist dhuit,  
 Is math 'thig fàite ghàire dhuit  
 Bho chlàragaibh do bhéil.

Gur milse 'pòg na mealainean, *annan*  
 'S i 's cinntich' glòir gun amaideachd,  
 Bheir brìgh a beòil 's a h-analach  
 Neach an-shocrach bho 'n eug.

Air uchd nach crion r'a thaisbeanadh  
 Tha an dà chìch is tlachdmhoire,  
 Bhuin i gach cridh' le 'taitneasaibh  
 Fo ghlasaibh aice féin.

Is caoin fo 'gùn a seang-chorpan  
 'S i 's maoile glùn 'us calpannan ;  
 Troidh chuimir bheag gun gharachdalachd  
 Nach saltair garbh air feur.

Chaidh cliù na té s' á Albainn bhuainn  
 Aig ~~glòin~~ lead bheus 's aig leanabachd ; *and we*  
 Cha d' fhan e anns a Ghearmailte  
 Gun dol gu dearbh do 'n Ghréig.

B' fheàrr gur mise 'bhuadhaicheadh  
 Fàil le 'n cuirte cruidh-shnaim ort ;  
 Cha b'fhear gun àdh 's an uair sin mi,  
 'N uair buannaichinn thu féin  
 Ach 's cruidh an càs ma 's fuatharachd  
 Gheibh mi an àite truacantachd,  
 B' fheàrr dhomh mar-a buannaich mi  
 A bhi 's an uaigh á péin.  
 Co chuala riamh no chunnaic e  
 Na fhuair ad nàdar tuinneachadh ;  
 Gach uaisle tha 'm Babi Fullarton  
 Air cruinneachadh 'na cré.  
 Ge b' e do thoil-sa diùltadh rium,  
 Cha 'n onair dhomh bhi dioghaltach :  
 Mo shoraidh-sa gu dùrachdach  
 Do d' bhroilleach cùbhraidh féin.

---

## I O R R A M

Le ANNDRA MAC-AN-EASBUIG an uair a shiubhail a bhean agus a fhuair e naigheachd bàis a dhithisd bhràithrean, Sir Alastair a chaochail ann am Aix la Chapell, agus Caiptein Iain a mharbhadh ann an Reyzerwerts.

Sir Alexander M'Lean of Otter was a man of much prominence in his day. He fought at the battle of Sherriffmuir.

Gur a cràiteach an othail  
 Tha an dràst a tigh'nn fotham  
 Ann an damhair an fhoghair 's na buana.

Gur-a tùrsach mi 'g éiridh  
 'S mi gun fhuran o m' chéile,  
 'S cha 'n e 'cumha gu léir tha gam bhuaireadh.

Gur h-i 'n naigheachd so leugh mi  
 Tha gam chaitheadh fo m' léine,  
 'S a chuir snaidheadh gu geur orm mu 'n cuairt  
 dhomh.

Dhòirt tonn orm mu mo mhullach  
 Dh' fhàs 'na throm-bhuille muineil,  
 'S a dh' fhàg lom mi gun lunnaich, gun suanach.\*

Cha b' i lochdaир an t-saoir  
 A rinn mo lot air gach taobh dhiom ;  
 Ach a chros-tuagh bu daoire gu 'n d' fhuaras

Bidh m' fhear-fuatha 'sior-thàir orm,  
 'S gur beairt bhuan dha mo thàmailt  
 'S e a bagradh gu dàna mo bhualadh.

'N àile chunnaic mi maduinn  
 Nach bu chunnarach cladaich  
 Do dh' fhear eile 'bhi bagradh mo chluaise.

Fhad 's bu bheò iad le chéile  
 Na ghabh fògradh le Seumas,  
 Na fir òga bu tréine ri 'm 'ghuallainn.

B' iad mo ghràdh na fir chridhe  
 'Bha dha 'n càirdean gun slighe,†  
 'S nach robh tàireil air dlighe dhaoin'-uaisle.

\* Suanach, a coarse covering.

† Slighe, craft.

Gu 'm bu tais ris na daimh sibh,  
 Gu 'm bu mhacant' ri mnaoi sibh,  
 'S gu 'm bu sgaiteach le 'r naimhdean 'ur cruadal.  
 Gu am b' airidh luchd-theud sibh  
 Ann an a rgiod no 'n éideadh ;  
 Is aois-dàna cha 'n euradh † sibh duais dhaibh.  
 'S mi craobh choimheach na coire  
 A bha roimhe so 'n coille,  
 'S cha bu doimhtheamh an doire as na 'bhuan-eadh.  
 'S truagh duine mar tha mi  
 'Sior-ghiùlan gach sàraich ;  
 Mo chruas duilich, gun bhràthair gun ghual-fhear.  
 Ach ma rinn sibh bhuam imeachd  
 'S gun 'ur n-oighre 'n 'ur n-ionad,  
 'S e mo roinn-sa de 'n iomairt a's cruaidhe.

## O R A N

Do SHIR IAIN MAC-GILLEAIN, LE MAIREARAD  
 NIGHEAN LACHAINN.

Maireadarad nighean Lachainn mhic Iain mhic Lachainn, was a Macdonald. She was born in Mull and lived there. Her mother was a Maclean. She was married and had a large family. All her children died before herself. She lived to an extreme old age. She nursed several of the Macleans of Duart. She composed a great many songs. A few of them are published in Turner's collection. She is not inferior to any of the Highland poetesses. I have seven of her songs.

---

† Cha 'n euradh, would not refuse

Gu'n d' fhuair mi sgeul 's cha 'n àicheidh mi  
 Gu bheil e dhomh 'toirt gàirdeachais ;  
 Gur binne leam na clàrsaichean  
 'Bhi 'g innse mar-a thàinig sibh :—  
 Gu bheil Sir Iain sàbhailte  
 'S gu'n tug a' Bhanrain cùirt dha.

Nam b' fhiosrach banrainn Anna  
 Mar-a dh' fhògradh ann a'd' leanabh thu  
 Is mar-a thugadh d' fhearrann bhuait  
 Gu 'm biodh i aoidheil geanail riut :  
 Is nach robh cron r'a aithris ort  
 Ach leantuinn do righ dùthchais.

Gur truagh gun mi cho beachdail  
 Is gu 'm faighinn éisdeachd facail dhi :  
 Nan labhrainn Beurla Shassunach  
 No Fraingis mhìn gu fasanta  
 Gu 'n innsinn gun dol scàchad dhi  
 Mar rinneadh ort do dhiùchradh.

Na Leathanaich bu phrìseil iad,  
 Bu mhòralach nan inutinn iad ;  
 'N diugh crom-cheannach 's ann chìtear iad  
 'S e teann-lagh a thug strìochdadadh asd'  
 Is maирg a bha cho dileas riubha  
 Riamh do righ no prionnsa.

Gu 'm b' fheàrr bhi cealgach, innleachdach  
 Mar bha an nàimhdean miorùnach ;  
 'S e dh' fhàgadh làidir, lionmhòr iad,  
 'S e 'dheanadh gnothach cinnteach dhaibh.  
 A bhi cho tuigseach erionnta  
 Is gu 'm b' fhiach leotha bhi tionndadh !

*Thuath*

Chuala mi 's mi 'm phàisteachan  
 Mu'n ghlacadh tuigse nàdair leam,  
 Na bha fo *Thuath*, ge làidir iad  
 Gur h-iad a ghnàth bu bhadhan dhaibh ;  
 'S beag ioghnadh mar-a tha iad  
 Anns a' Ghàidhealtachd 'g an ionndrainn.

B' iad féin am fine àrdanach,  
 Bha urram is buaidh làraich leo ;  
 Bu sgaирteil leis na claidhean iad  
 Cha mheirgeadh iad nan sgàbhartan ;  
 Is cha bu gheilt no sgàthachas  
 A leughadh iad 'an cùnnart.

Gur h-iomadh lùireach mhàileach  
 Bhiodh air ealchainnean 'n ur fàrdaichean ;  
 Cha togadh sibh na ràpairean  
 Gu 'm b' fheàrr an claidheanh Spàinneach leibh  
 A dh' fheuchadh spionnadh ghàirdeanan  
 'S am bogha b' fheàrr a lùbadh.

'N àm togail dhuibh le gàirdeachas  
 A chaiseamachd bu ghnàthach leibh  
 Bhiodh sluagh gu leòir a màrsail leibh,  
 Fir sgaирteil throm neo-fhàilinneach,  
 'S bhiodh brataichean 'gan sàthadh  
 Aig sliochd Mhanuis òig 'gan rùsgadh.

Cuid eile de bhur n-àbhaistean  
 Mu 'n d' chuireadh ás bhur n-àiteachan sibh  
 Puirt, is stuichd, is stàndachan,  
 Is bualadh bhròg air dheàrnachan,  
 'S gach aon neach mar-a dh' fhàsadhl  
 A 'hi faoghlum dha gach lùth-chleas.

A rìgh gur dubhach, cianail mi  
 A caoidh nan treun a b' fhiachaile ;  
 Gu 'n d' éirich cleas Mhaol-Ciaran daibh.  
 'S nach h-eil ra inns' ach sgial orra ;  
 Mo thruaighe gu 'n do thriall iad bhuainn,  
 Fir threun nan sgiath 's nan lùireach.

---

## O R A N

**DO DHOMHNULL MAC-GILLEAIN, FEAR BHROLAIS,  
LE DOMHNULL BAN MAC-GILLEAIN AM MUILE.**

Donald, the 3rd Maclean of Brolas was Lieutenant-Colonel of the Macleans, under his chief, Sir John Maclean, at the battle of Sheriffmuir in 1715. His son Allan, after the death of Sir Hector Maclean at Rome in 1750, became chief of the Macleans.

An tùs an t-samhraidh so 'bha  
 Dhuinn mar gheamhradh gun bhlàths  
 Chaidh ar ceannard fo chlàraibh dùinte ;  
 Ann an ciste nam bòrd  
 Air a sparradh le òrd  
 'S sinn ga seuladh le bròn dùbailt'.

Sliamh-an-t-Siorraim gun stà  
 Chòmhdaich sinne 'measg chàich  
 Ie lan-togar gun sgàth, gun chùram.  
 Mar bu chubhaidh 's bu dual  
 Bha thu 'n toiseach an t-sluaigh  
 'N déigh an t-òrdagh thoirt bhuit do d'mhuinntir.

Mar ledghann garg, guineach, mòr  
 Bha 'n treun curanta, òg,  
 Le lainn shòluis 'na dhòrn gu dioghailt.  
 'S math a thigeadh dhuit cleòc  
**Agus at a bhil' òir;**  
 Fear do choltais cha bheò mar timchioll.  
 Do cheann-cinnidh 's tu féin  
 Anns an iomairt gu treun  
 Bha ri milleadh air treud an Diùca.  
 Cha robh gaisgich oirnn gann  
 'Bhualadh bhuillean gu teann ;  
 'S cha bu bhochd leinn mar cheannard duinn thu.  
 A ghnùis sheirceil an àidh  
 Dha 'n robh freasdal do chàch,  
 Cha bu bheagan bu làn ad shùilean.  
 Ge b'e thogadh ort stri  
 Cha b' i 'n obair gun bhrìgh  
 'Fhir bu togarrach sith 's nach diùltadh.  
 'S ann an toiteal nan each  
 Bha do chosmhallas bras,  
 'Fhir gam buineadh a mhaise ùrla ;\*  
 Ann an caithream nan arm  
 Bha thu farumach calm,  
 Cha bu shuarraochas d' fhearg r'a dùsgadh.  
 'N uair a thigeadh tu 'mach  
 Air do chois no air each  
 'Dhol 'an coinnimh ri luchd do dhiomba  
 Is a chaoch'leadh tu snuadh  
 Gu 'm b' fhàth cùraim d' an cluais ;  
 An làmh a b' iomadach buaidh 's bu chliùiteach.

---

\* Urla, the face, or countenance.

Och nan och a ta buan  
 'S ann a nis tha sinn truagh,  
 O'n là chunnaic sinn d' uaigh ga bùrach ;  
 'N darna h-oighre 'oha beò  
 De shliochd ceart Eachuinn òig ;  
 Creach nan creach thàinig oirnn ri aon uair.

'S e bàs Caimpean nam buadh  
 A dh' fhàg sinne 'n diugh truagh ;  
 'S càirdeach Pàdruig's an uair so dhuinne ;  
 Bàs an duine so 'dh' fhalbh  
 A dh' fhàg cuimir ar stoirm ;  
 Fàth ar duilichinn soirbh ri 'dhùsgadh.

Fàth ar caoinidh tha goirt,  
 Cha chaoin-shuarach ar lot  
 Ach cneidh shic a ta goirt r'a giùlan ;  
 Chaidh a' chuibhle mu 'n cuairt  
 A dh' fhàg dubhach ar gruaidh,  
 Cha 'n 'eil éibhneas 'san uair so dhuinne.

Thuit am flùran le beum,  
 Oirnne 's soilleir an leus,  
 Ceann ar cinnidh cha 'n fheud e dùsgadh.  
 "Thi bha labharach àrd,  
 Bha thu mìn 's bha thu garbh,  
 'Righ, bu smachdail do ghnàths ri d' dhùthaich.

Oirnne thàinig an fluras  
 A mhill snodhach ar slat  
 'Chunnacas roimhe so pailte ùrail.  
 Gur bochd mise air aon,  
 Cha lot drise 'ta 'm thaobh  
 Ach sàthadh biodaig le faobhar dùbait'

Gus 'n do ghearradh an cnaimh,  
 Thuit an smear as gu làr  
 Is léigh idir cha slànaich dhuinn e  
 Ach an léigh a ta shuas  
 D'an léir laigsinn an t-sluaigh  
 Is da 'n deanar 'san uaigh leinn lùbadh.  
 Esan 'dh' amharc le iochd  
 Air a' ghnothach 'ta brist  
 'S a bha roimhe fo mheas 'us cùram,  
 Ann an statalachd beachd  
 Gun aon fhàilin, gun airc,  
 'S cha d' fhuair càch le an neart riamh puic  
 dhinn.

Oirnne thàinig i cas  
 Fhroiseadh snodhach ar slat  
 'N uair a shaoil sinn bli pailte ùrail,  
 'Chraobh de 'n abhall a b' àird'  
 Thuit a snodhach gu làr  
 Gus 'n do theirinn a blàth 's a h-ùbhlan.  
 'S ann 'san innis fo lic  
 A ta 'n urra bha glie,  
 D' an robh misneach, is meas o'n Diùca ;  
 Bha thu macanta blàth  
 Bha thu pailt ri d' luchd-daimh,  
 'S bu mhòr smachdalachd gnàths do ghiùlain.  
 Thuit am fiùran bha treun,  
 Oirnne 's soilleir an leus,  
 Ceann ar cinnidh cha 'n fleud e dùsgadh.  
 'S e an ciste naàm bòrd  
 Air a dubhadh fo shròl ;  
 Dh' fhàg sud sinne fo bhròn 'gad ionndhainn.

## M A R B H - R A N N

D'a MIHNAOI, ISEABAL NIC-GILLEAIN, le IAIN  
MAC-GILLEAIN.

The Rev. John Maclean, the author of this elegy, was 4th son of Ewan, the 9th Maclean of Treisinnis. He was minister of Kilninian in Mull. He was married to Isabell, daughter of Charles MacLean in Tiree. Three of his poems are in Dr M'Lean's MS. One of these, a poem composed upon the publication of Lluyd's Archaeologia Britannia in 1704, appears in Pattison's GAElic BARDS, page 199. Mr MacLean was succeeded as minister of Kilninian by his only son, Alexander.

'N àm dùsgadh dhomh as mo chadal  
Tha smaointeachadh m' aignidh goirt,  
'S mi aig ionndrainn nach h-eil agam  
Bean chaomh a' chaidreimh nach b' olc.

Fhuair mise 'n coingheall o Dhia thu  
Da fhichead bliadhna 's a h-ochd ;  
'S chaith sinn an tine gun chànan,  
'S cha chuala càch sinn a' trod.

Ach 'chionn nach ann agam-sa fhuaradh,  
'S nach robh 'm aont' dhi buan gun chrich,  
'N uair 'thagair an Ti a thug bhuaithe i,  
Leig mise bhuam i gun stri.

'S uaigneach leam-sa 'bhi leam féin,  
Ach 's éigin dhomh fuireach am thosd ;  
Ordagh Rìgh nan sluagh gu léir  
Gu de 'm feum 'bhi ris a trod.

Tha do leaba leam cumhann fuar  
 Ach bhlàitich Criosc an uaigh le blàths,  
 Is ás a' Bhàs gu 'n tug E'n gath,  
 Sgeula math 's cùis aigheir e.

Gu de 'm feum dhomh 'bhi gad chaoidh,  
 'S nach faigh mi a chaoidh thu air ais !  
 Théid mise ri ùine nad dhéigh,  
 'S cinnteach mi gu 'n téid an cais.

Tha do chadal sàmhach buan  
 Gu aiseirigh an t-sluaigh o'n bhàs :  
 'S àdhmhòr a' chobhair a rug ort  
 O anshocair ghoirt 's o chràdh.

Tha mo dhòchas ann an Criosc  
 'N Ti 'dhiol airson peacaidh chàich,  
 'Thé 's tric a riaraich am bochd  
 Gu bheil d' anam an nochd na bhlàths.

Cuid eile 'chùis m' aoibhnis mhòir,  
 'S nach d' fhaod gu 'm b'e bhi beò do chàs,  
 Thu 'bhi foirfi an naomhachd gun spot,  
 Gun pheacadh gun lochd, gu bràth.

Còmhdaile shòlasach le cheile,  
 Tha mi guidhe Dhé, de 'ghràs,  
 'Bhi agamsa 's agad féin  
 An talla 'n éibhnis 's an àidh.

An creideamh na puinc so féin,  
 An dùil éisdeachd anns a' chàs,  
 Tha mo rùn-sa fuireach ri m' ré,  
 Gun mhonmhòr, gun éis, gun chràdh.

Cha robh do theanga-sa luath,  
 Có de 'n t-sluagh do 'n tug i beum ?  
 B' fhurasda dhomh cliù 'thoirt ort  
 Nach coisneadh a h-uile té.

Ach o nach h-eil m' uidh s' ann an sgleò,  
 'S nach mo tha agad s' air feum,  
 Fanaidh mi tuilleadh am thàmh ;  
 Ach mo bheannachd gu bràth ad dhéigh.

---

### NA DEICH AITHEANTAN.

Le EACHUNN MAC IAIN, Triath Chola.

IAIN GARBH, 1st Maclean of Coll, was the second son of Lachainn Bronnach, chief of the Macleans. He was a strong and brave man. He was married to a daughter of Fraser of Lovat. His son, Iain Abrach, was killed in a quarrel with the Camerons of Lochiel. He was married to a daughter of Maclean of Urquhart, and had two sons, John and Hector. As John died without issue Hector succeeded him as Laird of Coll.

Hector, the 4th Maclean of Coll, was a highly accomplished scholar. He was a man of piety. He was a devoted student and took great pleasure in poetry. He composed poems in Latin and in Gaelic. He was married to a daughter of Alastair mac Iain Chathanaich of Islay.

1. Creid dìreach an Rìgh nan dùl,
2. 'S cuir air cùl ùmhlachd do dhealbh :

3. Na tabhair ainm Rìgh nan rìgh  
'N diomhanas, oir bidh sin searbh.
4. Dòmlhnuch Rìgh nèimh nan nial  
Dean le d' chridhe, chumail saor
5. D' athair 's do mhàthair gach uair  
Fo onair bhuait biodh araon.
6. Na dean marbhadh 's cum bho thnù,
7. Aodhaltrannas na cuir an gnìomh.
8. Gaduigheachd no goid na dean,
9. 'S na tog fianais ach gu fior.
10. Na sanntaich thusa dhuit féin.  
Taigh fir eile no 'bhean,  
No nì de eairneis gu léir ;  
A stigh bi-sa dìreach glan.

Sin deich àitheantan Dé dhuit,  
Tuig iad gu fior agus creid ;  
Ma ni thu uile d' an réir  
Cha 'n eagal dhuit féin no dha d' thaigh.  
Arsa 'n cléireach beag, 'Triath Chola.

---

## CAISMEACHD AILEIN NAN SOP,

Le Eachunn Mac Iain, Triath Chola, mu 'n bhliadhna 1537.

Bu mhac an creachadair ainmeil, Ailean nan Sop, do Lachann Catanach, Triath Dhubhairt. Thogadh e ann an Cairnaburg, caisteal làdir air eilean beag cùl-thaoibh Mhuile. Fhuair e long fo smachd, agus chaidh e leatha bho àite gu àite a creachadair 'sa losgadh. Mharbh e Tighearna 'n Leithir 's chum e 'oighreachd gu latha 'bhàis. Thog e iomadh creach ann an Eirinn agus anns a' Ghalldachd. Dh' éirich e gu cumhachd mòr. Cheannaich Mac-Dhòmhnuill a chàirdeas le eilean Ghiogha agus caisteal aig ceann Loch Tairbeirt a thoirt da. Fhuair e Cille-Charmaic ann an Cnapadal bho Mhac-Cailean. Robh creachadair riamlì sa Ghàidhealtachd colta ris. Ràinig e gu aois mhòir. Chaochail e mu 'n bhliadhna 1555. Tha e 'n tiodh-lacadh an Reilig Orain an I Chaluim-Chille.

Bu duine math Tighearna Chola, 's bha giulan Ailein a' cur duilichinn air. Chual Ailean nach robh e toilichte leis 's chuir e roimhe aicheamhail a bhi aige. Sheòl e gu Cola; ghlac e 'fhear-cinnidh, 's thug e leis e gu Loch Tairbeirt. Bha Tighearna Chola 'n a dheadh-bhàrd, agus air dha òran a dheanamh air Ailean fhuair e as. Tha e gle choltach gur h-e so a cheart òran leis an d' fhuair e a shaorsa.

'S mithich dhuinne mar bhun àmhlaichd  
Dàn bùrdain a chasgairt dhuit,  
A fhleasgaich bhrioghmhior 'fhliuchas piosan  
Le d' dhibh spiosair, neartmhoraich.

Nochd niòr chéileadh fion na Frainge  
 'Nad theach meanmnach, masgulach,  
 A shìl uaibhrich nach biodh uaigneach  
 'S o 'm biodh sluagh gu cadaltach.

'S iomadh gedcach ann ad chosan  
 Agus deòraidh aigeantach  
 'N uair leigeadh iad a mach am bàrca  
 Thar an cabull ro-ghasda.

Ceanglar uimpe mar bhur n-àbhaist,  
 Cuan a b' àird' do chasgairt leo,  
 'S nitear sin a réir a chéile  
 Gun fheum 'bhi air ath-dheanamh,

Beart chaol righinn, lionmhòr, chainbe,  
 Gun aon snaoimh marcachd oirr',  
 'N ceangal ri failbheagaibh iarruinn,  
 Droinip nach iarr acarachd.

Sin air deanamh lùthach, làidir,  
 Le spionnadhlàrd 'sa' cheart uair sin,  
 Gus an tugadh air a crannaibh claoindh  
 Taobh na gacith a cheart-eigin.

'N uair 'shuidheadh iad air a crann-céille  
 Gach fear féin ri dreapaireachd,  
 A liuthad sodar muir onfhaidh,  
 'S e gu ceannagheal, gorm, caiteanach,

A bristeadh gach taobh de brannradh  
 'Se 'n coimh-ruith ri baidealaibh,  
 Fad ur fad-fhradhairc 's na neullaibh,  
 Slat o beul a dh' fhaicinn-sa.

A dol timchioll sruth no sàilean,  
 'S i gu leanabhail tartarrach,  
 'S iomadh lùireach an ceangal ri h-earraich,  
 'S bogha dearg Sasunnach.

Croinn air an loeradh bho ruinn gu dosaibh  
 Le 'n cinn dhodach fhad-ghainneach.—  
 'N uair a chunnacadar am fad bhuit  
 Na crìochan ris an robh fuath acasan,

Glacadar na fuirbi righne  
 Nan doidibh min ladarna ;  
 Rinn iad an t-iomram teamm, teth  
 Toghbha làdir, eòlach, acfhuinneach.

Thug iad cudthrom air na liadhaibh,  
 'S raimh 'gam pianadh acasan ;  
 Chuir iad a beòil mhòr ri chéile,  
 'S a da chléith gu 'n shrae iad sin.

## O R A N

Do LACHANN MAC-GILLEAIN Triath Chola,  
 Le CATRIONA NIC-GILLEAIN.

Catherine Maclean, Catriona nighean Eòbhain Mhic Lachainn was born in the Island of Coll, and passed her life there. She was a very excellent poetess. Her poems shew much tenderness of feeling. She composed many songs. She was born probably about the year 1650.

The subject of this poem is Lachlan, 8th Maclean of Coll, who was drowned in the river Lochy in the year 1687.

'S muladach 's gur fiabhrasach  
 A' bhliadhna-sa de ghnàth,  
 Bho 'n dh' fhàg ceann nan cliaran sinn  
 Gus an trialladh bàird.  
 Gu 'nr bu cheann aos-ealain thu  
 'S gu 'm b' ath'reil dhuit do ghnàths ;  
 Bu dùthchas dhuit bho d' sheanair e,  
 Lùb allail a thug bàrr.

Tha mise dheth trom éisleineach  
 'S mi 'g éiridh, gach aon là,  
 'Bhi 'g amharc do réidhleanan  
 Gun neach fo 'n ghréin ach bàrd.  
 Cha 'n 'eil mnai no marcaich ann,  
 No gaisgich air an tràigh ;  
 'S cha 'n 'eil òl air chuachaibh  
 Ann an talla buan mo ghràidh.

'S e mo rùn an gaisgeach ud  
 A's smachdaile roimh shluagh,  
 An àm nochdadhl dhuit do bhrataich  
 Is neo-airneulach a snuadh.  
 Cha b' e triall gun taice dhaibh  
 Is d' fhaicinn rompa 'suas ;  
 Bhiodh iad fallan dachaidh leat,  
 Cia fhad 's g' an tugteadh ruraig.

'Se mo rùn an curaidh  
 Leis 'm bu toil 'bhi 'n cumasg lann ;  
 Bu mhian leat arm sgaiteach,  
 Agus clogaid glas mu d' cheann.

Ann an àm an rùsgaidh  
 'S ann fo d' shùil a bhiodh an sgraing :  
 Mo làmh gun deanteadh pùdhar  
 Le glaic lùthaidh fir gun taing.

'S ionmhuinn leam an Lachrhn sin  
 À's foinnidh, dreachmhor gnuis.  
 Dh' aithnichinn air an fhaiche thu  
 Air maise taobh do chùil.  
 Tha blàth rathar, buadhach ort  
 Nach ciùrradh fuachd 'g a dhlùths.  
 Air mo làimh bu shar-ghasd' thu,  
 'S tu 'n t-àilleagan 's a' chìurt.

'N uair 'thigeadh Mac-Gilcain ort  
 Le chathan is le 'rann,  
 'S gach toiseach mar bu chubhaidh dhaibh  
 Do mhaithibh Innse-Gall,  
 Bhiodh farum air na túraibh ud,  
 Bhiodh fùdar gorm 'na dheann ;  
 Bhiodh clàrsaichean gan spreigeadh  
 Is luchd-leadanan ri 'danns'.

'N àm 'bhi triall gu d' àrdaich  
 Gu 'm b' e d' àbhaist, mar bu dual,  
 'Bhi tarruing ort am bràithreachas  
 'Cur shláinteachan mu 'n cuairt.  
 Is searragan is tunnachan  
 Gun chunnart air an luach ;  
 'S sior-dì nan còrnáibh sinnseireach  
 À dhìobradh fir gu suain.

BHO CHOMH-CHRUINNEACHADH  
A' BHAIRD MHIC-GILLEAIN.

C U M H A

Do SHEUMAS MAC-GILLEAIN, a fear, le CATHRIONA  
NIC-GILLEAIN, an Cola.

Gur h-e mise 'tha pràmhail  
'S fhuair mi fàth air 'bhi dubhach.  
Tha mi feitheamh an àite  
Far 'm bu ghnàs dhuit 'bhi d' shuidhe,  
'S gun do ghunn' an air ealachainn  
'Chuireadh earba bho shiubhal.—  
Mo chreach dhuilich gu 'n d' dh' eug thu,  
Nàmhaid féidh anns a' bhruthach.

'N uair a bha mi 'g ad chàradh  
Ged bu shàr-mhath mo mhisneach  
Gu 'n robh saighead am àirnean,  
'S i 'gam shàthadh gu 'h-itich,  
Mu 'n fhear churanta, làidir,  
Nach robh failinn na ghliocas.  
Cha robh 'n saoghal mar chàs ort  
Nam biodh d' àilleas fo d' iochd dheth.

Cha do rinn mi riut fàilte  
Ged-a thàinig thu, Sheumais.  
Gur h-e mise 'tha cràiteach  
Is cha slànaich an léigh mi

Bho nach 'eil thusa maireann  
 'Fhir bu cheanalt' 's bu bheusaich ;  
 Gur h-e mise nach sòradh  
 Ni bu deònach le d' bheul-sa.

Ormsa thàinig am fuathas  
 On Di-luain so 'chaidh tharam ;  
 Bho na chunnaic mo shùilean  
 Thu 'gad' 'ghiùlan aig fearaibh.  
 Gu 'n robh mnai air bheag céille  
 'S fir gu deurach gad' ghearan.—  
 O na dh' fhàg iad 'sa' chill thu  
 Och, mo dhìobhal, 's trom 'm eallach.

'N uair a thug iad gu tilleadh  
 Gu 'n robh 'n iomairt ud cruaidh leam,  
 'S tusa 'rùin air do chàradh  
 Ann an càrnaich na fuarachd.  
 Com cho geal ris a' chanach  
 Fo chùl clannach, cas, dualach.  
 'S truagh nach robh mise mar-riut,  
 'S mi gun anam, 's an fhuar-leab'.

'N uair a ràinig mi 'n clachan,  
 Chaidh am braisead mo dheuraibh.  
 Bho nach d' ligeadh a steach mi  
 Dh' ionns' na leapa 'n robh m' eudail.  
 Na am bitheadh tu maireann  
 Cha dhealaicheadh tu fhéin sinn ;  
 Ochain, ochain, mo sgaradh  
 Gur h-i mo bharail a thréig mi.

Air Di-dòmhnaich 'sa' chlachan  
 Cha an 'fhaic mi mo ghràdh ann ;  
 Bidh gach aon té gu h-eibhinn  
 Is a céile fhéin làmh-r'i,  
 Ach bidh mise gad' ghearan s',  
 'Fhir bu cheanalta nàdar ;  
 Mo theinn thruagh bhi 'gad chumhadh  
 'S tu 'n leab chumhainn nan clàran.

Tha mi 'm ònrachd 's an fheasgar,  
 'Ghaoil, cha deasaich mi t'-aite,  
 'S gun mo dhùil ri thu 'thighinn,  
 'S e, 'fhir-cridhe, so chràidh mi.  
 Do chorp glé-ghlan th' air dubhadh,  
 'S do chùl buidh' th' air dhroch-càradh.  
 Ged a dh' fhàg mi thu 'm dheoghainn  
 B'e mo roghainn 'bhi làmh-riut

N' am biodh fios air mo smaointinn  
 Aig gach aon dha bheil céile  
 'S fad' mu 'n deanadh iad gearan  
 Fhad 's a dh fhanadh iad-féin daibh.  
 Ged-a gheibhinn de dh' òige  
 Air achd 's gu 'm pòsadhbha dha dheug mi,  
 Cha an fhaicinn bho thoiseach  
 Aon bu dochá na'n ceud fhear.

Na 'n do ghabhadh leat fògar  
 'S barail bheò 'bhi aig càch ort,  
 Gu an rachainn-sa 'n tòir ort,  
 B'e sin sòlas mo shláinte,

'N dùil gu 'n deanadh tu tilleadh  
 'Dh' ionns' an ionaid a dh' fhàg thu.—  
 'S feudar fhlàng mar thachair,  
 'S ann a ghlais iad fo 'n chlàr thu.

Och a Righ, gléidh mo chiall domh  
 'S mi ga d' iargainn-sa ghraidhein :  
 Thir bu tuigsich' 's bu chiallaich',  
 'S mòr 'bha chiatabh 'co-fhàs riut.—  
 Tha mi 'nis mar Mhaol-Ciaran,  
 'Gad ghna-iarraidh 's mi cràiteach.  
 Math mo laigsinn, a Righ, dhomh,  
 Gur h-e d' iasad a chràidh mi.

---

## O R A N

Do DHOMHNULL MAC EACHUINN RUÀIDH, Tighearna  
 Chola,

Leis an AIGEANNAICH.

Donald, the 10th Maclean of Coll died in April, 1729,  
 aged 73.

There is a song by the Aigeanach in Gillies' collection at page 128. She is there called Nighean Dhòmhnuill Ghuirm. The same song is in the "ORANAICHE."

Soraidh gu Breacachadh bluam,  
 Gu baile nan stuadh àrda  
 Far a bheil ceannard an t-sluaigh  
 'Tha measail, buadhdmhor, àdhdmhor ;

Gu mac gasda Eachuinn Ruaidh,  
 Guidheam-sa le's buaidh làraich ;  
 Duine smachdail, reachdmhor, ciùin  
 A bhuidhinneadh cùis dhe 'nàmhaid.

Rinn mi diochuimhn 's cha bu ghann i  
 'S teann nach bi i pàidhте ;  
 Tha bràthair Iarla nan sròl  
 'N dràst ga fhògar as àite.  
 'Righ, gur h-iomadh sruthan mòr  
 Bha 'n òrdagh mu bhràghad ;  
 Bha fuil dhìreach Mhic-Gilleain ann  
 Eachuinn òig 's a bhràthar.

Chuir thu do long fhada dharaich  
 Le 'ballaibh air sàile  
 Le stiùir, le croinn, 's le buill bheairte,  
 'S le acdraichean làidir.  
 C' àite an robh coimeas do 'n iùbhraich  
 Gu stiùireadh air sàile ?  
 Bha triùir phiobairean 'na toiseach  
 A steach gu port na tràghad.

Dh' fhalbh thu an coinnimh na cuideachd  
 Le furan 's le fàilte ;  
 Rug thu air làimh Mhic-Gillefin o/  
 Le beatha 's le slàinte.  
 Cha do shalaich iad an casan  
 'Tighinn a steach do d' bhaghan ;  
 'N uair a ràinig iad an caisteal,  
 Righ, bu tearc an t-àit' e.

Gach ni 'smaointicheadh a' eridhe  
 Eha 'tighinn gu saibhir,  
 Bu chùis-teirbheirt dha do ghillean  
 Bhi 'toirt dibhe air làraich ;  
 'S ann an sud bha'n gean 's an sòlas  
 'S ceòl a' tigh'nn bho 'n chlàrsach ;  
 Coinnlean céire laiste 'n lainntear  
 'S òl air branndaidh Spàinnteach.

Ge b' e thàrladh ann ad rùm  
 Nach tugadh cliù dha d' fhàrdaich  
 Bu neach gun eòlas air tuir e,  
 No air lùchairtean àrda.  
 'S ann ad sheòlmraichean cùbhraidh  
 'Bhios an sunnd 's an àbhachd ;  
 Chit' annt iomairt air an òr  
 Is òl air branndaidh làidir.

Ge b' e thalaicheadh air do bhuidleir  
 'S glutair e gun nàire ;  
 Cha 'n 'eil e 'n Albainn no 'n Eirinn  
 Fear a's ceutaich' gnàthan.  
 Gach seòrsa fion' tha na d' thalla,  
 An stuth fallan bàigheil ;  
 'S bheirear seachad e gun għainne  
 'S na searragan làn dheth.

Gheibhteadh do bhannal a fuaigheal,  
 Do ghruagaichean àraig  
 Aig nighean Thormaid mhic Ruairidh  
 Dha 'm bu dualchas àrdan.

Bhiodh ac' sunnd air deanamh léintean  
 'S tarruing gréis le snàthaid ;  
 Iomairt air còtaichean tric ac',  
 'S mise bh' ann 's an làthair.

Gu 'm biodh na cùirteinnean dathite  
 Air na leapanan clàraidh ;  
 Agus cluasagan 'g a réir sin,  
 'S gach ni dh' fheumte làmh riu ;  
 Bhiodh orr' brailinnean is bratan,  
 Culaidh 'chadail shàmhaich,  
 Far am biodh blàths aig na h-uaislean,  
 Cha tig fuachd nan dàil annt.

A dheadh mhic Iain na féile,  
 'S làmh nach euradh dàimh thu ;  
 'S tu làn de mhòralachd 's de ghlioca ;  
 'S de ghibteanan saibhir.  
 Dhuit a bhuicadh a bhi cruadalach  
 'Thoirt buaigh 's an àraich :  
 A righ gu 'm meal thu do stoileadh  
 'S do mhac oighre ad àite.

A ghaoil, nan éireadh ort cruadal  
 Bhiodh leat uaislean àrda ;  
 Do charaid, Morair Chlann-Dòmhnuill,  
 Bu deònach na d' phàirt c  
 Dhi' éireadh Mac-Leòid á Dun-Bheagain  
 Gu seasamh do làraich,  
 'S gu 'n éireadh gu grad leat á Mùideart  
 Na fiùrain neo-sgàthach.

Dh' éireadh leat Colla bho 'n Cheapaich  
 Gu h-acfhuinneach làdir ;  
 'S Mac-Dhòmhnuill Duibh á Lochabar  
 Le 'ghaisgichibh sàr-mhath.  
 Dh' éireadh Mac-Iomhnuinn o 'n Chrëich ;  
 'S bu treun anns a' bhlàr e.—  
 Soraidh gu Breacachadh bluam,  
 Gu baile nan stuadh àrda.

---

## AIR CUAIRT DO DH' AMERICA.

Le ALASDAIR MAC-GILLEAIN.

Alexander Maclean, an Cùbair Colach, was a native of Coll. He was an expert seaman. About forty years ago he emigrated with his family to Australia, where he died. He was a cheerful companion, and was highly respected.

Ann an toiseach an fhoghair  
 Ris a' chuan thug mi m' aghaidh le sunnd,  
 'Dhol a shealltainn an àit'  
 'S a bheil na measan a fas a's feàrr sùgh ;  
 'Dhol a shealltainn nan gillean  
 A ghabh toiseach na linne a null,  
 'S a thoirt naigheachd gu 'n càirdean ;—  
 'S mar-a till mi bidh pàirt diubh ga m' thùrs'.

'Fhir a chruthaich an saoghal  
 Is a dh' òrdaich na daoin' os a cheann,  
 Thoir dhuinn soirbheachadh feasgair'  
 'S sinn a gluasad o'n fheasdraich fo shiùil :  
 Bi 'gar stiùradh gu cala,  
 Na leig dhuinn dol a mearachd 'n ar eùrs' ;  
 'N uair a shéideas a ghaoth oirnn,  
 Dhuits' tha comasach faochadh 'thoirt dhuinn.

Bi mu 'r croinn 's mu 'r buill-bheairte  
 Bi mu 'r cùl-stadh mu 'r rachdaibh 's mu 'r sgòd,  
 'S gach aon bhail 'tha 's an àrdraich  
 A toirt iomrachadh sàbhailt do 'n t-slògh  
 'Dhol a dh' ionnsaigh an flearainn  
 Anns na dh' ullaich thu cheana dhaibh lòn.—  
 Bi gach là ad sgéith-dhion' orra  
 Dean am faicinn air tir is air dòigh.

'N uair a chunnaic Thu 'n rioghachd so  
 Gun dòigh aig daoin' isle air 'bhi beò  
 Gu 'n do bhrosnaich thu 'n spiorad  
 'Dhol a dh'imeachd na linne fo sheòl,  
 'Dhol a shealltainn na dùthcha  
 'Chum thu 'm falach ré ùine ro-mhòir,  
 'S nach bi bochdainn no ganntar  
 Ged-a ruigeadh na th' ann 's an Roinn-Eòrp'.

'Nis tha 'n fhàidheadaireachd soilleir  
 Bha' measg dhaojin', o cheann iomadach bliadh'n  
 Gu 'm biodh ciobhlan a mheanbh-chruidh  
 Ri bristeadh nan galla-chrann 's nan cliath.

Chinn na h-uachdarain cosgail  
 'S tha an tuath air fàs bochd leis a' mhàl ;  
 'S ann mu 'n caill e 'chuid itich  
 'Théid gach ian a bhios glic air an t-snàmh.

'Thi a chruthaich gach creutair,  
 Cha 'n 'eil ni nach bu léir dhuit o thùs ;  
 Tha thu riaghlaigh an ceartas,  
 Tha gach uachd'ran fo d' smachd is gach Prionns' ;  
 Is sàr-bhuachaille treud' thu,  
 'S e do ghealladh nach tréig air an cùl ;  
 'S do gach neach 'tha na éigin  
 Gu bheil bealach lan-réidh 's dol a null.

'N uair a dh' fhalbhas na daoine  
 Is a chruinnicheas na caoraich mu 'n chrò'  
 Bidh gach tighearna tìre  
 Giùlan cromag a' chìobair 's a chleòc ;  
 Cha bhi 'm fonn orra b' àbhaist  
 'S iad a cunnatas a' mhàil air a' bhòrd,—  
 'S ma thig strì air righ Shasuinn  
 Bheir gach ciobair dha bragsaidh gu leòir.

Ma thig cogadh do 'n rioghachd s'  
 Thig na Frangaich na 'm miltean a nall  
 Is bidh amhach righ Deòrsa  
 Ann an cunnart gu leòir bho 'n cuid lann:  
 'N uair a dh' fhalbhas na Gàidheil  
 Le cion aodaich, is earrais, is loin  
 'S olc an dion dha na Sas'naich  
 Ged robh 'm bronnaichean pacte le feòil.

## O R A N

Do Bhàta d' am b' ainm *Struilleag*; leis a' CHUBAIR  
CHOLACH.

FONN.—“*Gur h-i bean mo ghaoil an Spàinnseach.*”

## STRUILLEAG.

'S mise 'tha dheth tòrsach, eràiteach ;  
'S fada 'n so 's a bhàgh leam fhin mi.  
Cha 'n 'eil duine nach tug cùl rium,  
Dh' fhàg an Cùbair mi air di-chuimhn'.  
Seadh, ged 's iomadh là de m' shaoghal  
'Sheòl e mi fo aodach iosal.—  
Och mo chreach : gur truagh r'a smaointinn  
Nach h'-eil suim de m' shaothair dhìleas.

## AN CUBAIR.

'S gòrach dhuit a bhi ri tuireadh,  
Cha 'n 'eil culaidh 's an Roinn-Eòrpa  
A gheibh cliù no meas bho dhuine  
'N uair a sguireas i de sheòladh.  
Tàrnidh mise suas gu tràigh thu  
'Dh' fhaighinn bàis, am bàgh na smeòraich.  
Tha mi 'n dùil gu bheil thu páidhте  
Airson gach là a shnàmh thu dhòmhса.

## STRUILLEAG.

Cha 'n i 'n aois a rinn mo lagadh,  
Ach thus' Alastair, 'bhi spòrsail ;  
'S a bhi 'dol an déigh té eile,  
Gus an deireadh a thoirt dòmhса.

B' fheàrr dhuit na teannadh ri cailich  
 A bhi leanachd ri d' shean-eòlas.—  
 Till rium 's bheir sinn sgriob am bliadhna  
 Do 'n chuan shiar a dh' iarraigdh 'n Tòisich.

## AN CUBAIR.

Fuirich gus an tig an t-earrach  
 Agus fallaineachd na h-aims'reach,  
 'S bheir sinn turas eile fhathast  
 'Dh' iarraigdh bathair air na seann-Ghaill.  
 Mur-a dùblaich thu 'n Roinn-Ileach  
 Air bheag sgios le aiseag sàbhait',  
 Tàrnidh mi air chreig air tir thu,  
 'S cha toir mi gu dilinn làmh ort.

## STRUILLEAG.

Cha 'n 'eil cùram orm an t-slighe  
 'Tha thu bruidhinn oirre 'sheòladh.  
 'N cuimhne leat an latha dh' fhàg sinn  
 An tràigh bhàn an Innis-Eòbnainn.  
 Tha mi 'n dùil nach gnothach amaid,  
 No gniomh caile nach d' fhuair eòlas,  
 'Rinn mi 'n latha sin.—A chlisgeadh  
 Chuir mi 'n Dubh-Iortach fo m' sgòdaibh

## AN CUBAIR.

Faire, faire 'n cluinn sibh Struilleag ?  
 Tha i uile air dol gu bòilich ;  
 Tha i toirt d' i fein gach urraim,  
 Gun ghuth air duine 'bha còmhl' ritl'.

Nach mi fhin a bha 'g ad stiùradh,  
 'S tu air chùl nan tonnan mòra.  
 Ged is tusa 'bha 'g an reubadh  
 'S ann bhuamsa, 's gach ceum, bha d' eòlas.

## STRUILLEAG.

Ged is tus' 'thug mi á Eirinn,  
 Bu mhath 'thillinn féin air m' eòlas.  
 'S math a dh' aithnich mi 'n Roinn-Ileach,  
 'S rinn mi dìreach air Muldònach.  
 'N uair a chrom an ceò gu dùmhail,  
 Leag mi mo chùrs' air ceann Shòaidh.  
 Thug mi 'm mach mo chala gnàthraighe,  
 'S dh' acharaich mi aig bàgh na smèòraich.

## AN CUBAIR.

Na creidibh facal de 'seanachas ;  
 'S ann tha boil-mhearaichinn na h-aois' oirr'.  
 Cha 'n fhaca mi latha riabh i  
 Nach feumadh i mias 'g a taomadh.  
 Cha ghabhadh i 'n rathad dìreach.  
 Mar-a ciosnaichinn le taod i.  
 'S co-dhiu 'bhiodh ann fiath no séideadh,  
 Cha deanadh i feum le aodach.

## STRUILLEAG.

'N cuimhne leat an latha duaichnidh  
 'Dh 'fhàg thu Loch-a-Tuath le spòrs leam ?  
 Cha robh bàta 'bha 's an tional  
 Nach robh gearanach gu leòir air.

Theap thu mo chur ann am blàreislich  
 Eadar Freasalan 's ceann Shòaidh  
 Tha mi 'n dùil nach robh mi leisg dhuit  
 'S tu 'g am ghreasad thar nam bòchd-thoune.

## AN CUBAIR.

Tha mi cuimhnearachadh mar bha e :—  
 'N tusa bàta bàn a' Chùbaire?  
 'S iomadh turas math a rinn thu ;  
 'S cha d' fhuair mi riamh foill ad ghiùlan.  
 Ged leig mi thu greis air di-chuimhn'  
 Tillidh mi le m' chridh' as ùr riut,  
 Cha leig mi sgreathadh air tìr  
 Le té do ghniomh : bu mhòr an diùbhail.

## O R A N

Do Shir Ailean Mac-Gilleain agus do dh' Eachunn  
 Chola, athair-céile.

## LE NIALL MAC-LAOMUINN.

Sir Allan Maclean was a captain in the Montgomery Highlanders. He was married to Una daughter of Hector, 11th Maclean of Coill. He resided during the latter part of his life on the island of Inch-Kenneth in Mull. He was visited there by Doctor Johnson, who speaks very highly of him. He died in 1783.

Neil Lamont, the author of the following poem, was a native of Tiree. One of his daughters married a Mac-Fadyen, and had a daughter who was married to

Allan Maclean, the poet's father. Neil Lamont was thus the great-grandfather of John Maclean, the poet. The Montgomery Highlanders went to America in 1757. The poem was composed at that time.

Mo rùn an t-Ailean a chaidh thairis  
 Air luing chrannag, air euan aineoil  
 Leis na fearaibh 'dh 'ionnsaidh 'n fhearainn  
 dhlùth-choillich.

'S bochd a dh' fhàg thu na dearbh-chàirdean ;  
 Bean is màthair dubhach sàraicht'  
 Gun fhiamh gaire 's iad a ghnàth gad ionndraighe-  
 inn.

'N t-aon eun peucaig 'bh' aca féin  
 Chaidh thoirt air éigin thar nam beuc-thonn,  
 Cùl na gréine ;—sgeul tha deurach dhuinne sud.

Guidheadh iadsan air an Ard-rìgh  
 Na shaor-ghràs E 'bhi mar gheàrd air,  
 Na sgéith làdir, anns gach àite cunnartach.

Biodh e ga d' dhion air muir 's air tìr,  
 'S gach àit am bi thu 'm blàr nan rìghrean,  
 Bho d' luchd miorùin ; 's thig a nios gu cliùiteach  
 oirnn.

Le nighinn Eachuim, ged is meat i,  
 Bhiodh e taitneach 'dhol air astar  
 Leis a chaitpein thar nam bras-thonn dubh-  
 cheannach.

C' àit an faic mi coltas Eachuinn  
 'N cuma pearsa 's an gnùis-mhaise ;  
 Bha gach tlachd air ; mo cheud creach nach  
 dùisg mi e.

An tall' àdhnhor an triath shàr-mhath  
 Gheibht' gun fhàiling plob is clàrsach,  
 Ol is dàin, is bhiodh e làn de chùirt-fhearaibh.

Sin an taigh 's am biodh a mheadhail mhòr  
 'S bhiodh gleadhar anns gach seileir  
 Aig luchd-feitheimh 's gloine 'n làimh gach aon  
 duine.

B' e 'n laoch mòrail 'chaisgeadh tòir e ;  
 Fàth mo bhròin an diugh nach bed e ;  
 Sint' fo 'n fhòid tha mo sgiath mhòr 's mo chùl-  
 anach.

## O R A N

Do Chailein Mac-Cnuimhein. Fear-Ghrianail, an  
 Tirithe, le Gilleanasbuig Mac-Phail.

Archibald M'Phail was a native of Tyree. He was a very good poet. His failing was a proneness to go to extremes. When he praised he praised too much, and when he condemned he condemned with unnecessary severity. He lived in Baile-Phuil. He died about the year 1830. There are eight of his songs in John MacLean's manuscript.

Mrs Noble of Cape Breton, t.i.e subject of John MacLean's finest elegy, was a daughter of Colin MacNiven.

Thoir mo shoraidh gu Fear-Ghrianail,  
 Fear flathail, fogaingteach, fialaidh,  
 Iochdmhor, caoimhneil, dleas'nach, diadhaidh,  
 Ceanalta, ciatach, ro-spéiseil.

Duin' nasal, urramach, cliuiteach,  
 Measail, cosgail, le deadh-ghiùlan,  
 Faighid' neach, aighearach, sunndach ;—  
 Sonas leat 's gach cùis mu 'n téid thu.

'N uair a shuidheadh ta 's taigh-thairne,  
 Cha 'n e 'm total bochd a b' aill leat,  
 Ach am buideal 'bhí ga thràghadh  
 Gus an cailleadh pairt an léirsinn.

Bu bheag an t-ioghnadh leam fhin sud ;  
 B' ùr a' ch'ill 's an d'rinn thu cinntinn,  
 Cha 'n fhuaiceadh maid innte crionach :—  
 Measan grinn air bhàrr gach geige.

Gu 'n robh do chairdean, a Chailein,  
 Urramach 's gach taobh r' an leanachd,  
 O Dhun-da-Kámh 's Loch nan eala,  
 'S o thùr Mhic Cailean nan ceudan.

'S math leam mar-a rinn thu chùis so,  
 An sgriob air 's do leag thu do chùrsa ;  
 Bhuannaich thu 'n déideag a's cliuitiche ;  
 'S gorm an t-sùil tha 'n guis na féile.

Beul a's grinne, deud a's bòidhche,  
 Gruaidh a's deirge na na ròsan ;  
 'S gile 'cneas na 'n sneachd air mòintich ;  
 'S taitneach anns gach dòigh a beusan.

Pearsa thlachdmhor ghasda chuimir  
 An deise shioda air a deadh-chumadh ;  
 Cruinneachd nam baintighearnan uile,  
 'S tu gràine mullaich a cheutaidh.

## ORAN GAOIL

Le GILLEASBUG MAC PHAIL, an Tirithe.

'S bochd an creachal 'th' air m' inntinn  
 Is cha 'n urrainn mi 'dhlobradh,  
 Ma tha 'n sgeula cho fior 's tha iad 'gràitinn  
 'S bochd an creachal, &c.

Ga 'n do thionndaidh thu 'm fuath riun,  
 'N déigh do ghaol 'bhi cho buan domh,  
 'S gu 'n do thagh thu fear fuadainn am àite.

Gur h-e mheudaich mo ghaol ort,  
 Do ghruidh dhearg 'bhi mar chaoran,  
 Is do ghnùis bhi eilidh nobhach, glan, nàrach,  
 Thu bhi slobhalta caoimhneil,  
 Banail, baintighearnal, aoibheil,  
 Suairce, ceanalt', gun fhoill ann ad nàdar.

Do chùl bòidheach, mìn, liomharr  
 Tha 'na chamagan sniomhain ;  
 Tha gach mais' ort, a ribhinn na h-àilleachd.

Gur h-i 'n naigheachd a fhuair mi  
 'Dhùisg an anshocair bhuan dhomh ;  
 Dh' fhàg i aiceadach truagh mi gun slàinte.

Ge b' e fear ni do bhuanachd,  
 Gur leis déideag na h-uaisle,—  
 Guidheam piseach is suaimhneas ri d' là dhuit.

---

## O R A N

DO GHILLEASBUG MAC-GILLEAIN, Fear Chill-molubhaig, an Tirithe, le GILLEASPUIG MAC-GILLEAIN.

Archibald M'Lean. Gilleanpuig Làdir, was a native of Tyree. His father and the grandfather of John M'Lean, the poet, were brothers. He was a high-spirited and passionate man, and frequently got into troubles. He had however influential friends who always came to his rescue. Though rash, he was respected. He died about the year 1830. There are three of his poems in John M'Lean's MS.

Archibald M'Lean of Kilmoluaig was married to Catherine, daughter of Donald Campbell of Scamdale. He had three sons, Donald, Charles, and John,

and two daughters Annabella and Mary. Donald and Charles died in the West Indies. John succeeded his father in Tyree, and was the father of the late Sir Donald M'Lean of New Zealand.

FONN :—“ *Gaoir nam ban Muileach.*”

Fhuair mi sgeula mo sgaraidh  
 Mu 'n do mhiosach an t-earrach,  
 Gu 'n robh m' eudail ga bhannadh  
 An ciste chaoil air a sparradh,  
 'S e air ghiùlan aig fearaibh  
 'S mnathan tìursach dheth galach.—  
 Dh' fhàg a bhàs fo throm-eallach na cairdean.  
 Dh' fhàg a bhàs &c.

Na'm bu bhàrd mi cho fasant'  
 'S a tha 'n taobh so de Shasunn  
 Dh' innsinn sios dhuibh an eachdraidh  
 Mar-a thàinig na gaisgich,  
 Na fir òga, dheas, dhreachdmhor,  
 'Choisinn cliù 's cha bu mhasladh,  
 'S tha 'nis sgaoilte mar ghainimh na tràighe.

Mo theinn chruaidh mar-a thachair  
 Gu bheil Teàrlach an tasgaidh,  
 'S fear 's na h-Innsibh de d' mhacaibh ;  
 'S òg a ghabh e bhuainn astar ;  
 'S iomadh aon a ghabh beachd air;  
 Gu 'n robh spionnadh 'na ghlacaibh ;  
 Bha e cruadalach, sgaireil, fior-àlainn.

Latha 'Nollaig so chaïdh  
 Bha na h-uaislean gun aighear  
 Mu dheadh-Cheannard an rathaid  
 Ga'n robh leigeadh is gabhail.  
 Gur-a cruaidh leam an t-saighead  
 'Chuir 's an ùir thu 'n ad laidhe :—  
 Ach de 'm fàth dhuinn 'bhi 'gearan na dh' fhàg  
 sinn.

Bu tu coltas a' ghaisgich  
 'Dheanadh gniomh anns a' bhaiteal.—  
 Taobh do chùil gu 'n robh tlachd ort,  
 Ceum bu rioghail air faiche,  
 Gruaidhean min-dhearg, daithte,  
 Beul na firinn 's a' cheartais ;  
 Cha b' i 'n fhoill' bhiodh ad bheachd 'n uair  
 bhiodh mòd ann.

'S ann ad cheann a bha 'n riaghailt,  
 'S mòr an tuigse 'bha rianh ann.—  
 Ged-a ruigeadh na ciadan  
 Gu ceann-uidhe na fialachd  
 Cha bu doicheall a dheante,  
 Bhiodh gach ni mar-a dh' iarrte,  
 'S bheirte deoch mar bu mhianu agus ceòl dhaibh.

Bha thu 'theaghlaich nan curaidh  
 'Choisinn cliù 's a fhuair urram,  
 Leibh a dh' éireadh gach duine  
 'Nàm 'bhi 'tràghadh nam buideal.  
 Bhiodh ur gillean air stuidear  
 Ag òl fiona le furan,—  
 Ochain, thriall sibh nis uile air falbh bhuaninn

Taing do Dhia mar a tha sinn  
 Gu bheil mac ann ad àite,  
 Slat de 'n iubhar a's àille,  
 Fiùran foghainteach laidir.  
 C' àit' am faicear fear àilleachd  
 No fear spionnadhl a ghàirdean ?  
 Cha 'n e breug tha mi gràittinn 's cha bhòsd e.

'S iomadh baintighearn' òg éibhinn  
 Ann an Sasunn 's an Eirinn  
 'S ann am baile Dhuneideann  
 'Chunntadh miltean gun déigh orr'  
 Airson fhaotuinn mar chéile,  
 Am flath eireachdail ceutach  
 A ghrad-thilleadh leis féin an luchd-tòrachd.

Sguiridh mise 's gun támh mi ;  
 Tha mo chridhe gu sgàineadh  
 'S mi a' smaoinnntinn mar tha mi  
 Gun cheann-cinnidh, gun chàirdean  
 A ni feum ann am chàs dhomh.  
 Chaidh mo chuideachd a sgànradh  
 'S luchd na foille tha nan àiteachan còmhnaidh

## O R A N

Do dh' AILEAN MAC-AONGHAIS, tàillear ann an  
 Tìrithe : le DOMHNULL DOMHNULLACH.

Bha 'n tàillear ag iasgach air carraig agus thuit e  
 a mach anns a mhuir. Shìn fear de na bha 'sa

chuideachd an tàbh 'ga ionnsaidh, agus air dha  
breith air thàirneadh gu tìr e. A réir a' Bhàird 's  
ann le bàta a theàrnadh an tàillear.

Am faic thu 'm bàta riomhach  
**A** shiubhlas cinnteach cuan ?  
**L**e coignear ghillean dileas oirre  
**A** dh' ionmaireas i gu finealta,  
'S a sheòlas i le innleachdan,  
'Si 's cinnich' sgriob a nuas:  
**A** sgiobair Lachainn òg tha flor mhaith,  
**L**àmh a dhiòbradh stuadh !

Tha cliù 's gach àit 's an dùthaich  
**A**ir an àrdraich, ùr o 'n tuaigh ;  
**A** taobh tha sliosar liobharra,  
Gun mheang, gun ghaoid, ach firinneach  
De dh' fhiubhaidh daingeann dileas,  
Is gur dionach i mu 'n cuairt :  
Ged dh' éireadh tonn mar bheinn gu h-àrd  
**L**e gàirich thig i 'nuas.

'N uair 'theannas tu ri 'seòladh  
**L**e do sgioba còir gun ghruaim,  
**T**agh òigeal làidir, taiceil  
Bhios gun mheang, gun ghamh, ach faicilleach,  
Ro-chùramach gun ghealtachd ann,  
'S biodh e fo d' smachd mar 's dual ;  
**A** chumas i mar 's còir dhi 'bhi  
'N uair 'bhios ann 'sìde cruaidh.



Co e 'm fear-sgòid théid làmh-riùt,  
 Ach an tàillear ri an-uair.  
 'Se-féin am fiùran furachail,  
 'S e teoma air a h-uile rud.  
 Cha tric a chi sinn duine  
 A tha cho ullamh, ealamh, luath :  
 Bheir e an sgòd a staigh mar 's còir,  
 'S gur h-eòlach e mu 'n chuan.

Dhearbh e 'ghniomh 's a thabhbachd dhuinn  
 Ri là an ànraidih chruaidh,  
 Am bàrr na slaithe chìteadh e  
 'Se 'glaodhach, "Cumaibh dìreach i  
 Le spionnadhl dhòrn 's iò innleachdan  
 No théid i 'sios 's a' chuain":  
 An greim a fhuair e ghléidh se e  
 Ged bha e 'n éigin thruaigh.





Bha 'ghaoth gu cruaidh a séideadh oirr'  
 'S na speuran làn de ghruaim ;  
 Na siùil chaith uile 'reubadh dhi,  
 'S bha 'n fhairge is calg gu léir-sgrios oirr'  
 Na teine-sionnnachain 'g éiridh uimp'  
 Gu ruig a sléisdean suas :—  
 An tonn bu lugh a 'bheucadh  
 Chluinnt' á Sléit e ann an Cluaidh.

Ged fhuair i mòran allabain  
 Le creanachadh a' chuain,  
 Ma dh' fhaodar fhathast nìtear i  
 Cho dionach, làidir, finealta





## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14580  
(716) 872-4503

1.8  
2.0  
2.2  
2.5  
2.8  
3.2  
3.4  
3.6  
4.0

10  
11

Ri bàta 'th 'anns na tìrean so,  
 Gur fiach i a cur suas.—  
 Eadar Cana 's Maol-Chinntire  
 Shiùbhladh i ri uair.

A Lachainn òig gu firinneach  
 Gur math is fiach thu duais.  
 Gu 'n d' rinn thu gniomh 'bha tàbhachdach  
 An là a cheap thu 'n taillear dhuinn ;  
 Cha d' leig thu ás do làmhan e  
 Ged 'shnàmh e pios de 'n chuan  
 Gur finealt' air an t-snàthaid e,  
 Tha obair àlainn, buan.

Donald M'Donald, Dòmhnull Mac Iain òig, was  
 a native of Tyree. He lived in Croisigearr. He  
 ranks well as a comic poet. He died a poor man in  
 Barra, about the year 1835. There are eleven of  
 his songs in John M'Lean's M.S.

---

### O R A N

Do MHAC GILLEAIN Dhubhairt, le IAIN LOM.

Mur bhi 'n abhainn air fàs oirnn  
 'S tuil air éiridh 's na h-aithean  
 Bhithinn latha roimh chàch air a chòdhail.  
 Mur bhi 'n abhainn, &c.  
 Is bochd an eiridinn páisde  
 'N uair a bhual an lot bàis e  
 'Bhi gun cheirein,\* gun phlasda, gun fheòirnein,

---

\* Cheirein, a poultice.

Is ann de 'n choinnimh a's miosa  
 An gàradh-droma air bristeadh  
 Mar gu 'm pronnadh sibh sligean le òrdaibh.

Is ann de dh' fhortan na cùise  
 Ma 's e 'n torc 'th' oirbh a mùiseag  
 Gu 'n téid stopodh na muire \* 'n a phòraibh.

Tha sgriob gheur nan peann gearra  
 'Cumail dion air Mac-Cailein,  
 'S e cho briathrach ri parraid 'n a chòmhradh.

Thug sibh bhuanne le spleadhan  
 Eilean Ile għlas, lagħach,  
 Is Cinntire le 'mhàghħannan gorma.

Għlac an eire greim teanchrach, †  
 Air deadh chinneadh mo sheanmhar,  
 'S lag an iomairt ge h-ainmeil an seòrs' iad.

Dh' fhalbh 'ur cruald 's 'ur gaisge  
 Le Eachunn Ruadh 's le Sir Lachann,  
 'Th' ann 's an uaigh far 'n dc phaisgeadh 's an  
 t-sròl iad.

'S Lachainn Mòr a fhuair urram,  
 'Chaidh a bhualadh 'an Gruineart,  
 Cha tugte uachdranachd Mhuile ri 'bheð dheth.

Is math mo bharail is m' earbs  
 Mur-a roghainn gun dearmad  
 Nach bu chladhaire cearbach Fear-Bhròlais.

\* Muire, the leprosy.

† Teanchaire, a vice.

'N Eaglais I Chaluim-Chille  
 Tha suinn chrodha gun tioma  
 'Chaisgeadh dòruinn 's gu 'n tilleadh iad tòrachd.

'S mòr gu 'm b' fheàirde dream fiata  
 Nan each seang-fhada fiadhaich,  
 Eobhan Abrach, Loch-Iall agus Lòchaidh.

---

## A' MHUSG BHREAC.

Oran le MAC-COINNICH OG, Triath Chloinn Choinnich, an déigh bàs 'athar do ghunna 'bh' aige d' am b' ainm a Mhusg Bhreac, agus e-féin 's an gunna a freagairt a cheile.

## MAC-COINNICH.

Gu de mhusg ud air ~~ealchuin~~ ? *ealchuin*  
 Am ball-airm thu 'm bheil feum ?  
 A bheil dòigh air do chàradh ?  
 No 'n ann tha thu dol eug ?  
 Gu de 'm mulad 'th' air d' inntinn ?  
 B' fheàrr dhuit innse do léigh.  
 An deach maoile air do chinte,  
 No 'n do mhill iad an gleus ?

## A MHUSG BHREAC.

'S e bhi 'caoidh 'n fhir a thriall bhuainn  
 Dh' fhàg mi tiamhaidh gun fheum ;  
 'S tric a bha mi 's an t-sliabh leis  
 'S sinn ag iarraidh an fhéidh.

Gu 'm b' i mise ga ionndrainn,  
 'S air mo shùilean an deur,  
 Gus an faigh mi deò chinte  
 Gu dé 'n tim an tig e.

## MAC COINNICH.

A' hailleach dhona gun stà  
 A chaill do chlaisneachd 's do mhùirn,  
 'N cuala tusa gu'n d' eug e ?  
 'N tug thu spéis dha bho thùs ?  
 'N ciste chumhainn, chaoil, dhlonach,  
 Ann an lion-anart ùr  
 Tha do mhaighstir an tasgaidh ;  
 'Chaoideh cha 'n fhaicear leis thu.

## A' MHUSG.

Och is och, is mo léir-chreach,  
 'S truagh do sgeula dhomh 'n nochd,  
 'N ne nach faic mi an treun-laoch  
 Dh'am bu léir mo chuid lot;  
 Làmh a bhuidh'neadh na bein leam  
 'Mach air eudan nan cnoc !  
 Bidh mi tuillidh fo éislean  
 As a dhéigh 's mi gun toirt.

## MAC-COINNICH,

Clos, O clos ort, a sheana-bhean,  
 'Sguir dhe d' sheanachas gun fheum,  
 Gur-a mòr an dith nàire  
 Dhuit bhi 'g ràitinr nam breug ;

Chuala mise iad ag innse  
 Gu 'n do thill thu air féill,  
 Is nach taghadh tu 'n caol-damh  
 As an taobh o 'n dubh-réidh.

## A' MHUSG.

Uist, a bheadagain dhalm',  
 Cha chulaidh-sheanachais leam thu ;  
 Bha mi roimhe so ainmeil  
 Aig mo mhaighstir math, ùr,  
 Aig mo mhaighstir caomh ionmhuinn  
 Tha, gun iomradh 's an ùir.  
 'S tric a leag mi 'n damh cròdice,  
 'Deanamh spòrsa do 'n chù.

## MAC-COINNICH.

Clos, O, clos ort a sheana-bhean,  
 Cha robh d' ainm ach gu h-olc ;  
 Dh' eireadh corruiich mhòr, gharg ort  
 'N uair a b' fheàrr 'bhiodh do shog.  
 'S tu 'n ochd-shlisneach nach diùltadh,  
 'S ann bhiodh sùrd ort a lot ;  
 Ged bu sgìthean 's an làimh thu,  
 Bha thu nàmhaideach, goirt.

## A' MHUSG.

Is na 'm faighinn-sa 'n urchair  
 'Chur gu cuimseach am bheul,  
 Is mi chumail le sealgair  
 Nach biodh clearbach gu feum,

o/

Thilginn fada, réidh, dìreach,  
 'S chuirinn m' fhìrinn an céill,  
 Gu 'n grad leagainn le m' fhuadaig  
 'N damh a b' uallaiche ceum.

## MAC-COINNICH.

Ceannaichidh mise dhuit fùdar  
 Thig á bùth Inbherneis,  
 'Bhios cruaidh, sgalanta, cinnteach.  
 Mar-ri gnìomh duine glic;  
 Na biodh tuilleadh ort michion  
 Fhad 's a chítéar leat mis';  
 Fhad 's a mhaireas geum bà dhomh  
 'Chaoiдаh cha 'n fhàg mi thu ris.

## A' MHUSG.

Och, is och, a Mhic-Coinnich,  
 'S trom an eire tha ann ;  
 Ma 's a mac thu do m' ghràdh-sa  
 Cuir am plàsda 'n a àm ;  
 Aig a' bhàs na dean m' fhàgail,  
 Aiseag slàinte do m' chom ;  
 Bidh mi feumail dhuit fhathast  
 'Dhol a thathaich nam beann.

## MAC-COINNICH.

Ceannaichidh mise dhuit còta  
 'Chumas beò thu gu bràth,  
 'Chuireas fuachd as do chnamhaibh,  
 'Mheud 's a ghabhas tu e—

Tha mo chion o mo chrìdh' ort,  
 'Thaobh nan tìthean a bha;  
 Tha thu cumadail cuimir,  
 Cuir do mhulad gu làr.

## A' MIUSG.

'S deacair dhomhsa 'bhi éibhinn,  
 Chaill mi m' eudail ro-luath ;  
 'N ti ga 'm b' aithne mo chreuchdan,  
 'N Coinneach gleusda 'chaidh bhuainn,—  
 B'e mo mhiann ged is sean mi  
 'Bhi feadh bheannaibh is bhruach  
 'Cur nam fiadh ris an talamh ;  
 Och, 's mi 'n amaid bhochd thruagh.

Na féidh bhior-chluasach, uaibhreach,  
 Shiùbhlach, chruaidh-chasach, àrd,  
 Rosgach, bhalg-shùileach, fhàili,  
 Chutach, làn-mhàsach, dhearg,  
 Air strath fhuaran an fhior-uisg',  
 Leam bu mhiann 'bhi 'g an sealg ;  
 'Bhi 'n am dheann feadh nan gorm-bheann,  
 B'anns' na òl air flòn dearg.

---

## AN T-EACH ODHAR.

## LE CALUM 'A' GH LINNE.

Bu Mhac Gilleain a mhuinntir Siorramachd Rois  
 Calum a' Ghlinne. Bha e fada anns an arm. Bha  
 e anabarrach trom air an òl. Tìeachair e féin agus  
 Dròbhair a mhuinntir Bhaideanaich, uair, air a

chéile ann an taigh-òsda. Reic Calum each glas a bh' aige ris an dròbhair, 's mu 'n dh' fhàg e 'n taigl-òsda dh' òl e-féin 's an dròbhair airgiod an eich. Chaochail e mu 'n bhliahna, 1764.

## LUINNEAG.

Sud mar dh' iomair mi 'n t-each odhar,  
Thug mi thun na féile fodham ;  
'N uair a shaoil mi 'chur air theadhair  
'S ann a ghéibhinn dram deth.

Thug mi 'n sgrìob ud do Cheann-Locha  
'Dh' iarraidh gearrain 'dheanadh obair;  
'S gu de thachair rium gu h-obann,  
Ach stòp laghach, 's dram ann.

Ghabh mi cairtealan an toiseach,  
'S thuirt bean-an-tighe gun doicheall,  
B' fheàird thu rud an dèigh na coiseachd,  
'S thug i deoch is dram dhomh.

Dh' fhosgail mi dorus an t-seòmair,  
Bha càirdean ann is luchd-eòlais,  
'S thuirt iadsan le briathran mòra  
Gu 'n òlainn gun taing dhomh.

'S bho 'na fhuair mi iad cho cridheil  
Ghlaodh mi fhéin air stòp a rithist;  
'Saol sibh féin nach b' fheàird sinn dithis,  
'S mi 'thighinn cho aìnmoch,

Shuidh mi gu somalt a'm' chathair,  
'S ghlaodh mi suas ri bean-an-taighe,  
Bho 'n theirig solus an latha  
I 'dh' fhaighinn dhuinn choinnlean.

Thug mise 'n oidhche gu latha  
 Ri slor-öl an uisge-bheatha,  
 'S airgiod mo ghearrain ga chrathadh  
 Ri aidhear 's ri dannsa.

'N uair a shaoil mi gu 'm b' e 'n lath' e  
 Dh' fhosgail mi dorus a chadha,\*  
 'S chunnaic mi 'n talamh 's an t-adhar  
 'S balla 'n taighe 'dannsa.

Mac-na-bracha chuir air mhisg mi,  
 Chaidh e ann am cheann a chlisgeadh,  
 'S thug e bhuan mo chainnt a thiotadh  
 Le liotaich' mo theanga.

'N uair a dh' éirinn ann am sheasamh  
 'S ann a dh' fhalbhainn air mo leth-taobh ;  
 Gu 'n do bhagair e mo leagadh,—  
 Cuid de 'n chleas a rinn e.

Cha tug mise bharr na féille  
 Airson m' eich a b' àirde leumadh  
 Ach da fhacal de dhrôch-Bheurla,  
 'S bha mi-féin an call deth.

'S e bu chiall daibh thig a nighean  
 Dh' fheuch am faigh sinn stòpa ritist ;  
 'S gun iomradh air mál an tighearn'  
 No air dlighe maighistir.

---

\* Cadha, a porch or entry,

## O R A N

Do Shim DOMHNULLACH, Triath Mhorthir.

Le ALASTAIR MAC-IOMHUINN.

Alexander M'Kinnon was born in Moror in the year 1770. He was a corporal in the 92nd regiment. He was a first-class poet. All his poems should be published. He died at Fort-William in the year 1814. There are seven of his poems in John M'Lean's MS.

Lion a ghloine gu stràic  
 De dh' fhion mear ás an Spàinn ;  
 Ged bhiodh galan na clàr  
 Tionndaidh thairis a sàil  
 Air an fhear 'théid 's gach spàирn a's cliùitich'.

An triath Morthireach fearail,  
 Am fior-Dhòmhnallach soilleir,  
 Siol nan connspunn nach tilleadh  
 An àm dòrtaidh ri teine,  
 Ard-chraobh chòmhraig nach tiomaich gun diùbhail.

A cheart aindheoin luchd-mìoruin  
 'Theann ri sgaradh ar dìllseachd  
 'S cairdeas fala ar sinnsireachd ;  
 Tha 'n t-òg Alastair dileas  
 Dhuit mar charraig, 's cha dìobair e uair thu.

Tha e daimheil trì-fillte  
 Dha d' og-baintighearna phrìseil ;  
 Ur-ròs mhaldà na firinn  
 Fo dhriùchd sàmhraidh a's millse ;  
 Slios mar eala air bhàrr siòpuinn nan cuantan.

Feucag àlainn de 'n fhine i,  
 Seud an gàradh a cinnidh,  
 A beus mar sgàthan le gilid,  
 Mar ghréin a' déàrrsadhbh air mhire,  
 Geug fo bhlàth guna milleadh le fuarachd.

Bho nach bàrd mi no filidh,  
 Ach fear-dàna gun sireadh,  
 'Mhile pàirt duibh cha 'n innis  
 Mi dhe 'tàlantan grinne ;  
 'S tim dhomh. tàmh agus tilleadh ri 'uaisleachd.

An laoch fearail gun sgàth  
 Nach éisdeadh sgainneal no tàir  
 A leum mar dhealanach àird,  
 Mar bheithir falaisg 's a' bhlàr ;  
 Rìgh nan aingeal 's nan gràs 'ga d' stiùradh.

Le d' lainn lliomhte ann an tarruing,  
 Bu tu 'n saighdear air d' eangaibh ;  
 Chite 'soillse 's a faileas,  
 Bualadh phoichdeanan spealtach ;  
 Bhiodh luchd-d' fhoille 's allt fala orr 'brùchdadhdh.

An tràth nochdte do shìoda  
 Ri crainn snaighe deas, dìreach,  
 Chruinnicheadh gaisgich nach strìochdadadh,  
 Luchd nan glas-lann chinn-Ilich  
 Air an fhaiche 's do phìob a' cur sunnd orr'.

Na fir bhagarrach, gharg,  
 Shunndach, aigeannach, bhorb',  
 'S maирg a sgobadh an calg  
 'S am fraoch badanach, gorm,  
 Ri brataich bhallach bu stoirmeil dùsgadh.

---

## O R A N

Do dhuin'-uasal àraidh, le a mhnaoi féin.

## LUINNEAG.

O ho ma dh' fhan thu bhuainn,  
 Ille dhui 'n, O, cha mhath leinn e;  
 Iain òig a b' ùire beus  
 Bu shealgair féidh 's na beannaibh thu.  
 O ho ma dh' fhan thu bhuainn.

Tha mi 'm laidhe air páisde nighinn,  
 'S Iain òig gun sùil ri 'thigheann :  
 Mo dhùrachd a rùin mo chridhe  
 Thu 'bhi leam o thùs ad shuidhe.

Gur h-e mise 'tha brònach cràiteach ;  
 Och, a righ gur sgìth a tha mi ;  
 Thuair mi thu 's bu chùirteil tlàth thu ;  
 Mo sgeul ùr th' air chùl do mhàthar.  
 Leat bu mhiann 'bhi dìreadh thallad  
 Le gunna caol a's cinnteach sealladh,  
 Bhiodh do chù air thus na fala ;  
 'S gu 'm biodh gacir 's an taobh 'g am beanadh.  
 Leat bu mhiann 'bhi 'm frìth nam fuar-bheann.  
 Roinn na gaoth' air aodann Chluainidh,  
 'S damh na cròice fhaotuinn uaigneach ;  
 Chuirt' bho leum le beum do luaidhe e.  
 Anns gach àm bu bheusach d' àbhaist  
 'S mar-ri chéil thu féin 's do bhràithrean :  
 Fiodhull theud gu 'n eisdte 's clàrsach  
 'S iomairt dhian bhiodh air an tàileasg.  
 Gu 'm bu shunndach thu air banais ;  
 Bu tu, rùin, an suireach leannan ;  
 Slat dheas ùr a coill' na meala,  
 Fiodhlair, damhsair, annsachd caraid.  
 Cha tu chrionach, mhìanach, charrach,  
 Slat de 'n fhiùran ùr gun ghaiseadh ;  
 'S car thu do dhaoin'-uaisle 'Mharcuis,  
 'S do na suinn na Dìbhnnich neartmhòr,  
 'S a Mhic-Leòid o'n Dùn 's o'n talla  
 Dh' fhalbh thu bhainn gun luaidh air d' fhearrann,  
 Bhiodh Iain òg ad sheòmar cadail,  
 'S b' e do chùirtear mùinte, macant'.

## O R A N

**Do dhuin'-uasal de Chlann-Ghillean.**

*L u i n n e a g .*

E ho i o hu o éileadh,  
 E ho i o hu orin o ;  
 E ho i o hu o éileadh  
 Hi ri hu ha hiùrabh o ho.

Gur h-e mise tha ga m' lathadh,  
 Tha mo shùil 'na bùrn 's na ceathach  
 'S mi gun cheòl gun òl gun aighear,  
 Mu 'n dol sios 'th' air siol an taighe.  
 Mu 'n dol sios 'th' air siol an taighe ;  
 Lachann a dh' fhalbh bhuainn mu Fheill-Leath-  
 ainn,  
 Mo sheachd rùin chaidh bhuainn mu Shamhainn  
 'S ceann mo mhùirn an cunnart fhathast.

Ceann mo mhùirn an cunnart fhathast ;—  
 Mac e 'n deadh mhnaoi 'chinneadh m' athar ;  
 Màthair nam mac min-gheal flathail,  
 Nach d' fhuair beum an gleus no 'm faidhir.

Nach d' fhuair beuin an gleus no 'm faidhir,  
 Am fairge, an doire, no 'n abhainn ;  
 Tha 'n dobhran fo lorg 'ur n-abhag,  
 'S bheir sibh leum air céile 'n aighe.

Gur h-e mise 'fhuair ar clisgeadh  
 Iad a dh' fhalbh an tùs am pisich ;  
 Comunn nan gruag 's nan com slios-gheal  
 O 'n taigh mhòr 's am biadh am briotal.

O'n tigh mhòr 's am biodh am briotal,  
 Toirm air thàileasg, clair g'am piocadh ;  
 Bhiodhte 'g òl gu pòiteil misgeil ;  
 'S tu beul an t-sùgraiddh 's a' ghliocais.

Gur h-e mise 'th' air mo chuaradh  
 Mo shliochd nam fear o'n Leth-Uachdraich ;  
 Siol Ailein duinn, chòrnach, chuachaich,  
 Bho rugha ciar na h-Airde fuaraidh.

Bho rugha ciar na h-Airde fuaraidh,  
 'S bho Chaol-Muile 'n luingeis luainich,  
 'Sheòladh gu Dubhaint na stuadha,  
 Tùr àrd 's am biodh bàird air bhuanachd.

Gheibht' ann an Dubhaint na stuadha,  
 Leathanaich, Camshronaich, Tuathaich,  
 Stiùbhartaich bho 'n ghleannan uachdrach,  
 'S Mac-Dhùghaill o thùr nan clach uaine.

## O R A N

Do DHO TAIR AILEIN MAC-GILLEAIN as an Ros  
 Mhuileach. Bha e 'dol air chuairt do'n Eilean  
 Sgiathanach, agus chaidh cunnart bàthaidh air.

Le DOMHNULL MAC-GILLEAIN.

*L u i n n e a g .*

O soraidh slàn do 'n àilleagan  
 A ghluais an tùs an ràidhe bhuainn :  
 Mo dhùrachd thu 'thiginn sàbhailte  
 Gu fàilteachas do dhùthchha.

Tha ionndrainn bhuainn 's an àite so,  
 Gur fada leinn o 'n dh' fhàg e sinn ;  
 'S e Dotair Ruadh nam blàth-shùilean ;  
 Tha fiamh is àilleachd Diùc air.'

Gur bliadhna leinn gach seachduinn  
 Bho na thriall thu bhuainn do Thalasgar :  
 Gu 'n tainig fuachd is gaillionn oirnn ;  
 Gur fada leinn an ùine.

Gu 'n d' fhuair sinn sgeul bu duilich leinn,  
 An àm bhi fàgail Mhuile dhuit,  
 Gu 'n d' fhuair thu deuchainn chunnartach,  
 'S bu mhuladach sud dhuinne.

B' e sud an sgeula cràiteach dhuinn  
 Nan cluinneamaid gu 'n d' bhàthadh thu ;  
 Tha m' inntinn air a h-àrdachadh  
 Bho 'n thàinig thu gun chunnart.

Gur h-e mo rùn an caiptein  
 Air an tig na h-airm gu fasanta ;  
 Thig claidheamh caol an tarsuinn ort,  
 'S thig gunna glaic nach diùlt duit.

Do chalpanan geal finealta  
 Mar bhradan ann am fior-uisge ;  
 Troigh shocrach am bròig dhionaich thu  
 A bhiodh an sioda dùnad.

Tha sealladh sèimh na maighdinn ort,  
 Tha deanamh cruaidh an t-saighdeir ort,  
 'S do chridhe mar an daoimean  
 'Deanamh soillse measg gach cùinnidh.

Nam faighinn fhin mar dh' òrdaichinn  
 Do rogha céile pòsd' agad  
 Le oighreachd fhearainn shònraichte,  
 'S ann dhòmhsha nach biodh cùram.

Bu chinnteach mi á àite dheth  
 Nam b' urrainn mi a phàidheadh dhuit ;  
 Is ged nach biodh am mál agam  
 Gu 'm faighinn dàil is ùine.

Is slat de 'n abhall phriseil thu ;  
 Bu dosrach an àm cinntinn i  
 Ged 'tha i 'nis air crìonadh ;  
 Cha 'n 'eil nì air nach tig mùthadh.

Bu lighiche bha sàr-mhath thu,  
 'N uair dh' fheuchadh tu le d' làmhann sinra  
 Mar fhiadh a bhiodh air fànas  
 Bhiomaid slàn a chum ar tòrna.

Gach greim a bhiodh 's an fhearrann so,  
 Gach tinneas cléibh is anshocair  
 Gu 'n léighseadh tu le d' cheanaltas  
 'N uair 'thigeadh d' anail dlùth dhuinn.

## O R A N

Le GILLEASBUG MAC-GILLECHIARAINN, oidhche  
 dhoirbh a thachair dha a bhi air a' mhuir.

Gur-a muladach sgith mi  
 'S mi ri siubhal na h-oidhche,  
 'S nach h-eil agam ach pios beag dhe 'n t-sèdl.

Gu bheil uisge le gaoith ann  
 'S sinn a ruith air bheag aodaich,  
 'S cha 'n 'eil cala r'a fhaotuinn 'n ar còir.

Cha 'n 'eil againn gu marachd  
 Ach da thimchioll de 'n darach,  
 'S tha ar gillean ri tarruinn nan ròp.

A Mhaol fhiadhaich Chinntire  
 Na an tugadh tu dion dhomh  
 'N àile, chuirinn do phrìs ni bu mhò.

Thuirt a' Mhaol 's i toirt cùil rium  
 Fuirich bhuam na tig dlùth dhomh,  
 Tha cal' eile fo chùrs' do chuid seòl.

A Mhaol shalach, làn iargainn,  
 'S fada 'n t-asdar r'a dheanamh ;  
 Tha mo leannan donn, ciatach 's an ròd.

Gur h-i Ealasaid chliùiteach  
 Ris an éireadh na sùghan ;  
 'S math mo bharail nach diùlt thu mi d' chòir.

Ged-a chitheadh tu 'bhranndaidh  
 'S i dol seachad na deann-ruith  
 'S tu nach iarradh aon dram d' i r' a òl.

Ged is lionnigh do chacraich  
 Seòl cha chuir thu air aodach  
 'S cha do chuir thu riamh daors' air a chlòth.

Na biodh m' inntinn fo ghruaman  
 Tha ann Ti 'tha na Uachdaran  
 Air tuinn ghàireach a' chuain 's air na neòil.

## O R A N

Le piuthar do dh' IAIN GARBH MAC-GILLE-  
CHALUIM agus i air tuiteam le mac Tighearna an  
Dùine, a threig i agus a bha 'dol a phòsadh té eile.

Moch 's a' mhaduinn Di-dòmhnaich  
'S mi ri leughadh mo leabhrain  
Fhuair mi sgeul, is bu leòir leam a mhiad,  
Moch 's a' mhaduinn, &c.

A mhic Tighearn' an Dùine  
Ma thug thusa do chùl rium  
Gu 'm bi snighe air mo shùilean ga d' chaoidh.

Och, ma cheangaileadh am pòsadh thu  
Ri nighinn Mhic-an-Tòisich  
Cha tig aighear ri m' bheò gu mo chrìdh'.

'S iomadh oidhche agus latha  
Bha sinn còmhla a' labhairt ;  
'S beag a shaoil mi gu 'n caitheadh tu 'n fhoill.

Ochain, ochain, mo thàmailt,  
Cò a dhiolas mar tha mi ?  
Tha mo bhràthair fo 'n t-saile gun dion.

Mur bhiodh bristeadh a' bhàta  
Agus esan a bhàthadh  
Gu 'm bu dàna dhui' m' fhàgail 's mi tiom.

B' e sin gaisgeach a' chruadail  
'Dheanadh gniomh anns an tuasaid ;  
B' e a chleachdadh 'bhi buadhach 's gach strì.

Thigeadh claidheamh math stàilinn  
 Ann an deas-làimh mo ghràidh-sa,  
 Is sgiath bhreac nam ball geàrrte air 'thaobh  
 clì.

'S truagh mi, 'eudail nam fearaibh,  
 'S gun thu 'n diugh ann ad bhaile,  
 Far am faigheadh luchd ealaidh an diol.

Tha do thighean fuar, falamh,  
 'S neul an fheòir air am barraibh ;  
 Cha 'n 'eil sunnd ann ad thalla 'g òl fion.

## BRUADAR RIGH BHREATUINN.

Chunna Righ Bhreatuinn 'na shuain  
 'N aon bhean a b' fheàrr snuadh fo 'n ghréin.  
 Chunna Righ Bhreatuinn, &c.

Gu 'm b' fheàrr leis tuiteam fo cion  
 Na còmhradh fhir mar e-fhéin.

Labhair Sir Bhoilidh gu fial  
 Théid mise 'g a h-iarraidh dhuit,

Mi-fhin, mo ghille, 's mo chù,  
 'N ar triùir a dh' iarraidh na mnà.

Re thrì seachduinn 's thrì mios  
 Bha mi sgith ri siubhal cuain.

Mu 'n d' fhuardas ionad no fonn,  
 Aite 'n gabhadh mo long tàmh.

'S ann an iomall a' chuain ghairbh  
 'Chunnacas talla, tÙr-ghlan, gorm.

Uinneagan glaine air a stuaidh,  
 'S bu lionmhor ann cuach is còrn.

Latha 's mi seòladh fo 'bhonn  
 Chunnacas slabhraidih 'tighinn a nuas.

Rug mi oirre gun fhiamh, gun sgàth  
 'S chaidh mi am dheann oirre 'suas.

Chunnacas bean an deud ghil ùir  
 'S i 'na suidh 's an tÙr a steach,

Sgàthan glaine air a dà ghlùin,  
 'S bheannaich mi-fhin dà gnùis ghil.

Fhir a thàinig thar a' chuain,  
 'S truagh do 'bheannachadh do m' thaigh.

Le fear an taighe so fhéin  
 Cha'n fhidirear treun no truagh,

Air mo chuirec-sa, 'bhean bhlàth  
 'S coma leam a ghràdh no fhuath.

Chuir i Sir Bhoilidh fo phreas  
 'S thàinig a staigh am fear mòr.

M' eudail is m' aighear, 's mo rùn  
 'S mòr an cùram 'th' agam dhiot.

Cuir-sa do cheann air mo ghlùn,  
 'S gu 'n seinninn dhuit ciùil is cruit.

Tharruing i 'n claidheamh o 'sgéith  
 'S gu 'n thilg i 'n ceann de 'n fhear mhòr.

'G éisdeachd torman 'chailin chiùin  
 Dh' éirich an curaiddh 'b' fheàrr snuadh;  
 Cruiteireachd na h-ighinne ùir'  
 A' gu'me sùil 's a's deirge gruaidh.

---

## O R A N G A O I L.

This is a very old love-song. A few verses of it appear in RONALD MACDONALD's collection. It is there called, " Sean oran a rinn Bana-chomhunnach do RAONULL GORM MAC RAONULL MHIC AILEIN, a leannan."

*L u i n n e a g .*

O bha mo leannan ann ;  
 Bha mo leannan bòidheach, barail  
 Anns a' bhaile ud thall.

Ged tha mi 'm ònrachd 's na gleannaibh  
 Gur beag mo shunnd ris na fearaibh ;  
 Thug mi-fhìn mo bhòid 's mo ghealladh  
 Nach deanainn mo cheann a cheangal  
 Gus am faighinn féin ort sealladh,—  
 Mo rùn air sealgair na h-eala.

Gur h-e mo rùn an t-òg uasal,  
 'Shiùbhladh an oidhche ga fuairead ;  
 Is a dhùisgeadh ás mo shuain mi ;  
 Bhiodh do dhagaichean gam fuasgladh  
 Is d' adharc fhùdar an taobh shuas diom,  
 'S farum a crathadh do ghruaige.

Gur h-e mo rùn an t-òg gasda  
 'S cuirteile 'shiùbhladh an fhaiche ;  
 Gur-a math thig dhuit 's an fhasan  
 Còta is féile air a phleatadh :  
 'S tric a bha mi 'n cirl do bhreacain  
 'N àite nach biodh càch 'g ar faicinn  
 Tha mo chion air seircein saighdeir,  
 Gorm-shùil a mhealladh nam maighdean ;  
 Cridhe cruaidh air chùl na saighde,  
 Làmh dheas a bhualadh nam poichdean ;  
 Dheanainn coinneamh riut 's an oidhche,  
 'S cha chreidinn gu 'm biodh tu 'm foill dhomh.

Cha dean mi seudan a ghabhail  
 A dh' aindeoин co thig a'm' rathad ;  
 Tha mo shùil ri d' làimh-sa fhathast,  
 Oganaich a's deise gabhail  
 Fo d' ghunna, fo d' sgéith, 's fo d' chlaidheamh :  
 'S ùr a' choill an d' fhàs an t-abhall.

Mo rùn mac na mnatha Sléiteich  
 A chumadh 'sa dh' fhuaigheadh an léine,  
 'Chuireadh an siod' air a' phearlainn :  
 Bu mhòr m' earbs' ás do laimh threubhaich ;  
 B' fheàrr leam gu 'n deanainn beairt réidh riut,  
 'S cha dean mi sin gu là m' euga.

'Dhòmhnuill mhic Néill mhic Iain bhuidhe,  
 Chaidh do shaothair ort am mugha ;  
 Dh' fhalbh a' ghruagach bhuainn air siubhal  
 Le fear àrd na gruaige duibhe  
 'Dhìreadh 's a thearnadh am bruthach,  
 'S 'dh fhàgadh calp an fhéidh na sprudhar.

Chaidh sibh air choinnimh do dh' Uibhist,  
 Slàn gu 'n till sibh as gun phudhar ;  
 Càirdeas nam fear òg o 'n Bhudhainn,  
 'S an oighre sin o Ghleanna-Cumhann  
 A bha uasal mar bu chubhaidh,  
 Is Raonuill o Cheapaich nan ubhall.

Gur-a h-e mo cheist an gille,  
 Beul meachair nam briathraibh milis ;  
 Ghabh mi mo chead dhiot 's an linne,  
 'S thug sin air mo shùilean sileadh,  
 'S chaidh do chridhe tlàth gu tioma ;  
 Gu ma slàn gu 'n dean thu tilleadh.

## ESAN GA FREAGAIRT.

Uist a nighean 's tog dhe d' ghòraich ;  
 B' fheàrr dhuit giullan bochd a phòsadh  
 'Dheanadh mullan coirce 's eòrna,  
 Théid do 'n fheannaig 's do 'n pholl-mòine,  
 'S a chuireadh gach ni air sheòl dhuit :—  
 'S beag a bhuineadh dhuit a mhòrchuis.

## O R A N G A O I L.

FONN,—“ *Freasgair Luain.*”

Ann am chadal chunnacas agam  
 Ribhinn ghasda, thlachdmhor, òg ;  
 Mur breug m' aisling bha i m' ghlacaibh  
 Sìnte seachad gun bhreith sgeòil.  
 Ri linn tàimh dhuinn anns an àite  
 Fhuair sinn càirdeas le blas phòg ;  
 'N àm dhuinn dùsgadh b' aobhar tùrs' e  
 Bha mo rùn bhuam fad' air falbh.

Saoil nach teachdair 'bho 'n eug m' aisling  
 Mu 'n mhnaoi thaitnich 's blasda pòg ;  
 Mar ghath gréine 'n òir nan speur  
 Nochd si i fein air gheus no dhò ;  
 'S binne beul leam na guth theudan,  
 B' i chùis éibhneis 'bhi ga còir ;  
 'S gasd' a ceum air faiche réidh  
 Cha lùb am feur fo bhonn a bròig.

Fhuaras eachdraidh air sàr-ghaisgeach ;  
 Baintighearn' ghlas e 'n gaol gu ledir ;  
 Isc beairteach gun dad airce  
 'S esan gasd' air bheagan stòir.  
 Phòs fear saibhir i cheart-eigin,  
 'S thréig a h-éibhneas i r'a bed ;  
 Bu cheòl cadail d' i gun airce,  
 Nigheadh an dearc' air bhrataibh sròil.

Air do 'n òigear dol thar chòrsa  
 De cheart-deòin a null do 'n Spàinn  
 Cha bu bhed ach mios 'no dhò e,  
 Leag am bròn e sios gu làr.  
 Thugadh òrdagh leis d' a òglach  
 Chridhe mòr a chur 'n a smàl  
 'S a thoirt dh' ise am broinn litreach  
 Dual mar chriostal, mar nhin bhàin.

Air do 'n òglach tigh'nn gu còrsa  
 Rinneadh fòirneart air gu dàn ;  
 Gach ni fhuair e thugadh bhuaithe  
 Le duin' uaibhreach air bheag bàigh.

'N uair a dh' fheum e dh' aindeoin géilleadh,  
 Thuirt e " leubh an litir bhàin ;  
 Leubh le tlachd i 's dean mias blasda  
 'Bheir thu steach a dh' ionns' do mhùnà."

Chaidh am bòrd a chur air dòigh  
 'S fhuair a' bhean òg a' mhias a b' fheàrr ;  
 Ghabh i sògh dh' i, ghabh i leòir  
 'S dh' fhàg i le deòin na lionadh spàinn.  
 A fear-pòsda thuirt gu foil,  
 Gabh sin a Mhòr is bidh tu slàn ;  
 Cridhe d' eudail ith gu léir e,  
 'S leubh an sgeula so bho làimh.

Bha i 'n éiginn 's i a leubhadh,  
 'S iomadh deur bha ruith le 'caoidh ;  
 Sgian bheag gheur ghabh i dh' i féin  
 'S dh' ith i gu léir na bh' air a mheis.  
 " Tha mi réidh 's mo ghaol a' chré,  
 An leoghann treubhach," thubhaint i,  
 " Biadh no deoch cha téid am chorpa  
 A chaoi'dh 'ni lochd os ceann do chrìdh.

### O R A N G A O I L

Le fear a bha air ùr-phòsad, agus aig an robh  
 mòran gaoil air a mhnaoi. Dh' eirich a bhean  
 bhuaithe 's an oidhche gun fhios da, agus chaidh i  
 am falach air. Shaoil esan gur h-ann a chaidh a  
 goid bhuaithe le fear eile, agus thòisich e air an  
 òran so a dheananamh. Bha ise g'a éisdeachd agus ag  
 ionnsachadh an òrain mar bha esan ga dheananamh.

Chaochail e mu 'n do chuir e crioch air. Tha e air  
a sheanachas nach robh 'bhean beò ach ùine ghoirid  
na dhéigh.

Gur bochd am bruadar a dhùisg á suain mi,  
Dh' fhàg m' inntinn luaineach 's a għluais  
dhomh gruaim ;  
Bu bhlàth mo shùgradh an àm dhomh dùsgadh,  
Mo rìbbiñn ûr-ghlan bu chiùine snuadh.  
'N uair phriob mo shùilean dh' fhàs m' inntinn  
dùmhail,  
Gun fhiros a rùin dhomh cia 'n taobh a għluais ;  
Mo chridh' tha tħursach le 'bhi ga d' ionndrainn,  
'Se dh' fhàg mi brùte gu bheil thu bħuam.

Ma thug iad bħuam thu 's e fàth mò chrudail  
'Sa liughad buaidh 'th' ort a bhàrr air càch ;  
Tha maise 's uaisle a streup mu d' għuaillean,  
An snaoim nach fuasgailear air mo għrædh.  
A gheug nam buadh 'us nan camag dualach  
Nach gabh thu truas dhiom 's mi cruaidh an cäs :  
O thig 's beir bħuam air, 's thoir freagairt luath  
dhomh,  
Mur faigh mi fuasgladh gur duais dhomh 'm bàs.

Ma 's aobhar bàis dhomh na thug mi' għrædh  
dhuit  
Aon nì 'ni stà dhomh cha 'n 'eil aig léigh :  
Ach furtach tràth orm 'us leighis m' fħailinn  
Bho 'n 's tu a's feàrr leam a tha fo 'n għréin.

Tha e air  
ne ghoirid  
  
in mi,  
a għluais  
  
dūsgadh,  
h.  
m' inntinn  
  
a għluais ;  
onndrainn,  
huam.  
  
chruadail  
r cäch ;  
uaillean,  
hrædh.  
ualach  
idh an cäs :  
gairt luath  
  
omh 'm bàs.  
  
mi' għrædh  
éigh :  
ħàlinn  
għrein.

Cha 'n 'eil e 'n Albainn de dh' òr no dh' airgiod  
Aon ni 'bheil m' fħarmad-sa aċċi thu fein.  
Na cas am fheirg mi, 's na claoiħ mi 'm eħrasa,  
Thig 's caisg an t-sealg s' tha tighinn orm bho 'n  
eug.

O ! saor o 'n eug mi a għeug na ceutachd  
Ga bheil an deud daingenn, caoin, geal, dlùth :  
An ðiġi a's eutroma 'shiùħħlas feur thu,  
Le do dheadh bheusan a choisinn cliu.  
Do għreċċaidh mar dhearcaig air bharr na géige  
Fo 'n mhala cheutaich o 'n ēireadħ sunnd,  
Be 'n t-aobhar ēibhnejis do chòmhjadha réidh rium,  
'S cha b' ann 's an eucoir a chuir mi sùil.

Mo shùil gach ré riut 's tu stolda, céillidh,  
Thoir géill do reusan 's cha tréig thu mis';  
Ur-ðiġi na féile gu 'n bhuin thu céill dhiom  
'S gu 'n d' fhàg thu creuchdte mo chré gun  
fħios.

Do bhràghad glé-għeal mar chanach sléibhe  
No għathan gréine a tighinn le 'n teas :  
Gur tearc ri fheutainn 'measg iomadh cheudan  
Bean d' fhiamħ is d' eugħmha, a réir mo mħreas.

Mo mħreas an dràsd ort a chlaoidh gu bràth mi,  
A chaoidh cha 'n fhàg mi 'n cion 'thàir mi ort ;  
Bho 'n dh' fħalbh Diana cha 'n 'eil a lathair  
Té coltais d' àilteachd, 'għeug sheamha idh, sholt.  
Do làmhan hana mar lilidh 'Mhàighe,  
Do kħro illeach ālainn air fäs mar chop :  
Gur beag dhe d' àilteachd is eol dhomh àireamh,  
'S cha leig mo għrædh dhomh a bhi nam thosd.

'Bhi 'm thosd cha 'n fhaod mi bho 'n ghon do  
     ghaoi mi,  
 Gur h-e do dhraoidheachd a chlaoidh mo neart ;  
 Ma chì mi daoine 'ni gean no facilte  
 Gu 'm bi mi saoilsinu nach bi iad ceart.  
 O ged-a dh' fhaoduinn na th'air an t-saoghal  
 De dh' òr 's de dh' aodach a shlaodadh leat  
 'S ann bhiodh mo smacintinn air d' fhiamh 's  
     air d' aogais :—  
 Och 's tric tha m' aodann a caochladh dreach.  
 Do dhreach mar fhaoleig no eala thaobh-ghil,  
 Gun chron ri fhaotuinn aig aon dha d' mhais'.  
 Ged tha thu maoineach gun easbhuidh dhaoine  
 Gu 'n tug thu faothachadh dha mo shac.  
 Nam biodh do chaoin rium bhiodh m' aigneadh  
     aotrom ;  
 Cha laidheadh aois air mo ghnùis am feasd'.  
 Ged bhiodh an t-aog orm a suiridh daonnan  
 Cha bhiodh ann baoghal e thighinn dhomh faisg.  
 Dhomh faisg a ghràidh nam biodh tusa 'n dràsta  
 Gu 'm fàsadadh m' àirnean cho slàn ri breac.  
 Do d' mheòirean ban-gheal a's grinne air snàthaid  
 Gu 'n tig na fàineachan 's dearsaich' clach.  
 Ged bhiodh na tàlantan agam 'b àirde  
 Bu leòir dhomh àireamh 'n treas pàirt dhe d'  
     dhreach ;  
 Do dhreach 's do shuaирceas 's iad għreas gu  
     uaigh mi  
 Mar dhuilleig uaine air a buain ri dealt.

There are only five verses of this song in John MacLean's MS. The 5th, 6th, 7th, and 8th verses

I have copied from the Inverness *Highlander*. The song was sent to that paper by the poet of Loch-Aillse. With that writer I have to say, "Cha'n 'eil fios agam co 'rinn an t-òran so, no cuin, no codha chaidh a dheanamh." It was an old song when John M'Lean took it down in 1815. He does not say where he got it.

---

## ORAN GAOIL.

Gur h-e mise tha fo mhulad  
 Is cha 'n urrainn mi chaochladh,  
 Dh' fhàg thu sachd air mo ghiùlan  
 Is cha dùbh dhomh 'bhi aotrom,  
 Gur-a cràiteach mo chridhe  
 'S càch gun fhios gu de 'n t-aobhar,  
 Tha mi cumha mo leannain,  
 'S trom 'bha m' anam an gaol air.

'S truagh nach robh mi am leaba  
 Ann an greadadh an fhiabhras  
 Mu an tug mi 'n cion falaich  
 No mu 'm faca mi riamh thu ;  
 Fhir bu taitniche mânran,  
 'S e do ghràdh rinn mo phianadh :  
 'S ged nach innis mi chàch e  
 Tha mi 'n dràst leis air liathadh.

Tha mo chion air an fhleasgach  
 Chuimir, leadanach, bhòidheach,  
 'Tha de 'n fhine nach strìochdadhl  
 'Sa tha siobhalt na chòmhradh.  
 'S mòr ga 'm b' fheàrr leam do ghliocas  
 Is do mhisneach is d' fhòghlum,  
 Na làn buaile 'chrodh ballach  
 Le dubh-bhalach gun eòlas.

'S mi nach iarradh leat, 'eudail,  
 Ach do léine 's do chòta,  
 Is do bhreacan 's do għunna  
 'S math a chumar an òrdagh,  
 Is do bhoineid le h-itean ;—  
 Bhiodh an sud n'a bu leòir leam.  
 Leat gu 'n siubhlainn an saoghal,  
 Fhiùrain aobhaich a's bòidhche.

'S e mo dhùrachd do m' leannan  
 Ged nach faigh mi do phòsad  
 Thu bhi sona gun smalan  
 'S a bhi fad' anns an t-seòl sin,  
 Le crodh druimionn 's crodh guailionn  
 Air do bhuaile mar chòmhlan,  
 'S gun do bhean-sa 'gan cuallach  
 Ach a fuaigneach na seòmar.

O, cha dù dhomh bhi socrach  
 'S mi an nochd mar mhnaoi fhuadainn ;  
 Air an uirigh ma chaidleas mi  
 Bidh ort-sa mo bhruadar,

Fhir a loisgeadh am fùdar  
 Air na stùchd-bheannan fuara,—  
 Is na misde do phiseach,  
 A ghaoil, mise 'chur suarach.

B' e mo mhiann a bhi còmhl' riut  
 Fhir a's bòidhche 'measg flearaibh ;  
 'S mi gu 'n earbadh mi fhìn riut  
 Dusan mìle bho 'n bhaile.  
 Mu thrì bliadhna 's coig ràidhean  
 Thug mi gràdh dhuit mar leannan ;  
 'S beag an t-ioghnadh ged tha mi  
 An diugh cràiteach ga d' ghearan.

'S iomadh ni 'bheir an gaol oirnn,  
 Tha e caochlaideach carach ;  
 Bidh e 'tighinn na lùban  
 Mar shruth bùirn leis na beannaibh ;  
 'S iomadh té a fluair aobhar  
 A bhi caoineadh 'sa gearan,  
 'S fear a gràidh air a fàgail  
 Ged bu làidir a ghealladh.

Bheirinn comhairl' air caileig  
 Gun bhi amaideach, gòrach,  
 Gun i 'chreidsinn a leannain  
 Ged-a ghealladh e pòsadh.  
 Ged is bòidheach e 'tighinn  
 Tha a chridhe fuer reòdhta,  
 'S bidh a shùil ás a dheaghainn  
 D' fheuch co roghainn a's bòidhche.

## ESAN.

Thug mi 'n raoir ann am dhùsgadh  
 'G iarraidh dlùth thun a chala  
 Gus an d' ràinig mi 'n t-àite  
 Far an d' fhàg mi mo leannan.  
 'S ann a fhuair mi thu pòsda  
 Ri fear òg air do cheangal  
 An snoimh dhaingeann nach fuasgail  
 'Dh' fhàgas truagh mi ri m' mhaireann.

'S truagh nach robh mi 's mo leannan  
 Ann an gleannan a cheòbain,  
 No an iomall na coille  
 Far an goireadh an smeòrach ;  
 Bhiodh mo làmh a ghaoil tharad  
 'S mo cheart air' air do phògadh,  
 'S an làmh eile bhiodh sinte  
 Fo d' chùl snìomhain, donn, bòidheach.

'Cheist de mhnathaibh an t-saogha'l  
 Nach dean thu saod air a thréigsinn ;  
 Dean a ghoid do chuid aodaich,  
 'S théid mi, ghaoil, leat do dh' Eirinn.  
 Théid luath-bhàta nan crannan  
 'Chur gu h-ealamh 'na h-éideadh  
 'S bidh mi còmh'l' ri mo leannan  
 Mar bu mhath leinn le chéile.

C' arson 'chreid thu mo chàirdean  
 No luchd-dàimh 'bha air thalamh  
 Gu 'n robh mise am brath pòsadh  
 Ri te òig airson carrais ?

Ged-a bha thu gun stòras  
 Cha bu déòin leam ri m' mhaireann  
 Gu an tugainn mo chùl riut ;—  
 Dh' fhàg do shùgradh mi galach.

## I S E.

Cheist de dh' fhearaibh an t-saoghail,  
 Tog dhe d' chaoineadh 's dhe d' chumha,  
 Seall gu beachdail 's gach àite  
 Am faic thu àilleag 'bhios lurach,  
 Na h-iarr ormsa gu bràth  
 A dhol thar sàile leat tuillidh,  
 Ach leig dhomh mar-a tha mi  
 Anns an àit' so fo mhulad.

## O R A N G A O I L.

## L E T E G A L E A N N A N .

Latha dhomh 'bhi 's taigh-òsda,  
 Giullan bòidheach bha ann ;  
 Gu 'n do dh' clàim me shlainte  
 'S gu 'n do phàidh e an dram.  
 Shuidh e làmh rium a sheanachas,  
 'S bu neoclearbach a chainnt ;  
 Chuir e 'ghradh ann an céill dhomh,  
 Sgeul an t-ibhneis sin leam

M' uile chrìdh' is mo ghealladh  
 Thug mi dh' fear a chùil òir ;  
 Suil a's miogaiche sealladh  
 Is gruaidh thana mar ròs ;

Beul tha briodalach, meachair,  
 Deud mar chaile 's e gun spòrs :  
 B 'e mo mhiann a bhi faisg ort  
 Fhir a's blaisd' o 'n tig pòg.

Pòg a's millse na 'n siùcar  
 Thig bho 'n fhiùran ùr òg :—  
 'N àile, chunnaic mi uair thu,  
 'S leat cha b' fhuathach 'bhi 'm chòir.—  
 Aig a mheud 's thug mi 'ghaoil dhuit  
 Cha an fhaod mi bhi beò ;  
 Bho na thréig thu do ghealladh  
 'S e ni fàbhar dhomh 'n fhòid.

Tha leann-dubh air mo lionadh,  
 Tha mo chrìdh' mar an luaidh' ;  
 Ciamar bhitheas mi ceart dheth,  
 Bho na ghabh thu orm fuath ?  
 Och is och, gu de 'n t-aobhar  
 Mu 'n do chaocailt thu, 'luaidh ?  
 'S tu bhi cinnteach a'm' neo-chiont,  
 'S gur-a droch sgeul a fhuair.

C' arson 'chreid thu droch sgeul orm  
 'Fhir a's ceutaiche gnuis ?  
 Tha thu d' aonar a' faotuinn  
 M' uile ghaol-sa, a rùin.  
 'S mòr gu 'm b' fheàrr thu a'd léine.  
 No mar 'dh éireadh tu rùisg't  
 Na ged gheibhinn fear stòrais  
 'S gun mi 'n tòir air bho thùs.

Ged-a bhiodh iad mu 'm chomhair  
 Fir an domhain gu léir,  
 Is gu 'm faighinn mo roghainn  
 'S tusa 'thaghainn dhomh féin.—  
 'S i do phòg le làn dùrachd,  
 Fhir a's rùnaich' fo 'n ghréin,  
 'Chuireadh m' eislean air fògradh,  
 'Chuireadh bròn bhuam air sgèith.

Ged-a chunnaic mi 'm bàta  
 Cha do dh' fhàiltich mi ris :  
 Gu 'n robh mise bochd craiteach  
 Agus iadsan air mhisg,  
 'S iad ag òl mo dheoch-slàinte  
 Ga mo réiteach gun fhios :  
 Thug mi dùbhlann do 'm chàirdean,  
 Chaoiadh cha tàlaidh mi ris.

'S e tha 'tighinn air m' aire  
 'S ga mo ruighinn gu teann  
 Iad 'bhi 'g iarraidh mo phòsadh  
 Ri fear-stòras gun taing.  
 Cha toir mise gu bràth dha  
 Mo dheas-làmh ann am bann ;  
 'S ann tha cùmhanta m' fhacail  
 Ann an Glaschu nan Gall.

Tha mo chion air an fhleasgach  
 Innidh, leadanach, ùr.  
 'N uair a dh' eireadhl tu d' sheasamh  
 Gu 'm bu deas thu, bho d' chùl.

Gur-a math thig dhuit deise  
 De na bhreacan o'n bhùth ;  
 'N uair a thigeadh tu làmh riùm  
 Chuireadh d' fhàilt' mi gu sunnd.

'Fhir a dhìreas am bealach  
 Thoir leat soraidh bhuam féin,  
 'S dean a liubhairt do 'n òigeair sin  
 A's spòrsaille ceum.  
 A cheart aindeoин gach gruagaich  
 A ni suas riut a'm' dhéigh  
 'S tric a bha mi 's tu 'n uaigneas  
 Air a' bhuail leinn fein.

---

### O R A N G A O I L L.

Le te ga leannan air dhi fhaicinn 'na cadal agus  
 e air seòladh as an rioghachd.

*L u i n n e a g .*

“ Fhir a bhàta no horo éile,  
 Fhir a bhàta no horo éile ;  
 Fhir a bhàta no horo éile  
 Gu ma slàn dhuit 's gach àit' an téid thu.”

'N raoir ort bhruadair mi fhiùrain rùnaich ;  
 Bha sinn còmhla 's sinn sona sunndach ;  
 Bha do phòg leam air bħlas an t-siùncair ;  
 B' fhada bhuam thu an uair a dhùisg mi.

'S bochd dheth 'n neach sin a th' ann 's an t-saoghal  
 'S e gun airgiod, gun chrodh, gun chaoraich :  
 'S mòr an dìmeas leam air mo dhaoine  
 'Gu 'n d' leig iad dhiom thu 's meud mo ghaoil  
 ort.

Gur h-e m' athair a rinn an eucoir  
 Nach do dh' fhuasgail e le 'chuid spréidh thu,  
 Ghlas mo chiabhan le meud mo spéis dhiot,  
 'S cha toir mi bliadhna beò as d' eughmhais.

'S tric a chaidh mi leat fada, fada  
 'S shuidh mi comhl' riut le sòlas aignidh ;  
 Bhiodh do làmh is do bhreacan tharam,  
 'S bhiodh do phòg leam air bħlas na meala.

'S fada 'n diugh air an fhairge muigh thu ;  
 'S de ma ni i an stoirm do shlugadh ?  
 Ma 'se gaol do thé eile 'thug thu  
 'S truag a tha mi an déigh na għuil mi.

Och is och ! gur-a fad' air falbh thu  
 Air luing shiùbhlaich nam bratach deargá :  
 Gur tric mo shuīl-sa ris an fhairge  
 Dh' fheuch am faicear leam fear do dħealbha.

'N uair 'théid mi mach gu 'm bi mu shuīl ort,  
 'N uair thig mi steach gu 'm bi mo rùn ort :  
 Cha 'n 'eil thu mionaid as mo chuimhne  
 Bho 'n thig an là gus an tig an oidhche.

## O R A N G A O I L.

Le fear ga leannan agus i air a thréigsinn 's air  
falbh le saighdear.

*L u i n n e a g .*

"Tha mi suarach umad an diugh ;  
Bha mi uair 's bu tòigh leam do ghuth ; ,  
Tha mi suarach umad an diugh."

'N cuala sibh mar 'dh'éirich dhòmhsha  
Is do 'n chaileig 'bha mi 'n tòir oirr' ?  
Gu 'n do dh' fhalbh i leis an òigear ;  
'S dh' fhaotuinn sgeòil a dheanamh air sud..

Am faca sibh aogasg mo leannain ?  
Chà 'n 'eil a leithid ach ainneamh :  
A dà ghruaidh mar chaoran meangain,  
'S a h-uichd geal mar eal' air an t-sruth.

Gu 'm b'i sin an nionag aobhach,  
'S ann de bhroilleach Chloinn-an-t-Saoir i :  
Sùil a's guirme chaidh an aodann  
'S mala chaol mar ite an lòin-duibh.

Nighean donn a' chuailein chraobhaich,  
Is cuimhneach leam uair de m' shaoghal,  
'S bu deacair leam tigh'mn as d' aonais :  
Rinn sin sgaoileadh, 's chaochail an sruth..

Nighean donn a' chuailein chleachdaich  
'S deacair fhaotuinn bean do mhaise :  
Sùil a's guirme na na dearcan  
Deud mar chailc, is gruaidh mar an subh..

'N uair a bha sinn anns na gleannaibh  
 Leigeil a' chruidh laoigh mu 'n mhainnir,  
 Shaoil mi nach robh air an talamh  
 Fear a mhealladh bean a' chinn duibh.

'N uair a theannadh tu ri òrain  
 Mhealladh tu 'm fear nach biodh eòlach ;  
 'S binne thu na chubhag 's an smèòrach  
 'Maduinn cheò air mheòirean an stuib.

'N uair a theannadh tu ri coilleig  
 Leigeil a' chruidh laoigh 's an doire  
 'S binne thu na guth 'choilich-choille  
 Anns an doire 'ghoireadh a muigh.

Ged-a bha thu banail, baindiddh  
 Dh' aithnich mi gu 'n robh thu mealta :  
 'S gile thu na 'n sneachd air na beanntaibh  
 Anns an àm 's am biteadh ga chur.

'Nam faiceadh sibh saill air sean-each  
 No puinnsean air dol an glainne,  
 Sin agaibh aogasg mo leannain ;  
 Mar chop geal air bharraibh an t-sruth.

Ged nach robh mi pait de dh' fheudail  
 Sheasainn duine an àm an fheum ;  
 Gheibhinn grealach mhic an fhéidh dhuit  
 Agus breac na leum leis an t-sruth.

A nis o 'n rinn thu mo thréigsinn  
 Cha dean mi tuilleadh mu d' dhéibhinn :  
 Gabh thus' air d' aghaidh do dh' Eirinn,  
 'S gheibh mis' té bheir dhomh a cuid cruidh.

## ·CAILIN DONN A' CHUAILEIN REIDH.

*L u i n n e a g.*

'Chailin donn a' chuailein réidh,  
 'Nighean donn a' chuailein réidh,  
 'Chailin donn 'tha ris an spréidh,  
 Gu 'n tug mi spéis do 'n bhanaraich.

Cha 'n e mheud 's a dh'ol mi leann  
 Chuir na deòir a ruith o 'm shùil,  
 Ach a caoidh na dhealaich rium,  
 Ga bheil an giùlan farasda.

Thug mi ceum leat air an t-sràid,  
 Shìn mi dhuit gu faoin mo làmh  
 'S sinn a dealachadh, a ghràidh,  
 'S a Mhàiri, cha bu mhath leam e.

Gur-a math thig do mo rùn  
 Àparan geal as a' bhùth ;  
 Ged-a bhiodh an t-slat deth crùn  
 Gur math a b' fhiù i 'cheannach d' i.

Do shùil mar dhearcaig an fhraoich,  
 Do ghruaidh dearg, 's do mhala caol :—  
 'S ann dhuit a 'thug mi mo ghaol  
 'N uair 'bha mi aotrom amaideach.

Fios gu caileig tha 's an tìr  
 Gun 'bhi ni 's faid' air mo thì ;  
 'S coma leam cogadh no sìth,  
 Cha leig mi dhiom a' bhanarach.

REIDH.

Na biodh cùram ort mu d' lòn ;  
 Bidh mi 'm sgiobair air luing mhòir ;  
 'S 'n uair 'thogas mi rithe seòl  
 Am dheòin cha bhi thu 'd bhanaraich.

## ISE FREAGAIRT.

Gur-a math 'thig do mo rùn  
 Boineid ghorm a chosgas crùn,  
 'Slat de ribein dubh 'na cùl,  
 'S cha chùbaire 's taigh-leanna thu.

'S iad do chàirdean nach 'eil gann,  
 'S iomadh àrd-fhuil tha na d' cheann ;  
 'S car thu do Chlann-Dùghaill nan lann  
 A chuireadh srann á cananaibh.

## SUIRIDH A' BHODAICH.

*L u i n n e a g .*

Teann, teann, teann, a bhodaich,  
 Teann, fuirich thall a bhodaich,  
 Teann, teann, teann, a bhodaich,  
 'S na bi tigh'nn a chogadh oirnn.

## AN NIGHEAN OG.

'S a bhodaich na tig ga m' iarraidh,  
 'S cinnteach mi nach pòs mi 'm bliadhna' thu ;  
 'S ann a tha do cheann air liathadh ;  
 Eu chùis phianaidh dhomh do phòg.

## AM BODACH.

Ged-a tha mo cheann air liathadh  
 Cha 'n 'eil mi ach leith-cheud bliadhna,  
 Gheibh mi caileag òg, ma dh' iarras,  
 A bhios riaraichte gu leòir.

## ISE.

Ged-a rachadh tu a dh' ionnsaidh  
 Na tha chaileagan 's an dùthaich  
 Cha 'n 'eil té dhiu a ni sùrd riut ;  
 'S ann tha 'n suil 's na gill'an òg'.

## ESAN.

Tha na gillean òga sgaomach,  
 'N uair a thachras iad 's an fhraoch ruibh  
 'S a labhras iad ruibh gu faoilidh  
 Saoilidh sibh gu 'm bi sibh pòsd'.

## ISE.

Biodh iad suidhichte no sgaomach,  
 Tha iad laghach, tha iad aoidheil ;  
 'S olc an té nach tugadh gaol dhaibh  
 'Us iad daonna air a tòir.

## ESAN.

Ged-a bhiodh gille òg a' d' dheig  
 'Se 'toirt gheallaidlnean air fein dhuit,  
 'S ealamh 'dheanadh e do thréigsinn  
 Airson euchdaige bu bhòidhch'.

## ISE.

'S e chuir mise 'n diugh fo éislean  
 Nach 'eil Aonghas Ruadh, no Seumas  
 No Iain donn ag ràdh riùm, " Eudail " ;  
 'S mòr an t-éibhneas an gill' òg.

## E S A N .

A ghaoil, nach dean thu leam lùbadh  
 'S pailtcas eòrna 's coirc air m' ùrlar :  
 Cha bhi d' aran ort mar chùram  
 'S cha bhi thu gun leann a' d' stòp.

## I S E .

'S bochd an ni dhomh 'bhi mar tha mi,  
 'S tha mo mhàthair rium ag ràitinn  
 Pòs e 's cha tig dad rì d' là riut ;—  
 Sc, a ghràidh, mo lamh 's mo phòg

Thig, thig, thig, a bhodaich,  
 Thig, thig a nall, a bhodaich,  
 Thig, thig, thig, a bhodaich,  
 'S e 'chùis shogain a bhi d' chòir.

## O R A N G A O I L

Do dhuine-uasal de Chlann Ghriogair, le a  
 leannan.

FONN.—“ *Cha 'n e tùchan a' chnatain.*”

An raoir bhruadair mi 'n aisling  
 'Bhi mu bhruachaibh mu leapa  
 Am fear mòr a bha 'n dreap air gu falbh,  
 An raoir bhruadair, &c.

Gur h-e 'n Griogarach gasda  
 Leis 'm bu mhiannach mar fhasan  
 A bhi 'g òl air fion daithte nan còrn.  
 Uisge-beatha na braiche  
 Bhiodh an cupaichean glasa ;  
 'S chuirt' á pioban tombaca leis ced.

Gu 'm bu taitneach leat agad  
 An àm éiridh 's a' mhaduinn  
 Sàr-ghiomanach dag air ghleus òir.

Leat bu mhiannach coin lùghmhor  
 'Dhol a shiubhal nan stùc-bheann  
 Leis a' ghunna nach diùltadh roimh òrd.

'S tu gu 'n loisgeadh am fùdar  
 Mach air uilinn nan stùc-bheann  
 Ris an eilid 's ri àdlaiche 'n lòin.

Bhiodh gu lär an damh cabarach  
 A's fiamhaiche 'chaidileas  
 'S a b' fhiadhaiche 'chasadh a shròn.

Agus earbag an aonaich  
 Bu luath dhùreadh na fraochan ;  
 Leat bu mhiannach, a ghaoil 'bhi, ga còir..

'S car do Ghriogair òg ruadh thu,  
 'S b'e sin connspunn a' chruadail ;  
 Leat gu 'n éireadh Coir-Uanain bho 'n chrò..

Gur-a car thu Mhac-Cailein  
 'Us do 'n Iarla bha 'm Bealach  
 Gus an trialladh luchd-ealaith gu leòir.

'S car thu 'Dhòmhnull gorm Sléiteach  
 'S do dh' Iarl' Anntrui an Eirinn  
 Dha 'm bu dual a bhi treubhach ro-mhòr.

*Esan ga freagairt.*

Mo rùn Màiri Nic-Astair :  
 Caomh-shùil ghorm mar an dearcag  
 'Us gruaidh mhin-dheas chaoin dhaithte mar ròs..

Gur h-e trom-ghaol na h-ighinne  
 Dh' fhàg lom-loisgte mo chridhe s' ;—  
 Gur-a binne na 'n fhìodhull do ghlòir.  
 Cha leig mise do 'n bhuaile thu  
 Leis a' chuman 's le buaraich ;  
 'S ann a bhios tu ri furaigheal le d' mheòdir.  
 'S ann a théid thu do 'n chiàchan  
 Latha féille 's an fhasan ;  
 Gùn de 'n t-sioda ort' bhios gasda gu leòir.

## O R A N G A O I L.

Le UISDEAN DOMHNULLACH do leannan a bh' aige,  
 agus e ga faicinn a dol a phòsadh fir eile.

Gur mis' tha dubhach pràmhail  
 Is cràiteach anns an uairs',  
 A' faicinn luchd-a'-phòsaidh  
 'Dol seachad ann an òrdan,  
 'S mi 'smaointeachadh fo m' chòt'  
 Air an té 'thug dhomhsa fuath ;  
 Dh' fhàg i tosdach mi 's làn osnaich  
 Lot i mi gu cruaidh.  
 Bha mi gu h-aotrom, sunndach,  
 Gam ghiùlan féin 's gach uair,  
 'S mi ann am chridhe cinnteach  
 Nach glacte mi gu dìlinn  
 Le rìgh nan gaol na liontan  
 'S cha b' fhiach leam rium a luaidh ;  
 Bha e gleusde. 's tric ga m' theumadh,  
 Ghlac e greim 's mi m' shuain.

Tha mi nis aige am prìosan  
 Ga m' chiosnachadh gu cruaidh ;  
 Rinn trian de m' anail m' fhàgail  
 Mo neart cha 'n 'eil mar b' àbhaist,  
 Tha daoine 'g inns' gach là dhomh  
 Gu bheil am bàs nam shnuadh.  
 'S e mo ghràdh do 'n té 'rinn tàir orm,  
 'Thug mo shlàinte bhuam.

Gur truagh nach robh mi 'n Eirinn,  
 'N Dunéideann, no 's taobh tuath,  
 Mu 'n tugadh thugam sgeula  
 Mu d' shuiridh is mu d' réiteach  
 'S mu d' phòsadhbh, ainnir cheutach ;—  
 M' uil' éibhneas dh'imich bhuam.  
 Bha mi cinnteach uair gu 'm biodh tu  
 Pòsd' rium-fhìn a luaidh.

Is iomadh olc 'tha 'g éiridh  
 O spéis do dh' òr 's do bhuar !  
 Reic thusa, 's tu glé-ògail,  
 Thu-féin, airson a stòrais  
 Ri neach a tha gun eòlas,  
 'S làn gròcaireachd is gruaim,  
 'N àm tigh'nn dachaidh chì thu gart air  
 'S lasair as mar ghual.

Ged rinn thu misé 'thréigsinn  
 Cha leum mi riut am fuath ;  
 Mo mhile beannachd féin leat  
 'S a h-uile h-àit' an téid thu,

'S gu 'n cuir am fortan céil' ort  
 Nach beus da bhi air ghruaim ;  
 Ach caomh fearail, foinnidh, smearail,  
 Ceanalta, le stuaim.

---

## O R A N G A O I L .

Le IAIN MAC-GILLEAIN, ministeir a bh' ann am  
 Muile, do dh' Anna Nic-Gilleain, a leannan agus i  
 air pòsadh fir eile.

'N aisling chunnaic mi 'm chadal  
 B' fheàrr gu 'm faicinn am dhùsgadh,  
 Thu 'bhi eadar mo ghlacaibh  
 Ga do thatadh gu dlùth rium.  
 'N uair a dhùisg mi 's a' mhaduinn  
 'Us nach d' fhuaras tu agam  
 Thàinig deòir air mo rasgaibh,  
 Shil orr' frasach 's bu dlùth i.

Shil orr' frasach 's bu dlùtl̄ i,  
 Mu 'n ghéig ùir a dh' fhàs àlainn ;  
 Gur-a guirme do shùilean  
 Na an driùchd air bhàrr fàsaich.  
 Gu bheil maise ann ad ùrla  
 Dh' fhàg mo chridhe-sa bruïte  
 Gus an d' rinn i a mhùchadh,  
 'S trom a dhrùigh i air m' àirnean.

'S trom a dhruigh i air m' àirnean.  
 'S cha 'n 'eil stà ann an léigh dhomh,  
 Ged-a chluinn mi guth mènrain  
 Cha tig gàire le éibhneas.  
 Bho 'n is duine gun àdh mi  
 'Chaidh a mhilleadh le d' ghràdh-sa,  
 'S e thu féin a bhi làmh rium  
 Dheanadh slàn mi o m' chreuchdan.

Gur h-e 'dh 'fhàgadh gun chreuchd mi  
 Pòg no dhà o d' bheul cùbhraidh ;  
 Gu bheil maise na feuchdaig'  
 Ann ad eudan ga giùlan ;  
 'S mi nach iarradh do spréidh leat,  
 Bhidhinn aighearach, éibhinn  
 Ga do ghabhail a'd' léine  
 Le toil cléir agus dùthcha.

Cuid de bhudadhan na h-ighinn'  
 A bhi binn-fhaclach beul-dhearg :  
 Tha do ghruaidh mar *bhermillion*  
 Is cha tillear bho 'n fhéill thu.  
 Gu 'n do shàraich thu sinne  
 Le do bhacharan tioram ;  
 'S e do ghràdh 'th' air mo mhilleadh  
 'S mi ri sìreadh beachd-sgéil ort.

Ochain, Anna nighean Dòmhnuill,  
 'S i do dhòigh tha cur eud orm ;  
 Gur-a binne do chòmhradh leam  
 Na 'n smeòrach air gheugan.

'S mòr ga 'm b' fheàrr bhi riut pòsda  
 Na bhi thall anns an Olaind  
 Ged bu leamsa de dh' òr  
 Na bha an seòmar Righ Seumas.

'N uair a bha mi 's an Olaind  
 Is mi thall ann am shaighdeir  
 Gur-a h-iomadh té àlainn  
 Le cuid fhàinneachan daoimein  
 Thigeadh ealamh am chòmhail  
 Le lan-fhuran a pòige :—  
 B' fheàrr leam thusa le còir  
 Ged nach bu bheò mi ach oidhche.

---

## O R A N

Do dh' ALASTAIR MAC-GILLEAIN, lighiche ann an  
 Langamul, am Muile; le nighinn òig aig an robh gaol  
 air.

## L u i n n e a g .

Mo chridhe tha 'n diugh cianail  
 Is iargainneach a tha mi ;  
 Gu 'n tug mo leannan cùl rium.  
 'S gur tùrsach rinn e m' fhàgail.

Gur mise tha fo mhulad  
 Is cha 'n urrainn mi sin àicheadh  
 A' smaointeachadh do bhòicideid  
 A fhleasgaich òig nam blàth-shùl.  
 Mo chridhe, &c.

'S o 'n thig an gaol gun iarraidh  
 'S a bha e riamh mar fhàgail,  
 Cha ghearainn, a luaidh e,  
 Mur faighinn fuath 'na àite.

Is mor a tha mi 'n geall ort  
 Gu 'n mheall thu mi le d' nàdar ;  
 Am fòghlum 's an deadh-chuma  
 Fhuair thu 'n t-urram de na Gàidheil.

Is innidh leam a rùin thu  
 Ri danns' air ùrlar clàraidh  
 Roimh h-aon air a bheil m' eòlas  
 Gu 'n deònaichinn mo làmh dhuit.

Ged théid mi measg nan uaislean  
 Cha għluais iad mi gu mānran.  
 Ciamar 'bhios mi toilichte  
 'S nach h-eil mo leannan làmh rium.

Gur h-e mo għao l-an cùirteir  
 Dha 'n tug mi rùn 's mi 'm phàisde :  
 'S e dh' fhàg mo chridhe brùite  
 Nach dùraichd thu do làmh dhomh.

Gheibh mi an ni tha òrdaicht',  
 O biodh mo dhòchas làidir ;  
 'Us earbam le làn-dùrachd  
 An Righ nan dùl is àirde.

## ORAN GAOIL.

*L u i n n e a g .*

A nighean bhuidh' bhàن a chràidh mo chridh';  
Mo ghaol air an nighinn a's àille 's an tìr.

Theap mise 'bhi bàite  
'Dol 'n aghaidh gaoith làidir  
'S mi 'g iarraidh gu Màiri,  
An àilleag dheas ghrinn.

'N uair thàinig mi làmh-ri,  
'S a chuir mi oirr' failte,  
Ged dh' fhuiling mi ànnradh  
Cha 'n fhairdeadh i mi.

Na 'n robh mi aig baile  
Re 'gheamhraidh 's an earraich  
Cha bhidhinn gun leannan ;  
B'e 'n t-amadan mi.

Gur h-iomadh té òg  
Tha gu h-amaideach gòrach  
Toirt gaoil airson stòrais  
'S a' pòsadh an ni.

Ma 's e mo chion stòrais  
Thug dhuit gun mo phòsadh  
'S ann dhomhsa nach còir  
A bhi brònach 'gad chaoidh

A nighean bhuidh' bhòidheach  
'S do ghruaidh mar na ròsan,  
Ma ni thu mo phòsadh  
Is deònach bhios mi.

Do ghruaidh mar na caoran  
 'S do chneas mar an fhaoilinn ;  
 A mheud 's thug mi 'ghaoil dhuit  
 Cha 'n fhaodar leam 'inns'.

---

A MHAIRI MHIOGACH MHEALL-  
 SHUILEACH,

Rinneadh an t-òran gaoil so le AILEAN MAC-  
 AN-LEIGHA, do MHAIRI NIC-GILLEAIN as a Mhor-  
 airne, agus air dol do dh' America.

*L u i n n e a g .*

A Mhàiri mhiogach mheall-shùileach  
 Cha tréiginn fhìn air cheannach thu ;  
 Cha 'n 'eil mi sgith dhe d' leannanachd  
 Ge fada fuireach bhuit mi.

Gur fada leam an ràidhe so  
 Gun neach 'ni prìs a' ghàire riùm  
 O'n dhealaich luchd mo mhàrrain riùm  
 'S a dh' fhàg iad thar a' chuain mi.

Mar bhradan bòidheach min-lannach  
 'S e 'leum air uisge lìomharra  
 Tha Màiri àlainn fhìnealta,  
 'S i 'm measg nam mìltean gruagach.

Do chùl donn daithte camagach,  
 'N uair chìreadh tu 's a' mhàduinn e  
 'S a' ghrian ag òradh dhaitean air;  
 'S gur fad' e thar do ghualainn.

Do ghruidhean bòidheach min-dhearga  
 Mar ròs air chrannaibh fior-mhatha ;  
 Sùil chorragh a's glan lionadh,  
 'S i fo mhala ghrinn gun ghruaman.

Gur binne guth na h-euchdaige  
 Na fiadhall theud 'n 'uair ghleusar i ;  
 Mar iobhairi do dheudach  
 Is cha 'n eisd thu ri fear-fuadainn.

Troigh gheal mar shneachd' air dlùth-bharrach,  
 'S gur socrach am bròig shùmhail i ;  
 Is math a thig an gùn dhuit  
 Ann am fasan ùr nan gruagach.

Is tu mar eala bhàin, mhaisich  
 A bhiodh air loch 's na fàsaichean ;  
 Gur fada tilgeadh deàrrsaidh thu  
 'S do chruth 'cur àille snuaidh ort.

Is math a thig na làmhainnean  
 Air rìbhinn nam bas bànn-gheala,  
 Meur grinn thu air an t-snàthaid  
 'S tu an seòmar àrd a' furaigheal.

Is tha thu aoibheil, iriosal,  
 Cha 'n fhaicear fraoch no frionas ort,  
 Do ghaol cha 'n fhàg mo chridhe-sa  
 Ge tric a dol thar cuain mi.

'Tha fonn neo-throm r'a fhaicinn ort,  
 Gur lionmhor conn an taice riut ;  
 Gur h-aoibheil ri luchd-aineoil thu,  
 Cha leig thu falamh bhuit iad.

Tha rùn nan ceud gun fhios agad,  
 'S cha léir dhuit e ged chithear e ;  
 Do bheul cha deanadh miodal rium  
 Ged bhiomaid ann an uaigneas.

'S e rìgh nan gaol a thàlaidh mi  
 'S a chuir a taobhsainn Màiri mi ;  
 'N uair shaoilinn a bhi 'n gràin oirre,  
 'S am bhidhinn làn de luaidh oirr'.

---

## O R A N

Le fear ga 'leannan an déigh a bàis.

Gu 'n do choisich mi 'n oidhche  
 Dh' ionns' na maighdein bu bhoidhche.  
 Rinn mi corr is ochd mile  
 Anns an tìr 's gun mi eòlach.  
 'N uair a ràinig mi 'n t-àite  
 Cha robh iad mar bu chòir dhaibh.  
 Cha robh air' air luchd-gaoil ann,  
 'S cha robh saod air luchd-òil ann.  
 Cha robh mnathan ri fuagheal,  
 'S gu 'n robh gruagaichean brònach.  
 'S ann a fhuair mi 'chraobh fhìnealt  
 Na sineadh 's an t-seòmar,  
 Bha i sìnte ann air déile  
 As a léine fuar, reòta.  
 Bha i sìntè fo 'n uinneig  
 Is cha chluinninn a còmhradh.

Dhomhsa b' aithne do bheusan  
 'S tu gun leumraich, gun mhòr-chuis.  
 Ghlac thu ciall agus gliocas  
 Mòran tuigse agus eòlais.  
 Ort a dh' fhàs an cùl sniomhain  
 Bha mar dhìthein an eòrna.  
 'N uair a bhiodh tu ga chìreadh  
 'S fada chìte fiadh òir dheth.  
 Fhir a chruthaich an saoghal,  
 Cum mi saor bho fhàs gòrach.  
 Cum rium ciall agus gliocas  
 Gus an ruig mi ga d' fheòraich.

## ORAIN A FHUAIR MI AN SUD 'S AN SO.

## O R A N G A O I L

LE DOMHNULL DONN, MAC FIR BHOTH-FHIUNNTAIN.

*L u i n n e a g .*

Thogainn fonn gun bhi trom  
 Air nighinn duinn a bha 'n Cat-thaobh :  
 Ghruagach òg a' chùil duinn  
 Dh' éireadh sunnd orm ri d' fhaicinn.

Latha dhomh 's mi siubhal bheann  
 'Falbh gu teann eadar chreagaibh  
 Thachair orm a' chruinneag dhonn  
 'M bun nan tom 'buain nan dearcag.  
 Thogainn fonn &c.

O nam bithinn-s' air an fhéill  
 'S e do bhréid thigeadh dhachaidh,  
 Agus ribein maiseach, ùr  
 Ged bhiodh crùn air an t-slait dheth.

Ged is greannach leat mo cheann  
 'S ged is cam leat mo chasan,  
 Thogainn creach bhɔ Thighearna Ghrannd  
 'S dh' blainn dram 's an dol seachad.

Théid mi sios 'us théid mi suas,  
 Bheir mi ruaig do Lachaber ;  
 'S ged bhiodh Rothaich air a chal  
 Bheirinn pàirt de 'n chrodh bhreac bhuap'

Dheanainn banais a bhiodh mòr  
 Air 'm biodh geòidh agus cearcan ;  
 Bheirinn féidh dhuit as na glinn  
 Agus minn as na creagan.

B' fheàrr leam féin na mìle bò  
 'S na tha dh' òr aig Righ Shasuinn  
 Gu 'm bith'nn féin 'sa' chruinneag dhonn  
 'M bun nan tom 'buain nan dearcag.

'S tu mac-samhuil na gil-ghréin'  
 Moch ag éiridh 's a' mhaduinn ;  
 Nam bu leam-s' thu ann an còir  
 Gu 'm bu shòlasach m' aigne.

Mar an t-sirist tha do ghruaidh,  
 'S tha mo luaidh air do phearsa ;  
 Dh' fhàs do chuailean buidhe-dhonn  
 Feadh nan tom 'buain nan dearcag.

'S iongantach leam duine còir  
 'S mòran stòrais bhi aige  
 Nach d' chuir Beurla ann ad cheann  
 Agus danis' ann ad chasan.  
 Latha dhomh 's mi 'siubhal fraoich  
 Fhuair mi 'n fhaodail bha taitneach,  
 Nighean donn na mala caoil'  
 Air a taobh 'buain nan dearcag.

Fhuair mi 'n t-òran so, air latha na bliadhna' ùire,  
 1877, bho 'n Taillear Abrach, an Antigonish. " 'S  
 mise," ars' an Tàillear, " Iain mac Ghilleasbuig,  
 mhic Aonghais, mhic Alastair mhòir, mhic Aong-  
 hais mhòir, mhic Alastair, mhic Iain Duibh, mhic  
 'Ic Raonuill na Ceapaich. B'e Dòmhnull Donn  
 agus mo shinn-seanair, Alastair mòr, clann an dà  
 bhràthar.

'S ann bho 'n Taillear a fhuair mi cuideachd an  
 rann nà dheireadh de 'n ath òran.

### O R A N

**Le DòMHNULL DONN, Mac Fhir Bhoth-fhiunntain,**  
 an oidhche mu 'n do chuireadh gu bàs e.

Is truagh, a rìgh, mo nighean donn  
 Nach robh mi thall am Muile leat  
 Far'm faighinn iasg is sithean fhiadh,  
 'S a chiall, cha bhiodh oirnn uireasbhuidh.  
 Far'm faighinn iasg is sithean fhiadh,  
 'S a chiall cha bhiodh oirnn uireasbhuidh,  
 Gu'm marbhainn breac air linne chas  
 'S nach deanadh casan grunnachadh.

Gu 'm marbhainn breac air linne chas  
 'S nach deanadh casan grunnachadh;  
 'S an coileach dubh air luth a sgéith,  
 Mu 'n téid 'n a éideadh iomadh fear.

'S an coileach dubh air luth a sgéith,  
 Mu 'n téid 'n a éideadh iomadh fear.  
 'S an earba bheag am bun nam preas  
 Ge deas a chi 's a chluinneas i.

'S an earba bheag am bun nam preas,  
 Ge deas a chi 's a chluinneas i.—  
 Ochóin, a Dhia, cum rium mo chiall,  
 Cha robh mi riamh cho cunnartach.

Ochóin, a Dhia, cum rium mo chiall,  
 Cha robh mi riabh cho cunnartach:  
 Chuir iad mi ann an leaba làir,  
 'S an seòmar àrd cha chuir iad mi

Chuir iad mi ann an leaba làir,  
 'S an seòmar àrd cha chuir iad mi:  
 Bidh mi 'màireach air cnoc gun cheann,  
 'S cha bhi mo chàirdean furachail.

Bidh mi 'màireach air cnòc gun cheann,  
 'S cha bhi mo chàirdean furachail.  
 A Rìgh nan gràs tog m' anam suas  
 Gu bheil an uaigh ga cumadh rium !

A Righ nan gràs tog m' anam suas  
 Gu bheil an uaigh ga cumadh rium.—  
 'S mòr b' anns a crònanaich nam fiadh  
 Na Donnachadh liath le dhrumaireachd.

'S mòr b' anns a crònanaich nam fiadh  
 Na Donnachadh liath le dhrumaireachd ;  
 A sios 's a suas bho shràid gu sràid  
 Le bhalgan fàs 's dà bhioran aig'.

Bha Dòmhnull donn na dhuine briadha, na bhàrd math, 's na chreachadair ainmeil. Mharbh e mac Iain Luim ann an còmhraig-deise. Bha meas aig air nighinn Thighearna Ghrannda, agus bha ise toileach a phòsad. Ghlac a càirdean e le foill agus chuir iad gu bàs e. Tha an t-òran anns a' bheil e 'g innse mu 'ghlacadh ann an leabhar no dhà. Tha e a toiseachadh mar so :—

Mile mallachd do 'n òl ;  
 'S maирg a dheanadh dheth pòit ;  
 'S e mo mhealladh gu mòr a fhuair mi.

## O R A N G A O I L.

Rinneadh an t-òran so le gille-stàbuill a bha aig UILLEAM ABERARDAIR. Bha e 'suiridh air nighinn a mhaighstir, agus b' fheudar dha teicheadh. Bhag-air a mhaighstir a shracadh as a chéile eadar dà each.

Fhuair mise an t-òran so bha EALASAID NIC-AN-TOISICH bho Thaigh an Fhraoich an Aberardair, a

bha pòsda ri Dòmhnull mac-Coinnich an Tom an t-Sabhail, 's a thàinig do 'n dùthaich so 'sa bhliadhna, 1822. Tha cuid deth an leabhar Mhic-an-Tuairneir.

Ochain, ochain, mar tha mi,  
 'S mi gach là ga do chumha ;  
 'Gheug nam meall-shuilean tlàth,  
 Chuir do ghràdh mi an cunnart.  
 Cha an urrainn mi d' àicheadh  
 Ged-a dh' fhàgann a' chruinne ;  
 'S truagh a rìgh nach bu bhàs dhomh  
 Air na tràighibh gun fhuireach.

'S truagh a rìgh nach bu bhàs dhomh  
 'N uair bu phàisdean beag òg mi,  
 Mu am facas bean t' aogais  
 Is nach d' fhaodar do phòsadhl.  
 Troigh chruinn am bròig chumhainn  
 Gun bhi leobhar no dòmhail,  
 Fo do chalpanann mìn-gheala  
 Nach islich am feòirnein.

'S maирг nach iomraich an copan  
 Le làimh shocraich 's e dearlan ;  
 Cha 'n e sin a rinn mise,  
 'S ann a bhrist mi fein beàrn as.  
 Gur h-e 'n t-iomadaidh uaigneas  
 'Ni dhe 'n ionracan meirleach ;  
 Chuir sud mise gu saothair  
 Far nach cluinn mi mo chàirdean.

Tom an t-  
bhliadhna,  
-Tuairneir.

*CLARSACH NA COILLE.*

305

Ach Uilleam Aberàrdair  
Bu tu 'm báilidh gun tròcair  
'N uair a dh' iarr thu mo spoltadh  
Le luchd-geard Mhic-an-Tòisich,  
Mo thoirt timchioll a' chabhsair,  
'S gun mo chàirdean am chòmhail :—  
'S mòr gu 'm b' fheàrr a bhi 'n gainntir  
Na bhi 'n lathair a mhòid ud.

Thig an Samhradh le 'fhlúir,  
'S thig a' chubhag á Fírinne,  
Thig gach eun bhàrr na machrach  
'Chumail caidreimh r'a chéile,  
'S a thoirt ciùil as na crannaibh,  
'S iad air bharraibh nan geugan,—  
'S ann bhios mise 's mo leanan  
A sior-theannadh bho chéile.

---

*ORAN UR AIR SEANN SEIST.*

*Le LACHAINN MAC-GILLEAIN.*

Lachlan MacLean was born in Coll. He was an enthusiastic Gaelic scholar. In his "Adhamh 'us Eubh" he attempts to prove that Gaelic was the language of Paradise. He wrote a learned history

of the Celtic language. He contributed to the *Cuairtear* over the signature of MAC-TALLA. He was in the hosiery-business in Glasgow.

SEIST,—“*Alainn Duinn, nach till thu 'n tùbh so.*”

*L u i n n e a g .*

'S iad na Gàidheil féin na diù'laich ;

    Ho ho, hi ri il tò oh !

'S iad na Gàidheil féin na diù'laich.

'S iad na Gàidheil féin na gaisgich

'S fad' 's is farsuing a chaidh cliù orr'.

Fraigheadh iad cothrom na Féinne

'S co air réi'lean a bheir cùis dhiubh ?

B' éibhinn an sealladh an còmhlan

'N àm togail nan sròl am Mùideart.

Dh' éirich an t-àrdan 'n an gruaidhean

'N uair a chual iad fuaim an t-siunsair—

Gach cridhe 'g at, 's lann an dòrn,

A' dol a dh' agar còir a' Phrionnsa !

Bha 'n iolach mar mhile leòghann,

No 'n cuan niòr, an déigh a dhùsgadh !

Chriothnaich na beanntan le uamhas,

'S thàinig gruaman air na dùilean !

Chriothnaich an crùn a bha 'n Lunnainn,

'S cha mhòr gu 'n d' fluirich ar ciùine.

B' aoibhneach Gleann-Finain an là ud,

'S a mhactall 'gáir le durachd.

'Stàilinn air mhire gu còmhrag,  
 Gu'n téid Teàrlach òg a chrùnadh !  
 Olamaid uile 'n deoch-slainte ;  
 'S balach nach tràigheadh gu grunnnd i.

Eilean Chola, 1843.

---

### ORAN DO NA GRÙDAIREAN.

Le DOMHNULL MAC-GILLEAIN.

Donald M'Lean was a brother of John M'Lean the poet. I took down a few of his songs from his daughter Anna in Tyree in 1863. He was by trade a cooper and was commonly called Dòmhnull Cùbair. He died in 1868, in the 98th year of his age.

The occasion of this ditty was as follows :—The cooper was one evening at the brewery, but was not asked in ; shortly after he had left, some of the këgs were found to be in a leaky condition, and he was immediately sent for to tighten them.

*L u i n n e a g .*

'S an fheasgar cha do chuireadh mi ;  
 Bha 'n cùbair dubh gun fhuran ris ;  
 Ach 'nis gur h-e 'n t-aon duin' agaibh,  
 Bho 'n dh' fhàs na buideil ao-dion.

Gur tric mi dol a chùiltearachd  
 Le banaraich nan grùdairean ;  
 'S 'n uair théid mi tuille 's dlùth oirre  
 Bidh 'n cùbair air a ladhran.

Bu bhinn leam féin a gleadhar  
 An uair shínte dhomh fo chobhar i ;  
 'Se 'n rud a dh' fhàgadh fodha sinn  
 An clodha 'chur 'sa' chaochan.

Tha Mor-a'-chadail beadarach  
 'S a' bhuaille air an eadaradh ;  
 Le uisge beath' nam feadan  
 Gu 'n leigeadh i na daoine.

Cuir fòid a stigh gun dàil foipe,  
 Is tarruing caol stuth làidir ais'd' ;  
 Biodh fios againn ma sgàineas i  
 Mu 'n tèid an ceàrd do 'n Chaolas.

Gu fòil thuirt Iain mac Dhùghaill rium  
 A ghaoil cha 'n ann ga chaomhn' tha mi  
 Ach eagal 's gu 'm bi smùid oirnn  
 Is gur ni gun chliù an daorach.

### O R A N G A O I L

Air Anna Buchanan, nighean ministeir an Sgire  
 Nuig 'an Ros, le Seumas Mac-Griogair, 1785.

The reverend James M'Gregor, D.D., the revered apostle of Pictou, was born at St Fillan's at the head of Loch Earn in Perthshire in December 1759. He studied at the university of Edinburgh. He was a minister of the Presbyterian Church. He belonged to the Anti-Burgher branch of the Secession Church. He arrived in Pictou, July 20, 1786,

At the time of Dr M'Gregor's arrival, Pictou was a new settlement, and the people very poor. He travelled about from place to place a great deal. In the winter he had to travel by snow-shoes. His bed was frequently only some straw placed on the floor before the fire, and his food nothing but potatoes and fish. The hardships he endured were very great. He was the only minister in the Eastern part of Nova Scotia for nine years. He died March 3, 1830. His life, by his grandson, the Rev. George Patterson, D.D., is a very interesting work. It is largely autobiographical.

Dr M'Gregor's hymns, *Dàin a chomhnadh cràbhaidh*, are well-known wherever the Gaelic language is spoken. His Gaelic manuscripts include a translation of the Confession of Faith, the Psalms in metre, his hymns, and a few songs. His version of the Psalms is well worth publishing. From his poetic talents and his knowledge of the Hebrew language, he was well qualified to make a good version. As a specimen I give the first Psalm :—

'S e fear an àigh nach gluais an rùn  
 Nan aingidh lùbach dàn,  
 An slighe pheacach fiar nach seas  
 'S nach suidh am feasd le cail  
 An cathair luchd na fanaid bhaoth,  
 Ach 'g am bheil gaol 'us gràdh  
 Do lagh an Tighearna ro naomh  
 Ga smaointeach' oidhch' 'us là.

Bidh e mar chraoibh tha suidhicht' dlùth  
 Do 'n t-sruth 'theid ciùin a sios ;  
 'Bheir meas na h-àm am pailteas mòr  
 'Sa duille fòs nach erion ;

an Sgire  
85.  
he rever-  
n's at the  
ber 1759.  
He was  
He be-  
Secession  
786,

Bidh soirbheas aige anns gach nl.—  
 Cha bhi mar sin na daoí :  
 Ach mar am moll 'dol h-uig' us uaith,  
 Air fhuadachadh le gaoith.

'Us uime sin na h-aingidlh thruagh,  
 Cha seas iad suas 'sa' blreith ;  
 No peacatich an co-thional naomh  
 Nam firean caonuh gu seth.  
 Oir 's fiosrach Tighearna nam feart  
 Air slighe cheart nan saoi.  
 Ach slighe fhiar nam peacach clì  
 Tur sgriosar i a chaoidh.

Dr M'Gregor's writings in English were published in 1859. They include a defence of the imprecations in the Psalms, an Essay on the Millenium, and a work on Baptism.

The Rev. Patrick Buchanan was a native of Callander in Perthshire. He was for thirty-eight years minister of the Secession congregation in Nigg. He died in 1802 in the 81st year of his age. His daughter, Anna, the subject of this song married a Mr M'Bean. It seems she was unwilling to come to the wilds of America. She was distinguished for her personal attractions, and was a most amiable and pious woman. She died before her father. She left a young family. The Bard who sang her praise was married twice.

FONN—"Màiri bhàn Og."

Gur mise bheir gràdh gu bràth do 'n chailin  
 A dh' fhàg mi' sealan a'm' dhéigh ;  
 Tha aice os chàch gach àgh 's gach barrachd  
 'Mar àilte gealaich measg reul.

Si sèamh-osag fhann an t-sàmhraidh chaoimhneil  
 'Bheir gleann is coille fo bhlà ;  
 'S le dui-neoil a' gheamhraigdh 's ànnradh gaillinn  
 Cha 'n annsa fanail r'a sgà.

Tha d' aghaidh, le fàilt, mar fhàir na maidne ;  
 Mar dhealra deàrrsaidh na gréin' ;  
 Gu'm bheil thu gu nàrach, màltà, caoimhneil ;  
 Gur àluinn, banail do bheus.  
 Thàinig gathan o d' shùilibh dù-ghorm, flathail  
 A dhùisg dhomh farum mo chléibh,  
 'N uair theannain riut dlù bu chùbhraigdh' d'anail  
 Na ùbhlan abaich air ghéig.

Gruaidh dhearg mar an ròs, is pògan meala ;  
 Cùl òr-bhuidh, maiseach nan teud ;  
 Beul meachair, 'sa' cheòl mar smèdraich coille ;  
 Geal, bòidheach, daingeann do dheud ;  
 Do bhràighe glan caomh mar mhaothan eala  
 Air caolas mara a' snàmh ;  
 Cneas gràdhach, sèimh, caoin ; is gàirdean canach ;  
 Meòir chaol', bas gheal, is mìn làmh.

Calpa cruinn, lùthar, ùr-gheal daingeann ;  
 Gur ciùine, farasd do cheum,  
 Troigh chuimir a shiùbhlas dlù air choiseachd ;  
 Cha lùb do chasan am feur.  
 Do chumadh o'd' bhàrr gu d' shàil, gun chron air,  
 Ach sàr-dheas, cothromach, grinn ;  
 Gu meal thu do shláint' le àgh 's le onair,  
 Le d' ghràdh ge d' robh mi gu tinn.

'S leat inntinn nam buadh 'dh'fhàs uasal, ceanalt'  
 'S gach buaidh tha ceangailt ri minaoi ;  
 Ge mòr 'tha de dh' uaisl' 'm fuil sluaigh do  
     shloinne,  
 Cha truaill thu boinne dhi chaoidh.  
 Do ghliocas gun bheud ; do chéill gun mhearachd ;  
 Is ré do d' aithne gach gniomh ;  
 Do thugse co gheur ; do reusan barraicht',  
 Gun éis, gun char ann, gun ghiamh.  
 'S beag tùirse no gruaim 'tha 'n gruaidh na h-  
     ainnir ;  
 Is fuath leat sgainneal is beum ;  
 Is coma leat tuaileas shuas an donhain,  
 Gach uabhar dona, 's gach beud.  
 Cha 'n 'eil thu a' d' ghaoithein aotrom caileig ;  
 Ciall aosd' tha agad le d' òig ;  
 Gu h-iriosal, aoidheil, faoilidh, farasd ;  
 Gu gaolach, carthannach, còir.  
 Gu 'm bheil thu gu cràbhach, gràdhach, cridheil ;  
 Gu bàigheal cinneadail, caoin ;  
 Gur fialaidh do làmh, gur blà do chridhe,  
 Gur pairteach bhithheadh mu d' mhaoin.  
 Gu 'n seasadh tu riabh gu fior le d' charaid ;  
 Rud crion cha 'n abair, 's cha dean ;  
 Gu piseachail, crionta, gniomhach, rat'hail ;  
 Neo-dhiolt do mhath chur am miad.  
 Gu bheil thu gu teom air fòghlum banail ;  
 Gu h-òrdail, ealamh, le snà'id ;  
 Gu'n dealbhadh tu còrr na h-eòin 's na cran-  
     naibh  
 Le sedltachd ainneimh do làmh.

ceanalt'  
aigh do  
earachd;  
ht,  
lh na h-  
,  
caileig ;  
  
cridheil ;  
e,  
raid ;  
ail ;  
il ;  
na cran-

Cha tainig riabh ceann air tionnsgra innealt  
Nach ionnsaich ise ri luaths ;  
Gu'n tairneadh do làmhan peann le grinneas ;  
'An cainntean thigeadh leat buaidh.

Cha 'n 'eil, 'ann mo leursainn, té air thalamh  
Is beusaich', glaine na thu ;  
Cha d'fhàs i fo 'n ghréin a' gheug, no 'n gallan  
Do 'n géilleadh caileag mo ruin ;  
'S tu féin an lùb àluinn ; dh' fhàs thu tlachdmhor,  
'S tu 'n t-àbhal gasd' anns a' choill,  
'S tu 'n ròs anns a' ghàradh, dh 'fhas thu  
maiseach ;  
'S tu 'm blàthan, paisgte le sgoinn.

'S tu éiteag nan càrn, 's iad càch na clachan ;  
'S tur sàr-leug thaitneach nam buadh ;  
'S tu fhéin 'n eala bhàn, 's iad càch na lachaibh ;  
'S tu sgàthan maiseach gach uaills' ;  
'S tu 'n cruinneachd glan ùr, 's leat cliù na chin-neas ;  
'S tu 'n drùchd a shileas gu caoin ;  
'S tu 'n gallan a lùb fo ubhlaibh milis ;  
Is tu na shirinn ri m' shaogh'l.

---

## ORAN NAN GAIDHEAL.

**Leis a PHIOMAIRE MAC-GILLEBHRATH.** Air do dh' fhearr de chuid mac diùltadh deise thartain a cheannach.

*L u i n n e a g .*

Soraidh bhuam thar chuain air astar  
 Gu fir shuaicheanta nam breacan  
 'Chumadh suas gu buan an cleachdad  
 Anns an reacadh bu dual dhaibh.

'S iad na Gàidheil féin na gaisgich,  
 Na suinn chruadha, chuanta, sgairteil ;  
 Bhiodh an t'-éile grinn 's an gartan  
 Anns gach baiteal buadhach,  
 Soraidh bhuam, &c.

Ciod i 'n tìr anns an Roinn-Eòrpa  
 Nach do chiosnaich feachd na Ròimhe  
 Ach sliochd dileas *Chaledonia*  
 'Chum an còir le 'n cruadal ?

'S ged bha Lochlanaich nam feachdaibh  
 'G iarraidh an dùthailch a chreachadh,  
 Thill iad na dh' fhan beò dhiubh dhachaidh  
 Sia no seachd de dh' uairean

'S ged bu dianmhor gaisgich Shasuinn  
 'S lionmhor sliabh 's an deach an sgapadh ;  
 Riamh bho dheuchainn Allt-nam-Breacag  
 Sheachainn iad na Tuathaich.

'S lionmhор sluagh dha 'n tug iad greadan,  
 Ach co chuala riamh mu 'n eagal !  
 Na fir uaibhreach 'théid gu beadradh  
 'Cluimintinn fead na luaidhe.

'N uair a dh' éireadh meamna nan spiorad  
 Bhiodh na garbh-bhuillich gun ghiorag  
 Mar choingharg an sealg a' mhillidh  
 Ann am mire an fhuathais.

Bonn cha tais iad ri uchd stàilinn  
 Dol a chasgairt leis na claidhean ;  
 Beothail ladurn' agus läidir,  
 Builleach, sàitheach, ruaineach.

'S ged bu bheag orr' aon uair Deòrsa  
 'S iad gun chaoimh aca r'a sheòrsa,  
 Nise bho na fhuair e 'n eolas  
 'S iad a chòta cruadhach.

B' eòlach *Bonipart* 's na Frangaich  
 Air an spealtaireachd 's na campan ;  
 'S tric a rinn iad 'àrach fann  
 'S a dh' fhàg iad gann de shluagh e.

Cha robh streup 's an robh chuid armait  
 Eadar an Eiphit is a' Ghearmailt  
 Nach robh lodhainn treun na h-Alba  
 Le 'n cuid calg 'ga bhualadh.

'N Waterloo bha 'n tùrn ro-shoilleir,  
 Fhuair iad cliù bho 'n Diùchd mar thoilleadh ;  
 Choisinn iad gach eùis mu dheireadh  
 'S luchd na foille fhuadach.

Nise cha 'n 'eil ceàrn 's an t-saoghal  
 'S nach h-eil meas orra mar dhaoine ;  
 'S balla làidir do 'n luchd-gaoil iad,  
 'S aognacht' le 'n luchd-fuath' iad.

'S ged tha mise 'n dràst"an taobh so  
 Tha'n teud nàdarra na dùsgadh ;  
 Dh' olainn 'ur slàinte le dùrachd  
 Ged b' e bàrn an fhuarain.

John M'Gillivray was born in Muideart. He was piper to Macdonald of Glenaladail. He lived during the latter part of his life at Malignant Brook, Gulf Shore, Antigonish, Nova Scotia. He kept school for several years. He was a fair Gaelic scholar. He wrote down his poems. His house took fire a few years before his death and his manuscripts perished. He died in the Spring of 1862. He was about 70 years of age.

I have two of the Piper's songs in manuscript. I took them down from the recitation of his son, John, in the summer of 1875. They are the following :—

"Cumha do dh' Fhear Ghlinn-Alladail," and  
 "Cumha an déigh bàis triùir mhac da."

Two of his songs are in TURNER'S COLLECTION ; "Stric mi tionndadh am leaba," and "Thug mi 'n oidhche 'n raoir 's an airidh," the latter being well-known. A hymn by him, "Fulangas an t-Slànnigheir," will be found in the Appendix to John M'Lean's Hymns.

M'Gillivray is the piper referred to in the famous Dubh-Ghleannach :—

"Dh' aithnich mi meòir ghrinn a' Bhràghaich."  
He was a good poet. I would like to see every thing he wrote in print.

---

## AN DUBH-LUIDEACH

'N euala sibh mu 'n bhargain  
'Rinn Aonghas is Dòmhnull  
'N uair fhuair iad a chearbach  
A cheannachadh le sòlas ;  
Tha farmad 's cha 'n neònach  
Air mòran is stuirt.  
'N uair théid a cur suas  
Airson cuain an deadh-òrdagh  
Le aodach math ùr,  
'S i fo chùram fir eòlach,  
Ged shéideadh na nedil  
Ni i seòladh 'chum puirt.  
Mu 'n Mhaoil air a' chladach  
Gu 'm b' fhad i na breoched,  
Gun ràmh, gun bhall acfhuinn  
Gun acair, gun sròn-thaod'.  
Chaidh 'm Piobair' ga calcadh  
'S ga ceartachadh foipe ;  
'S 'n uair sgriob e 'n taobh steach dhi  
Bho chlachaibh 's bho òtrach  
Cha rachadh neach còir  
Air a tòir gu taigh-mhuc.

An deireadh a' Mhàirt  
 Théid an saile fo 'n t-sròin aic'  
 Is tàirnear do 'n chamus  
 'Tha thall ud le ròp i ;  
 Ni 'n Rideach a bàrdadh,  
 'S théid còt' oirre muigh.  
 Gun sòradh air cosgais  
 Théid *copar* ga còmhdaich ;  
 Théid croinn de dh' fhiodh gasd' innt'  
 Le slatan gun fhòtus :—  
 Gach ni bidh mar 's còir  
 Mu 'n téid gorag bharr stuic.  
 'S i-féin a bhios àluinn  
 Air saile fo cleòchda  
 A falbh thun an iasgaich  
 'S fir iasgaidh ga seòladh.  
 Fo làimh a luchd-riaghlaidh  
 Bidh biadh de gach seòrsa :  
 Bheir Aonghas an t-àrmunn  
 Leis càis is min còrna,  
 'S bidh Moipein aig Dòmhnull  
 Gu feòil agus Brusg.

De 'm fàth bhi ga sheanachas,  
 Bidh ainm oirr' 's na crìochan !  
 'N uair théid i gu faing'  
 Cha bhi ainbhfhiach gun dioladh ;  
 'S e 'n sealbh a thug sios iad  
 'Ga h-iarraidh chum puirt,  
 Nam bitheadh fir sgairteil  
 Bhiodh tapaidh gu gniomh ac',

Ri fairg' air an cleachdad  
 'S gun ghealtachd gun fhiamh annt',  
 Cha sineadh r'a cliathaich  
 Na dh' fheuchadh a chruit.  
 Na fir tha mu 'n chladach,  
 Am prasgan, cha 'n fhiach iad ;  
 'S ann 'sgriobhas sinn dachaigh,  
 'S thig caiptein á Grianaig,  
 A shèlas le chait  
 Ged is farsuinn i, 'chriosdachd ;  
 Ni eòlas le beachd  
 Air gach acarsaidh thiorail ;  
 'S cha 'n fhaicear am bliadh'n' iad  
 Ag iasgach an truisg.

O'n fhuair iad deadh-bhàt'  
 'S iomadh àit' am bi 'n eòlas ;  
 'S ann 'dh' eirich an nàdar,  
 An àrdan, 's am mòr-chuis ;  
 Gur stràiceil air bòrd iad,  
 Tha 'n stòras 's a' mhuir !  
 O'n Fhraing bheir iad branndaidh  
 An nall dhuiún le 'n geòla  
 Is *gin* a bhios blasda  
 O bhailtean na h-Olaint ;  
 Bidh pailteas r'a òl  
 De gach seòrsa de stuth.  
 Gu cùlthaobh na gréine  
 Le eud théid na h-òigfhir  
 A dh' iarraidh luchd sheudan  
 'Bhios feumail ri 'm beò dhaibh.

'N uair thig iad air ais  
 Ni iad beairteach an seòrsa ;  
 Théid cunnatas do Shasunn  
 Air gaisge nan connspunn ;  
 Bidh iomradh gu leòir diubh  
 'S gur leòmach an guth.

Bha meat agus caiptein  
 Ac' maduinn Diciadaoin ;  
 Gu ghrad rinn iad deas  
 Gu bhi mach aig an iasgach  
 A ghaoth bha o'n Iar,  
 'S i ro chiatach gu ruith.  
 Chaidh 'h-aodach a sgaoileadh,  
 'S bha saothair 's a ghniomh sin,  
 Ri iùbhírach an àidh,  
 'Dhol a shnàmh nan tonn iargalt':—  
 Bha craobh air an iarmailt,  
 'S e spionadh a chith.  
 Aig bun Allt' a' Bhorbhain  
 Bha 'n soirbheas a séideadh,  
 'S 'n uair dh'éirich an fhairge  
 Chaidh Aonghas gu éigheach,  
 'S bha Dòmhnull na shìneadh  
 'S e dìobhuit na léine.  
 'S e 'm meat bha 's a chàs  
 'S a chuid làmh air a thréigsinn,  
 'S an caiptein a speuradh  
 Am Beurla, *Come, Reef.*

A mach 's an lòn mhòr  
 'S ann a thòisich muir-bàite ;  
 Le aineas a' chuain  
 Chuir e 'n uachdar an làthach,  
 'S bha uamhunn a' bhàis  
 Ann an càileachd gach fir.  
 Bha aon diù a chualas  
 'S an uair sin ag ràitinn :—  
 So 'n turas gun bhuaidh,  
 Och, mo thruaighe mar tha mi,  
 Ged 's luaineach air snàmh mi,  
 'S beag stà tha nam sgil.  
 Ma thàinig mò chrìoch  
 'S iomadh nionag 'bhios cràiteach,  
 Bhios gal-shùileach, deurach,  
 Mu seula mo bhàthaidh ;  
 Ach 's coma gu léir iad  
 Seach m' eudail mo mhàthair ;  
 Nach mi bha fo sgéith  
 Anns an éiginn so 'n dràsta ;  
 Ged bhuaileadh i stràc  
 Gheibhinn blàths mar bu tric'.

Bha 'n fhairg' air a maistreadh  
 Tiugh lachdunn mar ruaimle ;  
 Bha maorach a' chladaich  
 Ga shladadh mu 'n cluasan ;  
 Clach-shneachda 's gaoth tuath  
 Bha tighinn cruaidh air gach pluic.

Tha 'n t-aodach air sracadh  
 'S na slatan air fuasgladh ;  
 Tha gaoir aig gach aisne  
 An slachdraich an fhuathais ;  
 'S mu 'n casan tha 'gluasad  
 Sruth uaine air mhisg.  
 Tha 'm *Pump* air a thacadh  
 'S gun sgairt gu cur bhuaithe ;  
 'S an stiùir tha na sgealban  
 'S an fhairge mu 'n cuairt dhaibh.—  
 O'n mheat thàinig ràn,  
 Ged bu dàn e an cruadal :  
 An crann tha le 'acfhuinn  
 A mach thar a guallainn ;  
 Roimh chairteal na h-uarach  
 'S i 's uaigh dhaibh an t-uisg'.

Gun dàil thàinig fèith,  
 'S 'nuair bu léir dhaibh, 's a sheall iad,  
 De 'chunnaic iad faisg orr'  
 Ach *maise* na banntraich ;  
 'S bha aoibhneas do-labhradh  
 'S an àm sin nam measg.  
 Gu luath bha 'n Dubh-Luideach  
 Aig slugan an dàim ac',  
 Is dh 'fhàg iad aig port i  
 Aig drochaid a' mhuilleir ;  
 'S bu lag chuisseach fann iad,  
 'S gach ball diubh air chrith.

Le colg thuirt an Caiptein  
 'S i m' earail-sa tràth dhuibh  
 Gu 'n ionnsaich sibh marachd  
 Mu 'n ceannaich sibh bàta,  
 'S gun sùil thoirt air creuthaich  
 Bhios feumach air càradh."—  
 Thuirt iadsan le chéile  
 "Cha bhreug tha thu 'g ràitinn,  
 Cha téid sinn gu bràth  
 Ann am bàta 's am bith."

Two of the Piper's sons, Angus and Donald went to see a boat with the intention of buying it. Their brother, Alexander was at the time going to college, studying for the priesthood. They were teasing him and telling him when they would get their boat they would engage him as their cook. Their father went to see the boat and condemned it as utterly worthless. Upon coming home he said to Alexander, "Coma leat s' Alastair, am magadh aig Aonghas is Dòmhnull ; bheir mise orra 's gu 'm bi ceannach ac' air a' bhata." He then composed this song. "Moipein" and "Brusg" were two little pigs.

---

### E A S N I A G A R A.

Rannan a sgriobhadh aig Niagara an Canada 's a' bhliadhna 1848, leis an Urramach D. B. Blàr.

The Rev. D. B. Blair, minister of Barney's River and Blue Mountain, was born in Strachur in Cowal, Argyleshire, July 1st, 1815. His father

was Thomas Blair, son of John Blair of Glendaruel. His mother was Catherine M'Gregor, daughter of Ewen M'Gregor of Strachur. His father was a shepherd, and was employed as manager of the sheep farm of Glenaladale near Lochsheel in Moydart from 1815 till 1823. In the latter year he removed with his family to Ardgour. He lived for two years at Inverscadle. Here the author of "Eas Niagara" went to school for the first time. In 1825 Thomas Blair removed to the farm of Gallovie, near Ardverikie in the parish of Laggan, Badenoch,—the year in which Dr. Mackintosh Mackay became minister of the parish.

In 1828 Duncan Black Blair entered the school taught by Mr John Finlayson at Shiramore. He had to travel three miles and a half to school. He continued under the tuition of Mr Finlayson till 1833. In May 1833, Mr Finlayson removed to Strontian in Suanart where he taught the parish school. In November of the same year, D. B. Blair became assistant teacher under him. In this situation he continued for six months. In the sessions of 1834-35-36-37-38, he attended the university of Edinburgh ; studying Latin under Prof. Pillans ; Greek, under Prof. George Dunbar ; Logic, under Dr. John Ritchie ; Moral Philosophy, under John Wilson, the celebrated Christopher North, and Natural Philosophy, under Prof. James D. Forbes. In April, 1838, he went to the Isle of Skye, as tutor to the children of Malcolm Nicholson, Esq. of Ullinish, in the Parish of Bracadale. In this place he had an attack of typhus fever which confined him to bed for ten weeks, and rendered him so feeble that he was unable to prosecute his studies at the university for two years. During these two years he remained at home with his father at Lublia,

in Laggan. Much of this time he spent studying and writing Gaelic poetry. In November 1840 he entered the Divinity Hall in Edinburgh. Here he studied for four sessions under Dr. Chalmers, Prof. Welsh, and Dr. Brunton. On the 1st of May, 1844, he was licensed to preach the Gospel, at Fort William, by the Presbytery of Abertarff.

Mr Blair was employed by the Presbytery of Abernethy to supply the Free Church Congregations in the parishes of Lagan and Alvie in Badenoch for six months. He spent the greater part of the year 1845 in the Isle of Mull. On the 2nd of April, 1846, he sailed for Pictou, Nova Scotia, where he arrived on the 10th of May. He laboured in the Presbytery of Pictou for twelve months. In May, 1847, he sailed for Quebec. He arrived at Ottawa about the beginning of June. Thence he went to the township of Breckwith, where he preached to a congregation of Perthshire Highlanders for twelve months. In June 1848 he went to the Presbytery of London, and remained in the townships of Aldborough and Dunwich till the month of September. It was during this period he visited the Falls of Niagara and composed the poem on that tremendous waterfall. On the 15th of October, 1848, having returned from Ontario, he preached at Barney's River, and on the following Sabbath at Blue Mountain. Of the people of these two places he has been the pastor ever since.

In 1850 Mr Blair visited Scotland and in August, 1851, was married to Miss Mary Sibella, daughter of Captain H. H. M'Lean of Brolas, in Mull.

Mr Blair is a first-class Gaelic scholar. He has written several poems. He has translated the Psalms of David into Gaelic metre. He has ready for the press an excellent Gaelic Grammar. It is

to be hoped that both works may soon be published. He is an able and evangelical preacher. He is a man of thorough excellence of character, and is highly esteemed by all his ministerial brethren in the Synod to which he belongs.

A Thi mhòir a chruthaich na Dùilean,  
     'S a shoeruich 'an cruinne  
 Le d' ghàirdean cumhachdach, neartmhòr  
     Air a bhunait ;  
 Is glòrmhòr an obair a rinn thu,  
     Niagara ainmeil,  
 An t-Eas mòr a rinn thu chumadh  
     'S an t-seann aimsir.  
 Sud an t-Eas iongantach, lòghmhòr,  
     Eas mòr na gàrraich,  
 Eas ceòthranach, liaghlas na smùidrich,  
     'S na bùirich ghàbhaidh ;  
 Eas fuaimearra, labhar na beucail  
     A' leum 'na steallaibh  
 Thar bhile nan creagan aosmhòr  
     Na chaoiribh geala,  
 Gu srideagach, sradagach, sneachd-gheal,  
     'S a dhreach soilleir ;  
 A' teàrnadh o 'bhràighe gu iochdar  
     Le dian bhoile ;  
 Sruth uaine briseadh m' a mhullach,  
     'S e ruith na dheannaibh  
 Thar bhearradh nan stacan àrda,  
     Le giàir mhaireann :  
 Le slachdraich ghaibhlich a' tuiteam  
     An slugan domhain,

Gu linneachaibh dù-ghorm doilleir  
     A' goil mar choire.  
 An t-aigeal 'ga thionndadh o'n iochdar  
     Le fior ainneart,  
 'S an glas uisge brùchdadhbh an uachdar  
     Le luathas saighde ;  
 An linne 'ga sloistreadh 's 'ga maistreadh  
     Troimhe chéile,  
 'S i fosgladh a broillich għlas-duibh,  
     Ris na speuraibh.  
 B' iongantach an sealladh bhi faicinn  
     Deataich lia-ghlais  
 Ag éirigh an àird anns an athar  
     Ri latha grianach ;  
 'N uair shealladh tu fad air astar  
     Air an ioghnadh  
 'S e theireadh tu gur bàta-toite  
     A' bh' ann le smùidrich :  
 Ach 'n uair thigeadh tu 'm fagus da  
     Għajjhail beachd air,  
 Throm-fħliuchadh an cathadh caoir-gheal  
     Le braonaibh dealt thu ;  
 'S chittheadh tu 'm bogha froise  
     Le dhathaibh sgiamhach,  
 Ged bhiodh side thioram sheasgair,  
     Annas an iarmait.  
 Am min-uisge tuiteam mu 'n cuairt duit  
     Air an àilean  
 'S an fhaiche gu h-ùr rail uaine  
     Mar a b' àill leat :

**N**a craobhan a' cinntinn dosrach  
 'S lusan ùr-ghorm  
**A'** fàs le feartaibh na gréine  
 Gu réidh fo 'n driuchd ud.  
**N**a liosan a tha mu d' thimchioll  
 Cha-n iarr uisge,  
**C**ha-n aithne dhoibh idir tiormachd  
 Ri aimsir loisgich.  
**C**ha tuigear leò ciod a's eiall  
 Do bhi gun fhliche,  
**G**ed theannaicheadh gach àit mun cuairt daibh,  
 Mar chruas cloiche.  
**T**ha 'n t-athar gun ghoinne gun chaomhnadh  
 A' taomadh fheartan  
**A** stòras do-thraoghadh na h-aimhne,  
 Gu saoibhir, beartach :  
**D**h' fhàg sud aghaidh an fhuinn ud  
 A dh-oidhche 's a latha  
**G**u h-ùrail uaine-fheurach àluinn  
 A' fàs gu fallain.  
**'N** uair théirneadh tu sios do'n t-slugan  
 Gu oir an uisge,  
**B**hódhradh an tormanaich uamhaidh  
 Do chluasan buileach.  
**N** uair shealladh tu 'n sin mu 'n cuairt duit  
 Air a' chas-shruth,  
**C**huireadh e do cheann 'na thuaineal  
 'S tu 'nad bhreislich ;  
 'S an uair a thigeadh tu 'm fagus do 'n  
 Phlaide lia-ghlais

Tha 'n crochadh ri h-aghaidh na creige,  
     Bhiodh geilt us fiamh ort ;  
 'N uair shéideadh a' ghaoth gu làdir,  
     'S an t-uisge frasach  
 'Ga chathadh gu fiadhaich a d' aodunn,  
     Gach taobh g' an teich thu.  
 Mar latha gailbheach 's an fhaoilteach  
     Le gaoth us uisge  
 A fhliuchadh am prioba na sùl' \_ thu,  
     'S a dhrùigheadh tur ort.  
 Mar osaig o inneal-séididh  
     Fùirneis iarruinn,  
 'S amhluidh ghaoth sgalanta chruaidh ud  
     Thig le dian-neart  
 Eadar a' charruig 's an steall a tha  
     Nuas a' tuiteam ;  
 An còmhdaich a th' air do cheann  
     Is gann gum fuirich.  
 Shaoileadh tu gu 'n d'éirich doinionn  
     Anns an iarmait,  
 Ged tha 'n t-side ciùin mar bhà i,  
     Dèarsach, grianach.

Ach trian cha-n urrainn mi aithris  
     De gach iognadh  
 A tha ri fhaicinn air an Eas ud  
     An t-Eas cliùiteach ;  
 Bu mhòralach greadhuach an sealladh  
     E gun teagamh ;  
 Ma tha iongantais air an t-saoghal  
     Is aon diuh esan.

Miltean tunna gach mionaid  
 A' tuiteam còmhath  
 Thar bhile na creige do 'n linne  
 'Na aon mhòr-shruth ;  
 'Us dlùth air ochd fichead throidhean  
 Anns an leum ud,  
 O bhràighe gu iochdar na creige  
 'Na seasamh dìreach ;  
 'S a' chreag ud gu h-àrd aig a mullach  
 Air chumadh leth-chruinn,  
 Cosmhuil ri crudha an eich charbaid  
 No leth ceardaill.

*An t-uisge* 'ga smùtadh na steallaibh  
 A mach gu fada,  
 O bhonn na creige, 'san linne  
 Fichead slat uaip ;  
 Chluinneadh tu thorman seachd mile  
 Uaith air astar,  
 Mar thàirneanach anns na speuraibh  
 Ri beucaich neartmhoir.  
 'S 'nnair bhiodh tu 'nad sheasamh làimh ris  
 B' amhluidh thartar  
 'Us mile carbad air cabhsair  
 Nan deann dol seachad.  
 Gu'n critheadh an t-athar mu 'n cuairt duit  
 Leis na buillibh  
 Tha 'n t-uisge trom a' siorbhualadh  
 Air o'n mhullach ;  
 Us maoth-chrith air an talamh throm  
 Fo bhonn do chasan,

Mar mhothaicheadh latha stoirméil  
 Tigh 'ga chrathadh.  
 Ach ged bhiodh mile teang' am bheul  
 Cha-n innsinn uile  
 Na h-ionganais a th' air an Eas ud  
 Mar sin sguiream.

M A R B H - R A N N  
 DO 'N BHARD MAC-GILLEAIN  
 LE IAIN CAMSHRON.

John Cameron was born in Dochanassie, Lochaber. He came to this country, with his parents, Alexander and Ann Cameron, in 1817. He was for many years a merchant at Addington Forks, Antigonish. He was intimately acquainted with the poet, and speaks of him in the following verses as he knew him. He died, November 16, 1858.

Ann an deireadh a' Gheamhraig  
 Thug am bàs ort grad-ionnsaidh  
 'S dh' fhàg e sìnte gun chainnt thu,  
 'S dubhach sinne ga d' ionndrainn,  
 Tha sinn uil' ann an teanntachd  
 Bho na chaill sinn an ceannard ;  
 'S mòr an diobhail do bhàs a thigh'nn òirnn.  
 Gu 'm b' e 'n teachdaire dàn  
 A thug an sgobadh gun fhàbhar ;  
 Oha robh mionaid de dhàil ann,  
 Ged bha càirdean a làthair  
 Guth cha d' fhuair e a ràdh riù ;  
 Dh' fhàg e sinne ro-chràiteach  
 'Bhi ga d' righeadh 's ga d' chàradh air bòrd.

Leam cha 'n ioghnadh do chéile  
**A** bhi túrsach mu d' dhéibhinn ;  
 Bha aic' aobhar air deuraibh  
 'N uair a chual i an sgeula  
 Thu bhi 'd shìneadh air déilidh  
 Is gun sùil ri thu dh' éiridh ;  
 Dh' fhag sin ise ann an éislean r'a beò.

Gur h-e deireadh gach duine  
**A** bhi falbh air an turas  
 Dheth nach till iad ruinn tuilleadh,  
 Cha 'n 'eil aon a ni fuireach :—  
 Gur h-e aobhar mo chumha  
 Mac-Gilleain bho Dhubhairt  
 A bhi bhuainn an àm suidhe mu 'n bhòrd.

Có a nis 'bheir dhuinn eachdraidh  
 Mu gach fine 's ceann-feachda  
 'S tric a dhearbh ann am baiteil  
**A** bhi cruadalach sgairteil ?  
 Dh' fhalbh a' Ghàidhlig ghrinn, bhlasda,  
 Dh' fhalbh a' bhàrdachd dheas-fhaclach  
 Bho 'n là chàireadh thu 'd laidhe fo 'n fhòid.

Anns an tung, dubhach, sàmhach  
 'Rinn na càirdean do chàradh  
 'Fhir a dheanadh na danaibh  
 'Dh 'fheuchadh modhalachd nàdair ;  
 'S nach biodh clearbach le failinn;  
 'N diugh cha 'n 'eil am measg Ghàidheal  
 Bàrd le d' chomasan àrda-sa beò.

'S mòr am beud thu bhi bhuainn  
 An àm suidhe nan uaislean ;  
 'S tu gu h-ealamh a dh' fhuasgaileadh  
 Dhuinn na ceistean bu chruaidhe ;  
 Bha do sheanachas ro-luachmhòr  
 'S tu gun àrdan ad għluasad ;  
 Bu cheann-uidhe thu bha uasal mu d' bhòrd.

Bhiodh luchd-turais 'gad iarruidh  
 'Shàr-chinn-nibhe na biatachd ;  
 'S ged-a ruigeadh na ciadan  
 Rachadh aoidheachd dhaibh fhiachainn.  
 Bu tu eridhe na fialachd ;  
 'S gheibht' bhuait eachdraidhean ciatach ;  
 'S tric a dh' eisd mi deas-bhriathran do bheòil.

Bu tu 'n riaraiche dibhe  
 'N uair 'bhiodh d' aoidhean nan suidhe ;  
 'S gheibht' na h-òrain bu ghrinne  
 Gu ro-phongail bho d' bhilibh ;  
 Bha thu cliùiteach mar filidh  
 Measg nan Gàidheal 's gach ionad ;  
 Dh' fhàg do bhàs iomad eridhe fo bhròn.

Bha thu eòlach 's a' Bhiobul  
 Thug thu tlachd bho do chrìdh' dha  
 'S iomadh laoidh 'rinn thu 'sgriobhadh  
 Ann am briathraibh ro-bhrìoghaill,  
 Gu ar stiùireadh 's an t-sligh' sin  
 A chaidh fhosladh le Iosa  
 Le 'fhuil luachmhoir, do rioghachd na glòir'.

Tha mo thuireadh neo fheumail  
 Is nach till thu 'gu m' éisdeachd ;  
 Ruigidh mise 's gach creutair  
 'N uair a nitear ar n-eubhach,  
 Tha an tìm air a seuladhl,  
 'S còir an fhirinn a leughadh  
 'S a bhi 'gluasad 'na ceumaibh gach lò.

Tha na mìltean ag ionndrainn  
 Gu 'n do chàireadh 's an ùir thu ;  
 Cha 'n 'eil neach anns an dùthaich  
 A bha riabh ann an diomb riut ;  
 Cha robh smal air do bhiùthas ;  
 'S fhad' an ùin' a bhios cuimhn' ort ;  
 Bha thu d' dhuine bha cliuileach 's gach dòigh.

Gu 'n robh ìslean is uaislean  
 Uile measail mu d' bhuadhan.  
 B'e do chleachdadadh an stuamachd,  
 Bha thu iriosal, trucant',  
 'S tu 's a' cheartas a' gluasad :  
 'S do gach nàbaidh mu 'n cuairt duit  
 Bha do chomhairlean luachmhòr mar òr.

Do chuid tàlantan àrda,  
 Is na subhailean àlainn  
 A bha fight' ann ad nàdar  
 Dhomhs' cha chomasach àireamh ;—  
 'S truagh nach robh ann neach àraidh  
 A thoirt sgéil mar a b' àill leam  
 Ann am marbh-rann mu 'n bhàs thàinig òirnn.

## MARBH-RANN DO 'N BHARD MAC-GILLEAIN.

Le ALASTAIR MAC-DHOMINUILL.

Alexander M'Donald is a native of Moidart.  
He resides in Keppoch, Antigonish. He has composed several songs.

Feadh na dùthcha tha sgeula  
 'Rùisg mo theudan gu carachadh ;  
 Mheudaich m' airsneal is m' éislean  
 Bho 'n là thréig ar ceann-ealaith sinn.  
 Air an rathad gu d' chéile  
 Bhuail an t-eug a gheur-shaighead ort ;  
 Mionaid dalach cha d' fhuair thu  
 Thug e bhuainn gu ro-ealamh thu.  
 Bha thu furanach, càirdeil  
 Ris gach Gàidheal 'fhuair sealladh ort ;  
 Mu 'n do għluais thu thar saile  
 Fhuair thu tālantan's lean iad riut.  
 Cha b' e 'm fuidheall bho 'n d' fhàs thu  
 Ach an t-sàr-fhuil ghlan Leathanach;  
 Dream a sheasadh an làrach  
 Mar àrd-ghàradh, gun taiseachadh.  
 Bu leat toiseach a chòmhraidih  
 Anns gach còmhldhail 's an tachradh tu ;  
 B' ullamh deas bha dhuit briathran,  
 'S tu nach iarradh r'an ceannach iad :  
 Oilbheum ealamh cha b' fhiach leat  
 Ged-a b' easgaidh do theanga dhuit ;  
 Bàigheil caoimhneil, mar 'dh' iarrteadh  
 Bha thu riamlh ris gach aineolach.

dòigh.

dirnn.

B' i sud oidhche na dòruinn  
 'S goirt a leòn do luchd-taigheadais ;  
 Rinn thu 'm fàgail ad shlàinte  
 'S e na càirdean 'thug dhachaidh thu.—  
 Chuireadh dàin ann an clò leat,  
 'S tha roinn mhòr gun dol fhathast ann  
 'Bhios nan cuimhneachain bròin daibh  
 Fhad 's is beò air an talamh iad.

Bha thu barraicht' an eòlas  
 Anns gach seòl anns an gabhairinn thu,  
 Mu do bhuadhannan òirdheire  
 Bhiodh luchd-còmhraig a labhairt riùm.  
 Beul thu 'dheanadh na h-òrain  
 A bhiodh òrdail nedmhearachdach ;  
 Seanachaidh aineachail, eòlach,  
 B'e chùis-shòlais 'bhi maille riut.

'N rair a shuidheadh na h-uaislean,  
 'S tric a fhuair do dheas-labhairt dhuit  
 Iad 'bhi mùirneach mu 'n cuairt dhuit ;  
 'S bha do għluasad gun mhearachd ann.  
 B' e caoin-stuamachd bu għnàs leat  
 'Nàm 'bhi tràghadh nan searragan  
 Anns gach cuideachd 's am biodh tu,  
 Bhiodh toil-inntinn is carthaunachd.

Cha robh dlùth dhuit ni suarach,  
 Bha thu uasal ro-cheanalta ;  
 Bha thu measail mu 'n għluais thu  
 Far na bħuaineadh ad leanabh thu ;

Cha robh duine 'thug fuath dhuit  
 Fhad 's a chualas 's an fhearrann so ;  
 D' uile-dhòighean bha fiughail  
 'S bha gach sùil a toirt aire dhaibh.

Gur-a carach thu 'shaoghal,  
 Cha'n fhaigh daoin' ach geàrr-shealladh dhiot :  
 'N uair nach bi sinn 'ga shaoilsinn  
 Thig an t-aog oirnn mar dhealanach.—

Biomaid daonnan ag imeachd  
 Leis an Ti sin a cheannaich sinn,  
 A toirt ùmhlaichd d'a àintean  
 'S a toirt gràidh le ar n-anam dha.


---

### O R A N G A O I L.



Le TEARLACH MAC-GILLEAIN.

Charles M'Lean was the eldest son of John M'Lean, the Poet. He was a man of intelligence, good sense, and Christian principles ; and was held in the highest esteem by those who knew him. He was kind-hearted, and ever ready to sacrifice himself for the good of others. He inherited some of his father's poetic talents. He was an elder in the Rev. D. B. Blair's congregation. When this work went to press I cherished the hope that the best friend I ever knew would derive some pleasure from reading it. It was not however half through the press when death laid its cold hand upon him.






## IMAGE EVALUATION TEST TARGET (MT-3)



Photographic  
Sciences  
Corporation

23 WEST MAIN STREET  
WEBSTER, N.Y. 14500  
(716) 872-4503



15  
12  
13  
14  
12  
22  
20  
18

10  
11

He died June 27, 1880. He was born in Tiree, July 24, 1813. He was never married. He lived in Glenbard.

Gur h-e mis' tha fo éislean  
 'S neo-éibhinn mo shunnd,  
 A' smaointinn mu d' dhéibhinn-sa  
 'Euchdag għlan, ûr.  
 Le do bhòidhcheid 's le d' bħriodal  
 Mo chridh' bħuam shlad thu,  
 Anns gach àite bidh d' iomhaigh  
 'Na m' inntinn, a rùin.

Gur h-e cumha do ghaoil  
 A dh' fhàg aqnaidh mo shnuadh ;  
 'Se a dh' fhàg mi fo mhì-ghean  
 Mo mhìn-mhal' bhi bħuam.  
 Tha leann-dubh air mo lionadh  
 'S tha m' inntinn fo għruaim  
 'S e bhi tuireadh mu d' dhéibhinn  
 A léir mi cho truagh.

'S beag an t-iogħnadh dhomh 'n tràth so  
 'Bhi stràchdte fo sproċhd ;  
 Tha mo smaointinnean cianail,  
 'S gur piantach mo lot.  
 Mur-a till thu an gràdh rium  
 'Thé 's àlainne dreach  
 Bidh mi tuileadh fo phràmh  
 'S mi gun slàinte, gun neart.

Cha 'n 'eil iocshlaint' aig léigh  
 'Dheanadh feum do mo lot  
 'S ann tha saighdean a ghaoil  
 Anns gach taobh dhiom gu goirt,

Gur h-e 'leigh'seadh gach creuchd  
 S' thogadh m' eislean gu gean,  
 Mi 'gad fhaotuinn air laimh  
 An còir theann mar mo bhean.  
 'S ann a thug mi 'n cion-falaich  
 Do 'n ainnir ghloin òig;  
 Té nam miog-shuilean meallach  
 Fo 'n mhala a's bòidhch'.  
 Tha do ghruidh mar na caoran  
 'S tearc aogasg na h-òigh';  
 Tha i finealta, suairce,  
 Ciùin, stuama, gun phròis.  
 Tha i banail 'na beus,  
 Tha i céillidh na cainnt;  
 Tha i uasal na gnàths,  
 Tha i màranach grinn ;  
 Tha i furanach caoimhneil,  
 Gur h-aoibheil a gnùis ;  
 Tha gach buaidh oirre dh' iarrainn,  
 Oigh chiatach mo rùin.

## O R A N G A O I L .

LE 'TEARLACH MAC-GILLEAIN.

FONN.—“Iain Ghleann-Cuaich.”

Thoir an t-soraidh so bhuan  
 'S dean a h-aiseag gu luath gu m' ghràdh ;  
 Thoir i null thar a' chaoil,  
 Agus innis do m' ghaol mar tha.

Gu bheil aiceid a'm' chré  
 'S nach dean lighich' dhomh feum no stà;  
 Mur-a faigh mi i-féin  
 Tha mi'n cunnart dol eug gun dàil.

'S ann tha 'm fiabhras a'm' cheann ;  
 Tha mi iargaineach fann gun fheum  
 Le bhi 'smaintinn 's gach àm  
 Mu'n òg-ainnir a's anns' fo 'n ghréin,  
 'S truagh nach faighinn air làimh thu  
 'An ceanglaichean teamu bho 'n chléir ;  
 Rachadh m' airsneal gu lär,  
 'S bhithinn aighearach, slàn gun éis.

B' fhaoin leam airgiod no òr  
 B' fhaoin leam bailtean an còir le 'n nì  
 Seach a' mhaighdean għlan òg s',  
 'S i mo roghainn thar òigh 's an tìr ;  
 'S i an smaoin tha 'gam chràdh  
 'S a' cur eagail a ghnà nam chridh'  
 Gur h-e fuath airson gràidh  
 A gheibh mise bho m' Mhàiri bhinn.

'S ann thug mise mo ghaol  
 Do na chailin a's aoidheil' gnùis ;  
 Gorm-shùil mheallach, chiùin, thlàth  
 Tha fo mhala chaoil mhàld' mo rùin.  
 Gruaidhean dearg mar an ròs,  
 Beul tana, deud còmhnaid, dlùth,  
 Anail chubhraidih mar fhion,  
 Th' aig an ainnir a's fior-mhath cliù.

Tha i cuimir gun sgòd  
 Bho a mullach gu bròig a sios ;—  
 Uchd glan, liontach gu leòir,  
 'S geal mar shneachda 's e oirnn a tigh'nn.  
 Seang-chneas fallain gun ghaoid,  
 Calpa fineal 'troidh aotrom chruinn ;  
 Basan réidhe nach cruidh,  
 Is meòir chaola 'ni 'm furaigheal grinn.

Gur h-e mise tha fo bhròn,  
 'S tric a snigheadh mo dheòir gu làr  
 Le 'bhi 'smaointinn mu 'n òigh,  
 Finne mhaiseach a' chòmhraidh thlaith.—  
 Mur-a faigh mi còir bhuan  
 Ort an ceanglaichean cruidh, le d' ghràdh  
 'S e 'bhi 'cumha mo cheòl,  
 'S bidh mi tuilleadh ri m' bheò fo phràmh.  
 'Ainnir thaitneach nam buadh,  
 O nach gabh thu dhiom truas 's mi 'n càs ;  
 Gur h-e fiabhras do ghaoil  
 Tha 'gam fhàgail cho faoin gach là,  
 'S ga mo ghreasad an aois,  
 'S geur an t-saighead tha 'm thaobh an sàs,—  
 Gu bheil mise 'dol eug,  
 Airson gaol 'thoirt do m' euchdaig bhàin.

---

### MOLADH AN EICH GHILAIS.

This song was composed by the Editor of this work, when a youth going to college. It was written for amusement and as a means of thanking the owner of the horse for having kindly given him

to the writer to go from Lochaber to Sherbrooke, a distance of about twenty-four miles. It was published in the Antigonish Casket in April 1862. "Grey Bill" belonged to Angus Stewart, Lochaber, Antigonish, and was really an excellent horse.

FONN,—“*'So 'n ainsir 's an dearbhar.'*”

Aig Aonghas mac Sheumais  
Tha 'n steud-each 's feàrr dealbh ;

Gu 'm foghnadh e 'n t-sàr \*

Ann an Càrs a fhuair ainm.

Is bòidheach a għluasad,

'S e cruadalach, calm' ;

'S gur mise bha éibhinn

An dé leis air falbh.

'Na chom tha deadh nàdar

A' tàmh, agus ciall ;

Cha bhreab e, cha ghreib e,

Cha leum e le fiamh ;

Cha teich e ma dh' fhàgar

Na àrd-cheann an t-srian ;

'S cha diùlt e an t-amull

A tharruing gu dian.

'N uair 'bhios e na mhaise

Gu bras ainsn an réis

Bidh tein' as na clachan

Mu 'chasan a' leum ;

Bidh saibhilean a' freagairt

Gu spreigeil d'a cheum,

Gu h-ealamh le farum

'Cur talaimh na dhéigh.

---

\* General Williams, a native of Nova Scotia.

ooke, a  
as pub-  
l 1862.  
chaber,  
se.  
."

Biodh Aonghas 's an diollaid  
'Us diar math na cheann  
'S théid "Uilleam" cho Juath  
Ri gaoith chruaidh thar nam beann.—  
A mhaighstir bidh éibhinn  
Ag éiridh am fonn,  
Gun eagal roimh thuill air  
Gun suim aige 'n pholl.

Is ainneamh r'a fhaicinn  
'S na bailtean a's mò  
Each réise cho cuimir  
Ri "Uilleam" 's gach dòigh.  
Aig *Landseer* nam biodh e,  
'S gach tir 's an Roinn-Eòrp',  
Bhiodh prìs air a dhealbh  
'Us i ainmeil le còir.

Bras tha e mar bha  
Na h-eich àrd-cheannach threun'  
A theich le fuaim anabarraich  
Ghailbheich troimh 'n speur,  
'Cur bheanntaichean casa  
Nan lasair mar chéir  
'S a sgealbadh deadh charbad  
Mor dealrach na gréin'.

'S math 'fhreagradh e'n eachraidih,  
Cha 'n fhaicteadh na b' fheàrr ;  
O, seall air 's e 'gluasad  
Gu buadhach do 'n blàr :

Mar bhogh' anns na speuran  
 Tha threun-amhach àrd ;  
 'S mar dhealanach ealamh  
 Tha shealladh gun bhàigh.

Mar chreig dhainginn àird  
 Tha uchd' làn, leathan, mòr ;  
 Mar thàirneanaich bheucaich  
 Tha séideadh a shròin' ;  
 'S a mhuing fhada sgaoilte  
 'S na gaoithibh mar cheò  
 'S a' mhaduinn a' gluasad  
 Air uachdar an fheòir.

'N uair 'bhios e troimh 'n bhaile  
 Gu h-arronta 'gluas'd  
 Bidh daoine 's gach uinneig  
 Le sulas 's le fuaim,  
 A moladh a bhriadhachd  
 A sgiamhachd 's a luaihs' :  
 'Se féin an teach ceutach  
 'Se 'ceumadh 'na uaill.

Leam b' ait, 'us òg-ghruagach  
 Ri m' ghuallainn 's an t-sléigh,  
 'Bhi 'n déigh an eich uasail  
 'S e 'gluasad gu réidh  
 Troimh ghleann a bhiodh blà  
 Le coill' àird nan dlù-gheug,  
 'S na cluig a' eur sòlais  
 Am òg-chridh' air leum.

Ged bhiodh tu air thuras  
Le "Uilleam" fad mhios'  
Cha 'n fhaiceadh tu fallus  
Le mhala ruith sios.  
Na chom cha 'n 'eil galair,  
Gu 'm b' fhallain e riamh;  
'S tha bhrògan cruidh, làidir,  
Gun fhàilinn, gun ghamh.

---

Fhad 's a bhios grian air na speuraibh  
No gealach ag éiridh 's an oidhche,  
No gaoth a séideadh 's na h-àirdibh  
Bidh cliù nan Gàidheal air chuimhne.

.AM BARD MAC-GILLEAIN.

A' CHRIOCH.





# DAIN SPIORADAIL;

A COLLECTION OF

## G A E L I C   H Y M N S,

EDITED BY THE

R E V .   A .   M ' L E A N   S I N C L A I R ,

PUBLISHED BY

MACLACHLAN & STEWART, EDINBURGH.

---

This work has just been published. It contains forty-six hymns by JOHN M'LEAN, the Poet, six hymns by the Rev. JAMES M'GREGOR, D.D., one hymn by the Rev. D. B. BLAIR, and one by JOHN M'GILLIVRAY. The hymns with the exception of two or three of John M'Lean's are published for the first time. Dr. M'Gregor's hymns occupy forty-five pages. They are the last hymns he composed. They are at least equal to those in his "*Dàin a' Chòmhnaidh Cràbhaidh.*"

# CLARSACH NAN EILEINEAN.

BY THE

REV. A. M'LEAN SINCLAIR.

---

'This is a new Collection of Gaelic Poetry. The MS. consists of 480 pages of foolscap, each page as a general rule containing thirty-two lines of poetry.

---

## CONTENTS.

---

- 1.—From John M'Lean's MS. Collection 63 poems.
  - 2.—From Dr. M'Lean's MS. Collection, 48 poems.
  - 3.—From old printed Collections, 78 poems, of these 24 are from R. McDonald's, 29 from Gillies' Collection, 4 from A. & D. Stewart's Collection, 6 from Turner's Collection, and 15 from other old works.
  - 4.—Poems taken down by the Editor from oral recitation.
- 

There are in all over 200 poems. More than the one half of these have never appeared in print. The rest will also be new to the vast majority of Gaelic readers. Every thing of any value in R. McDonald's Collection and in Gillies' Collection, except what may be found in "Sar-Obair nam Bard" and Campbell's "Leabhar na Feinne," is given. Many of the poems are by Mairi nighean Alastair Ruaidh, Iain Lom, Eachunn Bacach, Maireadar nighean Lachainn, Iain Mac Ailean, and other well-known poets.

The work is now ready for the press. Should there be sufficient encouragement given, it will be published.

LEAN.

MS. con-  
tural rule

se 24 are  
, 4 from  
collection,

tation.

the one  
rest will  
. Every  
n Gillies'  
hair nam  
. Many  
idh, Iain  
inn, Iain

there be

*Akreditaat Duncart, Gaelic Printer and Publisher,*

*In the Press, and will shortly be published:*

# THE CELTIC GARLAND.

---

TRANSLATIONS OF GAE LIC AND ENGLISH SONGS;  
ORIGINAL GAE LIC POETRY,  
POPULAR GAE LIC READINGS,  
&c., &c.,

*By "FIONN."*

---

PAPER COVER, 1s.; BOUND IN CLOTH, 1s. 6d.

---

# CANNTAIREACHD: ARTICULATE MUSIC.

*(Ancient Pipe Music with Illustrations.)*

BY J. F. CAMPBELL, OF ISLAY.

---

PRICE, SIXPENCE.

---

62 Argyle Street, Glasgow.

587633

PB

Archibald Sinclair, Gaelic Printer and

SE

1177

ND.

SONGS;

,

1s. 6d.

H D:

C.

tions.)

EPARTMENT

L6

